


An t-àm ri teachd againn:
Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich
air Teisteanasan agus Measadh



Clàr-innse

Ro-ràdh	5
Bho bhuill an IRG	7
1. Facal-tòiseachaidh	15
1.1 An Co-theacs làithreach ann an Alba	17
1.2 Teisteanasan agus an Eaconamaidh	18
1.3 Comann sòisealta a tha ag atharrachadh	19
1.4 Buaidh COVID-19	20
1.5 Aithisgean an OECD agus an Argamaid airson Atharrachadh	22
1.6 An Curraicealam airson Sàr-mhathais agus an Ìre as Àirde ann an Sgoiltean agus Colaistean	23
1.7 Gàrr-chunntas	25
1.8 Gàrr-chunntas air an Aithisg seo	27
2. Ag Atharrachadh Cultar an Fhoghlaim an Alba: Dòigh-obrach an Lèirmheis	28
2.1 Modail Atharrachaidh na h-Iomlanachd	28
2.1.1 Iomlanachd Foghlaim	29
2.1.2 Iomlanachd Phearsanta is Proifeiseanta: Dreuchdan is Dleastanasan	30
2.1.3 Iomlanachd Shìostamach	32
2.2 Fianais bho Phròiseas an Lèirmheis: Ìre a h-Aon - Co-chomhairle air an Lèirsinn agus air na Prionnsabalan	32
2.3 Fianais bho Phròiseas an Lèirmheis: Ìre a Dha - Com-pàirteachadh air na Roghainnean airson Atharrachadh	33
2.3.1 Am Feum air Atharrachadh	33
2.3.2 Seòrsaichean Fianais a tha a' Nochdadh Coileanadh Luchd-ionnsachaidh	33
2.3.3 Dòighean sam Bu chòir Fianais a Chruinneachadh agus a Mheasadh	35
2.3.4 Mar Bu chòir Fianais a Thaisbeanadh	37
2.3.5 Teisteanas Fàgail	38
2.3.6 Teisteanas aig Foghlam Farsaing Coitcheann	39
2.3.7 Ceistean Coitcheann	39
2.4 Fianais bho Phròiseas an Lèirmheis: Ìre a Trì - Modail Ùr airson Teisteanasan is Measadh ann an Alba san àm ri teachd	40
2.4.1 Dioplòma Coileanaidh na h-Alba	41
2.3.2 Prògraman Ionnsachaidh	42
2.4.3 Ionnsachadh Pròiseict	43

2.4.4	Slighe Phearsanta	45
2.4.5	Co-ionannachd Spèis	47
2.4.6	Meòrachaidhean air a' Phròiseas	48
3.	Ath-leasachadh ann an Alba agus Coimeasan Eadar-nàiseanta	50
3.1	Tar-shealladh	50
3.2	Ag Ionnsachadh bho Ath-leasachadh Foghlaim: An Curraicealam airson Sàr-mhathais agus an Ìre as Àirde ann an Sgoiltean agus Colaistean.	50
3.3	Ag ionnsachadh bho Cho-theacsan Eadar-nàiseanta agus san RA	53
3.4	An t-àite a th' aig Measadh Taobh a-muigh aig Cheann Shuas na h-Àrd-sgoile	54
3.5	Teisteanasan Fàgail agus Teisteanasan Stèidhichte air Cuspair	55
3.6	Cudromachd Sgilean ann am Measadh aig Ceann Suas na h-Àrd-sgoile	56
3.7	Slighean Sùbailte ann an Ceann Shuas na h-Àrd-sgoile	58
3.8	Ionnsachadh tro Chom-pàirteachadh Poblach	58
3.9	Leasan ann an Ath-leasachadh	59
3.10	Gèarr-chunntas	61
4.	Dioplòma Coileanaidh na h-Alba	62
4.1	Ro-ràdh	62
4.2	An Lèirsinn agus na Prionnsapalan: Teisteanasan agus Measadh san àm ri teachd	62
4.3	Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (an Dioplòma)	64
4.4	Carson a tha na Trì Raointean sin?	65
4.5	Prògraman Ionnsachaidh	67
4.6	An t-Slighe Phearsanta	71
4.7	Cudromachd Cothromais anns an t-Slighe Phearsanta	73
4.8	A' toirt piseach air co-dhùnidhean mu Shlighean san àm ri teachd	74
4.9	Ionnsachadh Pròiseict	75
4.10	Dè tha Ionnsachadh Pròiseict a' ciallachadh?	75
4.11	Ionnsachadh Pròiseict ga chur an sàs	77
4.12	Co-ionannachd Spèis	79
5.	Fiosrachaidh Measaidh, Teicneòlas Fiosrachaidh agus Inntleachd Fuadain	82
5.1	Measadh agus Teicneòlas Fiosrachaidh	82
5.2	Inntleachd Fuadain	83
5.3	Inntleachd Fuadain: Eagallach no Cruth-atharrachail?	83
5.4	AI: Fìrinneachd, Naidheachd mheallta agus	

	Litearrachd na 21 st linn	84
5.5	Al: A' bhuidh air Teisteanasan is Measadh	85
5.6	Al: Dòigh-obrach choitcheann air feadh foghlaim	86
6.	Dioplòma Coileanaidh na h-Alba A' toirt a' chomais gu buil	88
6.1	Ro-ràdh	88
6.2	Dòigh-obrach In-ghabhalach a thaobh Atharrachadh	89
6.3	Lèirmheas air Teisteanasan is Measadh ann an Alba san àm ri teachd	92
6.4	A' toirt a-steach na Dòigh-obrach Ùir a thaobh Theisteanasan agus Measadh	94
6.5	Modail Nàiseanta gus Taic a thoirt dhan Phroifeisean le bhith a' Co-roinn Inbhean	95
6.6	Riaghaltas na h-Alba, na Buidhnean Foghlaim Nàiseanta agus Riaghaltas Ionadail	97
6.7	A' Bhuidheann Theisteanasan Ùra	98
6.8	A' Bhuidheann Curraicealaim Ùr agus a' Bhuidheann Theisteanasan Ùra	98
6.9	An Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach	100
6.10	A' leabachadh Dioplòma Coileanaidh na h-Alba mar chleachdadh ris a bheil dùil	100
6.11	Trèanadh tùsail an luchd-teagaisg ann am Foghlam Adhartach	100
6.12	Colaistean agus Oilthighean	102
6.13	Siostaman Sgrùdaidh is Cunntachalachd Nàiseanta	102
7.	Molaidhean	104
8.	Iomraidhean	111
9.	Eàrr-ràdh	118
9.1	Eisimpleirean de Chuirtean Luchd-ionnsachaidh	118
9.2	Toraidhean Eacarsaiche Frèamaidh EQIA	130
9.3	Bun-riaghailtean	138
9.4.	A' Bhuidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach - IRG	140
9.5	Buidhnean Co-obrachaidh Coimhearsnachd (Collaborative Community Groups - CCGan)	141
9.6	Gnìomhachd an Lèirmheis - Coinneamhan, Tachartasan agus Tadhalan	147
9.7	Ìrean an Lèirmheis agus Goireasan Fhoillsichte	150

Ro-ràdh

Feumaidh ath-sgrùdadh sam bith air teisteanasan agus measadh a tha ag amas air deagh bhuidh a thoirt air beatha luchd-ionnsachaidh a bhith a' tòiseachadh le bhith a' faighneachd cheistean nas motha. Dè tha e a' ciallachadh a bhith nad shaoranach foghlamaichte ann an Alba ann am meadhan gu deireadh na 21mh linn? Dè bhiodh e a' ciallachadh a bhith teisteanach airson sin? Dè an t-eòlas, na sgilean agus na comasan a dh'fheumas a bhith aig luchd-ionnsachaidh ma tha iad gu bhith a' soirbheachadh? 'S ann dìreach às dèidh sin as urrainnear tòiseachadh air na seòrsaichean teisteanasan a bheir taic do luchd-ionnsachaidh san ath cheum sa bheatha aca, co-dhiù tha seo ann am foghlam, cosnadh no san roinn shaor-thoileach.

Tha e inntinneach smaoinichadh gur dòcha gum bi daoine òga a tha a' dol a-steach do na tràth-bhliadhnaichean an-dràsta ag obair fhathast aig deireadh na linne seo. Bidh an saoghal gu math eadar-dhealaichte aig an àm sin. Tha fios againn air sin, ach 's e an rud nach eil cho cinnteach cho luath 's a dh'atharraicheas an saoghal. Tha tachartasan bho chionn ghoirid air sealladh a thoirt dhuinn ge-tà, air dìreach cho luath 's a dh'fhaodadh astar an atharrachaidh a bhith. Tha na cothroman ro-mhòr a tha an lùib teicneòlasan AI a cheart cho mòr 's a tha na cunnartan nan lùib. Bidh buaidh Inntleachd Fuadain air luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd agus mar sin feumaidh na sgilean a bhith aca a dh'fheumas iad gus dèiligeadh ri seo a bhith nam pàirt de dh'fhoghlam agus teisteanasan san am ri teachd. Ach 's ann a tha e cinnteach gun cum comainn-shòisealta orra ag atharrachadh aig astar agus gu bheil feum aig Alba air siostam teisteanasan sùbailte gus taic a thoirt dhan h-uile neach-ionnsachaidh ann an àm ri teachd nach bi cho cinnteach. Tha dùthchannan air feadh an t-saoghail a' cur nan aon cheistean a tha sinn a' faighneachd mu ar teisteanasan agus mun t-siostam measaidh.

Tha tiotal na h-aithisge seo, An t-àm ri teachd againn, a' tighinn bho rud a thuirt neach-ionnsachaidh a bha a' faireachdainn sàraichte nach robh mòran buaidh aca air co-dhùnaidhean a bha gan dèanamh

mu theisteanasan a bheireadh buaidh orra agus a bheireadh buaidh air an àm ri teachd aca agus air an caraidean. Tha teisteanasan agus measadh ann an Alba air a bhith connspaideach anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh.

Gu traidiseanta, tha siostam teisteanais na h-Alba air a bhith air a mheas glè mhath ach tha draghan air a bhith a' sìor fhàs mun bhuidh a bheir trì bliadhna de mheasaidhean fìor chudromach air luchd-ionnsachaidh san Ìre as Àirde. San àm ri teachd, feumaidh sinn a bhith cinnteach gum fàg gach neach-ionnsachaidh foghlam le mothachadh air coileanadh, ceangailte ri deagh shlighe air adhart nan àm ri teachd. Mar dhùthaich a tha air gealltainn Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh a chur an gnìomh (UNCRC, 1989), 's e sin an t-amas a dh'fheumas a bhith againn. Is e sin an dòchas as fheàrr a th' againn airson comann-sòisealta a bhios seasmhach, sunndach agus soirbheachail dhuinn uile san àm ri teachd. Seo an àm ri teachd againn uile.

Mar sin, dè dh'fheumas luchd-ionnsachaidh airson an àm ri teachd? A rèir co-dhùnaidhean an Lèirmheis Neo-eisimeilich tha feum aig luchd-ionnsachaidh air cothroman gus cuspairean no Prògraman Ionnsachaidh a dhèanamh aig ìre dhomhainn Ach, bidh feum aca fhèin agus aig comann-sòisealta na h-Alba air barrachd air sin. Dh'innis luchd-ionnsachaidh, sgoiltean, colaistean, fastaichean agus oilthighean dhuinn gu bheil feum aig luchd-ionnsachaidh air cothroman gus an t-eòlas agus na sgilean a tha a dhìth orra a thogail fhad 's a tha iad a' dol air adhart nas fhaide na an sgoil agus a' cholaiste. Tha an comas a bhith ag obair còmhla ri daoine eile, eòlas a chleachdadh gus dèiligeadh ri duilgheadasan, a bhith a' smaoinichadh gu cruthachail, agus a bhith a' cumail orra uile nan eisimpleirean de na sgilean a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh nam beatha. A bharrachd air sin, bu chòir do theisteanasan cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh sealltainn cò iad: dè tha a' fàgail gach duine nan neach fa leth, an cuid ùidhean agus an coileanadh san fharsaingeachd, na tha iad a' cur ri coimhearsnachdan no ris a' chomann-

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

shòisealta san fharsaingeachd; agus mar as urrainnear taic a thoirt do gach neach-ionnsachaidh gus co-dhùnaidhean math a dhèanamh mu na nì iad a-nis. Is iad seo na coileanaidhean a bhios aithnichte ann an Dioplòma Coileanaidh na h-Alba.

Chan e Lèirmheas Hayward a tha seo, ged a chuala mi an t-ainm sin air; is e an Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh a tha seo a rinn a' Bhuidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach. Bha ballrachd sa Bhuidhinn seo eadar-mheasgte, agus dh'obraich gach ball gu dlùth le Buidheann Coimhearsnachd Co-obrachail nas motha. Chan urrainn dhomh taing gu leòr a thoirt dhaibh airson an dìcheall agus an taic tron phròiseas air fad. Bu toil leam mo thaing a thoirt cuideachd do na sgoiltean agus colaistean air feadh na dùthcha a fhreagair na trì ìrean den Lèirmheas agus dhaibhsan a chuir fàilte oirnn nuair a thadhail sinn, agus a thug dhuinn gu leòr eisimpleirean de phròiseactan agus gnàth-eòlasan inntinneach. Tha mi cuideachd airson taing a thoirt dhan iomadh buidheann agus neach a thug seachad am beachdan tron cho-chomhairle phoblaich. Mo thaing cuideachd dhan dà Rùnaire Caibineit leis an robh mi ag obair, dhan luchd-labhairt foghlaim aig na pàrtaidhean poiliteigeach uile ann an Alba agus do bhuill Comataidh Foghlam, Cloinne, Òigridh agus Sgilean. Gu sònraichte bu mhaith leam mo thaing a thoirt do bhuill na Rùnaireachd a tha air a bhith ag obair cho dìcheallach tron Lèirmheas Neo-eisimeileach mhòr seo. Tha a h-uile duine a bha an sàs ann air luchd-ionnsachaidh a chumail aig cridhe nan deasbadan.

Cha b' e obair fhurasta a bh' ann a bhith a' smaoinneachadh mu na tha an dàn do Theisteanasan is Measadh. Bho chionn fichead bliadhna, bha an Curraicealam airson Sàr-mhathais ag amas air teisteanasan agus measadh a cho-thaobhadh nas fheàrr ris na ceithir comasan: luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, com-pàirtichean èifeachdach agus saoranaich chunntachail. Cha do shoirbhich e ach gu ìre. Tha co-dhùnaidhean an Deasbaid Nàiseanta (Campbell & Harris, 2023) ag ràdh gu bheil na

comasan fhathast buntainneach ach nach eil an siostam theisteanasan is measaidh againn a' co-thaobhadh ris na h-amasan fhathast. Tha an aithisg seo bhon Bhuidhinn Lèirmheas Neo-eisimeileach a' toirt dhuinn cothrom gun samhail gus piseach a thoirt air cùisean. Gus an cothrom beatha as fheàrr a thoirt do gach neach-ionnsachaidh ann an Alba agus, gus iomradh a thoirt air rudeigin a thuirt ball den Bhuidhinn Lèirmheas Neo-eisimeileach, an t-Ollamh Graham Donaldson, gus suidheachadh a sheachnadh far a bheil teisteanasan nan acair bacaidh air ùr-ghnàthachadh.

Tha teisteanasan agus measadh cumhachdach. Ach gu tric, thathar ag aithris gu bheil an cumhachd sin a' toirt droch bhuidh. Mas urrainnear an cumhachd aca a chleachdadh mar nì adhartach, tha deagh chothroman ann. Chan eil san aithisg seo ach toiseach tòiseachaidh. Ma tha gu leòr de mhisneachd againn gus an cothrom seo a ghabhail, ma tha sinn deònach a bhith ag obair gus dèanamh cinnteach gun tachair e agus gu bheil stòrasan gu leòr ann airson atharrachadh, bidh ginealaichean de luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd taingeil. Dhuinne a tha ag obair ann am foghlam, seo an cothrom againn an comas cruthachail a tha ann am foghlam na h-Alba a leigeil ma sgaoil.



An t-Ollamh Louise Hayward às leth na Buidhne Lèirmheis Neo-eisimeilich

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Bho bhuill an IRG



Tha an aithisg seo air farsaingeachd de dh'fhianais agus de bheachdan a thoirt còmhla, a tha uile a' sealltainn nach eil an status quo a tha stèidhichte gu cumhang air cuspairean, agus a tha gu mòr an urra ri deuchainnean, a chùim leas ar luchd-ionnsachaidh, ar fastaichean, no ar comainn-sòisealta. Feumaidh sinn luchd-ionnsachaidh a fhuair ùine agus taic gus farsaingeachd de dh'eòlas, sgilean agus gnàth-eòlasan fhaighinn, agus a tha deiseil gus an t-àite aca a ghabhail san àite-obrach, sa chomann-shòisealta (an dàrna cuid gu dìreach no tro Fhoghlam Àrd-ìre/Adhartach).

Nì Dioplòma Coileanaidh na h-Alba cinnteach gu bheil ar faighinn eòlas cuspair acadaimigeach agus proifeiseanta tron eileamaid Sgrùdaidh; ionnsachadh ann an co-theacsa tro eileamaid a' Phròiseict; agus le bhith comasach air coileanaidhean nas fharsainge a shealltainn ge b' e dè an àrainneachd tron eileamaid Pearsa, nì sin cinnteach gum bi ar luchd-ionnsachaidh nas ullaichte airson an àite a ghabhail sa chomann-shòisealta. Ach, gus dèanamh cinnteach gum bi an Dioplòma seo soirbheachail, bu chòir am modail IRG/CCG a chumail. 'S e modail in-ghabhalach a th' ann, agus tha e air ìre de dh'earbsa a thogail am measg a h-uile duine a bha an sàs ann. Aig a' cheann thall, bidh soirbheachas an Dioplòma an urra ri fastaichean agus oilthighean a bhith ga shireadh mar am prìomh riatanas airson agallamhan no inntigeadh do chùrsaichean agus obraichean.



Peter Bain, Ceannard, Àrd-sgoil an Òbain, CCG nan Ceannardan-sgoile.



Tha mòran luchd-ionnsachaidh, thidsearan agus phàrantan den bheachd gu bheil eòlasan foghlaim dhaoine òga a' crochadh cus air deuchainnean. Tha na h-ath-leasachaidhean seo a' freagairt air an fheum air barrachd iomadachd san t-siostam measaidh, gus freagairt nas fheàrr air feumalachdan saoghal an latha an-diugh.



Jo-Anne Baird, Àrd-ollamh, Oilthigh Oxford, CCG, Teisteanasan agus Measadh



Tha am foghlam a bhios Alba a' toirt seachad dhan òigridh agus do luchd-ionnsachaidh inbheach air a bhith mu dheidhinn tòrr, tòrr a bharrachd na dìreach seata de theisteanasan ach ann an dòigh air choreigin tha sinn air leigeil le teisteanasan a bhith mar inneal tomhais air cho math 's a tha luchd-ionnsachaidh fa leth, agus dè cho math 's a tha ar luchd-ionnsachaidh, agus air dè cho math 's a tha sgoiltean, colaistean agus an siostam foghlaim againn gan oideachadh. Chan e a-mhàin gu bheil seo a' fàgail a-mach tòrr a tha cudromach taobh a-staigh deagh fhoghlam, tha e cuideachd a' fàgail a-mach mòran luchd-ionnsachaidh, ged a tha iad uile cudromach cuideachd. Mu dheireadh, tha cothrom againn, tro Dhioplòma Coileanaidh na h-Alba, a bhith a' cur an gnìomh adhbharan foghlaim nas fharsainge a bhith a' cumadh dhaoine agus am beatha ann an dòigh adhartach, chan ann a-mhàin a' tomhas no a' cunntadh choileanaidhean luchd-ionnsachaidh ach cuideachd ag aithneachadh agus a' cur luach orra gu h-iomlan. Feumaidh sinn greimeachadh air a' chothrom seo le ar dà làimh.



Andrea Bradley, Ard-oifigear EIS, CCG, Luchd-teagaisg agus Òraidichean.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Tha gnìomhachasan a' tuigsinn nach eil anns na teisteanasan agus na cuspairean a rinn sgoilearan ach aon phìos den mhìrean-mheasgaichte a thaobh a bhith a' comharrachadh sgilean agus coileanaidhean na h-òigridh. Tha fastaichean cuideachd airson an tagraiche fhèin fhaicinn seach dìreach na toraidhean deuchainn aca. Tha suirbhidh Foghlaim is Sgilean an CBI airson 2022 a' nochdadh seo: b' e na beachdan agus comasan obrach aig daoine na sgilean as luachmhoire an dà chuid aig ceumnaichean agus luchd-fàgail na sgoile, còmhla ri sgilean bunaiteach agus eòlas obrach iomchaidh. Tha am moladh Dioplòma Coileanaidh na h-Alba a bhith ann na dheagh dhòigh air na sgilean seo a shealltainn do luchd-fastaidh le bhith a' riochdachadh nan sgilean, comasan agus dòighean-giùlain a tha daoine air nochdadh mar-thà agus as urrainn dhaibh cur gu feum ann an gnìomhachas. Aig a' cheann thall, cuidichidh seo gus dèanamh cinnteach gun urrainn do luchd-ionnsachaidh gluasad dhan àite obrach le làn fhianais air na tha iad air a coileanadh.



Tracy Black, Stiùiriche CBI an Alba, CCG an Luchd-fastaidh.



Dh'fhaodadh an lèirmheas air deuchainnean cruth-atharrachadh a thoirt air foghlam na h-Alba. Mas urrainn do na beachdan agus na molaidhean san aithisg a dhol tron t-siostam agus a-staigh gu sgoiltean agus seòmraichean-teagaisg tha e coltach gum faigh a h-uile neach-ionnsachaidh Albannach foghlam nas fheàrr agus gum bi na coileanaidhean aca air an aithneachadh ann an dòigh nas iomchaidh.



Chris Chapman, Àrd-ollamh, Oilthigh Ghlaschu, CCG, Pròiseasan Atharrachaidh.



Tha an aithisg seo a' toirt aghaidh air ceistean a tha air a bhith ann bho chionn fhada co-cheangailte ri àite nan teisteanasan. Cha tèid comas na h-aithisge a thoirt gu buil ach a-mhàin ma bheir sinn làn thaic do dh'ionnsachadh proifeiseanta a bhios a dhìth air tidsearan gus an urrainn dhaibh a thoirt gu buil.



An t-Àrd-oifigear Graham Donaldson, Comhairliche, Ùghdar Teaching Scotland's Future and Successful Futures (Wales), CCG Co-thaobhadh Poileasaidh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Feumaidh teisteanasan agus measaidhean san àm ri teachd luchd-ionnsachaidh agus an saoghal farsaing againn a chur aig cridhe chùisean, oir chan e a-mhàin gu bheil na teisteanasan againn fad ar beatha ach gu bheil na sgilean a gheibh sinn bhuapa far ar beatha cuideachd. Tha mi air leth taingeil gun d' fhuair mi an cothrom luchd-ionnsachaidh a riochdachadh còmhla ri Beinn agus Mo anns an sgrùdadh neo-eisimeileach air teisteanasan agus measaidhean ann an Alba. Mar òigridh, chaidh sùim a chur anns na bh' againn ri ràdh leis a' bhuidhinn lèirmheis neo-eisimeileach a chionn 's gu bheil tuigse làithreach againn fhèin mu theisteanasan agus measaidhean na h-Alba. Aig na coinneamhan mìosail leis an IRG, rinn sinn argamaid airson dòigh-obrach stèidhichte air còraichean ionnsachaidh a rèir an UNCRC, agus tha sinn toilichte gu bheil seo ri fhaicinn san lèirmheas.

Bha e cudromach cuideachd beachdan dhaoine òga eile a chluinntinn. Mus robh mi nam bhall den IRG, ghabh mi pàirt ann an tachartas aon-latha aig Pàrlamaid Òigridh na h-Alba sa gheamhradh a bha a' coimhead air coileanadh foghlaim agus mar phàirt de seo, chaidh mo bheachdan iarraidh air a' chiad ìre den lèirmheas còmhla ri Buill Pàrlamaid Òigridh na h-Alba eile. Tha mi a' faireachdainn gun deach èisteachd ris na beachdan againn agus tha mi toilichte gun robh ar freagairt air a riochdachadh gu math ann an toraidhean na cho-chomhairle, a bha a' gabhail a-steach freagairtean bho luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean agus colaistean air feadh na dùthcha - mo sgoil fhèin nam measg. Chuidich mi le co-chomhairlean nas fhaide air adhart air ìre a dhà den ath-sgrùdadh, far an cuala sinn beachdan dhaoine òga air an Dioplòma. Mar phàirt de cho-chomhairlean ìre a dhà, bhruidhinn sinn ris a' bhuidhinn coimhearsnachd cho-obrachail de dhaoine òga agus ri Pàrlamaid Òigridh na h-Alba, a bharrachd air a bhith a' cumail oidhche conaltraidh òigridh a leig le deamografaig nas fharsaing de luchd-ionnsachaidh Albannach a bhith air an toirt a-steach dhan sgrùdadh.

Mar bhuill den IRG, chan e a-mhàin gun deach ar beachdan a chluinntinn ach gun robh pàirt ghnìomhach aca ann an toradh an lèirmheis. Tha seo na thoradh brosnachail aig pròiseas an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan is Measadh ann an Alba a chur an luchd-ionnsachaidh aig cridhe chùisean.



Ruby Cardie, MSYP, CCG, Òigridh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Tha an Lèirmheas air Teisteanasan agus Measadh aig an Ìre as Àirde air a bhith na phròiseas àrd-amasach ach pragmatach a tha freumhaichte gu domhainn ann an leas an ath ghinealaich de dh'òigridh na h-Alba. Chaidh beachdachadh gu faiceallach air planaichean buileachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh aig a' phroifeisean gus atharrachadh seasmach adhbharachadh.



Andrew Findlater, Iar-cheannard Àrd-sgoil Bhaile Theàrlaich, CCG an Luchd-teagaisg.



Tha atharrachadh san t-siostam foghlaim na dhùbhlann oir feumaidh sinn feumalachdan an fheadhainn san t-siostam làithreach a chothromachadh leis an fhìor fheum air atharrachadh. Tha an cothromachadh ceart san aithisg eadar ath-leasachadh air a bheil cruaidh-fheum an-dràsta agus a bhith a' cuimhneachadh air an atharrachadh leantainneach agus nas radaigiche a tha a dhìth oirnn nas fhaide air adhart. Tha e a-nis an urra rinn uile san t-siostam dòigh nas in-ghabhalaiche a libhrigeadh gus ionnsachadh dhaoine òga a bharantachadh leis na teisteanasan ceart.



Douglas Hutchison, Stiùiriche Gnìomhach an Fhoghlaim, Comhairle Baile Ghlaschu, CCG Riaghaltas Ionadail.



Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education, teachdaireachdan soilleir bho luchd-cleachdaidh agus luchd-ùidh mun fheum air atharrachadh cultarail agus inntinn, cho math ri atharrachadh structarail, ann an foghlam na h-Alba. Tha adhbhar ro-chudromach gus na h-atharrachaidhean sin a dhèanamh co-cheangailte ri measadh agus teisteanasan san àm ri teachd; mar as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil iad freagairteach ann an co-theacs atharrachadh leantainneach agus mòr; agus mar a tha teisteanas ag aithneachadh agus a' cur luach air coileanadh farsaing agus leantainneach gach neach-ionnsachaidh. 'S e a tha air a' mholadh ann an Aithisg Hayward ach ceum mòr a dh'ionnsaigh dèanamh cinnteach gu bheil siostam measaidh is theisteanasan ùr-nodha aig Alba a libhrigeas airson a h-uile neach-ionnsachaidh agus a tha iomchaidh dhan àm ri teachd.



An t-Àrd-ollamh Ken Muir, Ùghdar Aithisg Muir, CCG, Co-thaobhadh Poileasaidh.



Tha NPFS agus Connect taingeil airson cothrom a bhith aca beachdan phàrantan/luchd-cùraim a chur ris an Lèirmheas agus tha iad a' coimhead air adhart ri bhith ag obair a dh'ionnsaigh a bhith a' toirt atharrachaidhean adhartach gu buil a bheir cumhachd dhan luchd-ionnsachaidh air fad gus am feum as fheàrr a dhèanamh de na slighean ionnsachaidh aca san àm ri teachd.



NPFS is Connect, Cheryl Burnett agus Patrick McGlinchey, CCG nam Pàrant.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Chan urrainn dhomh cur an cèill cho taingeil 's a tha mi airson a' chothruim a bhith an sàs ann am Buidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach an Àrd-ollamh Louise Hayward air Teisteanasan is Measadh mar aon den dà riochdaire airson Daoine Òga. Às dèidh dhomh a bhith an sàs sa phròiseas bhon toiseach tha fios agam cho dùbhlanaich 's a tha e daoine a thoirt còmhla bho gach taobh den chomann-shòisealta againn gus lèirsinn choitcheann a dhealbhadh airson mar bu chòir Teisteanasan, agus Foghlam na h-Alba gu h-iomlan, a bhith ag obrachadh.

Tron phròiseas air fad bha Louise agus buill eile den IRG a' sireadh ar beachdan gu gnìomhach a' fàgail gun robh sinn a' faireachdainn gun robh sinn gan cluinntinn. Bha i daonnan a' brosnachadh conaltradh fosgailte, a' cruthachadh àite far am b' urrainn dhuinn ar beachdan, draghan agus molaidhean a chur an cèill gu saor. Tha fìor ùidh Louise sna seallaidhean againn air a bhith air leth cumhachdach agus tha e air mo bheachd a dhaingneachadh gum faod agus gum bu chòir do dhaoine òga a bhith an sàs gu brioghmhor ann am pròiseasan co-dhùnaidh. Seo rud a tha neo-àbhaisteach do Dhaoine Òga mar mi fhèin, gu mì-fhortanach, ann an iomadh suidheachadh co-cheangailte ri ath-leasachaidh agus riaghlaidh.

Tha mi cuideachd airson aithne a thoirt dhan Sgioba Rùnaireachd, do mo cho MSYP Ruby Cardie, agus dhan neach-obrach iongantach SYP Mo Whelton airson an taic leantainneach, an obair chruaidh agus an dìcheall. Còmhla ris na buidhnean co-obrachaidh coimhearsnachd againn, tha sinn air bliadhna a chur seachad ag obair air na modailean atharrachaidh a tha san amharc agus air Dioplòma Coileanaidh ùr na h-Alba; modail a tha mi dha-rìribh a' creidsinn a chumas an UNCRC aig a chridhe leis gu bheil e a' toirt taic do dhaoine òga san àm ri teachd air na tursan ionnsachaidh aca fhèin. Tha e ro-chudromach, ge-tà, nach e rud a thachras aon turas a-mhàin a bhios anns na cothroman farsaing airson co-obrachadh agus com-pàirteachadh òigridh seo ach gum bi e na àbhaist ùr airson ath-leasachaidhean ann an Alba.



Beinn Grant, MSYP, CCG, Òigridh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Choinnich buidheann Ionnsachadh is Teagasg Oilthighean na h-Alba an t-seachdain sa chaidh agus tha iad fhathast gu math riarachta le mar a tha cùisean a' dol.

Tha oilthighean glè thaiseil do na molaidhean gus an fhianais a leudachadh as urrainnear cleachdadh gus sealltainn gu bheil luchd-ionnsachaidh deiseil airson a dhol dhan oilthigh. Nuair a bhios an comann-sòisealta ag atharrachadh, bidh ionnsachadh oilthigh ag atharrachadh leis, agus feumaidh oileanaich oilthighe san àm ri teachd tuigse fhaighinn chan ann a-mhàin air eòlas cuspair sònraichte, ach cuideachd a bhith a' fighe an eòlais sin ri chèile ann an co-theacsan a tha a' sior fhàs mì-chinnteach, caochlaideach agus iom-fhillte. Agus an rud as cudromaiche, bidh aca ri sàr thuigse fhaighinn air an sgil a bhith ag ionnsachadh gus an cuir iad ri comann-sòisealta, gnìomhachas, proifeiseanan, cultar agus poileasaidh na h-Alba. Bheir Dioplòma Coileanadh na h-Alba a thathar a' moladh deagh bhunait do luchd-ionnsachaidh agus iad a' coileanadh ceuman oilthighe san àm ri teachd.



Jonathan Powles, Àrd-ollamh, Leas-Iar-Sheansalair (Ionnsachadh, Teagasg is Oileanaich), GGC nan Oilthighean.



Tha mi a' cur fàilte mhòr air feallsanachd ath-leasachadh theisteanasan mar a chaidh a chur an cèill ann an aithisg Hayward. Tha an gluasad gu ùine ionnsachaidh nas fhaide, leasachadh pearsanta agus pròiseact eadar-chuspaireil, còmhla ri speisealachadh cuspair, a' dèanamh tòrr gus siostam theisteanasan a stèidheachadh a bhios ag aithneachadh choileanadh farsaing agus aig an aon àm a' gabhail a-steach ionnsachadh tro sgrùdadh teann. Thathar an dòchas gun toir an dòigh-obrach ùr seo aghaidh air cuid de na duilgheadasan an lùib theisteanasan làithreach, a' gabhail a-steach teagasg foirmleach agus "a' chabhag dà theirm". Tha mi misneachail gu bheil e na bhunait airson a bhith a' cruthachadh an eòlais agus nan sgilean a tha a dhìth airson a bhith a' dèiligeadh ri iom-fhillteachd comann-sòisealta an latha an-diugh, a' gabhail a-steach àiteachan-obrach a tha ag atharrachadh. Facal rabhaidh - feumaidh sinn cuideachd aghaidh a thoirt air a' chultar far a bheil ìrean coileanadh gam meas mar an rud as cudromaiche do sgoiltean, no tha cunnart ann gum cuir seo bacadh air na deagh bhuilean ris a bheil dùil bho na h-ath-leasachaidhean a tha gam moladh.



An t-Àrd-ollamh Mark Priestly, Oilthigh Shruighlea, CCG, Curraicealam, Eòlas-teagasg, Measadh agus Teisteanasan.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Mar Fhrèam-obrach Theisteanasan Nàiseanta na h-Alba tha an SCQF, a tha air a bhith ann fad 22 bliadhna a-nis, air taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus do daoine a tha a' toirt stiùireadh dhaibh gus na slighean ionnsachaidh aca fhèin a phlanadh agus a ghabhail os làimh, a' brosnachadh iomadachd a thaobh roghainnean, càileachd agus co-ionannachd meas san an dòigh sa bheil solaraichean foghlaim agus fastaichean ag aithneachadh coileanadh ionnsachaidh, ge b' e dè an suidheachadh anns a bheil ionnsachadh a' tachairt. Tha mi air leth toilichte gu bheil an Lèirmheas seo air co-ionannachd agus in-ghabhail a chomharrachadh gu soilleir mar phrìomhachasan ann a bhith a' buileachadh ath-leasachaidhean a' churraicealaim agus measaidh cho math ri prìomh àite an SCQF ann a bhith a' cur air adhart phrògraman ionnsachaidh a bheir taic do làn chomas leasachaidh dhaoine òga.



Pauline Radcliffe, Àrd-oifigear SCQF, CCG Com-pàirtichean SCQF.



Bu chòir fianais mu choileanadh neach-ionnsachaidh a bhith stèidhichte air eòlasan le taic bhon t-siostam foghlaim seach a bhith stèidhichte a-mhàin air suidheachadh teaghlach an neach-ionnsachaidh. Bha seo na phrìomh fhòcas tron ath-bhreithneachadh mar a chithear mar eisimpleir bhon iarrtas gum bi Slighean Pearsanta nan gnàth-eòlasan a bhiodh nan còir san sgoil an àite gnìomhan taobh a-muigh na sgoile.



An Dr Edward Sosu, Òraidiche, Oilthigh Shrath Chluaidh, CCG Cothromas.



Tha an siostam de theisteanasan aon-bliadhna a th' ann an-dràsta a' cur a' churraicealaim air fiaradh aig an Ìre as Àirde. Tha cùrsaichean goirid mar seo a' ciallachadh gu bheil teisteanasan ag aithneachadh "leum tro chearcallan" agus a bhith a' cuimhneachadh rudan agus nach eil ùine aig oileanaich a bhith a' togail eòlas nas doimhne air a' chuspair no gaol a bhith aca air a' chuspair aca.

Tha na molaidhean sin a' gealltainn gun tèid meas a chur ann an eòlas. Le bhith a' brosnachadh sgrùdadh chuspairean thar dà bhliadhna aig an Ìre as Àirde, is urrainn dhuinn cùrsaichean iomchaidh a chruthachadh le measaidhean iomchaidh. Bidh ùine aig tidsearan na cuspairean aca a sgrùdadh nas doimhne, seach a bhith an-còmhnaidh a' teagasg le aon sùil air an deuchainn.

Thathar cuideachd a' cur fàilte air a' mholadh airson pròiseact eadar-chuspaireil. A bharrachd air cùrsaichean nas fhaide de sgrùdadh cuspair, tha am pròiseact na chothrom a bhith a' dèanamh obair thar-chuspaireil ann an dòigh làidir. Chan gabh duilgheadas mòr sam bith fhuasgladh bhon t-sealladh aig aon chuspair a-mhàin, ach tha feum againn air eòlas cuspaireil làidir gus dèiligeadh riutha. Bheir am pròiseact cothrom do dh'oileanaich faicinn na tha na cuspairean aca a' cur ris an ionnsachadh aca, agus a cuidichidh e iad gus tuigsinn mar a ghabhas an t-eòlas agus na sgilean a thog iad anns an rannsachadh cuspaireil aca a chur an sàs san t-saoghal fhìor.



An Dr Joe Smith, Òraidiche, Oilthigh Shruighlea, CCG, Curraicealam, Eòlas-teagasg, Measadh agus Teisteanasan.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Tha sinn a' tighinn beò ann an saoghal a tha ag atharrachadh gu luath. Feumaidh siostaman foghlaim gabhail ri seo, agus gu h-eadar-nàiseanta tha sinn a' faicinn atharrachaidhean air an dòigh sa bheil oileanaich ag ionnsachadh agus air na tha iad ag ionnsachadh. Ged a tha Alba air a bhith air thoiseach air càch leis a' Churraicealam airson Sàr-mhathais, tha an siostam measaidh eachdraidheil aice air bacadh a thoirt air na h-atharrachaidhean ann am foghlam àrd-sgoile aig an Ìre as Àirde. Tha Buidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach an Àrd-ollamh Hayward air feuchainn ri siostam deuchainnean na h-Alba a cho-thaobhadh nas fheàrr ris na feumalachdan co-aimsireil sin. Tha e a' toirt dhuinn slighe air adhart chumhachdach airson measadh ann an Alba.



An t-Àrd-ollamh Gòrdan Stobart, IoE,
Ùghdar Aithisg Stobart an OECD, CCG:
Teisteanasan agus Measadh.



Bha e na thoileachas dhomh taic a thoirt do na MSYPan againn tron t-slighe seo air fad ann a bhith ag ath-sgrùdadh theisteanasan agus mheasaidhean Albannach. Bu mhath leam taing a thoirt dhan Ollamh Hayward airson a bhith a' cur com-pàirteachadh dhaoine òga aig cridhe na h-obrach seo agus airson a bhith a' cur fòcas dha-rìribh air na tha as fheàrr dhan a h-uile neach-ionnsachaidh nuair a thathar a' smaoinichadh air foghlam na h-Alba san àm ri teachd.



Mo Whelton, SYP, CCG na h-Òigridh.



Tha e fìor adhartach a bhith ag aithneachadh theisteanasan dreuchdail mar theisteanasan proifeiseanta agus teicnigeach le ìre SCQF còmhla ri teisteanasan nàiseanta, a' toirt aithne dhan a h-uile neach-ionnsachaidh air an cuid ionnsachadh agus an cuid sgilean. Bheir seo fìor bhuannachd air na cothroman aca san àm ri teachd.

Tha colaistean na h-Alba air a bhith a' cleachdadh measadh leantainneach bho chionn fhada tro gach ìre teisteanais gus sgilean agus comas luchd-ionnsachaidh a dhearbhadh. Tha toirt a-steach an Dioplòma a' toirt aithne do sgilean an a bharrachd air coileanadh acadaimigeach agus a' tabhann sàr shlighe-dhreuchd do luchd-ionnsachaidh. Tro bhith a' leasachadh agus a' co-roinn libhrigeadh raointean cuspair sònraichte ann an com-pàirteachasan colaiste/sgoile agus le taic bhon ghnìomhachas, suidheachadh a tha gun samhail air feadh na RA, tha sinn a' bruidhinn air siostam foghlaim a tha dha-rìribh amalaichte ann an Alba a chùim leas gach neach-ionnsachaidh.



An t-Ollamh Ken Thomson, Prionnsapal Colaiste Gleann Fhoirthe, CCG Prionnsapalan nan Colaistean.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

1. Facal-tòiseachaidh

Tha teisteanasan agus measadh cudromach. Tha iad cudromach do luchd-ionnsachaidh oir tha iad a' toirt seachad fianais air an adhartas tro fhoghlam. Bheir iad buaidh - math no dona - air misneachd agus fèin-spèis. Tha iad cudromach nuair a bhios luchd-ionnsachaidh a' gluasad air adhart bho fhoghlam reachdach, nuair a bhios na teisteanasan a choileanas iad, agus na litrichean no na h-àireamhan co-cheangailte riutha, a' co-dhùnadh dè na cothroman a bhios aca, agus dè na dorsan dhan ath ìre den bheatha aca a bhios a' fosgladh no a' dùnadh. Tha iad cudromach do phàrantan agus luchd-cùraim. Tha iad cudromach do thidsearan, sgoiltean, òraidichean agus colaistean a tha uile a' cur suim mhòr san luchd-ionnsachaidh leis am bi iad ag obair. Tha iad cudromach do luchd-fastaidh, oilthighean, colaistean agus dhan roinn shaor-thoilich a bhios a' cleachdadh teisteanasan gus co-dhùnidhean a dhèanamh a thaobh cò an luchd-ionnsachaidh a chuireas iad an dreuchd no dè na cùrsaichean dhan tèid iad. Mar sin, tha teisteanasan agus an dòigh sa bheil iad air am measadh cudromach do dhaoine fa leth, coimhearsnachdan agus comann-sòisealta na h-Alba san fharsaingeachd.

Tha tiotal na h-aithisge seo, An t-àm ri teachd againn, stèidhichte air mar a bha luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn sàraichte nach robh mòran buaidh aca air co-dhùnidhean a bha gan dèanamh mu theisteanasan a bheir buaidh orra agus a bheir buaidh air an àm ri teachd aca agus air an caraidean. Is e a bhith a' dèanamh cinnteach gum fàg gach neach-ionnsachaidh foghlam le beachd soilleir air na tha iad air coileanadh, ceangailte ri slighe adhartach san àm ri teachd, an dòchas as fheàrr a th' againn airson comann-sòisealta san àm ri teachd a bhios seasmhach, toilichte agus soirbheachail. Mar dhùthaich a tha air gealltainn Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh a chur an gnìomh (UNCRC, 1989), 's e sin an t-amas a dh'fheumas a bhith againn.

Anns an Dàmhair 2021, dh'ainmich Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean aig an àm, Shirley-Anne Somerville BPA, gum biodh Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measadh ann. Chaidh an Lèirmheas Neo-eisimeileach a stèidheachadh airson ceithir prìomh adhbharan.

- Tha an comann-sòisealta ag atharrachadh gu math luath, agus bu chòir do dh'Alba coimhead ris an àm ri teachd agus beachdachadh a bheil an siostam theisteanasan is measaidh a th' againn an-dràsta iomchaidh airson àm ri teachd a dh'fhaodadh a bhith gu math eadar-dhealaichte.
- An galar lèir-sgaoilte eadar-nàiseanta COVID-19 a chomharraich mì-riarachas le teisteanasan na h-Alba. Às dèidh do na deuchainnean a bhith air an cur dheth ann an 2020 agus 2021, agus na dòighean eile a chaidh a chleachdadh airson teisteanasan Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach, bha dragh poblach ann mu chothromachd agus mì-riarachas farsaing a thaobh toraidhean agus beachdan gun robh neo-ionannachd ann.
- Sheall an fhianais a thàinig a-mach à dà aithisg OECD (OECD, 2021, Stobart, 2021) gun robh feum air atharrachadh anns an ìre as Àirde.
- Mì-riarachas thar ùine nas fhaide ann an Alba mu eadar-dhealachaidhean eadar na h-amasan tùsail airson teisteanasan Curraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) agus mar a bha iad do luchd-ionnsachaidh an da-rìribh.

Tha an Lèirmheas Neo-eisimeileach seo a' coimhead air teisteanasan aig an ìre as Àirde ann an sgoiltean, colaistean agus air suidheachaidhean foghlaim nas fharsainge. Tha am fòcas sa mhòr-chuid air luchd-ionnsachaidh aois 15-18 anns a h-uile suidheachadh foghlaim, ach bheachdaich an Lèirmheas cuideachd air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aige air luchd-ionnsachaidh ann am foghlam dachaigh agus air luchd-ionnsachaidh inbheach a bhios a' dèanamh chùrsaichean a thig fo raon-ùghdarras an Lèirmheis.

Nuair a chaidh an Lèirmheas Neo-eisimeileach a bharantachadh, cha robh duine sam bith an dùil dè thachradh rè ùine an ath-bhreithneachaidh. Thòisich an Lèirmheas mar rannsachadh a' coimhead air adhart: ciamar a dh'fhaodadh teisteanasan agus measadh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

atharrachadh gus dèanamh cinnteach gum faigh gach neach-ionnsachaidh ann an Alba na cothroman beatha as fheàrr? Dh'aithnich an Lèirmheas gum biodh luchd-ionnsachaidh a tha a' dol a-steach gu foghlam aig an àm seo fhathast ag obair aig deireadh an 21mh linn. Leis cho luath 's a tha atharrachadh sòisealta, bu chòir teisteanasan agus measadh a bhith iomchaidh airson an àm ri teachd.

Ach, ro dheireadh an Lèirmheis Neo-eisimeilich, bha an ìre atharrachaidh ris an robh dùil air luathachadh tuilleadh mar thoradh air buaidh Inntleachd Fuadain (AI). Atharraichidh AI an comann-sòisealta, ach tha e ro thràth fios a bhith againn fhathast mar a ghabhas comas nan teicneòlasan sin a chleachdadh airson leasachadh seach milleadh a dhèanamh air comainn-shòisealta. Tha a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig AI a' fàgail gu bheil an Lèirmheas Neo-eisimeileach seo nas cudromaiche buileach. Feumaidh teisteanasan agus measadh san àm ri teachd taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh, agus do chomann-sòisealta na h-Alba, ann an saoghal a bhios gu math eadar-dhealaichte bhon t-saoghal a th' againn an-dràsta. Mar an ceudna, feumaidh sinn gabhail ris gun èirich astar an atharrachaidh agus gum feum dòigh-obrach na h-Alba a thaobh teisteanasan a bhith sùbailte ma tha i gu bhith comasach air freagairt air seo.

Chaidh an dòigh-obrach ùr a thaobh teisteanasan agus measadh a thathar a' moladh san aithisg seo a dheasbad fad is farsaing le coimhearsnachdan air feadh na h-Alba (faic Caibideil a Dhà). Chaidh oidhirpean mòra a dhèanamh gus còmhraidhean a bhrosnachadh thar choimhearsnachdan agus gus feuchainn ris an fheadhainn a thoirt a-steach air an tèid dearmad a dhèanamh ro thrìc ann an co-dhùnaidhean poileasaidh. Chan fhaigh moladh sam bith airson atharrachaidhean air teisteanasan agus measadh taic bhon a h-uile duine, ach bha deasbad farsaing air na beachdan anns an aithisg seo agus chaidh am modail a thathar a' moladh a chruthachadh gu co-obrachail. Thathar an dùil gun tog foghlam ann an Alba air a' phròiseas seo agus, a bharrachd air sin, gun ionnsaich e bho na modailean a chaidh a chruthachadh anns an Deasbad Nàiseanta (2023) agus ann an Ath-

sgrùdadh nan Dreuchdan (2023) gus dòigh-obrach nas in-ghabhalaiche a thogail a thaobh dealbhadh is leasachadh poileasaidh agus cleachdadh san àm ri teachd.

Tha neo-eisimeileachd an lèirmheis seo ro-chudromach. Feumaidh comhairle mu theisteanasan agus measadh ann an Alba san àm ri teachd a bhith neo-phàirteach, air a chruthachadh stèidhichte air fianais agus air a dheasbad gu fosgailte. Tha na beachdan anns an aithisg seo, ma thèid gabhail riutha le Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean, Jenny Gilruth BPA, mar a' chiad ìre ann am pròiseas leasachaidh fad-ùine. Bu chòir dhan cho-obrachadh thar-choimhearsnachd a chaidh a chruthachadh san Lèirmheas seo leantainn air adhart agus bu chòir do luchd-ionnsachaidh, tidsearan agus òraidichean air feadh na dùthcha a bhith aig cridhe a' phròiseas atharrachaidh.

Tha cus innleachdan roimhe ann an Alba air fàilligeadh leis nach deach aire gu leòr a thoirt aig mar a ghabhadh beachdan a chur an gnìomh agus air cho practaigeach 's a bha an clàr ama gus an cur an sàs Aig an àm seo, tha e gu sònraichte cudromach dèanamh cinnteach gum faigh atharrachadh taic iomchaidh. Tha a' bhuidh aig a' ghalar lèir-sgaoilte COVID-19 agus a' bhuidh a thug e air luchd-ionnsachaidh, tidsearan agus teaghlaichean air a bhith fìor mhòr. Tha e iongantach, fiù 's aig àm cho dùbhlach, gu bheil iarrrtas cha mhòr aona-ghuthach air a bhith ann airson atharrachadh air teisteanasan agus measadh.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

1.1 An Co-theacs làithreach ann an Alba

Tha traidisean cliùiteach aig Alba de dh'ionnsachadh stèidhichte air cuspairean san àrd-sgoil. Bidh tidsearan theisteanach a' stiùireadh farsaingeachd de roghainnean cuspair. Tha coimhearsnachdan cuspair làidir ann agus tha lionraidhean farsaing agus taiceil aig cuid de chuspairean ann an cuid de sgìrean.

Tha suidheachaidhean foghlaim air feadh na h-Alba a' tabhann raon de Theisteanasan Nàiseanta aig Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) bho Nàiseanta 1 gu Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach, teisteanasan dreuchdail, teicnigeach agus proifeasanta. Gu dearbha, bidh diofar adhbharan aig teisteanasan eadar-dhealaichte aig an aon ìre SCQF agus, mar thoradh air sin, bidh slighean ionnsachaidh eadar-dhealaichte ann. Bidh cuid de sgoiltean neo-eisimeileach a' tabhann theisteanasan Sasannach, leithid GCSE agus A Level. Barrachd is barrachd, ann an com-pàirteachas le colaistean agus fastaichean, tha raon de theisteanasan dreuchdail, teicnigeach agus proifeiseanta air an tabhann do luchd-ionnsachaidh, mar eisimpleir Bun-phreantasachdan, Cairtean-teisteanais agus Dioplòmathan Àrd-ìre, Duaisean Adhartas Nàiseanta agus Duaisean Leasachaidh Pearsanta. Tha com-pàirteachasan sgoile/ colaisde nas dùbhланаiche ann an sgìrean dùthchail far nach eil colaiste ionadail daonna ruigsinneach, ged a tha luchd-obrach colaiste ann an cuid de sgìrean a' tabhann chùrsaichean dreuchdail, teicnigeach agus proifeiseanta ann an sgoiltean.

A bharrachd air sin, tha cothroman aig cuid de luchd-ionnsachaidh a dhol an sàs ann an raon nas fharsaing de dh'eòlasan agus de dhuaisean san sgoil agus sa cholaiste agus ann an coimhearsnachdan a tha a' tabhann eòlasan ionnsachaidh luachmhor agus leasachadh air sgilean, comasan, beachdan agus caractar. Tha iad sin a' gabhail a-steach, mar eisimpleir: Duais Diùc Dhùn Èideann, Urras a' Phrionnsa, Duais Iain Muir, Duais Companaidh Iomairt

Òigridh Alba (Frèam-obrach Creideas is Teisteanas na h-Alba (SCQF) Ìre 6, Duais ann an Ceannardas STEM Ìrean SCQF 4,5,6, Ionad Rannsachaidh Foghlaim Sgoiltean na h-Alba (SSERC), prògraman Lionra Barrantachaidh Leasachaidh Sgeama Duais agus Duaisean Caritas (ASDAN). Chan eil a h-uile duais ceangailte ris an fhrèam SCQF, ach tha iad uile a' tabhann chothroman luachmhor do luchd-ionnsachaidh.

Tha iomadh roghainn eadar-dhealaichte rim faighinn le taic bho Lionra Dhuaisean de sholaraidhean a tha airson a bhith ag obair le sgoiltean agus colaistean gus cothroman nas fharsaing a bhrosnachadh dhan a h-uile neach-ionnsachaidh. Tha cothroman eadar-dhealaichte air feadh na dùthcha agus tha grunn dhòighean aig luchd-ionnsachaidh anns an urrainn dhaibh agus anns am bu chòir dhaibh taic fhaighinn gus sealltainn na tha iad air coileanadh. Tha gach neach-ionnsachaidh eadar-dhealaichte; is fheàrr le cuid a bhith ag ionnsachadh ann an àrainneachd sgoile, tha colaiste a' còrdadh ri cuid agus tha cuid a' soirbheachadh ann an ionnsachadh sa choimhearsnachd.

Stèidhichte air na prògraman sin, tha lionraidhean adhartach aig Alba de shlighean as urrainn do luchd-ionnsachaidh gabhail gus gluasad air adhart tron t-siostam bhon sgoil gu foghlam adhartach is àrd-ìre agus gu cosnadh. Ged a tha leudachadh mòr air a bhith ann am farsaingeachd nan teisteanasan a bhios daoine òga a' dèanamh ann an sgoiltean, tha a' mhòrchuid de luchd-ionnsachaidh cuideachd a' gabhail teisteanasan nàiseanta stèidhichte air cuspairean.

Tha teisteanasan air an suidheachadh taobh a-staigh an SCQF anns a bheil teisteanasan thar Ìrean 1-12. Tha ìre gach teisteanais a' sealltainn cho doirbh 's a tha an t-ionnsachadh. Ach, chan eil a h-uile teisteanas aig an aon ìre den aon luach. Tha grunn phuingeann creideis aig gach teisteanas anns an fhrèam SCQF. Tha puingeann creideis a' mìneachadh na h-uimhir de dh'ionnsachadh a tha a dhìth gus teisteanas no prògram ionnsachaidh fhaighinn aig ìre SCQF. Mar sin, faodaidh cùrsaichean eadar-dhealaichte

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

aig an aon ìre SCQF a bhith gu math eadar-dhealaichte a thaobh na tha iad ag iarraidh bhon neach neach-ionnsachaidh.

Leugh barrachd mun [Fhrèama eadar-obrachail SCQF](#) an seo.

1.2 Teisteanasan agus an Eaconamaidh

Tha àite mòr aig teisteanasan san eaconamaidh. Bidh a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh a' gluasad a-steach dhan àite-obrach às dèidh na sgoile, colaiste no oilthigh agus tha àiteachan obrach ag atharrachadh gu luath. Thuirt Fòram Eaconamach an t-Saoghail (2020) gur e “àm cruth-atharrachail” a tha seo. Tha iad ag argamaid gu bheil na h-innealan aig a' chomann-shòisealta gus dèiligeadh ri obraichean an latha a-màireach; ùr-ghnàthachadh teicneòlach, dòighean air ath-sgileadh agus àrdachadh sgilean a dhèanamh. Ach, tha iad toirt seachad rabhadh gu bheil na h-oidhirpean gus na ro-innleachdan a chur an sàs gus taic a thoirt do dhaoine “air dheireadh air astar a chruth-atharrachaidh”. Tha iad ag iarraidh “ath-shuidheachadh” leis gu bheil an comann-shòisealta aig a' chrois-rathaid eadar gnìomhan obrach a nì daoine agus gnìomhan obrach a nì innealan agus algairimean. Nam beachd, dh'fhaodadh gun cruthaich na h-atharrachaidhean a tha gu bhith ann comainn-shòisealta nas cothromaiche, nas cearta no gun cruthaich e “ginealaichean caillte de dh'inbhich is de dh'òigridh a thèid a thogail ann an saoghal le barrachd neo-ionannachd, eas-aonta agus comas caillte”.

Tha cothrom againn rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn seo an-dràsta. Bu chòir do theisteanasan luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus a bhith deiseil gus freagairt air feumalachdan eaconamach làithreach agus gus cumadh a thoirt air riatanasan eaconamach san àm ri teachd. Tha dàimh làidir ann eadar feachd-obrach teisteanach

agus fàs eaconamach aig àm nuair a tha mì-chinnt mhòr ann. Agus tha dàimh làidir eadar comann-shòisealta soirbheachail agus comann-shòisealta a tha comasach air seirbheisean poblach àrd-inbhe a thoirt do na saoranaich uile aige. Tha Fòram Eaconamach an t-Saoghail (2020) a' comharrachadh prìomh sgilean agus buidhnean sgilean a tha fastaichean den bheachd a dh'fhàsas nas cudromaiche. Tha iad sin a' gabhail a-steach smaoinachadh breithneachail agus mion-sgrùdadh, fuasgladh cheistean, agus sgilean ann am fèin-stiùireadh, ionnsachadh gnìomhach, ath-leumachd, fulangas streas agus sùbailteachd. Airson a bhith teisteanach airson an àm ri teachd, is iad sin na sgilean a bu chòir cothrom a bhith aig luchd-ionnsachaidh togail, agus bu chòir teisteanasan an cuid choileanaidhean annta aithneachadh.

Ann an cruth-tìre a tha ag atharrachadh gu luath, feumaidh siostam teisteanais is measaidh sam bith a tha iomchaidh airson an àm ri teachd a bhith sùbailte gu leòr gus dèiligeadh gu sgiobalta ri atharrachadh. Tha obair ri dhèanamh le gnìomhachasan agus leis an Riaghaltas gus feumalachdan sgilean san àm ri teachd a chomharrachadh agus bu chòir dhan Riaghaltas obrachadh gu dlùth le gnìomhachasan gus beachdachadh air builean a dh'fhaodadh a bhith ann. Tha dùthchannan air feadh an t-saoghail a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh airson a bhith deiseil airson atharrachadh san àm ri teachd. Mar eisimpleir, ann an Estonia, bidh clann aois bun-sgoile a' sgrùdadh innealan-fuadain. Cuidichidh teisteanasan agus siostaman measaidh a tha air an co-thaobhadh gu math ri curraicealam iomchaidh, a bheir cumhachd do dhaoine, gus dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean àrd-inbhe aig luchd-ionnsachaidh ann an Alba.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

1.3 Comann sòisealta a tha ag atharrachadh

Tha an siostam theisteanasan is measaidh a th' ann aig an àm seo air mòran luchd-ionnsachaidh a fhrithealadh gu math. Ach, bidh luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd a' dol a-steach gu àrainneachd nach eil idir cho cinnteach 's a bha e do luchd-ionnsachaidh nan ginealaichean roimhe. Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) (2022) a' toirt cunntas air meud an atharrachaidh ris a bheil dùil.

“Tha an saoghal a' dol tro chruth-atharrachadh eachdraidheil air mar a tha daoine ag obair, far a bheil iad ag obair agus fiù 's carson a tha iad ag obair. Tha na sgilean a dh'fheumas sinn uile airson a dhol a-steach a dh'obair agus airson adhartas a dhèanamh ann an obair ag atharrachadh cuideachd. Bidh e ro-chudromach cumail oirnn a bhith a' togail na sgilean cearta mar fhreagairt air an atharrachadh seo aig àm nuair a tha an t-àm ri teachd caochlaideach agus a tha a' sìor-atharrachadh. Chan eil teagamh sam bith ann nach tug galar làir-sgaoilte COVID-19 buaidh air an eaconamaidh, margaidh obrach agus comann-sòisealta agus tha dùbhlain eaconamach ùra a' tighinn am bàrr.” (SDS, 2022)

Chan eil na dùbhlain sin mu choinneamh na h-Alba a-mhàin. Tha OECD (2020) ag argamaid gu bheil dlùth-chruinneas agus atharrachaidhean luath ann an teicneòlas a' meudachadh astar nan dùbhlain sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail gu h-eadar-nàiseanta. Tha cothroman an lùib mòran de na dùbhlain cuideachd gus adhartas daonna a thoirt air adhart ach gus an comas sin a thoirt gu buil, “feumaidh saoranaich a bhith uidheamaichte gus dèiligeadh riutha tro fhoghlam de chàileachd àrd agus air a dhealbhadh gu h-ìomchaidh”. (OECD, 2020)

Tha mòran uachdranasan eile a' beachdachadh air atharrachaidhean air na teisteanasan agus air na siostaman measaidh aca (faic Caibideil a Tri). Feumaidh siostam na h-Alba cumail suas ris an atharrachadh seo.

Bho chaidh aithisg Leasachadh Sgilean na h-Alba fhoillseachadh (2022) a thuirt gu bheil “atharrachadh eachdraidheil” gu bhith ann, tha atharrachaidhean nas motha buileach air tachairt. Chaidh “Mòr-chaochladh a' Ghnìomhachais dhan Inntinn Daonna” (the Industrial Revolution for Human Intellect) a chur air leasachaidhean bho chionn ghoirid ann an AI (Soral, 2023). Tha astar an atharrachaidh a' dol am meud. Bha 1 millean neach-cleachdaidh aig ChatGPT 5 latha às dèidh dha a bhith air fhoillseachadh. Gus sin a chur na cho-theacsa, thug e 3½ bliadhna do Netflix 1 millean neach-cleachdaidh a ruighinn, Twitter 2 bhliadhna agus Facebook 10 mìosan (Ahmad, 2023).

Sa Chèitean 2023, thog Geoffrey Hinton, prìomh eòlaiche ann an cruthachadh AI draghan mu na bha e a' faicinn mar chunnartan a bha a' sìor thighinn am bàrr bho leasachadh AI a dh'fhaodadh coileanadh nas fheàrr na daoine. Ann an agallamh leis a' BhBC (BBC News, 2 Cèitean 2023), rinn Hinton an argamaid gu bheil AI, a tha na shiostam didseatach, gu math eadar-dhealaichte ri inntinn daonna. Faodaidh gach Chatbot AI ionnsachadh fa leth a dhèanamh ach faodaidh iad an cuid eòlais a cho-roinn leis a h-uile Chatbot eile. Thuirt e gun robh e coltach ri suidheachadh far am biodh 10,000 daoine ann, agus nuair a dh'ionnsaicheadh aon duine rudeigin, gum biodh am fiosrachadh sin aig na 10,000 daoine uile sin anns a' bhad. Ged a tha e fhathast aig ìre thrath, tha a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig AI air cosnadh san àm ri teachd ri fhaicinn mar-thà. Air 1 Cèitean, dh'ainmich Àrd-oifigear IBM, Arvind Krishna, gu bheil iad an dùil gun tèid stad a chur air fastadh dhaoine airson dreuchdan a dh'fhaodadh AI a dhèanamh anns na bliadhnaichean ri teachd.

Tha a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig AI air teisteanasan agus measadh air a bhith gu sònraichte inntinneach dhaibhsan a tha ag obair ann am foghlam. Tha diofar bheachdan ann mun bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig AI air deuchainnean agus obair-cùrsa. Dh'aithris Schools Week (Booth, 2023) ann an aithris do ASCL (Comann Stiùirichean Sgoile is Colaiste)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

ann an Sasainn air 10 Màrt 2023, gun do rinn an Dr Jo Saxton, Prìomh Riaghladair OFQUAL (Oifis Theisteanasan is Sgrùdaidhean) an argamaid gun robh botaichean AI mar ChatGPT a' fàgail gu bheil deuchainnean le luchd-faire nas cudromaiche na bha iad riamh agus thuirt i nam biodh i a' ruith ionad foghlaim, gum biodh oileanaich a' dèanamh obair-cùrsa mar a dhèanadh iad deuchainnean. Air an làimh eile, mhol Ceannard a' Bhaccalaureate Eadar-nàiseanta (IB) gum bu chòir ionnsachadh gabhail ri AI, gun a bhith a' cur casg air a bhith ga chleachdadh no a bhith ag atharrachadh nàdar prògram an IB a tha a' gabhail a-steach obair cùrsa. Tha e ag argamaid:

"Tha an IB den bheachd gum bi teicneòlas AI na phàirt de ar beatha làitheil - leithid dearbhadairean litreachaidh, bathar-bog eadar-theangachaidh agus àireamhairean. Feumaidh sinn, mar sin, na prògraman foghlaim agus na cleachdaidhean measaidh againn atharrachadh gus an urrainn do dh'oileanaich na h-innealan AI ùra sin a chleachdadh gu beusach agus gu h-èifeachdach."

Bithear a' bruidhinn nas doimhne air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig AI air foghlam na h-Alba ann an Caibideil a Ceithir. Ach, chan eil teagamh sam bith nach eil atharrachaidhean mòra a' dol air adhart mar-thà air feadh a' chomainn-shòisealta. Ge b' e dè cho èifeachdach 's a bha an dòigh-obrach a bha againn roimhe airson theisteanasan is measaidh, bhiodh e na chunnart mòr nan gabhamaid ris gum biodh siostam a bha freagarrach san àm a dh'fhalbh fhathast iomchaidh do dh'Alba san àm ri teachd.



1.4 Buaidh COVID-19

Bha buaidh COVID-19 air Teisteanasan Nàiseanta na phrìomh adhbhar airson an Lèirmheis seo. Tha Hayward et al (2023) ag aithris, nuair a bhual an galar lèir-sgaoilte ann an seisean 2019–2020 agus gun do dhùin sgoiltean, agus nach robh e comasach na deuchainnean nàiseanta agus an obair-cùrsa a thoirt seachad, gum feumadh dòighean eile a lorg gu sgiobalta gus fianais a chruinneachadh gus nach biodh cus cron ann do luchd-ionnsachaidh. Dh'iarr an SQA air tidsearan is òraidichean, le taic bho stiùireadh nàiseanta agus ùghdarrasan ionadail, an dà chuid ìrean thuairmsichte (A, B, C no D) agus òrdugh rangachaidh a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bha a' dèanamh chùrsaichean Nàiseanta 5, Àrd Ìre agus Àrd-ìre Adhartach. Rinn SQA modaratadh air na tuairmsean sin a' cleachdadh algairim stèidhichte air dàta coileanadh eachdraidheil agus air breithneachadh an neach-deuchainn. Mar thoradh air a' phròiseas modarataidh seo, rinneadh atharrachadh air fichead 's a sia sa cheud de thuairmsean ìre (Hayward et al, 2023).

Bha am pròiseas a bha air a phlanadh airson buileachadh theisteanasan a' gabhail a-steach cothrom ath-thagraidh a dhèanamh, far am b' urrainn do sgoiltean is colaistean fianais a thoirt seachad gus cur an-aghaidh co-dhùnadh sam bith gus ìre na b' ìsle a thoirt seachad. Ach, nuair a fhuair luchd-ionnsachaidh na toraidhean sealach aca, air 4 Lùnastal 2020, bha ùpraid phoblach ann. Bhathar den bheachd gun robh cleachdadh dàta eachdraidheil air leth-bhreith a dhèanamh air luchd-ionnsachaidh ann an sgìrean a bha fo ana-cothrom. A' freagairt dragh a' phobaill, thug Riaghaltas na h-Alba stiùireadh do SQA tuairmsean tidsear no òraidiche ath-shuidheachadh. Chaidh an stiùireadh seo a chur an sàs mus robh cothrom ann ìre ath-thagraidh a' phròiseas tagraidh a chur an gnìomh.

Às dèidh nan duilgheadasan le teisteanasan ann an 2020, bharrantaich Riaghaltas na

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

h-Alba Lèirmheas Luath Neo-eisimeileach (Priestley et al, 2020). Thug Lèirmheas Priestley grunn mholaidhean seachad a bha buntainneach dhan Lèirmheas seo, a' gabhail a-steach gun robh feum air follaiseachd a bharrachd, barrachd co-obrachadh agus com-pàirteachadh (gu sònraichte le òigridh), siostam co-rèireach airson modaratadh agus gluasad gu siostam didseatach.

Mar thoradh air a' ghalair lèir-sgaoilte a' leantainn tro 2020-21 chaidh deuchainnean a chur dheth ann an 2021. Mar thoradh air na chaidh ionnsachadh sa bhliadhna roimhe, chaidh dòigh-obrach eile a chruthachadh, am Modail Teisteanais Eadar-dhealaichte (Alternative Certification Model - ACM). Chaidh iarraidh air tidsearan is òraidichean fianais a thoirt seachad gus breithneachaidhean rangachaidh fhiosrachadh, mar eisimpleir coileanadh sgoilear ann an obair-clas no pìosan obrach eile. Bha nàdar a' ghalair lèir-sgaoilte a' ciallachadh gun robh an clàr-ama airson a bhith a' buileachadh an ACM goirid. Chaidh innse do thidsearan agus luchd-ionnsachaidh sa Ghearran gum biodh an ACM air a chleachdadh mus deach comharraidhean a thoirt seachad sa Chèitean. Chaidh modaratadh a dhèanamh le sgoiltean, colaistean agus ùghdarrasan ionadail. Rinn SQA sampalladh de dh'fhianais mar ìre a bharrachd de bharantachd càileachd. Rinn SQA measadh air an ACM (SQA, 2021) agus fhuair iad a-mach gun robh diofar bheachdan ann a thaobh dòigh-obrach an ACM bhon chom-pàirteachadh a rinn an SQA le luchd-ionnsachaidh is luchd-teagaisg.

Dh'aithris luchd-teagaisg gun robh dùbhlain ann a thaobh eallach-obrach co-cheangailte ri pròiseasan modarataidh, a bha gu math dian nam beachd, agus a thaobh clàran-ama buileachaidh goirid. Ach, bha an dòigh-obrach a' còrdadh ri mòran, ged nach robh e a' còrdadh riutha uile. Thuirt tòrr luchd-teagaisg gun robh iad a' toirt taic do ACM ach thug iad fa-near gum biodh clàr-ama na b' fhaide air a dhèanamh na b' fhasa a chur an gnìomh.

"Bu thoil le sgoilearan a chaidh tron mhodail ACM am modail sin. Bu mhath leotha sgaradh 50/50 airson measadh leantainneach agus

deuchainn dheireannach, gus nach biodh a h-uile rud an urra ri mar a choileanadh iad air aon latha." (Àrd-sgoil Pàirc an Rìgh, Luchd-obrach agus Luchd-ionnsachaidh)

Chan e deagh mhodail atharrachaidh a th' ann a bhith a' dèiligeadh ri èiginn galar lèir-sgaoilte, ach cha robh am modail theisteanasan ann an Alba, agus gu dearbh air feadh na RA, làidir gu leòr gus dèiligeadh ri buaidh COVID-19. Bha mòran nas lugha de bhuaireadh aig dùthchannan eile le dòighean-obrach eadar-dhealaichte a thaobh theisteanasan, mar eisimpleir, far an robh luchd-ionnsachaidh a' cosnadh creideas thar ùine agus/no far an do chuir eileamaid chudromach de mheasadh a-staigh ris an duais iomlan. Ann an Alba, chuir suidheachadh COVID-19 às do mhisneachd san t-siostam theisteanasan. Bha deuchainnean a bha gu traidiseanta air am meas cothromach a-nis air am faicinn le cuid mar dheuchainnean a bha a' dèanamh leth-bhreith air an fheadhainn aig an robh na dùbhlain sòisio-eaconamach as motha.

Ged nach eil aonta ann mun ìre is gun robh am pròiseas theisteanasan aig àm COVID-19 mì-chothromach, lean am beachd gun robh an siostam theisteanasan air leth-bhreith a dhèanamh air luchd-ionnsachaidh bho theaghlachan bochda agus lagaich seo earbsa san t-siostam. Mar thoradh air dragh farsaing mu Theisteanasan Nàiseanta, chaidh Lèirmheas Neo-eisimeileach OECD air CfE (OECD, 2021) a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach fòcas sònraichte air teisteanasan san Ìre as Àirde (Stobart, 2021).



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

1.5 Aithisgean an OECD agus an Argamaid airson Atharrachadh

Chaidh dà aithisg aig an OECD mu fhoghlam ann an Alba fhoillseachadh ann an 2021. Dh'aithnich a' chiad aithisg, 'Scotland's Curriculum for Excellence - Into the Future' (2021) Alba mar thè de na ciad dhùthchannan a dhealbhaich curraicealam a bha a' coimhead ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus ri feumalachdan na h-Alba mar chomann-sòisealta san 21mh linn. Às dèidh cha mhòr 20 bliadhna:

“Tha CfE fhathast na iomairt dhàna aig a bheil taic fharsaing, agus tha an dealbhadh aige a' tabhann na sùbailteachd a dh'fheumar gus ionnsachadh oileanach a leasachadh barrachd.” (OECD, 2021)

Ach, thuirt iad, gun robh obair a dhith gus comas CfE a thoirt gu buil san Ìre às Àirde:

“Feumar cuideachd an structar, na cleachdaidhean ionnsachaidh agus modhan measaidh san Ìre as Àirde atharrachadh gus am bi iad co-chòrdail ri lèirsinn CfE, agus gus am faighear cothrom air an eadar-ghluasad curraicealaim rèidh a thathar a' gealltainn bho 3 gu 18.”

Chaidh an dàrna Lèirmheas neo-eisimeileach aig an OECD a dhèanamh leis an Àrd-ollamh Gòrdan Stobart: 'Upper-secondary education student assessment in Scotland: A comparative perspective' (2021). Dh'fheuch e ris na h-adhbharan airson “a' mhì-thaobhadh” a bhathar a' faicinn eadar curraicealam agus measadh san Ìre as Àirde a thuigsinn agus gus comharrachadh far am faodadh atharrachadh piseach a thoirt air cùisean.

Fad còrr is ceud bliadhna, tha deuchainnean Àrd-ìre air a bhith nan comharra air àrd choileanadh, uaireannan gam faicinn mar "ìre òir" de choileanadh acadaimigeach. Bidh mòran dhaoine ann an Alba, mar eisimpleir, pàrantan agus fastaichean, a' cuimhneachadh air na dh'fhiosraich iad fhèin ann am foghlam

agus a' cleachdadh seo mar shlat-tomhais airson cleachdaidhean làithreach.

Ann an cultaran a tha fo bhuaidh traidiseanan agus luachan curraicealaman na RA, thathar gu tric den bheachd gur ionnan teisteanasan agus deuchainnean (Stobart, 2021). Gu tric, is e “na deuchainnean” a chanar ris na teisteanasan nàiseanta, fiù 's ged a bha iad a' gabhail a-steach raon de dhòighean measaidh a bharrachd air sgrùdadh bhon taobh a-muigh fiù 's ro ChOVID-19, mar eisimpleir, pròiseactan, aistidhean, eadar-obrachadh beòil, oibseactan. Ann an uachdranasan laghail eile, tha traidiseanan eadar-dhealaichte. Tha glè bheag de dheuchainnean foirmeil aig cuid de dhùthchannan (faic Caibideil a Tri).

A' togail air na tùsan fianais seo, rinn Stobart (2021), acadaimigeach measaidh le cliù eadar-nàiseanta a tha air a bhith ag obair ann an rannsachadh, poileasaidh agus cleachdadh, còig molaidhean airson atharrachaidhean air foghlam às dèidh aois 16 ann an Alba:

- sgrùdadh a dhèanamh air teisteanas ceumnachaidh sgoile a chur an àite deuchainnean aig aois 16;
- siostam measaidh àrd-sgoile nas seasmaiche a chruthachadh aig ceann shuas na h-àrd-sgoile;
- co-thaobhadh measaidh nas fheàrr a shireadh leis a' churraicealam agus le oide-eòlas tro bhith a' leudachadh dhòighean measaidh;
- sgrùdadh siostamatach a dhèanamh air beachdan agus smaointean nan sgoilearan/oileanaich mu dòighean-obrach measaidh, agus;
- barrachd leasachaidh a dhèanamh air àite theisteanasan teicnigeach, dreuchdail agus proifeiseanta ann a bhith a' leudachadh a' churraicealaim.

Chuidich na molaidhean seo le bhith a' cruthachadh nan Cumhachan Iomraidh airson an Lèirmheis seo. Tha freagairt an Lèirmheas do na Cumhachan Iomraidh air a taisbeanadh ann an Caibideil a Sia.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Tha an fharsaingeachd de dhiofar adhbharan airson teisteanasan, cho cudromach 's a tha e do dhaoine fa-leth, do dh'institiudan agus dhan chomann-shòisealta san fharsaingeachd, agus leis gu bheil beachdan mun deidhinn freumhaichte gu domhainn ann an cultar a' chomann-shòisealta, a' fàgail gu bheil teisteanasan gu math duilich atharrachadh - ann an Alba, air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta. Mas e is gu bheil atharrachadh a dhith, feumar cnuasachadh gu faiceallach air mar a nìtear planadh air a shon. (Faic Caibideil a còig)

“Mar as trice bidh siostaman measaidh ag atharrachadh mean air mhean. Dh'fhaodte gum bi bacaidhean air atharrachadh radaigeach, gu ìre, mar phàirt de mhì-dheòin shòisealta a bhith ag atharrachadh siostam stèidhichte. Nuair a tha siostam air a bhith an sàs fad ghinealaichean, tha pàrantan, luchd-dèanamh phoileasaidhean agus tidsearan uile eòlach air agus a' cur luach ann - ged nach biodh e iomchaidh tuilleadh.” (Stobart, 2021, td30)



1.6 An Curraicealam airson Sàr-mhathais agus an Ìre as Àirde ann an Sgoiltean agus Colaistean

Bha daoine a tha ag obair ann am foghlam na h-Alba gu math eòlach air an tuairisgeul air foghlam na h-Alba a thug an OECD seachad. Tha teisteanasan agus measadh san Ìre as Àirde air fàs gu math eadar-dhealaichte ris na bhathar an dùil ann an làithean tràtha CfE. Thug 'Building the Curriculum 5: a framework for assessment' (2011) seachad an stiùireadh nàiseanta tùsail air measadh agus teisteanasan.

“Bu chòir an curraicealam san Ìre as Àirde a bhith air a dhealbh gus prionnsapalan dealbhaidh curraicealaim agus na còraichean dhan a h-uile neach-ionnsachaidh a tha air am mìneachadh ann am Building the Curriculum 3 a choileanadh agus bu chòir na ceithir taobhan den churraicealam a ghabhail a-steach (feallsanachd agus beatha na sgoile mar choimhearsnachd, raointean curraicealaim agus cuspairean, ionnsachadh eadar-chuspaireil agus cothroman airson coileanadh pearsanta). (td16)

Bha na h-amasan tùsail aig CfE soilleir. Ann an sgoiltean agus colaistean na h-Alba, tha raointean curraicealaim, cuspairean agus prògraman ionnsachaidh nam bunaitean-togail air a bheil foghlaim stèidhichte. Tha iad a' riochdachadh diofar dhòighean air an saoghal fhaicinn agus tha iad nam pàirt riatanach de dh'fhoghlam ann an Alba dhan luchd-ionnsachaidh air fad. Bha CfE, mar a chaidh a dhealbhadh, ag aithneachadh a' phrìomh àite a tha aig cuspairean ann am foghlam ach rinn e argamaid airson barrachd. Bu chòir dhan churraicealam mar a dh'fhiosraicheas gach neach-ionnsachaidh e a bhith a' gabhail a-steach cothroman gus raointean curraicealaim agus cuspairean a sgrùdadh ann an doimhneachd ach bu chòir dhaibh cuideachd a bhith a' gabhail a-steach conaltradh leis an sgoil mar choimhearsnachd, cothroman faighinn a-mach mar a tha

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

ionnsachadh ceangailte thar diofar raointean den churraicealam agus cothroman air ionnsachadh fa leth tro choileanadh pearsanta. Bu chòir na chaidh a mhineachadh mar “teisteanasan an ath ghinealach” a tha SQA agus solaraichean eile a’ tabhann, a bhith a rèir luachan agus miannan CfE.

Dh’fheuch dealbhadh tùsail nan teisteanasan ùra ri co-thaobhadh nas fheàrr a thoirt seachad eadar an curraicealam agus teisteanasan. Chaidh na Teisteanasan Nàiseanta a dhealbhadh agus fianais a chruinneachadh mu dè am fios agus dè an tuigse a th’ aig luchd-ionnsachaidh agus air na sgilean agus comasan aca. Bha teisteanasan a’ gabhail a-steach raon farsaing de dhòighean-obrach a thaobh measaidh. Bha diofar dhòighean air fianais a thogail a rèir cuspair, mar eisimpleir, bha ealain agus dealbhadh a’ gabhail a-steach folio obrach agus bha fiosaigs a’ gabhail a-steach pròiseact saidheansail. Chaidh co-dhùnaidhean mu nàdar nan teisteanasan a dhèanamh le pannalan de dh’eòlaichean cuspair, stèidhichte air na bha iad a’ faicinn mar an dòigh a b’ fheàrr air coileanadh luchd-ionnsachaidh sa chuspair a dhearbhadh. Chaidh sgilean agus comasan a dhèanamh nam pàirt de na prògraman ionnsachaidh agus chaidh an aithneachadh sna duaisean. Ach chaidh iarraidh air SQA Aonadan a thoirt air falbh à Cùrsaichean Nàiseanta an aghaidh Comhairle an SQA, oir bha an dealbhadh measaidh tùsail air a cho-thaobhadh ri Togail a’ Churraicealaim 5.

Às dèidh suidheachadh COVID ann an 2019, dh’aithris aithisg Priestley (2020) air suidheachadh gu math eadar-dhealaichte san Ìre as Àirde bho na bha luchd-cruthachaidh CfE an dùil. Fhuair na co-dhùnaidhean sin taic às dèidh sin bho fhianais a thàinig am bàrr san Lèirmheas bho luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus fastaichean. Bha na dh’fhiosraich mòran luchd-ionnsachaidh air CfE gu tur stèidhichte air cuspairean. Cha robh mòran mothachaidh aca air na sgilean a bhathar a’ togail tro na teisteanasan aca agus cha robh mòran chothroman aca a dhol an sàs ann an ionnsachadh thar chuspairean. Dh’aithris iad gun robh mòran de na h-eòlasan ionnsachaidh aca san Ìre as Àirde ath-aithriseach agus

foirmleach. Bha iad den bheachd nach robh e cho cudromach a bhith a’ sealltainn an eòlais a bh’ aca no a bha iad a’ tuigsinn ’s a bha e bhith a’ cleachdadh fhaclan sònraichte ann am freagairt no a bhith a’ leantainn pàtran freagairt ro-shuidhichte, mar eisimpleir, aithris a dhèanamh, cuòt a chur ann gus taic a chumail ris agus seantans a’ sgrìobhadh a’ toirt iomradh air an aithris agus an cuòt. Dh’aithris mòran de luchd-ionnsachaidh gun robh ìrean àrda de dh’uallach orra.

Chaidh aithris air toraidhean coltach ri seo cuideachd ann an Lèirmheas Muir (2022) agus anns an Deasbad Nàiseanta (2023). Nochd Angela Morgan (2018) dragh san lèirmheas aice ‘Support for Learning: All Our Children and all their Potential’ mun “aithris mu choileanadh agus na beachdan gum bu choir dhan t-siostam a bhith air a chur air dòigh gus na coileanaidhean sònraichte aig clann is daoine òga aithneachadh a tha a’ dol nas fhaide na teisteanasan SQA.” (Morgan, 2018, p114)

Dh’aithris Morgan (2018) gun robh luchd-ionnsachaidh le Feumalachdan Taic a Bharrachd gu tric ga fhaighinn doirbh cothrom fhaighinn air rèiteachaidhean measaidh eile agus gun robh na rudan sin còmhla a’ toirt droch bhuaidh air an sunnd agus an cuid foghlaim. Thuirt cuid de luchd-ionnsachaidh nach robh an siostam dùbhlanaich gu leòr dhaibh.

“Leis an fhìrinn innse, cha robh mi a’ faireachdainn gun robh dùbhlanaich acadaimigeach romham san àrd-sgoil.” (Neach-ionnsachaidh, SNAP – Scottish Network for Able Pupils)

Dh’aithris ceannardan-sgoile gun robh an fhianais a chaidh a chruinneachadh airson breithneachadh air càileachd an fhoghlaim ann an sgoiltean, tomhasan cunntachalachd (accountability metrics), a’ stiùireadh giùlain ann an sgoiltean. Bha sgoiltean a’ faireachdainn nach biodh iad air am meas a rèir dè cho math ’s a bha iad a’ coileanadh fheumalachdan gach neach-ionnsachaidh ach a rèir cia mheud neach-ionnsachaidh a choisinn teisteanasan Nàiseanta 5 agus Àrd-ìre. Chaidh aithris gun deach comhairle a thoirt do luchd-ionnsachaidh uaireannan teisteanasan a

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



ghabhail a bhiodh na b' luachmhoire airson stadastaireachd na sgoile seach an fheadhainn a b' fheàrr a fhreagras air an cuid neartan. Thuir luchd-ionnsachaidh gu tric is gu minig gun robh cus dheuchainnean aca. Gu dearbha, nochd mòran thidsearan, luchd-ionnsachaidh agus pàrantan draghan mu na trì bliadhna às dèidh a chèile de dheuchainnean san Ìre as Àirde,

Dh'aithris tidsearan gun robh cuideam daonnan orra "faighinn tron churraicealam" ann an sreath de "chabhagan dà-theirm". Bha mòran thidsearan agus luchd-ionnsachaidh nach robh riarachaidh le teisteanasan mar a bha iad air an teagasg agus air an ionnsachadh san Ìre as Àirde, le glè bheag de dh'ionnsachadh domhainn ann an sgoiltean agus seòmraichean-teagaisg, dìreach faireachdainn gun robh daoine ann an siostam a bha air a ruith gus dòighean a tha a' sior fhàs nas èifeachdaiche a lorg gus ro-aithris mar a nì daoine ann an deuchainn agus gus practas faighinn airson deuchainnean. Tha ionnsachadh daonnan a' gabhail a-steach cleachdadh agus tha e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn mar a tha deuchainnean ag obair agus mar a nì iad gu math annta. Tha seo cudromach ach aig a' cheann thall, ma nithear cus dheth seo, fàsaidh e gu bhith na phrìomh fhactar ann an ionnsachadh agus teagasg, nì e caolachadh air a' churraicealaim agus bidh e a' dì-mhisneachadh luchd-ionnsachaidh. Sin

an suidheachadh an-dràsta ann an Alba mar a chaidh aithris le àireamhan mòra de luchd-ionnsachaidh, tidsearan agus pàrantan/luchd-cùraim.

Tha na modhan measaidh a thathar a' cleachdadh ann an colaistean agus oilthighean air atharrachadh gu mòr anns na bliadhnaichean mu dheireadh. Tha deuchainnean fhathast nam pàirt den chruth-tìre ach tha tòrr a bharrachd cuideam aig iomadh cùrsa air dòighean eile gus fianais coileanaidh a thrusadh, mar eisimpleir, aistean, pròiseactan (aig daoine fa leth agus aig buidhnean), measadh beòil, fèin-mheasadh is measadh co-leithid, taisbeanaidhean postair. Bidh luchd-fastaidh, a' cleachdadh raon nas fharsaing de dhòighean gus fianais a chruinneachadh mu ionnsachadh luchd-obrach leithid; measadh didseatach freagairteach air-loidhne, gnìomhan buidhne, firinn leasaichte. Anns na Tràth-bhliadhnaichean, sa bhun-sgoil agus anns na bliadhnaichean tràtha de dh'fhoghlam àrd-sgoile, thathar a' cleachdadh raon farsaing de mhodhan measaidh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh agus gus adhartas a thogail. Ann an iomadh dòigh, is e foghlam aig ceann shuas na àrd-sgoile a tha a-mach à rian leis a' chòrr de dh'fhoghlam.

1.7 Gèarr-chunntas

Tha argamaid làidir ann gum feum an siostam theisteanasan is measaidh a th' againn ann an Alba aig an àm seo atharrachadh. Tha fianais a tha a' cumail taic ris an t-seasamh seo a' gabhail a-steach:

- mion-sgrùdadh air na tha an dàn dhan chomann-shòisealta ann an h-Alba ann an co-theacs cruinneil far am bi siostam theisteanasan is measaidh nas sùbailte a dhith mar thoradh air astar an atharrachaidh gus leigeil leis an t-siostam foghlaim dèiligeadh ri suidheachaidhean a tha ag atharrachadh gu luath;

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- na chaidh ionnsachadh bho ChOVID-19, na dùbhlain nach bu bheag mu choinneamh an t-siostaim ann a bhith a' freagairt air a' ghalar lèir-sgaoilte agus ceistean mu chothromachd a thàinig às na toraidhean;
- rannsachadh nàiseanta agus aiseagan eadar-nàiseanta air foghlam na h-Alba a' cur cuideam air na beàrnan eadar àrd-amasan a' churraicealaim ann an Alba agus na dh'fhiosraicheas luchd-ionnsachaidh, gu sònraichte ann an Teisteanasan Nàiseanta. Tha dùthchannan eile air cùisean coltach ri seo aithneachadh cuideachd agus tha iad air a bhith a' cur ath-leasachaidhean an gnìomh air na siostaman theisteanasan aca;
- lèirmheasan agus aiseagan a tha a' faighneachd a bheil an siostam làithreach a' frithealadh air luchd-ionnsachaidh gu cothromach agus ag aithneachadh agus a' cur luach iomchaidh air na coileanaidhean aca san fharsaingeachd, agus;
- beàrnan a chaidh a chomharrachadh le fastaichean eadar bunait sgilean an luchd-ionnsachaidh a tha a' fàgail na h-Ìre as Àirde aig an àm seo agus na sgilean a dh'fheumar gus an eaconamaidh a chuideachadh gus fàs agus an comann-sòisealta san fharsaingeachd gus soirbheachadh.

Bha an Lèirmheas Neo-eisimeileach ag amas air sgrùdadh a dhèanamh air mar as fheàrr a dh'fhaodadh Alba dèiligeadh ris na dùbhlain sin. Mar phàirt den phròiseas Ath-leasachaidh nas fharsainge ann an Alba, chomharraich Aithisg Muir (2022) mar bu chòir siostam foghlaim na h-Alba atharrachadh gus taic nas èifeachdaiche a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus do thidsearan. Leis an tiotal, 'Putting Learners at the Centre', chomharraich an aithisg gum feumadh Foghlam na h-Alba na rudan as cudromaiche aithneachadh; luchd-ionnsachaidh agus càileachd an cuid foghlaim. Bu chòir sunnd luchd-ionnsachaidh a bhith mar phrìomh dhleastanas airson gach siostam agus structar ann an co-theacs nan adhbharan a tha air am mineachadh ann an Artaigil 29 den UNCRC (1989). Ach, gus an tachradh sin, bha Muir (2022) den bheachd gum feumadh siostam foghlaim na h-Alba atharrachadh. Tha:



"feum air atharrachadh cultarail agus inntinn cudromach aig gach ìre. Feumaidh seo a bhith stèidhichte air Lèirsinn choitcheann ris a bheil a h-uile neach-ùidh air aontachadh, a tha a' cur prìomh fhòcas air luchd-ionnsachaidh agus air na feumalachdan eadar-mheasgte aca." (Muir 2022, td14)

Bha na cuspairean sin mar thoiseach tòiseachaidh dhan Lèirmheas Neo-eisimeileach seo: am feum siostam teisteanais is measaidh san àm ri teachd a chomharrachadh a bhiodh a' frithealadh luchd-ionnsachaidh agus Alba mar chomann-sòisealta gu math agus a bhith air a chur an sàs ann an dòigh a bhiodh a chomharraicheadh atharrachadh cultair. Bhiodh sin a' ciallachadh a bhith a' cur luchd-ionnsachaidh aig cridhe chùisean agus a' cruthachadh, am measg an luchd-ùidh air fad, Lèirsinn choitcheann airson theisteanasan agus measadh san àm ri teachd.

Moladh 1: Atharraich Teisteanasan agus Measadh san Ìre an Àirde ann an Alba. Feumaidh atharrachadh a bhith air a dhealbhadh gu faiceallach agus air a ghoireasachadh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

1.8 Geàrr-chunntas air an Aithisg seo

- Tha Caibideil a Dhà den aithisg seo a' toirt cunntas air na dòighean anns an robh an Lèirmheas Neo-eisimeileach ag amas air a h-uile coimhearsnachd aig a bheil ùidh ann an teisteanasan agus measadh san àm ri teachd a thoirt a-steach.
- Tha Caibideil a Trì a' coimhead taobh a-muigh na h-Alba gus beachdachadh air mar a tha dùthchannan eile a' dèiligeadh ris an dùbhlán a bhith a' cruthachadh theisteanasan agus siostaman measaidh a tha iomchaidh dhan àm ri teachd agus mar a dh'fhaodadh cleachdadh ann an àiteachan eile a bhith buntainneach do dh'Alba.
- Tha Caibideil a Ceithir, a tha a' tarraing air an fharsaingeachd de thùsan is de dh'fhianais air an deach cunntas a thoirt sna Caibideilean roimhe, a' cur air adhart na Lèirsinn agus nam Prionnsabalan airson teisteanasan agus measadh ann an Alba san àm ri teachd agus a' moladh dòigh-obrach ùr.
- Tha Caibideil a Còig a' cur air adhart mapaslighe a' sealltainn mar a dh'fhaodadh siostam foghlaim na h-Alba agus comann-sòisealta na h-Alba san fharsaingeachd gluasad bho chleachdadh làithreach gu siostam ùr. Tha an earrann seo den Aithisg a' comharrachadh nas urrainn do dhiofar choimhearsnachdan cur ri buileachadh Lèirsinn is Prionnsabalan an Lèirmheis, agus tha e a' comharrachadh nam buaidhean a bhiodh aig an atharrachadh air stòrasan.
- Ann an Caibideil a Sia tha liosta ann de mholaidhean airson theisteanasan agus measadh ann an Alba san àm ri teachd.

Chan aontaich a h-uile duine ris a h-uile rud san aithisg seo. Ach, tha na thathar a' moladh a' faighinn taic fharsaing taobh a-staigh agus taobh a-muigh na Buidhne Lèirmheis Neo-eisimeilich.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

2. Ag Atharrachadh Cultar an Fhoghlaim an Alba: Dòigh-obrach an Lèirmheis

2.1 Modail Atharrachaidh na h-Iomlanachd

Bha an Aithisg Putting Learners at the Centre (Muir 2022) a' moladh gum biodh atharrachadh cultair ann am foghlam na h-Alba. An toiseach, a rèir an UNCRC (1989), bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith aig cridhe cho-dhùnaidhean. San dàrna h-àite, thuirt an aithisg nach tèid àrd-amasan foghlam na h-Alba a thoirt gu buil ach a-mhàin ma tha a h-uile coimhearsnachd deònach obrachadh còmhla. Dh'aithnich an t-Àrd-Ollamh Muir nach biodh atharrachadh domhainn agus brioghmhor comasach gus am biodh e air aithneachadh gu bheil soirbheachas ath-leasachadh sam bith an urra ri gnìomhan gach neach a tha ceangailte ris. Ann an oidhirp molaidhean an Àrd-ollaimh Muir a leantainn, tha an Lèirmheas seo air ro-innleachd conaltraidh a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman brioghmhor ann do gach neach a tha airson cur ris an obair.

Tha an dòigh-obrach a thaobh com-pàirt tron Lèirmheas seo air fad stèidhichte air Modail Atharrachaidh na h-Iomlanachd - Integrity Model of Change, (Hayward & Spencer, 2010) a tha a' toirt aire do thrì raointean co-cheangailte is eadar-obrachail:

Iomlanachd Foghlaim - am feum gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman foghlaim agus cothroman beatha nas fheàrr ann do gach neach-ionnsachaidh mar thoradh air na nithear, m.e., gu bheil air a stiùireadh le poileasaidh, cleachdadh agus rannsachadh.

Iomlanachd Pearsanta is Proifeiseanta - cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine aig a bheil pàirt ann an soirbheas an ùr-ghnàthachaidh an sàs ann an dealbhadh agus leasachadh, ag aithneachadh agus a' cur luach air a' phàirt ro-chudromach a bhios aig gach neach.

Iomlanachd Shiostamach - am feum gus dèanamh cinnteach gu bheil na diofar phàirtean den t-siostam air an aon rèir gus taic a thoirt dhan ath-leasachadh. Feumaidh luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim, an Riaghaltas, na buidhnean nàiseanta, comainn phroifeiseanta, coimhearsnachdan ionadail, tidsearan, solaraichean foghlaim, colaistean, fastaichean agus oilthighean, uile taic ghnìomhach a thoirt dhan phròiseas atharrachaidh ma tha an t-ath-leasachadh gu bhith soirbheachail.

► The Integrity Model of Change



Hayward & Spencer (2010), UNESCO (2020), OECD (2021), NEU, 2021)

Clàr 1: Modail Atharrachaidh na h-Iomlanachd

Feumaidh ùr-ghnàthachadh sam bith a tha ag amas air atharrachadh a stiùireadh a tha domhainn, brioghmhor agus seasmhach aire a thoirt do ghrunn fheartan. Gu tric bidh atharrachadh a' cuimseachadh air na dh'fheumas atharrachadh agus, gu dearbh, tha sin deatamach. Ach, tha e a cheart cho cudromach beachdachadh air carson a tha an t-atharrachadh cudromach, ciamar a dh'fhaodar a choileanadh agus cuin a dh'fhaodadh e tachairt, mar eisimpleir, cò ris a bhiodh clàr-ama pragmatach agus so-ruigsinneach coltach. Ann an co-theacs an Lèirmheis seo, feumar an argamaid a dhèanamh gu bheil atharrachadh theisteanasan agus measadh cudromach an dà chuid do luchd-ionnsachaidh fa leth agus do chomann-sòisealta na h-Alba gu h-iomlan.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Mu dheireadh, ma tha atharrachadh gu bhith seasmhach, tha an Lèirmheas air comharrachadh dè dh'fheumas a bhith eadar-dhealaichte san t-siostam foghlaim san fharsaingeachd gus taic a chumail ri ùr-ghnàthachadh ann an cleachdadh, m.e. cunntachalachd, Sgrùdadh agus ITE.

Bha dealbhadh an Lèirmheis Neo-eisimeilich ag amas air dèiligeadh ri gach fear de na trì tomhasan den mhodail atharrachaidh.

2.1.1 Iomlanachd Foghlaim

An toiseach, gus Iomlanachd Foghlaim a thogail, thòisich an Lèirmheas Neo-eisimeileach air obair le fòcas air luchd-ionnsachaidh. B' e a' chiad ghnìomh aig an Lèirmheas aithris a chruthachadh air Lèirsinn agus Prionnsapalan a dh'fhaodadh a bhith ann airson Teisteanasan is Measadh na h-Alba san àm ri teachd. Dh'obraich co-oibrichean bho Phàrlamaid Òigridh na h-Alba agus bho Phàrlamaid na Cloinne còmhla rinn gus dreachd aithris air Lèirsinn is Prionnsapalan a chruthachadh mar thoiseach tòiseachaidh dhan Lèirmheas.

Bha trì ìrean de cho-chomhairle ann às dèidh seo. Bha a' chiad ìre den chonaltradh a' sireadh bheachdan air a bhith a' cruthachadh Lèirsinn cho-roinnte air na bu chòir teisteanasan agus measadh ann an Alba a bhith ag amas air coileanadh. Co-cheangailte ris an Lèirsinn, bha an Lèirmheas Neo-eisimeileach cuideachd a' sireadh bheachdan air na Prionnsapalan a chaidh a mholadh. Bheachdaich an IRG agus na CCGan air an dreach Lèirsinn agus Prionnsapalan (tha iomradh anns an ath earrainn). Chaidh pasgan deasbaid, a' gabhail a-steach bhidio, pàipear fiosrachaidh agus suirbhidh a chur tro Ùghdarrasan Ionadail gu gach sgoil ann an Alba agus gu dìreach chun a h-uile colaiste. Chaidh mion-sgrùdadh neo-eisimeileach a dhèanamh air freagairtean, agus chaidh na co-dhùnaidhean a chleachdadh gus an dreachd Lèirsinn agus Prionnsapalan ath-sgrùdadh.

Chaidh an Lèirsinn agus na Prionnsapalan a chleachdadh gus dealbhadh an t-siostam teisteanasan agus measaidh ath-leasaichte fhiosrachadh. A bharrachd air sin, thathar a' moladh gum bi iad nan clachan-dhearbhaidh airson an ath-leasachaidh. Gus nach tachair na duilgheadasan le ùr-ghnàthachadh ann an Alba a bha ann roimhe a-rithist, far an robh cleachdadh thar ùine a' fàs eadar-dhealaichte bho na h-amasan ath-leasachaidh tùsail, bu chòir an Lèirsinn agus na Prionnsapalan a chleachdadh thar ùine gus sùil a chumail air a' cheangal eadar beachdan agus buileachadh.

Bha an dàrna ìre den obair conaltraidh, a' cleachdadh na Lèirsinn agus nam Prionnsapalan mar thoiseach tòiseachaidh, a' sireadh fios-air-ais mu roghainnean a chuidicheadh le bhith a' comharrachadh nan crìochan aig dòigh-obrach ùr a thaobh theisteanasan is measaidh ann an Alba. Bha an ìre seo den obair chom-pàirteachaidh ag iarraidh bheachdan air grunn chuspairean, a' gabhail a-steach:

- am bu chòir no nach bu chòir fianais air coileanadh luchd-ionnsachaidh a bhith air a chruinneachadh airson luchd-ionnsachaidh soirbheachail a-mhàin no ann an dòigh nas fharsainge gus a bhith a' gabhail a-steach coileanadh thar nan trì comasan eile ann an CfE, daoine misneachail, com-pàirtichean èifeachdach agus saoranaich chunntachail;
- an cothromachadh eadar measadh stèidhichte ann an suidheachadh foghlaim agus measadh bhon taobh a-muigh;
- cleachdadh teicneòlais gus dòighean ùra a chur an comas a thaobh measadh agus theisteanasan agus mar dhòigh gus coileanadh a chlàradh, agus;
- am bu chòir no nach bu chòir duais a bhith aig deireadh an Fhoghlaim Fharsaing Choitchinn (BGE).

A-rithist, chaidh cuspairean a dheasbad gu mionaideach anns an IRG agus anns na CCGan. Chaidh dàrna pasgan deasbaid le bhidio taic, pàipear cùl-fhiosrachaidh agus taisbeanadh PowerPoint a chur gu dìreach chun a h-uile sgoil agus colaiste. Mar thoradh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

air na duilgheadasan a bha ag èirigh bho Ìre a h-Aon, far an robh am pròiseas sgaoilidh gu sgoiltean air obrachadh na b' fheàrr ann an cuid de sgìrean na dùthcha na cuid eile, ann an Ìre a Dhà chaidh pasganan deasbaid a chur gu ùghdarrasan ionadail aig an aon àm agus gu dìreach chun a h-uile sgoil agus colaiste, gus dèanamh cinnteach gun robh cothrom aig a h-uile cleachdaiche cur ri smaoineachadh mun t-slighe air adhart san àm ri teachd. Mar phàirt de dh'Ìre a Dhà rinn an Lèirmheas co-chomhairleachadh poblach.

A-rithist, chaidh na freagairtean dhan dàrna ìre a mhion-sgrùdadh gu neo-eisimeileach agus chaidh na toraidhean a chleachdadh gus am modail a chruthachadh a bha mar fhòcas air deasbad ann an Ìre a Trì.

Bha an treas ìre den Lèirmheas a' sireadh bheachdan air modail airson teisteanasan agus measadh ann an Alba san àm ri teachd. Chaidh modail Ìre a Trì a dhealbhadh gus am biodh e co-chòrdail ris an Lèirsinn agus na Prionnsabalan a chaidh aontachadh ann an Ìre a h-Aon agus ri beachdan air an cur an cèill air na crìochan a chaidh a stèidheachadh an dèidh Ìre a Dhà den cho-chomhairle. Chaidh iarraidh air luchd-freagairt san treas ìre beachdachadh air an ìre is gun robh am modail co-chòrdail ris an Lèirsinn agus Prionnsapalan aontaichte agus, gu deatamach, gus na ceumannan practaigeach a chomharrachadh a bhiodh a dhìth airson a' mhodail seo, no modail atharraichte, nan robh e gu bhith soirbheachail ann an cleachdadh.

Rè nan trì ìrean den Lèirmheas, thadhail buill den sgioba Lèirmheis air sgoiltean agus colaistean air feadh na h-Alba gus conaltradh a dhèanamh gu dìreach ri luchd-ionnsachaidh, tidsearan, òraidichean, ceannardan sgoile agus prionnsapalan cholaistean. Uile gu lèir bha 21 tadhalan air sgoiltean agus colaistean (faic Pàipear-taice a Sia).

Tha na co-dhùnaidhean bho na trì ìrean den Lèirmheas a' fiosrachadh nam molaidhean san aithisg seo.

2.1.2 Iomlanachd Phearsanta is Proifeiseanta: Dreuchdan is Dleastanasan

Taobh a-staigh Modail Atharrachaidh na h-Iomlanachd, ma tha e gu bhith a' libhrigeadh iomlanachd phearsanta is phroifeasanta bu chòir àite a bhith aig a h-uile duine aig a bheil pàirt ann an dèanamh cinnteach gu bheil an ùr-ghnàthachadh soirbheachail ann an bhith ga dhealbhadh agus leasachadh. Tha seo ag aithneachadh agus a' cur luach air a' phàirt dheatamaich a bhios aig gach neach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an t-innleachdas soirbheachail. Bha cruthachadh na Buidhne Lèirmheis Neo-eisimeileach (IRG) agus Buidhnean Co-obrachail Coimhearsnachd (CCGan) agus an conaltradh le sgoiltean is colaistean agus an co-chomhairleachadh poblach ann airson a bhith nan dòighean gus iomlanachd pearsanta is proifeiseanta a bhrosnachadh taobh a-staigh an Lèirmheis.

Tha IRG air a bhith aig cridhe an Lèirmheis Neo-eisimeilich cho-obrachail seo. Tha an IRG ag obrachadh mar mhodail matraigs.

Air aon taobh den mhatraigs, bha trì buidhnean sònraichte de chom-pàirtichean an sàs san Lèirmheas Neo-eisimeileach:

- dhaibhsan as cudromaiche dha bheil teisteanasan, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh agus, far a bheil e iomchaidh, pàrantan no luchd-cùraim,
- an fheadhainn a tha an sàs ann a bhith a' dealbhadh, a' leasachadh agus a' tabhann theisteanasan - proifeiseantaich foghlaim a' gabhail a-steach tidsearan agus òraidichean, stiùirichean sgoile is cholaistean agus luchd-dèanamh poileasaidh ionadail is nàiseanta, agus;
- agus an fheadhainn a tha a' cleachdaichean theisteanasan leithid colaistean, fastaichean agus oilthighean.

Air taobh eile a' mhatraigs tha CCGan stèidhichte air rannsachadh le fòcas aca uile air nithean a tha cudromach dhan Lèirmheas

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Neo-eisimeileach. B' e adhbhar nam buidhnean sin dèanamh cinnteach gun robh obair IRG air a stiùireadh leis an smaoineachadh as adhartaiche. Nam measg bha luchd-rannsachaidh nàiseanta is eadar-nàiseanta agus prìomh luchd-smaoineachaidh foghlaim. Bha aon bhuidheann a' cuimseachadh air Cothromas, am feum dèanamh cinnteach gun toireadh molaidhean sam bith aire do na builean do gach neach-ionnsachaidh. Bha dàrna buidheann a' cuimseachadh air Curraicealam, Measadh agus Teisteanasan agus mar a dh'fhaodamaid co-thaobhadh làidir a bhrosnachadh eatorra. Chomhairlich an treas buidheann air a' bhunait fianais airson Theisteanasan is Measadh gus dèanamh cinnteach gun robh deagh smaoineachadh an Lèirmheas air a dheagh fhiosrachadh. Bheachdaich a' cheathramh buidheann air Pròiseasan Atharrachaidh, a' comhairleachadh air fianais gus molaidhean a stiùireadh gus taic a thoirt dhan phròiseas atharrachaidh. Leis an uiread de lèirmheasan agus ath-leasachaidhean a rinneadh no a tha a' dol air adhart an Alba, chomhairlich a' chòigeamh buidheann air Co-thaobhadh Poileasaidh mar a dhèanadh sinn cinnteach gun robh ath-sgrùdadh theisteanasan air an deagh cho-thaobhadh riutha.

Tha a h-uile buidheann agus cuspair air an ainmeachadh gu h-àrd deatamach airson soirbheachas siostam theisteanasan is measaidh a tha an dà chuid earbsach agus practaigeach.

Rinn gach ball den IRG ceangal ri buidheann nas fharsainge de bhuill bhon choimhearsnachd aca. Bha buill IRG ag obair le 13 prìomh CCGan agus le grunn bhuidhnean deasbaid co-cheangailte. Mar eisimpleir, taobh a-staigh an IRG, bha trì buidhnean co-cheangailte ri cleachdadh proifeiseanta. Bha tè dhiubh a' cuimseachadh air a' Phroifeisean, le CCG a bha a' gabhail a-steach buidhnean proifeasanta luchd-teagaisg agus buill a bha ag obair le luchd-ionnsachaidh bho raon farsaing de choimhearsnachdan agus aig an robh eòlas sònraichte air, mar eisimpleir, cinneadh, ana-cothrom sòisio-eaconamach, luchd-cùraim, sgoilearan comasach. Bha dàrna tè cuideachd ag amas air a bhith a' conaltradh gu dìreach ri

tidsearan clas, leis an treas buidheann an sàs le stiùirichean sgoile agus an ceathramh tè le prionnsapalan colaiste.

Dh'fhàs àireamh nan CCGan tro bheatha an Lèirmheis agus ùidh a' fàs anns na cuspairean agus fo-chuspairean a bha gan deasbad. Mar eisimpleir, ann am plana tùsail an CCG, bha aon CCG ann a thug còmhla fastaichean bho chompanaidhean nàiseanta is cruinneil. Tro bheatha an Lèirmheis chaidh coimhearsnachd luchd-fastaidh a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach buidhnean deasbaid co-cheangailte airson fastaichean san roinn phoblaich agus san treas roinn agus airson fastaichean beaga is meadhanach (SMEan). Chaidh grunn bhuidhnean CCG co-cheangailte eile a chruthachadh ri linn an Lèirmheis.

Bha gach CCG a' gabhail a-steach raon farsaing de chom-pàirtichean gus dòigh-obrach in-ghabhalach agus com-pàirteachail a bhrosnachadh dhan Lèirmheas Neo-eisimeileach. B' e an t-amas pròiseas Lèirmheas Neo-eisimeileach a bhith ann a tha a' gabhail ri iomadachd luchd-ionnsachaidh agus choimhearsnachdan na h-Alba. Bha feart eile air an IRG a bha diofraichte bhon phàtran àbhaisteach de bhallrachd chomataidhean. Cha robh buill an IRG a' feuchainn ris na buidhnean aca fhèin a riochdachadh, ach an àite sin bha iad uile mar neach-cuideachaidh gus conaltradh a bhrosnachadh eadar IRG agus na coimhearsnachdan san fharsaingeachd air mar a dh'fhaodadh siostam teisteanais is measaidh na h-Alba san àm ri teachd taic a thoirt dhan a



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

h-uile neach-ionnsachaidh anns a h-uile suidheachadh foghlaim.

Bha e na phrìomh dhleastanas air buill an IRG conaltradh coimhearsnachd nas fharsainghe a chur an comas. Thug gach ball den IRG daoine bhon choimhearsnachd leudaichte aca còmhla gus CCG a chruthachadh. Tro na CCGan aca, dheasbad buill an IRG air cuspairean agus chruinnich iad beachdan bho dhaoine fa leth agus bho bhuidhnean a tha a rèir nàdar eadar-mheasgte nan coimhearsnachdan aca. Bha am pròiseas na bu shìmplidh ann an cuid de choimhearsnachdan na an cuid eile (faic Eàrr-ràdh a Còig). Ach, tha sinn den bheachd gun deach còrr is 400 neach bho raon farsaing de choimhearsnachdan an sàs gu brìoghmhor anns na trì ìrean den cho-chomhairle.

Bha an dàimh eadar IRG agus na CCGan ath-aithriseach. Chaidh na beachdan air an do bheachdaich an IRG a dheasbad le buill nan CCG agus chaidh fianais agus beachdan bho na CCGan a thoirt air ais gu coinneamhan mìosail an IRG mar phàirt den phròiseas cruinneachaidh fianais nas fharsainghe. Thug na trì ìrean den phròiseas co-chomhairleachaidh structar seachad airson conaltradh leis na CCGan.

2.1.3 Iomlanachd Shìostamach

Is e Iomlanachd Shìostamach an treas pàirt den mhodail Iomlanachd a tha ro-chudromach airson soirbheas pròiseas ath-leasachaidh sam bith. Ann an Alba, feumaidh raon farsaing de bhuidhnean co-thaobhadh gus taic a thoirt dhan phròiseas atharrachaidh ann an ùr-ghnàthachadh sam bith. Tha rudeigin aig an Riaghaltas agus a h-uile pàrtaidh poilitigeach, buidhnean nàiseanta, HMIE, tidsearan agus ceannardan, buidhnean proifeiseanta, coimhearsnachdan poileasaidh ionadail, ITE, colaistean, fastaichean agus oilthighean, gus taic a thoirt dhan phròiseas atharrachaidh ma tha an t-ath-leasachadh gu bhith soirbheachail.

A bharrachd air coinneamhan IRG agus CCG, choinnich sinn ri prìomh dhaoine bho

bhuidhnean agus comainn air feadh na h-Alba, a bharrachd air comataidhean ro-innleachdail gus sgrùdadh a dhèanamh air na dh'fhaodadh gach buidheann a dhèanamh gus taic a thoirt do stèidheachadh a' phròiseas agus dhan phròiseas atharrachaidh san fhad-ùine gus dèanamh cinnteach gun rachadh aire a thoirt do dh'iomlanachd sìostamach. Gheibhear liosta de choinneamhan, tachartasan agus cuairtean aig (Eàrr-ràdh a Sia).

2.2 Fianais bho Phròiseas an Lèirmheis: Ìre a h-Aon – Co-chomhairle air an Lèirsinn agus air na Prionnsabalan

Mar a chaidh a ràdh roimhe, chaidh an dreachd Lèirsinn agus na dreachd Phrionnsapalan a chaidh a chruthachadh ann an com-pàirteachas leis an SYP agus Pàrlamaid na Cloinne a dheasbad ann an coinneamhan IRG agus CCGan agus thàinig iad gu bhith nam bunait airson Ìre a h-Aon den cho-obrachadh. Fhuair freagairtean bho CCGan, buidhnean deasbaid co-cheangailte agus fhuair 221 freagairt bho sgoiltean agus colaistean. Bha tòrr de na freagairtean aig sgoiltean agus colaistean stèidhichte air còmhraidhean buidhne le grunn thidsearan/òraidichean agus luchd-ionnsachaidh, agus chaidh na freagairtean sin a chur a-steach às leth na buidhne. Chaidh mion-sgrùdadh neo-eisimeileach a dhèanamh air na beachdan air ais bho Ìre a h-Aon agus tha an aithisg ri fhaighinn [an seo](#).

Ann an geàrr-chunntas, thug an fhianais bho cho-chomhairle Ìre a h-Aon taic do na beachdan bunaiteach anns na dreachd aithrisean Lèirsinn is Prionnsapalan. Ach, bha comhairle ann an cànan a dhèanamh nas sìmplidhe agus na h-aithrisean a dhèanamh nas soilleire. Chaidh cànan na Lèirsinn agus nam Prionnsapalan atharrachadh, agus chaidh àireamh nam Prionnsapalan a lùghdachadh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

gus na beachdan a gheurachadh. Chaidh aontachadh gum bu chòir an Lèirsinn agus na Prionnsabalan a chleachdadh mar bhunait gus teisteanasan agus measadh san àm ri teachd a dhealbhadh agus mar bhunait gus sùil a chumail air a' cheangal eadar an Lèirsinn agus cleachdadh thar ùine.

Chaidh an Lèirsinn agus Prionnsabalan ùraichte an uair sin a chleachdadh gus an dàrna ìre den Lèirmheas fhiosrachadh, far an deach roghainnean, a bha a rèir na Lèirsinn agus nam Prionnsapalan, a sgrùdadh.

2.3 Fianais bho Phròiseas an Lèirmheis: Ìre a Dha - Com-pàirteachadh air na Roghainnean airson Atharrachadh

Thòisich Ìre 2 den Lèirmheas anns an Dàmhair 2022 agus dhùin i anns an Fhaoilleach 2023. Bha co-chomhairle phoblach ann cuideachd. Choimhead a' cho-chomhairle airson na h-ìre seo air roghainnean a chuidicheadh le bhith a' mìneachadh dòigh-obrach ùr a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh theisteanasan is measadh ann an Alba.

Bheachdaich IRG gu mionaideach air na roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann agus chùm iad coinneamhan leis na CCGan aca. A bharrachd air fios-air-ais bhon IRG, chuir na CCGan a-steach beachdan mionaideach agus fhuaradh còrr is 700 freagairtean bhon cho-chomhairle phoblach. Coltach ri Ìre a h-Aon, chaidh na freagairtean a sgrùdadh gu neo-eisimeileach le the Lines Between, agus tha an aithisg anailis ri faighinn [an seo](#). San aithghearrachd, bha na prìomh chùisean a chaidh a thogail mar a leanas:

2.3.1 Am Feum air Atharrachadh

A rèir còmhraidhean anns an IRG, CCGan, agus coinneamhan eile air an stiùireadh leis an Neach-gairm a tha an Lèirmheas Neo-eisimeileach air cumail, cho math ri tursan sgoile/colaiste, bha aonta cha mhòr uile-choitcheann ann gun robh feum air atharrachadh ann an teisteanasan agus measadh agus air mar a thathar gan cleachdadh san Ìre as Àirde. Chaidh taic a thoirt dhan cho-dhùnadh seo anns na freagairtean bho cha mhòr a h-uile neach-co-chomhairle a fhreagair a' cho-chomhairle phoblach san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach sgoiltean agus colaistean.

2.3.2 Seòrsaichean Fianais a tha a' Nochdadh Coileanadh Luchd-ionnsachaidh

Bha aonta farsaing thar choimhearsnachdan gum bu chòir cruinneachadh fianais mu adhartas agus coileanadh luchd-ionnsachaidh ann an cuspairean no raointean curraicealaim leantainn air mar phàirt chudromach de theisteanasan. Ach, thar nan coimhearsnachdan bhathar ag aithneachadh gum feumar a dhol nas fhaide na cuspairean/raointean curraicealaim fa leth. Mar eisimpleir, bu chòir cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh sgilean a thaisbeanadh fhad 's a tha iad a' cleachdadh eòlas bho thairis air diofar chuspairean/raointean den churraicealam ann an co-theacsan fìor-bheatha. A bharrachd air an sin, bu chòir cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh fianais nas fharsainge a bhith aca air an coileanadh gu sòisealta, gu cultarail agus gu h-eaconamach. Bha beachd làidir aig mòran de luchd-ionnsachaidh air an t-sealladh nas fharsainge seo de bhith ag aithneachadh an cuid choileanaidhean.

“Feumaidh sinn smaoineachadh gu radaigeach seach a bhith a' coimhead air ais an seo.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Feumaidh sinn coimhead air na diofar raointean cuspaireil agus air an dòigh as fheàrr air ionnsachadh a thaisbeanadh anns gach raon agus tuigsinn gum bu chòir seo a bhith a' coimhead eadar-dhealaichte airson gach cuspair. Feumaidh sinn sùbailteachd taobh a-staigh ar siostam measaidh seach a bhith ag obair a rèir siostam far am bi an SQA a' dealbhadh agus a' suidheachadh dheuchainnean. Feumaidh sinn luach a chur ann an ionnsachadh uile agus feumaidh sinn na cothroman didseatach a th' ann a thoirt gu buil gus an urrainn dhuinn ionnsachadh a mheasadh." (Ball CCG, Teagasg)

Ged a bha miann ann gum biodh raon nas fharsainghe de choileanaidhean air an aithneachadh, bhathar den bheachd gun robh duilgheadasan ann leis an dòigh san deach iomradh a thoirt air na ceithir comasan. Mhol grunn luchd-freagairt gun biodh na ceithir co-theacsan airson ionnsachadh mar a tha air an taisbeanadh ann an 'Refreshed Narrative for CfE' (Riaghaltas na h-Alba, 2019) nam frèam-obrach nas fheàrr airson teisteanasan agus measadh.



Clàr 2: Aithris Ùraichte CfE

Bha taic chudromach ann cuideachd airson raon nas fharsainghe de dhòighean-obrach a thaobh teisteanasan. Bhathar den bheachd gun robh cus deuchainn ann do luchd-ionnsachaidh ann an Alba. Bha deuchainnean fìor chudromach aig mòran den fheadhainn a bha a' dèanamh Teisteanasan Nàiseanta ann

an trì bliadhna às dèidh a chèile, ann an ÀS4, ÀS5 agus ÀS6.

“Dh’fhaodte gum bu chòir Alba beachdachadh air ‘sgìoblachadh’ a dhèanamh air daithead eachdraidheil nan deuchainnean anns na bliadhnaichean àrd-sgoile ÀS4-ÀS6, agus beachdachadh air cuin agus carson a bu chòir do sgoilearan Albannach deuchainnean a ghabhail, agus beachdachadh air dòighean eile gus deireadh foghlam èigneachail a chomharrachadh.” (Stobart, 2021, td41)

“A bheil feum againn an da-rìribh air deuchainnean gus ionnsachadh agus adhartas a thomhas? Tha measadh comasach air an aon rud a dhèanamh agus feumar a h-uile duine measadh gus an cuid ionnsachaidh a dhearbhadh.” (BOCSH, Ceannardan-sgoile)

“Tha tidsearan den bheachd gu bheil mòran den chuideam agus den uallach obrach a tha orra fhèin agus air luchd-ionnsachaidh air sgàth an ‘cabhag dà-theirm’ gach bliadhna agus air ‘ro-aithris nan deuchainn’ ceangailte, tha a’ fàgail glè bheag de rùm airson cruthachalachd, doimhneachd, farsaingeachd no tlachd ann an ionnsachadh san Ìre as Àirde.” (EIS)

Ged a bha cha mhòr a h-uile Teisteanas Nàiseanta a’ gabhail a-steach measgachadh de ghnìomhan obair-cùrsa ro-COVID-19, bha freagairtean co-chomhairleachaidh a’ cuimseachadh air an ùine mhòr a bhiodh ga chaitheamh air ro-aithris airson deuchainnean cudromach, mar eisimpleir prelims, a’ coimhead tro sheann deuchainnean, ro-aithris air dòighean-obrach airson a bhith a’ freagairt cheistean. Bha am beachd gum biodh prògraman ionnsachaidh dà bhliadhna ann tarraingeach do mhòran. Ach, thuirt iad gum bu chòir “lìon shàbhailteachd” a bhith ann, àite-fàgail airson luchd-ionnsachaidh a chodhùineas gu bheil iad airson crìoch a chur air cuspair aig deireadh a’ chiad bhliadhna.

San fharsaingeachd, chuir CCGan taic ri gluasad a dh’ionnsaigh chùrsaichean adhartach thar dà bhliadhna, agus a bhith a’ cruinneachadh chreideas an cùrsa tron Ìre as Àirde air fad. Nas fharsainghe, ged a tha taic ann airson gluasad air falbh bho na trì cuairtean deuchainn aon-

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

bhliadhna fa leth ann an ÀS4, ÀS5 agus ÀS6, bha dragh ann mun mholadh nach biodh deuchainnean bhon taobh a-muigh aig luchd-ionnsachaidh ach a-mhàin aig àm fàgail na adhbhar dragh.

“Tha e coltach gu bheil seo ag ràdh gum biodh sgoilear a bha ag dèanamh Beurla gu ÀS6, mar eisimpleir, dìreach a’ faighinn deuchainnean sa bhliadhna sin a-mhàin. Tha e coltach gun toireadh seo riosg nas motha buileach a a-steach gu siostam a tha làn riosgan mar-thà. (NASUWT)

2.3.3 Dòighean sam Bu chòir Fianais a Chruinneachadh agus a Mheasadh

Bha aonta farsaing ann gum bu chòir fianais air coileanaidhean an luchd-ionnsachaidh ann an diofar raointean a bhith air a cruinneachadh agus air a measadh ann an diofar dhòighean. Mar eisimpleir, airson gach cuspair, bu chòir dòighean-obrach a thaobh togail fianais a bhith a’ gabhail a-steach cothromachadh air measadh air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh a’ gabhail a-steach deuchainnean (le comharra no gun chomharra) agus, mar a bhios iomchaidh, pròiseactan, obair-chùrsa, measaidhean beòil, taisbeanaidhean agus obair phractaigeach. Bu chòir gach cuspair na dòighean measaidh as iomchaidh a chomharrachadh. Air an làimh eile, bu chòir fianais air ionnsachadh ann an co-theacsan nas fharsainge, mar eisimpleir a bhith mar phàirt de dhealbh-chluich sgoile, no a’ cluich ann an còmhlan, no a’ toirt taic do leughadh chloinne nas òige, no le dreuchd ceannardais sgoile a bhith air a chruinneachadh ann an dòighean gu math eadar-dhealaichte is dòcha a’ toirt luchd-ionnsachaidh an sàs ann am fèin-chnuasachadh. no aithrisean luchd-fianais gus dhearbhadh na chuir iad ris a’ ghnòthach. Gu bunaiteach, bu chòir na dòighean-obrach gus fianais a chruinneachadh agus na dòighean air fianais a mheasadh a bhith iomchaidh a thaobh nàdar na gnìomhachd.

“Bha a’ mhòr-chuid de luchd-obrach a’ toirt taic do mheasadh leantainneach (le sampallan air an dearbhadh bhon taobh a-muigh), deuchainnean aig àm fàgail a-mhàin (far a bheil sin iomchaidh - i.e. chan ann do dh’Obair-fiodha Practaigeach msaa) agus cleachdadh nas motha de theicneòlas didseatach agus measaidhean beòil. Tha e cudromach beachdachadh air a’ chuideam a bu choir a bhith air measadh leantainneach – feumaidh seo a bhith ri fhaighinn airson a h-uile cuspair leis gu bheil Matamataig an-dràsta a’ crochadh gu tur air an deuchainn bhon taobh a-muigh, agus chan eil seo na chuideachadh.” (Àrd-sgoil Pàirc an Rìgh, Luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh)

Bha taic làidir ann airson a bhith a’ toirt a-steach raon nas fharsainge de dhòighean measaidh. Mar eisimpleir, bha fianais gun robh cleachdaidhean làitheil ann an sgoiltean a thaobh theisteanasan air fàs foirmeach. Chaidh aithris gun deach tòrr den ùine aig luchd-ionnsachaidh a chosg air ionnsachadh air an teanga agus air ro-aithris airson nan deuchainnean. A bharrachd air an sin, mar as trice bha susbaint chùrsaichean agus an fharsaingeachd iomlan de dh’eòlas agus de sgilean a bha buntainneach ri ionnsachadh domhainn ann an cuspair air a chaolachadh gus fòcas a chur air na bhiodh air a mheasadh. B’ e am beachd a bh’ aig cuid ris an do bhruidhinn sinn gun robh an siostam theisteanasan a’ stiùireadh na h-obrach gu lèir san Ìre as Àirde, suidheachadh mì-iomchaidh anns an robh a’ bhuidheann sgrùdaidh agus buileachaidh an da-rìribh a’ suidheachadh a’ churraicealaim. Ged a chaidh aithneachadh nach eil ionnsachadh air an teanga no ro-aithris airson deuchainn neo-chuideachail annta fhèin, tha na h-eileamaidean sin air a bhith gan cleachdadh cus. Chaidh a mholadh gum bu chòir dòigh-obrach leithid deuchainnean leabhraichean fosgailte, deuchainnean beòil agus amharc structarail air gnìomhan a bhith air a chleachdadh nas fharsainge gus na cothroman a leudachadh airson eòlasan luchd-ionnsachaidh a bhith air an cothromachadh na b’ fheàrr.

Bha aonta a bharrachd ann gun robh feum air cothromachadh nas fheàrr eadar fianais stèidhichte san sgoil agus sgrùdadh bhon taobh a-muigh. Ach, cha robh e soilleir cò ris a bhiodh an cothromachadh nas fheàrr sin coltach.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Bha diofar bheachdan ann mu na dh'fhaodadh measadh stèidhichte san sgoil a bhith a' ciallachadh. Do chuid, bha measadh san sgoil a' ciallachadh sreath de dheuchainnean nas giorra coltach ri measaidhean deireadh modail. Mhol an fheadhainn a rinn argamaid airson a' mhodail seo gun lùghdaicheadh e an cuideam air aon deuchainn aig deireadh cùrsa. Thugadh fa-near gu bheil measadh leantainneach agus modarataireachd air taobh a-staigh agus taobh a-muigh cumanta taobh a-staigh siostam nam colaistean.

“Bu chòir measadh a bhith na dheagh chothromachadh eadar measadh leantainneach air an taobh a-staigh agus measadh bhon taobh a-muigh.” (Sgoil agus Seirbheis Mothachaidh Pàirc Windsor)

Thuir an fheadhainn a rinn argamaid an aghaidh seo gun robh an dòigh-obrach seo a' cur barrachd ris an eallach measaidh agus nach adhbharaidheadh sin ach sreath de mheasaidhean cudromach. Do chuid eile, bha measadh san sgoil a' ciallachadh a bhith a' cruinneachadh fianais a tha a' nochdadh gu nàdarra mar phàirt den ionnsachadh agus den teagasg. Bhiodh cruinneachadh den leithid de dh'fhianais air a mhodaradh an uair sin gus dèanamh cinnteach gum biodh inbhean taobh a-staigh agus thar sgoiltean is colaistean coimeasach. Ged a bu chòir dhuinn cuimhneachadh gur feàrr le cuid de luchd-ionnsachaidh deuchainnean, bha àireamh shusbainteach de dhaoine bho air feadh dhiofar choimhearsnachdan ag argamaid airson diofar dhòighean measaidh gus am biodh an cothrom as fheàrr aig luchd-ionnsachaidh na coileanaidhean aca a thaisbeanadh. Mar eisimpleir, bha cuid de luchd-ionnsachaidh den bheachd gun robh na cinn-latha aig deuchainnean feumail dhaibh ach do chuid eile bha cuideam nan deuchainnean a' cuingealachadh an comais an coileanadh a shealltainn. Dhan luchd-ionnsachaidh sin, bhathar den bheachd gun robh a bhith a' cruinneachadh fianais mar phàirt den ionnsachadh agus den teagasg a' fàgail gun robh nas lugha de streas ann agus a' leasachadh an cuid coileanadh. Bhruidhinn luchd-ionnsachaidh gu tric air streas deuchainnean agus mun droch bhuaidh a bh' aige air an comas an cuid eòlais, sgilean agus tuigse a thaisbeanadh.

“Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil modail measaidh is sgrùdaidh sam bith cothromach agus cunbhalach, agus aig an aon àm a bhith a' dèanamh cinnteach gun toir sinn cothrom dhaibhsan nach eil cho comasach fianais a thoirt dhaibh air na choilean iad. Tha mi a' smaoinichadh gur e deagh bheachd a th' ann gluasad air falbh bhon t-siostam pas is fàilligeadh theann. Is fìor thoil leam am beachd measadh leantainneach/le tidsear a bhith ann agus nas lugha de dheuchainnean.” (Ball CCG, Luchd-fastaidh)

Ged a chaidh fàilte mhòr a chur air a' bheachd gum bu chòir barrachd cuideam a chur air measadh leantainneach, bhathar ag aithneachadh gu bheil e deatamach gun tèid misneachd a chumail san t-siostam measaidh. Bha aonta làidir ann gum bu chòir pròiseasan a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum biodh inbhean coimeasach agus gur e cùis nàiseanta a bha seo, i.e. tè far am bu chòir plana nàiseanta a bhith ann. Bu chòir dhan dòigh-obrach a thaobh modarataireachd a bhith co-rèireach agus gun a bhith ro bhiùrocratach. Rinn cuid an argamaid gum faodadh measadh a-staigh a bharrachd àrdachadh a thoirt air eallach-obrach an luchd-teagaisg nach bhiodh idir cuideachail dhaibh agus gun robh eallach-obrach na chùis chudromach is nach bu chòir dearmad a dhèanamh air. Bhiodh e cudromach comharrachadh dè bu chòir do thidsearan stad a bhith a' dèanamh nan rachadh gabhail ri cleachdaidhean ùra. Tha e do-sheasamh a bhith a' cur ris an eallach obrach a th' ann mar-thà.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

“Dh’ fheumadh e a bhith air a chruinneachadh ann an dòigh a tha cothromach, follaiseach, earbsach, dearbhte agus cunbhalach.” (Oilthigh Chill Rìmhinn)

Ged a bhiodh fiosrachadh mu choileanadh luchd-ionnsachaidh taobh a-muigh na sgoile luachmhor, nam biodh e earbsach, cha bu chòir do thidsearan seo a chruinneachadh oir chuireadh seo cuideam a bharrachd air eallach obrach a tha trom mar-thà.

“Cha bu chòir dha a bhith e an urra ri tidsearan a bhith a’ breithneachadh air luach bunaiteach gnìomhachd mar seo. Is e an dleastanas a th’ air tidsearan an seo cothroman a thoirt seachad gus coileanadh taobh a-muigh na sgoile no taobh a-staigh na sgoile a chlàradh, stèidhichte air na tha an luchd-ionnsachaidh a’ meas luachmhor. Bhiodh luchd-teagaisg a’ toirt seachad brosnachadh agus stiùireadh an seo.” (Ball CCG, Teagasg)

Thog luchd-foghlaim dachaigh grunn chùisean, ag ràdh gun robh e gu math dùbhlach do luchd-ionnsachaidh ann am foghlam dachaigh teisteanasan fhaighinn agus gu sònraichte gus na goireasan fhaighinn a dh’fheumar airson deuchainn a shuidhe. Bha iarrtas ann gus dèiligeadh ris an duilgheadas seo.

“Tha mi a’ smaoinichadh nuair a tha luchd-foghlaim dachaigh fhathast a’ pàigheadh chisean airson seirbheisean ionadail, gum bu chòir taic reusanta sam bith a bhith ri fhaighinn do chloinn ann am foghlam dachaigh a tha a’ sireadh chuspairean practaigeach no theisteanasan. Bu chòir oidhirpean a dhèanamh gus dòigh-obrach mheasgaichte a thabhann do dhaoine òga a tha a’ strì ri bhith an làthair làn-ùine airson deagh adhbharan.” (Ball CCG, Pàrantan is Luchd-cùraim)

2.3.4 Mar Bu chòir Fianais a Thaisbeanadh

Cleachdadh nas motha de theicneòlas

Bha aonta farsaing ann gum feum cleachdadh teicneòlas a bhith a’ sior fhàs ann an teisteanasan agus measadh. Bu chòir dealbhadh theisteanasan ùra agus measadh gabhail ri cleachdadh teicneòlais. Ach, tha an astar san urrainn do luchd-ionnsachaidh buannachd fhaighinn bho chomasan teicneòlais, a rèir ri dè cho luath ‘s as urrainn dhan t-siostam foghlaim dèiligeadh ri cùisean ruigsinneachd, earbsachd agus sùbailteachd nan siostaman IT agus an ìre sgil ann an cleachdadh teicneòlais am measg phroifeiseantaich ann an ionnsachadh, teagasg, agus measadh. Thathar den bheachd gu bheil na diofar shiostaman IT aig ùghdarrasan ionadail a’ cruthachadh iom-fhillteachd nach eil cuideachail ma siostam nàiseanta ciallach gu bhith air a chruthachadh. Chaidh argamaid a dhèanamh gum faodadh an siostam leasanan ionnsachadh, an dà chuid math is dona, bho thoirt a-steach agus a’ cleachdadh GLOW. Bha an fheum air siostam air a dhealbhadh gu sònraichte gus teisteanasan a libhrigeadh air fhaicinn mar phrìomhachas. Bhathar den bheachd gur e pròifil coileanaidh stèidhichte air teicneòlas am fuasgladh nàdarra airson luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd gus na coileanaidhean aca a thaisbeanadh.

Thuirt cuid den luchd-freagairt gur e fuasgladh teicneòlach an aon dòigh air fianais a thaisbeanadh air adhartas agus coileanadh an luchd-ionnsachaidh. Thug iad iomradh air na h-adhbharan air cùl fàilligeadh a’ Chlàr Coileanaidh Nàiseanta (NRA) a bh’ ann roimhe. Bha e air fàs biùrocratach gu ìre mhòr mar thoradh air dòigh-obrach stèidhichte air pàipear agus pasganan.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

“Tha mi ag aontachadh gum bu chòir na ghabhas de dh’fhiosrachadh a chruinneachadh ach bu chòir siostam a bhith ann gus dèanamh cinnteach nach bi sgoilearan fo anacothrom mar thoradh air dìth chothroman taobh a-muigh na sgoile no dìth conaltraidh le pàrantan a thaobh eòlasan ionnsachaidh taobh a-muigh na sgoile.” (Kibble)

Ged a bha beagan taic airson smaoineachadh cruthachail mu chleachdadh teicneòlas agus a comas mar dhòigh gus tìde a shàbhaladh, bhathar den bheachd sa chumantas gun robh bun-structar nan sgoiltean ro sheann fhasanta. Chaidh argamaid a dhèanamh gum biodh teicneòlas na phrìomh ro-innleachd gus luchd-ionnsachaidh a thoirt a-steach às ùr oir tha an siostam pàipear-is-peansail gu ìre mhòr a’ faireachdainn seann-fhasanta dhaibh. Thug cuid den luchd-fhreagairt fa-near gu robh comas nas motha ann airson foill ann an siostam didseatach.

“Bu chòir deuchainnean a bhith air an dèanamh gu didseatach, agus bu chòir do na sgoilearan na freagairtean aca a thaidhpeadh. Bheireadh seo air falbh mòran chùisean leithid a bhith a’ sganadh sgrìobtaichean deuchainn agus a’ feuchainn ri làmh-sgrìobhadh sgoilearan a leughadh.” (Neach fa leth, Co-chomhairle Phoblach, Ìre a Dhà)

2.3.5 Teisteanas Fàgail

Thuirte freagairtean gum biodh luach ann an teisteanas fàgail no teisteanas ceumnachaidh mar dhòigh fheumail air raon nas fharsainghe de choileanaidhean aithneachadh. Bha comas aig an dòigh-obrach seo a bhith a’ gabhail a-steach coileanaidhean coimhearsnachd nas fharsainghe, agus luach a thoirt do choileanaidhean luchd-ionnsachaidh, cuid dhuibh nach bi is dòcha a’ sealltainn nas urrainn dhaibh a choileanadh ann an co-theacs na sgoile. Bhathar den bheachd gun robh an dòigh-obrach a’ co-thaobhadh nas fheàrr ri àrd-amasan CfE agus ris an atharrachadh



Bha teisteanas fàgail air aithneachadh mar dhòigh air dealbh nas coileanta a thoirt seachad de gach neach-ionnsachaidh. Rinneadh an argamaid gun robh a bhith a’ tabhann fiosrachadh mu raon nas fharsainghe de choileanaidhean a’ co-thaobhadh nas fheàrr ris an t-seòrsa fiosrachaidh a bha luchd-ionnsachaidh airson a thoirt seachad agus a bha luchd-fastaidh ag iarraidh fhaighinn. Chomharraich cuid de luchd-freagairt gun robh an dòigh-obrach seo a rèir cleachdaidhean làithreach ann an grunn dùthchannan a tha a’ coileanadh aig àrd-ìre gu h-eadar-nàiseanta.

“Tha teisteanas fàgail gu math cumanta ann an iomadh siostam foghlaim eadar-nàiseanta a tha coltach ri Alba, agus tha iad air an cleachdadh gu tric anns na pròiseasan inntrigidh againn gus sgilean agus comasan nas fharsainghe a mheasadh. Tha sinn toilichte gu bheilear a’ beachdachadh air teisteanas fàgail a bhiodh ri fhaighinn mar phàirt den Ìre as Àirde, a dh’ fhaodadh a bhith a’ gabhail a-steach raon nas fharsainghe de dh’fhianais air coileanadh na teisteanasan stèidhichte air cuspair.” (Oilthigh Chill Rìmhinn)

“Tha sinn toilichte gu bheilear a’ beachdachadh air teisteanas fàgail a bhiodh ri fhaighinn mar phàirt den Ìre as Àirde, a dh’ fhaodadh a bhith a’ gabhail a-steach raon nas fharsainghe de dh’fhianais air coileanadh na teisteanasan stèidhichte air cuspair.” (Clann an Alba)

Ach, chaidh draghan a nochdadh nach biodh an t-uallach obrach a bharrachd a bhiodh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

an lùib seo a bhith a' cruinneachadh fianais air aithneachadh agus nach biodh an ùine a bhiodh a dhìth airson seo air a thoirt do thidsearan. Mhol beagan den luchd-fhreagairt gun robh cunnart ann gun rachadh ath-aithris a dhèanamh air na bha air teisteanas SQA mar-thà (fiù 's ged nach robh e an-còmhnaidh aithnichte) agus mar a dh'fhaodadh an dòigh-obrach seo, mura biodh e air a dhealbhadh gu ceart, ana-cothrom adhbharachadh do na h-oileanaich as so-leònte nach b' urrainn na riatanasan gu lèir a choileanadh.

“Sin barrachd cruinneachadh fiosrachaidh agus dàta a rachadh a chur air deasg tidseir agus a rachadh a dhèanamh an àite a bhith a libhrigeadh deagh leasan sa chlas.” (Neach fa leth, Co-chomhairle Ìre a Tri)

2.3.6 Teisteanas aig Foghlam Farsaing Coitcheann

Bha beachdan eadar-dhealaichte a thaobh an luach a bhiodh aig toirt a-steach teisteanas aig deireadh Foghlam Farsaing Coitcheann. Rinn cuid an argamaid gum faodadh seo barrachd fòcas agus adhbhar a thoirt do dh'Fhoghlam Farsaing Coitcheann. Bha cuid eile ag argamaid gur e eacarsaich gun fheum a bhiodh ann a bhith a' cruinneachadh fiosrachadh gus taic a thoirt do theisteanas aig an ìre seo.

“Tha mi a' smaoinneachadh gum biodh seo na bhuannachd gun teagamh oir tha an leum bho Foghlam Farsaing Coitcheann dhan Ìre as Àirde uaireannan eagalach do sgoilearan, gu sònraichte na daoine òga againn aig a bheil beàrn san cuid ionnsachadh agus a tha air foghlam fhiosrachadh roimhe ann an dòigh nach robh fàbharach. Nan robh faireachdainn de choileanadh aig daoine aig deireadh Foghlam Farsaing Coitcheann, dh'fhaodadh gum brosnachadh seo iad gus barrachd a choileanadh anns an Ìre as Àirde. 'S dòcha nach fhaigh sgoilearan nach eil cho comasach soirbheachas ann ann teisteanas san Ìre as Àirde agus mar sin dh'fhaodadh seo am misneachd a thogail.” (Kibble)

2.3.7 Ceistean Coitcheann

Mar fhreagairt dhan cheist fhosgailte, thuirt proifeiseantaich foghlaim an toiseach gum feumar dèiligeadh ri grunn dhuilgheadasan: biùrocrasaidh gun fheum, teicneòlas seann-fhasanta agus neo-iomchaidh, cuideam eallach obrach, buidhnean nàiseanta a bhathar den bheachd nach robh freagairteach gu leòr, am feum air iomlanachd agus dligheachd an t-siostaim theisteanasan a chumail suas agus ìre de mhi-chinnt ann a bhith a' mìneachadh na bha comasan CfE a' ciallachadh.

San dàrna h-àite, chuir iad cuideam air cho cudromach 's a tha atharrachadh siostam gus taic a thoirt do dhòigh-obrach ùr sam bith a thaobh theisteanasan, mar eisimpleir, ceumannan dàta agus cunntalachd (an fhreagairt as cumanta), pròiseasan sgrùdaidh, dàimhean taobh a-staigh agus thar bhuidhnean nàiseanta, foghlam tùsail thidsearan, ionnsachadh proifeiseanta leantainneach agus inbhean proifeiseanta (Priestly et al, 2023).

Bha e inntinneach toirt fa-near mar a bha mòran de na cùisean a chaidh a thogail ann an Ìre a Dhà den cho-chomhairle a' nochdadh beachdan a bha nam pàirt den Lèirsinn thùsail airson CfE. Bha an t-amas a bhith a' nochdadh raon nas fharsaing de choileanadh luchd-ionnsachaidh, am miann àireamh nan deuchainnean a nì luchd-ionnsachaidh fa leth a lùghdachadh, agus gun a bhith a' toirt a-steach measadh a bheireadh buaidh mhòr aig àm ro thràth sa phròiseas ionnsachaidh, mar eisimpleir, mar a tha minichte ann an **Building the Curriculum 3**. Tha raon coitcheann eile ri lorg anns a' mhiann thùsail aig CfE gus raon nas fharsaing de dhòighean-obrach a thabhann airson fianais a chruinneachadh, mar eisimpleir, tha **Building the Curriculum 5** ag ràdh: “Bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs anns gach taobh de phròiseasan measaidh agus eileamaid de roghainn agus pearsanachadh a bhith aca ann a bhith a' sealltainn gu bheil iad air na builean ris a bheil dùil a choileanadh.”

Chaidh an fhianais bhon sgrùdadh air co-chomhairle Ìre a Dhà, còmhla ris an Lèirsinn agus na Prionnsabalan ath-sgrùdaichte bho

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Ìre a h-Aon, a chleachdadh gus modail a dhealbhadh a bha an uair sin air a chleachdadh mar bhunait airson na treas ìre den cho-chomhairleachadh le coimhearsnachdan air feadh na h-Alba.

2.4 Fianais bho Phròiseas an Lèirmheis: Ìre a Trì - Modail Ùr airson Teisteanasan is Measadh ann an Alba san àm ri teachd

Chaidh conaltradh air Ìre a Trì a chumail bho 3 Màrt gu 31 Giblean. B' e 3 Màrt gu 7 Giblean na clàran-ama tùsail airson a' chonaltraidh, ach chaidh seo a leudachadh às dèidh iarrais airson barrachd ùine bho Chomainn Proifeasanta nan Tidsèaran.

Chaidh cunnradair neo-eisimeileach, Progressive Partnership, a bharantachadh gus mion-sgrùdadh bhon taobh a-muigh a dhèanamh air freagairtean Ìre a Trì, stèidhichte air na raointean-ama tùsail. Às dèidh an leudachadh, bha e comasach do na cunnradair an anailis aca air freagairtean a fhuairtean a leudachadh suas gu 14 Giblean. Uile gu lèir bha 365 freagairtean ann tron t-suirbhidh do Sgoiltean is Colaistean agus 17 freagairtean mionaideach bho 17 CCGan agus buidhnean còmhraidh co-cheangailte. Chaidh freagairtean a fhuaras eadar 15 Giblean agus 31 Giblean a sgrùdadh leis Rùnaireachd an Lèirmheis Neo-eisimeilich a' cleachdadh an fhrèam còdaidh a chaidh a chruthachadh le Progressive Partnership. Bha seo a' gabhail a-steach 120 freagairt agus fhuairtean 90 dhiubh sin tron t-Suirbhidh do Sgoiltean is Colaistean agus fhuairtean 30 tron phost-d.

Aig Ìre a Trì dh'iarr an Lèirmheas beachdan air **Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (an Dioplòma) agus na trì eileamaidean aige**. Chaidh beachdan a shireadh tro na CCGan agus chaidh beachdan iarraidh bho gach sgoil agus colaiste

ann an Alba. Chaidh na h-aon cheistean a chur air an dà bhuidhinn. Chaidh beachdan nan CCG a thogail tro choinneamhan air an cur air dòigh leis a' bhall cheangailte den IRG agus chaidh beachdan bho sgoiltean is colaistean a shireadh tro shuirbhidh air-loidhne, "Sgrùdadh nan Sgoiltean is Colaistean". Chaidh an suirbhidh seo a chur tro phost-d gu gach àrd-sgoil agus bun-sgoil agus colaisde san dùthaich còmhla ri **sgrìobhainnean taice**. Chaidh an Suirbhidh do Sgoiltean is Colaisdean agus sgrìobhainnean taice a chur gu sgoiltean neo-eisimeileach, gu na Sgoiltean Sònraichte le Taic Tabhartas (GASS) agus gu aonadan a tha a' toirt seachad cùram tèarainte do dhaoine òga fo aois 18 ann an Alba.

Beachdan an Luchd-freagairt Uile gu lèir, bha beachdan measgaichte ann mun Dioplòma. San fharsaingeachd, bha na freagairtean bho na CCGan buailteach a bhith na b' fhàbharaiche na na freagairtean a fhuairtean tron t-Suirbhidh do Sgoiltean is Colaistean. Tha grunn mhìneachaidhean ann airson nan eadar-dhealachaidhean sin, nam measg:

- **bha iomhaigh nan CCGan eadar-dhealaichte bhon t-Suirbhidh do Sgoiltean is Colaistean.** Bha a' mhòr-chuid de na freagairtean a fhuairtean tron t-Suirbhidh Sgoiltean is Colaistean bho choimhearsnachdan sgoile, seach colaistean, agus bha a' mhòr-chuid dhiubh sin bho thidsèaran àrd-sgoile. Bha freagairtean CCG a' gabhail a-steach raon fada nas fharsainge de luchd-ùidh agus ged a bha seo a' gabhail a-steach buidhnean thidsèaran, bha e cuideachd a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim, oilthighean, Stiùirichean Foghlaim, Manaidsearan Càileachd Colaiste, fastaichean, luchd-rannsachaidh agus proifeiseantaich poileasaidh. **Faic an liosta iomlan de bhallrachd CCG (Èarr-ràdh a Ceithir)**.
- **bha an dòigh conaltraidh eadar-dhealaichte.** Chaidh pròiseas co-chomhairleachaidh beachdachaidh a chleachdadh leis na CCGan, a bha a' ciallachadh gun robh barrachd cothrom aca air fiosrachadh mun Lèirmheas tron bhall IRG cheangailte aca, cothroman ceistean fhaighneachd agus gun robh ùine airson meòrachadh aca aig agus eadar

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

gach tè de na trì ìrean. Cha robh còmhraidh buidhne daonnan ann leis an t-Suirbhidh Sgoiltean is Colaistean agus ged a mhol an Lèirmheas gum biodh suidheachaidhean foghlaim a' beachdachadh air na molaidhean mus cuireadh iad freagairt a-steach, bha e an urra ris gach suidheachadh co-dhùnadh am bu chòir dhaibh sin a dhèanamh/ ciamar a dhèanadh iad sin. Is dòcha gum biodh na freagairtean na bu lìomhte nam biodh deasbadaan buidhne ann mus deach an suirbhidh a lìonadh, leis an fheadhainn a lion an t-suirbhidh a' tighinn gu na molaidhean gun a bhith gam faicinn roimhe no a bhith a' smaoinichadh mun deidhinn cus, no a' faireachdainn gum faodadh iad a bhith nas dìriche nam freagairtean.

- **ghabh cha mhòr a h-uile duine a ghabh pàirt ann an còmhraidhean CCG pàirt anns na trì ìrean den Lèirmheas:** bha mòran a bharrachd fhreagairtean ann dhan Sgrùdadh Ìre 3 air Sgoiltean is Colaiste na **suirbhidh ìre a h-Aon**, a tha a' sealltainn nach do ghabh cuid de luchd-freagairt Suirbhidh Sgoiltean is Colaistean ìre a Trì pàirt anns na trì ìrean uile.



2.4.1 Dioplòma Coileanaidh na h-Alba

Ged a bha mòran den luchd-freagairt fàbharach mu na h-amasan a bha mar bhunait dhan Dioplòma agus do na trì eileamaidean aige, bha dragh ann cuideachd mu mar a dh'obraicheadh am modail an da-riribh. Chaidh draghan a nochdadh a thaobh co-ionannachd, gu sònraichte a thaobh na h-eileamaid Slighe Pearsanta.

“Tha sinn a' faireachdainn gu bheil an Dioplòma mar a chaidh a mholadh a' nochdadh mòran de na miannan tùsail aig a' Churraicealam airson Sàr-mhathais; rùintean nach deach a choileanadh ann an cuid a dhòighean thairis air an 20 bliadhna a dh' fhalbh. A thaobh sin, tha an cothrom na h-amasan sin a choileanadh tro bhith a' toirt a-steach dioplòma ri mholadh. Ach, tha sinn a' faireachdainn gu bheil fìor dhraghan ann mu nithean practaigeach, agus mun t-seòrsa atharrachadh cultair a dh'fheumadh a bhith ann gus leigeil le a leithid de leasachadh a bhith soirbheachail.” (Acadamaidh na Cùilt)

“Tha cothromas na cheist a-rithist. Chan fhaigh daoine òga nach eil cho beairteach na h-uimhir de chothroman.” (Sgioba Stiùiridh Leudaichte, Acadamaidh Chuil)

San fharsaingeachd, chuir na CCGan fàilte air a' mholadh airson Dioplòma. Bha CCG an Luchd-ionnsachaidh gu sònraichte taiceil.

Chuir mòran den luchd-freagairt san t-Suirbhidh Sgoiltean is Colaiste fàilte cuideachd air na molaidhean airson an Dioplòma. Am measg nam prìomh adhbharan a chaidh a thoirt seachad, bha:

- gum biodh e a' taisbeanadh nan coileanaidhean uile aig an luchd-ionnsachaidh;

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- gun toireadh e seachad dealbh nas cruinne air coileanadh luchd-ionnsachaidh agus mar sin gum biodh e na bhuannachd do luchd-fastaidh agus oilthighean san àm ri teachd;
- bhiodh coileanaidhean agus teisteanasan a' co-thaobhadh ri amasan an neach-ionnsachaidh agus ris na h-ath cheumnan nan cuid foghlaim/cosnaidh, agus;
- chruthaich iad cothroman gus coileanadh gach neach-ionnsachaidh a thaisbeanadh, chan e dìreach an fheadhainn as acadaimigiche.



2.3.2 Prògraman Ionnsachaidh

San fharsaingeachd bha CCGan, agus an fheadhainn a fhreagair tron Suirbhidh Sgoiltean is Cholaistean a' sireadh barrachd mion-fhiosrachaidh mu mar a dh'obraicheadh eileamaid nam Prògraman Ionnsachaidh agus mar a dh'obraicheadh e ann an cleachdadh. Bha draghan ann a thaobh co-ionannachd co-cheangailte ri measadh thidsearan agus an cunnart gum biodh claon-breith aig luchd-teagaisg. Bha seo gu sònraichte follaiseach anns an CCG co-cheangailte ri Cothromas, ged nach ann an seo a-mhàin a chaidh a thogail.

“Tha barrachd iomadachd ann an sgioba-obrach an fhoghlaim - agus am measg phroifeiseantaich a tha an sàs ann a bhith a' dealbhadh, a' leasachadh agus a' rangachadh theisteanasan agus ionnstramaidean measaidh - na dhòigh air claonadh ann am measadh a sheachnadh, mar thoradh air an iomadachd fheumail ann an seallaidhean agus eòlas beò a tha na lùib. Tha e fhathast na bheachd aig buidheann DiTPEW gum bu chòir iomadachd luchd-obrach a bhrosnachadh chan ann a-mhàin anns a' phroifeisean teagaisg ach cuideachd anns na buidhnean nàiseanta le uallach ro-innleachdail airson measadh agus teisteanasan.” (AREP - Fo-bhuidheann Iomadachd ann am Proifeisean an Teagaisg agus Feachd-obrach an Fhoghlaim)

Sa mhòr-chuid, dh'aontaich CCGan ris na molaidhean a bha air am mineachadh anns na Prògraman Ionnsachaidh a' gabhail a-steach moladh lùghdachadh a dhèanamh air na th' ann de mheasadh bhon taobh a-muigh san ìre as àirde. San fharsaingeachd, chuir CCGan taic ri gluasad a dh'ionnsaigh chùrsaichean adhartach thar dà bhliadhna, agus a bhith a' cruinneachadh chreideasan cùrsa tron ìre as Àirde air fad.

Bha diofar bheachdan am measg luchd-freagairt san t-Suirbhidh Sgoiltean is Cholaistean a thaobh nam molaidhean a thaobh nam Prògraman Ionnsachaidh. Ged a bha mòran de na freagairtean fàbharach, bha teagamhan aig cuibhreann na bu mhotha. Uile gu lèir, bha tidsearan a bha a' freagairt tron Suirbhidh do Sgoiltean is Colaistean buailteach a bhith mì-fhàbharach mu mholaidhean fo Phrògraman Ionnsachaidh, ach bha luchd-ionnsachaidh a fhreagairt tron t-suirbhidh buailteach a bhith fàbharach. Gu h-inntinneach, bha tidsearan a bha an sàs tro na CCGan fàbharach mun mholadh gu ìre mhòr, ged a thog iad draghan mu uallach obrach agus stòrasan. Bha CCG an Luchd-ionnsachaidh gu math fàbharach.

Bha uallach obrach thidsearan na phrìomh chuspair anns na freagairtean a fhuair ann tron t-Suirbhidh do Sgoiltean is Colaistean. Bha dragh air tidsearan mun bhuidhean a bhiodh aig barrachd eallach-obrach ann a bhith a' gluasad a dh'ionnsaigh measadh leantainneach, a bharrachd air an taic agus trèanadh a

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

bharrachd a bha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum biodh am proifeisean deiseil airson a leithid de dh'atharrachadh.

“Is toil leinn am beachd gu bheil cothrom ann airson iomadachd san dòigh measaidh. Dragh mun bhuidhe san sgoil, gu h-àraidh a thaobh buaidh uallach obrach bho bith a' togail fianais. Tha cunbhalachd na adhbhar dragh - am bi eisimpleirean agus slat-tomhais soilleir ann gus taic a chumail ri breithneachadh an neach-teagaisg? Feumaidh measadh a bhith làidir fhathast. Iomagain mu uallach obrach. Tha e cudromach deuchainnean foirmeil a chumail airson cuid de chuspairean. Am bi an curraicealam air a chaolachadh mar eisimpleir mura tèid slighe cuspair seachad air Ìre 5? No a bheil iad a' dol a dh'atharrachadh nan raointean curraicealaim? An e ÀS4/5 neo ÀS5/6 an dà bhliadhna mu bheilear a' bruidhinn?” (Àrainn Coimhearsnachd Ghàirneag)

Bhathar cuideachd ag aithneachadh gun robh glèidheadh agus trusadh thidsearan agus luchd-taic teagaisg a' cur ri cùisean uallach obrach thidsearan le aon neach-freagairt ag ràdh gum feumadh dèiligeadh ri seo mar phàirt de dh'atharrachaidhean nas fharsainge gus siostam ùr sam bith a chur an gnìomh gu h-èifeachdach.

Thug na ceistean a chaidh a thogail sa cho-chomhairle grunn bhuidhean air molaidhean an Lèirmheis seo (faic Caibideil a Sia).

- Bu chòir barrachd mion-fhiosrachaidh mu mar a dh'obraicheadh na Prògraman Ionnsachaidh a bhith ann, ach cha bu chòir gum biodh am mion-fhiosrachadh seo a bhith ga fhaicinn mar riatanas.
- Bha taic ann airson lùghdachadh ann am measadh bhon taobh a-muigh, roghainn a bhith ann air cùrsaichean adhartach thar dà bhliadhna, agus a bhith a' cruinneachadh chreideasan.

- Bhiodh feum air dòigh-obrach nàiseanta a thaobh measaidh, gus misneachd a thogail ann an inbhean air feadh na dùthcha gus cothrom a thoirt do bhuanachdan measadh sa chlas a bhith air an toirt gu buil agus a bhith a' dèanamh cinnteach nach biodh neach-ionnsachaidh sam bith fo anacothrom.
- Bu chòir ionnsachadh proifeiseanta mu chlaon-bhreith a bhith na phàirt riatanach de mheasadh agus bu chòir dha tarraing air eòlas an t-luchd-teagaisg a tha a' sior fhàs nas eadar-mheasgte.
- Bu chòir iomradh sònraichte a thoirt air builean air stòrasan a' gabhail a-steach uallach obrach.

2.4.3 Ionnsachadh Pròiseict

San fharsaingeachd bha luchd-freagairt fàbharach mu na h-amasan a bha mar bhunait dhan eileamaid Ionnsachadh Pròiseict ach bha dragh orra mu mar a dh'obraicheadh am modail an da-rìribh agus chaidh barrachd fiosrachaidh iarraidh. Bha beagan draghan ann a thaobh cothromas.

Uile gu lèir bha na còmhraidhean CCG air an eileamaid Ionnsachadh Pròiseict fàbharach, le luchd-ionnsachaidh gu sònraichte dealasach. Am measg nam prìomh bhuanachdan a chaidh a chomharrachadh bha:

- thogadh luchd-ionnsachaidh sgilean airson dreuchdan san àm ri teachd; bhiodh iad ag ullachadh airson cosnadh, oilthigh agus airson beatha inbheach;
- gum biodh cothroman aig luchd-ionnsachaidh raointean ùidh (ùr) a rannsachadh, agus;
- b' urrainn do luchd-ionnsachaidh ionnsachadh agus sgilean a cheangal agus a ghluasad gu raointean ionnsachaidh eile agus sealltainn na bha iad air ionnsachadh ann an suidheachadh far an robhar a' cur

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Chuir a h-uile CCG taic ris an eileamaid ann am prionnsapal, ach nochd iad uile dragh mu bhith ga bhuileachadh agus bha iad ag iarraidh barrachd fiosrachaidh. Chaidh draghan a thogail cuideachd mun dòigh as fheàrr gus a' phàirt seo a mheasadh le mòran den luchd-fhreagairt ag ràdh gum biodh feum air seòrsa de mheasadh, dearbhadh no daingneachadh.

Bha cuid den luchd-freagairt tron t-Suirbhidh Sgoiltean is Cholaistean, gu sònraichte luchd-ionnsachaidh agus colaistean, fìor bhrosnachail mun eileamaid seo den mhodail, le luchd-freagairt a' toirt iomradh air na prìomh bhuannachdan bho bhith a' dèanamh obair pròiseict timcheall air cuspair anns a bheil ùid phearsanta mar dhòigh gus luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh, a' togail sgilean ann an raon chuspairean, agus a' brosnachadh ùr-ghnàthachadh agus cruthachalachd. Bha cuid de luchd-freagairt eile tron t-Suirbhidh Sgoiltean is Cholaistean a' faireachdainn gun robh feum air barrachd mion-fhiosrachaidh gu sònraichte a thaobh buileachadh agus measadh, ged a bha iad mar as trice a' cur fàilte air na molaidhean, gu sònraichte a thaobh buileachadh agus measadh. Bha seo gu sònraichte fìor a thaobh tidsearan. Thug cuid den luchd-fhreagairt, luchd-teagaisg sa mhòr-chuid, fa near nach robh ionnsachadh eadar-chuspaireil ann an sgoiltean daonna air a bhith soirbheachail san àm a dh'fhalbh.

“Bu chòir dhan t-siostam theisteanasan is measadh a bhith a' ciallachadh gun tèid sgilean a thogail - tha dùbhlann ann gu bheil sinn a' cuimseachadh air eòlas agus chan ann air a bhith ga chur an gnìomh.” (Colaistean Alba)

Thuirt mòran de luchd-freagairt an dà chuid ann an còmhraidhean CCG agus san t-Suirbhidh Sgoiltean is Colaistean gum biodh sgilean a bharrachd a dhith aig tidsearan àrd-sgoile a tha gu tric air an trèanadh gus aon chuspair a theagasg, agus gu bheil taic do thidsearan ùra tro ITE tùsail agus taic leantainneach dhan luchd-teagaisg air fad tro leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD) deatamach.

“Feumaidh trèanadh iomchaidh agus ùine a bhith aig luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn nàdar nan atharrachaidhean agus ag ullachadh airson nan atharrachaidhean sin.” (Buidheann-stiùiridh nan Seirbheisean Cloinne, Comhairle Shealtainn)

Bha draghan ann mu cho-ionannachd thar gach buidheann luchd-freagairt. Bha cuid de luchd-freagairt a' faighneachd am biodh cuid de shuidheachaidhean foghlaim ann an suidheachadh na b' fheàrr gus cothroman a thabhann dhan luchd-ionnsachaidh aca na cuid eile; bhathar den bheachd gum biodh buannachd a bharrachd aig sgoiltean ann an sgìrean bailteil agus aig sgoiltean ann an sgìrean nas beartaiche. Chaidh draghan a thogail cuideachd mu mar a dh'fhaodadh an eileamaid seo a bhith nas dùbhланаiche a choileanadh do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd.

“Dh'fhaodadh fòcas air sgilean agus comasan luchd-ionnsachaidh le Feumalachdan Taic a Bharrachd a chur fo ana-cothrom ann an raointean leithid conaltradh; ge-tà; ach dh'fhaodadh e soirbheachadh gu mòr ann an raointean practaigeach agus ann an IT. Feumar aithneachadh gu dearbh, gu sònraichte do chlann ann am foghlam dachaigh air a bheil feumalachdan taic a bharrachd.” (Pàrant/ Neach-cùraim)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Thug na ceistean a chaidh a thogail sa cho-chomhairle grunn bhuidhean air molaidhean an Lèirmheis seo (faic Caibideil a Sia).

- taic dhan mholadh thar raon farsaing de choimhearsnachdan, gu sònraichte am measg luchd-ionnsachaidh;
- feum air barrachd mion-fhiosrachaidh mar phàirt de na molaidhean, gu sònraichte air molaidhean a thaobh measadh;
- tha e cudromach tuigsinn carson a bha oidhirpean roimhe gus obair pròiseict a thoirt a-steach thar chuspairean duilich, agus gus ionnsachadh bho seo;
- tha e cudromach gum bi tìde agus taic aig luchd-obrach agus ann an ITE gus an eileamaid seo den Dioplòma a thoirt air adhart, agus:
- gum feumar dèanamh cinnteach gu bheil cothroman co-ionann air feadh na dùthcha agus airson a h-uile neach-ionnsachaidh.

2.4.4 Slighe Phearsanta

San fharsaingeachd, bha luchd-freagairt a' toirt taic do phrionnsapal na Slighe Pearsanta ach chomharraich iad draghan mu mar a bhiodh e air a bhuileachadh agus air a libhrigeadh an da-rìribh. Chaidh draghan mòra a thogail a thaobh co-ionannachd thar gach buidheann luchd-freagairt.

“Tha mi a' tuigsinn nan draghan mu chothromas, ach tha mi creidsinn nuair a smaoinicheas mi mu dheidhinn, gum bi an cothrom sin fhathast aig daoine òga aig a bheil barrachd cothrom air cothroman tron sgoil no taobh a-muigh na sgoile, co-dhiù a bheil solas air a lasadh air le bhith a' cleachdadh dioplòma no chan eil. Nuair a tha luchd-ionnsachaidh a' sgrìobhadh an cuid aithrisean pearsanta no iarrtasan obrach no a' sgrìobhadh Chunntasan Beatha, bidh e comasach dhaibh am beairteas chothroman sin a thoirt leotha. An àite a bhith

a' seachnadh na ceist sin, a bheil seo a' toirt dùbhlann dhuinn mar shiostam gus barrachd co-ionannachd a chur air dòigh a thaobh ruigsinneachd air cothrom do dh'òigridh gus an cuideachadh le bhith a' tuigsinn an àite aca, is dòcha mar neach-cùraim òg no ann a bhith a' dèanamh ghnìomhan taobh a-muigh na sgoile. Tha sinn a' leigeil leotha an seòrsa sgilean aithneachadh a tha gu bhith air leth cudromach san àm ri teachd aca, agus gum faodadh a bhith nas beartaiche is dòcha na cuideigin aig a bheil cothrom air tòrr chlubachan is ghnìomhachdan.” (Ball CCG - Luchd-fastaidh san Roinn Phoblach is an Treas Roinn)

“Bha dragh air tidsearan gun toireadh ionmhas aig teaghlachan fa-leth cus buaidh air builean, agus gum biodh e comasach do chuid de sgoilearan na bràistean coileanaidh iomchaidh fhaighinn ach gum biodh nas lugha de chothroman aig cuid eile gus an calpa cultarail a tha a dhith a chruinneachadh.” (NASUWT)

San fharsaingeachd, chuir na CCGan fàilte air an t-Slighe Phearsanta agus iad ag ràdh:

- bhrosnaicheadh e coileanadh taobh a-muigh cuspairean acadaimigeach;
- dh'fhaodadh e a bhith gu sònraichte luachmhor do luchd-ionnsachaidh nach eil cho math air ionnsachadh acadaimigeach;
- dh'fhaodadh e cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh an cuid ionnsachadh a leudachadh, meòrachadh air an eòlas sin agus fianais a bhith aca ga dhearbhadh, agus;
- bheireadh e dealbh cruinn agus iomlan den neach-ionnsachaidh.

“Tha an EIS a' cur fàilte air dòigh in-ghabhalach a thaobh a bhith ag aithneachadh euchdan dhaoine òga, a' gabhail a-steach an fheadhainn a chaidh a choileanadh taobh a-muigh suidheachadh foghlaim foirmeil. Do mòran luchd-ionnsachaidh, faodaidh an leithid de choileanaidhean a bhith am measg nan coileanaidhean as luachmhoire agus as cruth-atharrachail aca. Dh'fhaodadh dòigh-obrach mar seo a bhith fìor fheumail do luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' tuigsinn an

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

cuid ionnsachaidh fhèin roghainnean san àm ri teachd fhiosrachadh; agus dh'fhaodadh e ceangal math a dhèanamh ri eileamaidean eile den Dioplòma." (EIS)

Bha luchd-cleachdaidh theisteanasan (luchd-fastaidh, oilthighean, colaistean) gu sònraichte fàbharach mu dheidhinn, a' toirt fa-near gun robh e a' tabhann dòigh gus barrachd ionnsachadh mun neach-ionnsachaidh, agus 's dòcha cothrom gus eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar grunn thagraichean leis na "h-aon" teisteanasan cuspair.

"A-rithist, [tha mi] a' cur fàilte air an seo agus gu tric nuair a tha mi a' dèanamh agallamhan le daoine òga airson a' chiad dreuchd aca nuair a bhios iad a' bruidhinn air na cur-seachadan aca, na choilean iad ann an spòrs, na clubaichean agus an obair shaor-thoileach is seo iad tòrr nas dioghrasach agus a' bruidhinn le fìor fhaireachdainn mun chuspair." (Ball CCG, Luchd-fastaidh)

Bha mòran de na freagairtean a fhuaras tron t-Suirbhidh Sgoiltean is Cholaistean fàbharach airson adhbharan coltach ri seo Bhiodh e:

- a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh a bhith ag aithneachadh nan sgilean a tha iad a' togail sa bheatha làitheil aca;
- luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gus uallach a ghabhail airson an cuid ionnsachaidh fhèin tro bhith an sàs ann an cur-seachadan taobh a-muigh na sgoile;
- comas a thoirt do luchd-ionnsachaidh barrachd a chur ris a' choimhearsnachd agus bhith a' dèanamh saor-thoileach ann am buidhnean eadar-dhealaichte, gus an urrainn dhaibh a bhith air an aithneachadh airson na choilean iad;
- leigeil le luchd-ionnsachaidh làn bheachdachadh a dhèanamh air na tha iad airson a dhèanamh nuair a dh'fhàgas iad foghlam;
- cothrom a thoirt seachad meòrachadh air coileanaidhean, ach bho shealladh nas fharsainge na dìreach na comharran deuchainn aca, agus;

- cothrom a thabhann a bhith a' cur luach air agus a' comharrachadh diofar litreachasan cultarach.

Bha aonta farsaing am measg a h-uile buidheann luchd-freagairt gum bu chòir an earrann Slighe Phearsanta a bhith air a dhearbhadh ach gun a bhith air a chomharrachadh. Ach, bha draghan nach bu bheag ann mu cho-ionannachd am measg a h-uile buidheann luchd-freagairt le mòran ag ràdh gum faodadh an earrann seo neo-ionannachd a tha ann mar-thà a dhèanamh nas miosa leis gum faodadh gum biodh barrachd cothrom aig luchd-ionnsachaidh bho dhachaighean beairteach/le buannachdan sòisealta air gnìomhan agus cothroman taobh a-muigh na sgoile. Thog cha mhòr a h-uile neach-freagairt cùisean co-ionannachd, a' toirt fa-near mar eisimpleir nach eil cothrom aig luchd-ionnsachaidh ann an sgìrean bochda agus sgìrean dùthchail air na h-aon chothroman ri luchd-ionnsachaidh ann am bailtean mòra bho theaghlaichean beairteach.

"Ma ghabhas iad pàirt ann an club sam bith, faodaidh e a bhith na dhùbhlàn do thòrr dhaoine òga a bhith a' dol an sàs ann an clubaichean, a' coinneachadh ri daoine ùra is msaa agus mar sin ma tha iad gu mòr an sàs ann an clubaichean bu chòir sin aithneachadh. A' gabhail pàirt ann an gnìomhachd sam bith le sponsaireachd agus ag obair gu saor-thoileach a-muigh leis an sgoil. Bhiodh e math cuideachd a bhith ag aithneachadh greisean-gnìomhachais agus na chaidh a choileanadh annta." (Kibble)

Bha grunn luchd-freagairt den bheachd gum bu chòir ceumannan a chur an sàs gus am faigheadh clann fo ana-chothrom buannachd bho na cothroman an lùib na Slighe Pearsanta. Ach, bha mòran a' faireachdainn gum biodh e na dhùbhlàn dèiligeadh ri neo-ionannachd shiostamach agus gum biodh e feumach air tòrr mòr ghoireasan, le cuid a' co-dhùnadh gur dòcha nach biodh e soirbheachail aig a' cheann thall.

'S fhiach e toirt fa-near gun deach earrainn na Slighe Pearsanta san Dioplòma atharrachadh bho chaidh a' cho-chomhairleachadh poblach a chur air dòigh, mar thoradh air beachdan ann

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

an Ìre a Trì den Lèirmheas. Chan eil fòcas na h-earrainn Slighe Phearsanta air an àireamh de ghnàth-eòlasan a tha air a bhith aig an neach-ionnsachaidh ach air na tha neach air ionnsachadh tro gnàth-eòlas i.e., am meòrachadh.

Thug na ceistean a chaidh a thogail sa cho-chomhairle grunn bhuidhean air molaidhean an Lèirmheis seo (faic Caibideil a Sia).

- Taic ann am prionnsabal dhan t-Slighe Phearsanta. Air a h-aithneachadh mar dhòigh mhath gus dealbh nas cruinne, nas pearsanta fhaighinn den neach-ionnsachaidh agus gus cothroman nas fharsainghe a thabhann dhan a h-uile neach-ionnsachaidh gus euchdan a thaisbeanadh.
- Feumar aghaidh a chur air draghan mu chothromas. Cha do chruthaich am moladh an neo-ionannachd ach chomharraich e gun robh an neo-ionannachd ann.
- Bu chòir dhan t-Slighe Phearsanta a bhith air a dhearbhadh ach gun a bhith air a chomharrachadh.
- Cha bu chòir fòcas na Slighe Pearsanta a bhith air an àireamh de dh'eòlasan ach air na tha neach air ionnsachadh, mar eisimpleir, an comas a bhith a' meòrachadh air na dh'ionnsaich iad.



2.4.5 Co-ionannachd Spèis

Tha co-ionannachd spèis thar theisteanasan na h-àrd-amas a th' air a bhith aig foghlam na h-Alba bho chionn fhada. Chaidh faighneachd den luchd-fhreagairt: gus co-ionannachd meas a bhrosnachadh thar gach teisteanas, acadaimigeach no teicnigeach agus proifeasanta, am bu chòir an t-aon ainm a bhith aig teisteanasan aig ìre SCQF sònraichte?

Bha mòran de na freagairtean aig CCGan taiceil dhan mholadh seo ged a thuirtear nach urrainn atharraichean cànan ach beagan a dhèanamh gus bheachdan air airidheachd nan cùrsaichean acadaimigeach agus teicnigeach, dreuchdail agus proifeasanta atharrachadh.

“Chan eil an t-ainm aig cùrsa fa-leth idir cho cudromach ri nàdar agus ìre phroifeasanta a' chùrsa sin. Mar eisimpleir, thathar a' tuigsinn nach eil Dealbhadh Geamannan aig Ìre 6 cho doirbh ri Coimpiutaireachd aig Ìre 6; nach eil Togail-dhealbhan aig Ìre 6 cho dùbhlach ri Ealain aig Ìre 6. Tha tidsearan ag iarraidh co-ionannachd eadar cùrsaichean a tha aig an aon ìre. Tha iad cuideachd airson dèanamh cinnteach gum bi sgoilearan aig a h-uile ìre comasach air coileanadh agus nach eil sgoiltean a' feuchainn ri toirt air sgoilearan suidhe ann an clas a tha fìor acadaimigeach nuair nach eil sin freagarrach dhaibhsan”. (NASUWT)

Fhreagair beagan a bharrachd air dà chòigeamh den luchd-fhreagairt san t-Suirbhidh Sgoiltean is Colaistean “bu chòir” mar fhreagairt dhan cheist seo. Bha cuid a' faireachdainn gun robh teisteanasan eadar-dhealaichte a thaobh ìre, cruas agus ìre dùbhlain. Bha cuid eile a' faireachdainn gum bu chòir dhan ainm cuideachd a bhith a' nochdadh an t-seòrsa coileanadh agus an e teisteanas acadaimigeach, teicnigeach no proifeasanta a th' ann.

“Cha bu chòir. Bu chòir tiotal an teisteanais a bhith co-cheangailte ris an eòlas, na sgilean agus na modhan measaidh a tha na bhroinn. Tha creideas aig deuchainnean Àrd-ìre mar thoradh air a' cheangal le siostam measaidh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

làidir agus earbsach. Bidh fastaichean agus solaraichean foghlaim/trèanaidh airson tuigsinn dè tha an neach-ionnsachaidh air dearbhadh as urrainn dhaibh dèanamh agus tha tiotal an teisteanais co-cheangailte ri seo. Ged a bhiodh an t-aon ainm/tiotal nas in-ghabhailtaich, tha deagh obair a' dol air adhart anns a' mhòr-chuid de sgoiltean gus co-ionannachd meas fhaighinn taobh a-staigh frèam SCQF. Gabhaidh seo a dhèanamh agus fhathast a bhith ag aithneachadh gu bheil diofar iarrtasan an lùib diofar theisteanasan." (Àrd-sgoil Chaisteal na Maoirne)

"Tha sinn fìor bhrosnachail mu seo. Tha mòran sgoiltean a-nis nan Tosgairean SCQF oir tha iad den bheachd gu bheil seo fìor chudromach. Tha ar taic ris an aon ainm dhan aon ìre gun teagamh." (Àrd-sgoil na Coille an Ear)

2.4.6 Meòrachaidhean air a' Phròiseas

Chaidh an Lèirmheas a dhealbhadh gus a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an teisteanasan agus measadh a thoirt a-steach bho na h-ìrean as tràithe den dealbhadh. Bha pròiseas an Lèirmheis a' gabhail a-steach raon farsaing de choimhearsnachdan, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh tron phròiseas air fad. Bha e fìor mhath an fharsaingeachd de choimhearsnachdan a bhith air an riochdachadh taobh a-staigh an IRG. Fhuair a h-uile ball den IRG cothrom teisteanasan fhaicinn tro shùilean diofar bhuidhnean, luchd-ionnsachaidh, phàrantan, thidsearan agus òraidichean, sgoiltean agus cholaistean, luchd-dèanamh poileasaidh ionadail is nàiseanta, bhuidhnean nàiseanta, fhastaichean agus oilthighean. Thug na buidhnean cuspaireil fianais eadar-dhealaichte do na còmhraidhean. Dh'aithnich an IRG gum biodh eus-aonta ann agus bheachdaich iad gu fosgailte air na ceistean, leis an amas dealbhadh a chruthachadh a bhios a choileanadh feumalachdan na h-Alba san dòigh as fheàrr.

Tha e na dhearbhadh air dealas a h-uile duine san IRG, gun do chùim iad orra leis a' phròiseas agus gun do dh'obraich iad tro dhuilgheadasan a dh'aindeoin nàdar dùbhlach nan còmhraidhean agus beachdan a bha gu tric a' dol an aghaidh a' chèile.

Le dithis bhall de Phàrlamaid Òigridh na h-Alba a bhith air an IRG aig a bheil eòlas ùr air an Ìre as Àirde, rinn sin cinnteach gun do chùim an IRG fòcas soilleir air luchd-ionnsachaidh a bhith aig cridhe an Lèirmheis.

Is dòcha nas cudromaiche, bha buill den IRG eòlach air na coimhearsnachdan leis an robh iad ag obair agus mar a b' fheàrr com-pàirteachadh leotha. B' urrainn dhaibh conaltradh bhon Lèirmheas a dhèanamh freagarrach do fheumalachdan sònraichte na coimhearsnachd aca agus bha ceanglaichean aca na bhroinn a rinn pròiseas an Ath-bhreithneachaidh nas èifeachdaiche agus nas cuimsichte. Bha càileachd an fhios-air-ais a fhuair a' làidir air sgàth 's gun robh iad an sàs ann.

Tha am modail a' gabhail a-steach co-obrachadh. Ach, tha raointean ann far am feumar barrachd obrach a dhèanamh ma tha foghlam ann an Alba gu bhith a' dèanamh feum air cruthachalachd agus eòlas gach neach a tha an sàs sa phròiseas. An toiseach, a dh'aindeoin an raon fharsaing de dhòighean-obrach a chleachd an Lèirmheas gus conaltradh a dhèanamh le tidsearan clas agus goireasan a thoirt gu an aire, tha sinn mothachail nach robh cothrom aig a h-uile duine cur ris an Lèirmheas. Tha com-pàirteachadh an luchd-teagaisg uile ann an leasachadh poileasaidh fhathast na cheist dhan roinn. Tha e deatamach gun dèiligear ri seo ma tha ath-leasachadh theisteanasan agus measaidh an Lèirmheas seo, gu bhith soirbheachail ann an cleachdadh.

Tha conaltradh phàrantan na raon eile far am feumar piseach a thoirt air ar cleachdadh. Bha na buill IRG a chur CCG nam pàrantan air dòigh cho for-ghniomhach 's a ghabhas. Le taic bho thabhartas bho Riaghaltas na h-Alba, dh'atharraich iad stuthan, chruthaich iad suirbhidhean, chùim iad coinneamhan agus smaoinich iad gu cruthachail mun

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

dòigh as fheàrr gus pàrantan a thoirt an sàs. A bharrachd air an sin, bha cuid de sgoiltean, a' gabhail a-steach pàrantan anns a' phròiseas co-chomhairleachaidh aca. A dh'aindeoin seo tha sinn fhathast a' faireachdainn nach d' fhuair a h-uile pàrant cothrom a dhol an sàs san Lèirmheas. Seo raon eile far an deach deagh thoiseach tòiseachaidh a dhèanamh ach far a bheil tòrr ri dhèanamh fhathast.

Moladh 2: Lean air adhart leis a' phròiseas de dh'atharrachadh chultarach.

Bu chòir do dh'Alba structar an IRG agus nan CCGan co-cheangailte a chumail mar phrìomh mhodh com-pàirteachaidh nuair a bhios an dùthaich a' toirt a-steach agus a' leasachadh dòighean-obrach ùra a thaobh teisteanasan agus measadh. Bu chòir dha cuideachd togail air oidhirpean an Lèirmheis seo gus a h-uile sgoil agus colaiste san dùthaich a thoirt a-steach, ionnsachadh bho na dh'obraich gu math agus mar a bu chòir dhan ionnsachadh sin buaidh a thoirt air co-chomhairlean san àm ri teachd.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

3. Ath-leasachadh ann an Alba agus Coimeasan Eadar-nàiseanta

3.1 Tar-shealladh

Ann an Caibideil a h-Aon, mhinich sinn carson a chaidh an Lèirmheas seo a bharantachadh. Anns a' Chaibideil mu dheireadh thug sinn cunntas air mar a rinn sinn an Lèirmheas agus na dh'ionnsaich sinn tro na trì ìrean conaltraidh.

Anns a' chiad phàirt den Chaibideil seo, bidh sinn a' coimhead air na dh'fhaodamaid ionnsachadh bho na tha sinn air ionnsachadh bho ath-leasachadh CfE. Anns an dàrna pàirt den Chaibideil seo, bidh sinn a' beachdachadh air cuid de na dòighean-obrach a thaobh theisteanasan agus measadh ann an uachdranasan eile.

Ath-leasachadh ann an Alba

3.2 Ag Ionnsachadh bho Ath-leasachadh Foghlaim: An Curraicealam airson Sàr-mhathais agus an Ìre as Àirde ann an Sgoiltean agus Colaistean.

Bha tòrr dhaoine a tha ag obair an am foghlam ag aithneachadh an deilbh a rinn Lèirmheasan Neo-eisimeileach an OECD (OECD, 2021, Stobart, 2021) air an Ìre as Àirde ann an Alba. Bha teisteanasan agus measadh san Ìre as Àirde air fàs gu math eadar-dhealaichte ris na bhathar an dùil ann an làithean tràtha CfE. Thug [Curriculum 5a framework for assessment](#) (2011) seachad an stiùireadh nàiseanta tùsail air measadh agus teisteanasan.

“Bu chòir an curraicealam san Ìre as Àirde a bhith air a dhealbh gus Prionnsapalan dealbhaidh curraicealaim agus na còraichean dhan a h-uile neach-ionnsachaidh a tha air am mineachadh ann am Building the Curriculum 3 a choileanadh agus bu chòir na

ceithir taobhan den churraicealam a ghabhail a-steach (feallsanachd agus beatha na sgoile mar choimhearsnachd, raointean curraicealaim agus cuspairean, ionnsachadh eadar-chuspaireil agus cothroman airson coileanadh pearsanta). (td16)

Nuair a chaidh CfE a chur air dòigh an toiseach, bha Alba ga meas mar dhùthaich a bha air toiseach air cùisean am measg dùthchannan a bha airson curraicealaman a dhealbhadh a bhiodh iomchaidh airson na 21mh linn (OECD, 2021). Ach cha robh e às aonais luchd-càinidh (Priestley & Humes, 2010), agus nuair a chaidh a chur an gnìomh, bha e follaiseach gun robh beàrnann ann eadar na rùintean tùsail agus na bha a' tachairt an da-rìribh ann an sgoiltean agus seòmraichean-teagaisg. Tha mòran de na beachdan a tha air tighinn am bàrr mu na tha an dàn do theisteanasan agus measadh san Lèirmheas seo glè choltach ris an fheadhainn a chaidh a mholadh ann an làithean tràtha CfE. Mar phàirt den Lèirmheas, dh'fhaighnich sinn do ghrunn dhaoine a bha air a bhith an sàs ann an leasachadh tùsail CfE carson a bha iad den bheachd gun do thachair seo. Chaidh grunn adhbharan a chur air adhart airson seo.

- Ann am planadh CfE, cha deach aire gu leòr a thoirt air dè thachradh às dèidh foillseachadh nan sgrìobhainnean.
- B' e am plana tùsail airson CfE gum bithear a' cumail a' dol a' gabhail a-steach sgoiltean agus tidsearan ann a bhith a' leasachadh beachdan thar ùine ach dh'atharraich suidheachadh an ionmhais agus cha robh e comasach barrachd a dhèanamh den t-seòrsa leasachaidh co-obrachail ris an robhar an dùil.
- Dh'adhbharaich an t-amas an curraicealam fhàgail cho fosgailte 's a ghabhas gus leigeil le tidsearan prògraman a dhealbhadh a bhiodh a rèir feumalachdan nan oileanach aca fhèin, iarrtasan airson soilleireachd. Gus iarrtasan a fhreagairt, chaidh tòrr mòr stiùiridh a sgrìobhadh (còrr is 20,000 duilleagan). Tha cus stiùiridh cho dona ri gun gu leòr stiùireadh a bhith ann.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Bha tidsearan a' faireachdainn gur ann orra fhèin a bha an t-uallach air fad gus CfE a chur an gnìomh. Nuair a dh'iarr iad taic, chaidh barrachd stiùireadh a chruthachadh. B' e an rud a bha tidsearan ag iarraidh taic phractaigeach, mar eisimpleir, eisimpleirean de stuthan sa chlas a ghabhadh atharrachadh gus feumalachdan an luchd-ionnsachaidh a choileanadh, ùine airson beachdan agus cleachdaidhean a leasachadh, ag obair còmhla ri co-obraichean san sgoil, cothroman coimhead air cleachdadh thar sgoiltean.
 - Bha deagh rùn ann le bhith a' toirt a-steach theisteanasan san Ìre as Àirde nas fhaide air adhart sa phròiseas buileachaidh. Bha an co-dhùnadh seo ag amas air cothrom a thoirt do sgoiltean smaoinichadh air a' churraicealam ro mheasadh agus teisteanasan. Ach ann an da-rìribh bha seo air ciallachadh nach tug mòran àrd-sgoiltean mòran aire do CfE, agus iad den bheachd gum feumadh iad feitheamh gus faicinn cò ris a bha na teisteanasan coltach mus smaoinicheadh iad air teagasg agus ionnsachadh. Chaidh argamaid a dhèanamh gun robh seo air suidheachadh adhbharachadh far an robh cuid a' faicinn CfE mar churraicealam nan Tràth-bhliadhnaichean agus na bun-sgoile.
 - Cha robhar a' tuigsinn cho mor 's a bha an obair a bhith a' togail inbhean nàiseanta coitcheann agus dh'fhàs pròiseasan measaidh ro bhiùocratach.
 - Bha na cothroman a bha aig daoine taobh a-muigh sgoiltean agus colaistean gus CfE a thuigsinn caochlaideach. Bha pàrantan agus fastaichean, gu sònraichte, mì-chinnteach mu dè bu chòir a bhith an dùil bho CfE agus dè dha-rìribh a bha cudromach ann an teisteanasan.
 - Bha deagh rùn aig a' cho-dhùnadh eileamaid a-muigh a bhith aig N5 ach chan ann aig N4. Ach, ann an co-theacs na h-Alba far a bheil deuchainnean air a bhith nam pàirt cho làidir den t-siostam foghlaim thar ùine mhòr, bha an co-dhùnadh air beachd adhbharachadh am measg mòran phàrantan gur e N5 an teisteanas a bu chòir dhan chloinn aca a dhèanamh. Mar thoradh air seo, rinn tòrr dhaoine òga cùrsaichean nach robh a rèir nam feumalachdan aca.
 - Bha amas aig CfE gluasad gu libhrigeadh chùrsaichean dà-bhliadhna - agus faighinn seachad air na h-ìrean nas ìsle de chùrsaichean agus a bhith a' gluasad gu measadh aig àm fàgail. Ged a dh'fheuch beagan sgoiltean ris an dòigh-obrach seo a chur an gnìomh - cha deach gabhail ris san fharsaingeachd.
- Tha leasan aig an Lèirmheas seo ri ionnsachadh bho seo. Tha iad seo a' gabhail a-steach:
- Feumaidh plana a bhith ann airson gluasad nas fhaide na na beachdan san sgrìobhainn seo.
 - Feumar beachdachadh gu faiceallach air nàdar an ionnsachaidh phroifeiseanta.
 - Bu chòir gum biodh goireasan air an cruthachadh ann an co-obrachadh le tidsearan rim faighinn, a ghabhadh atharrachadh le luchd-teagaisg a rèir feumalachdan an luchd-ionnsachaidh.
 - Feumar buaidhean a thaobh stòrasan aithneachadh.
 - Feumaidh dreuchdan agus dleastanasan, gu nàiseanta agus gu h-ionadail, a bhith air an aontachadh agus air an ceangal gu soilleir ri bhith a' toirt taic do thidsearan agus luchd-ionnsachaidh.
 - Bu chòir cho cudromach 's a tha e gum bi luchd-teagaisg a' cruthachadh agus a' co-roinn inbhean aithneachadh mar chùis co-ionannachd - feumaidh tuigse choitcheann a bhith aig tidsearan gus an urrainn dhaibh fios-air-ais ceart a thoirt do luchd-ionnsachaidh.
 - Bu chòir cleachdaidhean fòcas a chur air ionnsachadh agus bu chòir gnìomhan aontachadh gus dèanamh cinnteach nach fhàs iad biùocratach. (Priestley et al, 2023)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



Bha CfE ag aithneachadh a' phrìomh àite a tha aig cuspairean ann am foghlam ach rinn e argamaid airson barrachd air eòlas air cuspairean. A rèir rùintean CfE, bu chòir dhan churraicealam mar a dh'fhiosraicheas gach neach-ionnsachaidh e a bhith a' gabhail a-steach cothroman gus raointean curraicealaim agus cuspairean a sgrùdadh ann an doimhneachd ach bu chòir dhaibh cuideachd a bhith a' gabhail a-steach conaltradh leis an sgoil mar choimhearsnachd, cothroman faighinn a-mach mar a tha ionnsachadh ceangailte thar diofar raointean den churraicealam agus cothroman air ionnsachadh fa leth tro choileanadh pearsanta. Bu chòir na chaidh a mhìneachadh san sgrìobhainn mar “teisteanasan an ath ghinealach” a tha SQA agus solaraichean eile a' tabhann, a bhith a rèir luachan agus miannan CfE.

Tha nàdar CfE mar a tha air a mhìneachadh gu h-àrd cho mòr is nach robh e riamh coltach gum biodh teisteanasan foirmeil comasach air riatanasan uile an CfE a choileanadh. Ach, thug dealbhadh tùsail nan teisteanasan ùra co-thaobhadh nas dlùithe eadar CfE agus teisteanasan na na teisteanasan làithreach. Chaidh na Teisteanasan Nàiseanta a dhealbhadh gus fianais a chruinneachadh mu dè am fios agus dè an tuigse a th' aig luchd-ionnsachaidh agus air na sgilean agus comasan aca. Bha teisteanasan a' gabhail a-steach raon farsaing de dhòighean-obrach a thaobh measaidh. Bha diofar dhòighean air fianais a thogail eadar-dhealaichte a

rèir cuspair, mar eisimpleir, bha ealain agus dealbhadh a' gabhail a-steach folio obrach agus bha fiosaigs a' gabhail a-steach pròiseact saidheansail. Chaidh co-dhùnaidhean mu nàdar a dhèanamh le pannalan de dh'eòlaichean cuspair, stèidhichte air na bha iad a' faicinn mar an dòigh a b' fheàrr air coileanadh luchd-ionnsachaidh sa chuspair a dhearbhadh. Chaidh sgilean agus comasan a dhèanamh nam pàirt den na prògraman ionnsachaidh agus chaidh an aithneachadh sna duaisean.

Ach, às dèidh suidheachadh COVID-19 ann an 2019, dh'aithris aithisg Priestley (2020) air suidheachadh gu math eadar-dhealaichte san Ìre as Àirde bho na bha luchd-cruthaichidh CfE an dùil. Fhuair na co-dhùnaidhean sin taic às dèidh sin bho fhianais a thàinig am bàrr san Lèirmheas Neo-eisimeileach seo bho luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim agus fastaichean. Tha Earrann 1.11 gu h-àrd a' toirt cunntas air cuid de na prìomh thoraidhean agus dhraghan aig Priestley air an deach iomradh a thoirt le Morgan (2018) agus Muir (2022), a' gabhail a-steach cho cumanta 's a tha “a' chabhag dà-theirm”, gnàth-eòlasan ionnsachaidh ath-aithriseach agus foirmleach, dìth dùbhlain do chuid de luchd-ionnsachaidh, leasachadh cuibhrichte air sgilean nas fharsainge, glè bheag de dh'ionnsachadh thar-chuspair no gun ionnsachadh tar-chuspair idir agus streas agus droch bhuidh air sunnd air adhbharachadh le fòcas dian air deuchainnean. Fhuair na co-dhùnaidhean sin taic às dèidh sin bho fhianais a thàinig am bàrr san Lèirmheas seo bho luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim agus fastaichean.

Dh'aithris mòran de luchd-ionnsachaidh ris an deach bruidhinn mar phàirt den Lèirmheas seo ìrean àrda de streas a bha air adhbharachadh leis an fhòcas fhollaiseach air deuchainnean.

“An àite aon deuchainn, bu chòir dhan SQA measaidhean nas lugha a thoirt seachad tron bhliadhna gus am bi nas lugha de streas ann. Dèan measadh air aonadan an àite nan cuspairean gu lèir aig an aon àm.” (Ball CCG, Oigridh Eadar-chultarach na h-Alba)

“Tha deuchainnean uamhasach duilich dhomh a thaobh slàinte inntinn agus mar sin

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

tha mi a' smaoinichadh gum biodh deagh chothromachadh eadar obair cùrsa agus deuchainnean na bhuannachd gun teagamh do bharrachd dhaoine oir tha fios agam gun còrd deuchainnean nas fheàrr le cuid a dhaoine cuideachd!" (Ball CCG, Pàrlamaid Òigridh na h-Alba)

Chaidh aithris air toraidhean coltach ri seo cuideachd ann an Lèirmheas Muir (2022) agus anns an Deasbad Nàiseanta (2023). Nochd Angela Morgan (2018) dragh cuideachd san lèirmheas aice 'Support for Learning: Nochd All Our Children and their Potential cuideachd mu "aithris a thaobh coileanadh agus buileachadh."

Dh'aithris Morgan (2018) cuideachadh gun robh luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd gu tric ga fhaighinn doirbh cothrom fhaighinn air rèiteachaidhean measaidh eile agus gun robh na rudan sin còmhla a' toirt droch bhuaidh air sunnd agus an foghlaim dhaoine òga.

"Cho-roinn mòran de Bhuill Pàrlamaid Òigridh na h-Alba an cuid eòlas air teicneòlas mar luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd agus bha iad a' faireachdainn gun robh air leth cuideachail a bhith a' cleachdadh laptop." (Ball CCG, Pàrlamaid Òigridh na h-Alba)

"Mar phàrant aig pàiste le dyslexia, bheireadh cleachdadh teicneòlas didseatach cothrom na Fèinne dhi." (Neach fa leth, Co-chomhairle Ìre a Dhà)

Tron Lèirmheas, dh'aithris iomadh ceannard-sgoile gun robh an fhianais a chaidh a chruinneachadh airson breithneachadh air càileachd an fhoghlaim ann an sgoiltean, tomhasan cunntalachd, a' stiùireadh giùlain ann an sgoiltean. Bha sgoiltean a' faireachdainn nach biodh iad air am meas a rèir dè cho math 's a bha iad a' coileanadh fheumalachdan gach neach-ionnsachaidh ach a rèir cia mheud neach-ionnsachaidh a choisinn teisteanasan Nàiseanta 5 agus Àrd-ìre. Chaidh aithris gun dòcha gun deach comhairle a thoirt do luchd-ionnsachaidh uaireannan teisteanasan a ghabhail a bhiodh na bu luachmhoire airson stadastaireachd na sgoile seach na teisteanasan a b' fheàrr a fhreagradh air an cuid neartan. Thuirt luchd-ionnsachaidh

gu tric is gu minig gun robh cus dheuchainnean aca. Dh'aithris tidsearan gun robh cuideam daonnan orra "faighinn tron churraicealam" ann an sreath de "chabhagan dà-theirm". Bha mòran tidsearan agus luchd-ionnsachaidh nach robh riarachta le teisteanasan mar a bha iad air an teagasg agus air an ionnsachadh san Ìre as Àirde, le glè bheag de dh'ionnsachadh domhainn ann an sgoiltean agus seòmraichean-teagaisg, dìreach faireachdainn gun robh daoine ann an siostam a bha air a ruith gus dòighean a tha a' sìor fhàs nas èifeachdaiche a lorg gus ro-aithris mar a nì daoine ann an deuchainn agus gus practas fhaighinn airson deuchainnean. Tha ionnsachadh daonnan a' gabhail a-steach cleachdadh agus tha e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn mar a tha deuchainnean ag obair agus mar a nì iad gu math annta. Tha seo cudromach ach aig a' cheann thall, ma nithear cus dheth seo, fàsaidh e gu bhith na phrìomh fhactar ann an ionnsachadh agus teagasg, nì e caolachadh air a' churraicealaim agus dh'fhaodadh e a bhith a' dì-mhisneachadh chuibhreann mòr de luchd-ionnsachaidh.

3.3 Ag ionnsachadh bho Cho-theacsan Eadar-nàiseanta agus san RA

A bharrachd air a bhith a' meòrachadh air ar n-eachdraidh fhìn agus air oidhirpean roimhe gus ath-leasachadh a thoirt air ann an CfE, bha an Lèirmheas a' coimhead nas fhaide air fealba na Alba. Bha an rannsachadh againn a' gabhail a-steach grad sgrùdadh litreachais deasg air beagan sgrùdaidhean coimeasach a rinneadh mar-thà. Chaidh seo a leantainn le sreath de choinneamhan neo-fhoirmeil le daoine fa leth aig a bheil eòlas air siostaman foghlaim ann an uachdranasan eile. B' e ar n-amas le bhith a' dèanamh seo ar tuigse a leudachadh mu na teisteanasan agus cleachdaidhean measaidh a dh'fhaodadh a bhith comasach, mar eisimpleir, dòighean-obrach a bha mar-thà gan cleachdadh ann an dùthchannan àrd-

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

choileanaidh eile agus a dh'fhaodadh, mar sin, a bhith comasach ann an Alba, ma tha an suidheachadh freagarrach.

Bha sinn mothachail gu bheil siostaman measaidh mar thoradh air cultar, eachdraidh, traidiseanan agus siostam eaconamach na dùthcha agus air na h-adhbharan sin gur dòcha nach obrach na tha ag obair ann an aon dùthaich ann an dùthaich eile. Mar a tha Stobart (2021) ag ràdh, “Is e pròiseas sòisealta seach saidheansail a th' ann an siostaman measaidh oileanach a tha a' nochdadh na h-eachdraidh agus a' chultar anns a bheil iad”. Mar sin, cha robh sinn a' feuchainn ri siostam a chomharrachadh a ghabhadh a thoirt a-steach a dh'Alba.

Sheall an Lèirmheas air grunn lèirmheasan coimeasach eadar-nàiseanta air siostaman foghlaim, a' gabhail a-steach measadh sgoilearan foghlam àrd-sgoile aig Gordon Stobart ann an Alba (2021), ‘Comparative study of organisational structures in high performing jurisdictions and how they support successful, assessment, curriculum, and qualifications’ (2023) aig an SQA. Aithisg Sharon O'Donnell do Chomhairle Náisiúnta Curaclaim agus Measúnachta/ Comhairle Nàiseanta Curraicealam na h-Èireann ‘Upper Secondary Education in Nine Jurisdictions’ (2018) agus Lèirmheas Geoff Masters air Dùthchannan Àrd-choileanaidh (2022).

Thug aithisg Stobart sùil air naoi siostaman a chomharraich e a tha coltach ri siostam na h-Alba. Nam measg bha: Sasainn, Hong Kong, Sìona, Èirinn, a' Chuimrigh. Thug Stobart sùil cuideachd air an Fhraing, Sealán Nuadh, Nirribhidh, Ontario agus Queensland, a thug e fa-near gu robh “eadar-dhealachaidhean ri Alba às an ionnsachadh sin”. Thug aithisg SQA sùil air cleachdadh ann an 11 uachdranasan: Nirribhidh, an Fhionnlainn, British Columbia, a' Chuimrigh, Èirinn, Sasainn, New South Wales, Sealán Nuadh, an Fhraing, Innis Tìle agus Singapore (SQA, 2022). Thug obair O'Donnell (2018) sùil air na naoi uachdranasan a leanas: Sasainn, an Fhionnlainn, an Fhraing, Èirinn, an Òlaind, Sealán Nuadh, Ontario, Queensland agus an t-Suain.

Chaidh coinneamhan neo-fhoirmeil a chumail cuideachd le daoine le eòlas air na h-uachdranasan a leanas: Canada, an Danmhairg, Èirinn, Sealán Nuadh, Nirribhidh, Queensland, Singapore agus a' Chuimrigh.

Tha e cudromach toirt fa-near do na crìochan sa phàirt seo den Lèirmheas. B' e an t-amas blasad a thoirt seachad de chleachdaidhean taobh a-muigh na h-Alba. Tha gearr-chunntas gu h-ìosal air cuid de na prìomh theachdaireachdan a dh'èirich.

3.4 An t-àite a th' aig Measadh Taobh a-muigh aig Cheann Shuas na h-Àrd-sgoile

“An coimeas ri sin, bidh sgoilearan àrd-sgoile ann an Alba a' dèanamh dheuchainnean nas trice na an fheadhainn ann an uachdranasan eile. Tha seo mar thoradh air an traidisean a bhith a' tabhann trì seataichean de dheuchainnean (Nàiseanta 5; Àrd-ìre; Àrd-ìre Adhartach) anns na bliadhnaichean àrd-sgoile ÀS4, ÀS5, agus ÀS6.” (Stobart, 2021) Tha e a' toirt fa-near cuideachd gur e “cuideam dheuchainnean a tha seo nach fhaighear ann an uachdranasan eile” (Stobart, 2021).

Anns a' chuòt seo, tha Stobart a' comharrachadh cho tric 's a tha deuchainnean bhon taobh a-muigh air an cumail ann an Alba ach cuideachd gu bheil an urra ri deuchainnean bhon taobh a-muigh seach dòighean measaidh eile leithid modhan measaidh air an stiùireadh le tidsear agus air an taobh a-staigh.

Aig an àm seo, tha àite an luchd-teagaisg ann an Teisteanasan Nàiseanta na h-Alba gu ìre mhòr cuingichte ri measadh obair-cùrsa ainmichte SQA, a tha air a mheasadh leotha, air a chur a-steach gu SQA agus an uair sin air a' mhodaradh. Bidh tidsearan a' measadh cuid de dh'obair-cùrsa, mar eisimpleir, coileanadh ann am PE, le ùmhlachd do dhearbhadh. Thèid obair-chùrsa eile a

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

dhèanamh leis an neach-ionnsachaidh ann an ionadan foghlaim agus an uair sin thèid a cur gu SQA airson measadh, mar eisimpleir, am folio de sgrìobhadh ann am Beurla, foliothan ann an ealain is dealbhadh, pròiseactan anns na cuspairean teicnigeach, am pròiseact ann an teicneòlas ciùil. Bithear a' dèanamh mheasaidhean luchd-ionnsachaidh eile ann an ionadan foghlaim le ùmhlachd do luchd-measaidh a' tadhal air an ionad, mar eisimpleir, coileanadh ann an ceòl is dràma, a' bruidhinn ann an nuadh-chànanan. A bharrachd air sin, ged a tha obair-cùrsa na feart den mhòr-chuid de chùrsaichean NQ san Ìre as Àirde, ann an cuid de chuspairean tha an cuideam air an ìre mhath beag, an taca ri cuideam an sgrùdaidh bhon taobh a-muigh (Stobart, 2021). Thoiribh sùil air a' cheangail an cois seo a tha a' toirt gearr-chunntas àrd-ìre air na rèiteachaidhean measaidh airson chùrsaichean **Measadh Chùrsaichean Nàiseanta bho 2023-24- SQA**

Faodar comas a dhèanamh eadar àite thidsearan ann an ceann shuas na h-àrd-sgoile ann an Alba le àite nan tidsearan ann ceann shìos na h-àrd-sgoil agus ann am bun-sgoiltean, far a bheil e mar fhiachaibh orra measadh leantainneach a dhèanamh air adhartas agus coileanadh na cloinne aca. Faodar coimeas a dhèanamh eadar dòigh-obrach àrd-sgoile na h-Alba aig an Ìre as Àirde a thaobh measadh thidsearan agus dòigh-obrach ann am mòran uachdranasan eile a' gabhail a-steach Nirribhidh, an t-Suain, Ontario, Sealan Nuadh agus Queensland far a bheil measadh thidsearan aig cridhe theisteanasan agus measaidh.

Ann an Nirribhidh mar eisimpleir tha 80% de dhuais an oileanaich stèidhichte air measadh in-sgoile (Stobart, 2021) agus “tha tidsearan gam faicinn mar na prìomh eòlaichean chan ann a-mhàin ann an teagasg ach cuideachd ann a bhith a' measadh nan oileanach aca” (OECD, 2011). Chan bhì oileanaich a' dèanamh deuchainn bhon taobh a-muigh ach a-mhàin ann an Nirribhis agus tha cuspairean eile fo ùmhlachd sgrùdadh ann an crannchur deuchainnean, anns am bi timcheall air 20% de luchd-ionnsachaidh a' suidhe gach deuchainn cuspaireil. Chan eil sgoilear sam bith a' gabhail barrachd air dà dheuchainn.

Tha siostam measaidh thidsearan aig an t-Suain cuideachd, as urrainnear a chleachdadh mar bhunait airson faighinn a-steach dhan oilthigh (O'Donnell 2018). Is e siostaman “àrd-earbsa” a th' aig Stobart air na siostaman sin, far a bheil tòrr saorsa aig tidsearan ann a bhith a' co-dhùnadh dè na dòighean anns am faodar fianais a chruinneachadh. Bithear a' cleachdadh fianais bho mhodhan measaidh leithid portfoliathan, obair-cùrsa, amharc thidsearan gus comharra cho-mheasgaichte a chruthachadh.

3.5 Teisteanasan Fàgail agus Teisteanasan Stèidhichte air Cuspair

“Chan bhì Alba, eu-coltach ri mòran uachdranasan eile, a' toirt seachad teisteanas fàgail sgoile ach bidh i a' toirt seachad teisteanasan stèidhichte air cuspair. Mar sin is dòcha nach bhì mòran aig oileanaich nach robh ro shoirbheachail anns na deuchainnean aca airson sealltainn na choilean iad san sgoil.” (Stobart, 2021)

Mar a tha Stobart ag ràdh, tha curraicealam àrd-sgoile aig mòran shiostaman measaidh gu h-eadar-nàiseanta a bheir grunn eileamaidean còmhla ann an dioplòma deireannach. Bidh pròiseas teisteanais aig na siostaman sin uaireannan cuideachd do dh'oileanaich nach eil a' coileanadh riatanasan an teisteanais nàiseanta.

Tha na duaisean sin ann an cruth eadar-dhealaichte, agus thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh na h-àireamh de dh'eileamaidean, den fhòcas aca agus na cuideaman buntainneach aca (mar eisimpleir, deuchainnean, tabhartasan sòisealta, pròiseactan practaigeach, measaidhean beòil). Gu tric, bheir iad cothrom do luchd-ionnsachaidh a bhith a' dèanamh cuspairean acadaimigeach traidiseanta agus cuspairean teicnigeach, dreuchdail agus proifeiseanta còmhla gu sùbailte.

Mar eisimpleir, ann an Sealan Nuadh is e an Teisteanas Nàiseanta airson Coileanadh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Foghlaim (NCEA) am prìomh theisteanas àrd-sgoile. 'S e siostam stèidhichte air creideas a th' anns an NCEA, far am bi luchd-ionnsachaidh a' cosnadh chreideasan a dh'ionnsaigh a bhith a' faighinn an teisteanais aca. Faodar creideasan a chosnadh tro chuspairean acadaimigeach traidiseanta a bharrachd air cuspairean teicnigeach, dreuchdail agus proifeasanta. Faodaidh luchd-ionnsachaidh cumail orra a' cruinneachadh chreideasan às dèidh dhaibh an sgoil fhàgail tro ionnsachadh structarail san àite-obrach." (O'Donnell, 2018)

Ann an Ontario, feumaidh oileanaich 30 creideas fhaighinn gus Dioplòma Àrd-sgoile a choileanadh. Tha Teisteanas Àrd-sgoil Ontario ri fhaighinn do dh'oileanaich a gheibh co-dhiù 14 creideasan agus faodaidh oileanaich a dh'fhàgas an sgoil mus coilean iad na riathanasan airson Dioplòma no Teisteanas, Teisteanas Coileanaidh a thoirt dhaibh. Tha sùbailteachd aig oileanaich a bhith a' taghadh bho ionnsachadh dreuchdail is acadaimigeach agus faodaidh iad creideasan fhaighinn ann an ionadan trèanaidh sgilean (O'Donnell, 2018).



3.6 Cudromachd Sgilean ann am Measadh aig Ceann Suas na h-Àrd-sgoile

Rinn Masters (2022) bho Chomhairle Astràilia air Rannsachadh Foghlaim rannsachadh trì bliadhna air còig siostaman foghlaim ann an àiteachan a tha air an comharrachadh ann an suirbhidhean eadar-nàiseanta mar a bhith "a' coileanadh aig ìre àrd". Chomharraich an sgrùdadh grunn chuspairean cumanta thar nan còig uachdranasan agus b' e fear dhiubh sin gun robh barrachd cuideam air sgilean agus gun robh feum air frèam sgilean, co-dhiù 's e sin sgilean an OECD (sgilean 21mh linn), UNESCO (sgilean tarsainn) no an AE (comasan coitcheann). Ged a tha cruthan nam frèaman sin eadar-dhealaichte, tha na bun-bheachdan bunaiteach glè choltach ri chèile. Bidh gach frèama a' cur barrachd cuideam air a bhith a' toirt taic do dh'oileanaich a bhith a' cleachdadh eòlas agus sgilean, mar eisimpleir, a' cleachdadh eòlas ann an diofar cho-theacsan, smaoineachadh cruthachail, fuasgladh dhuilgheadasan, a' togail sgioba, a bhith tionnsgalach. Tha iad sin coltach ris na seòrsaichean sgilean air an deach iomradh a thoirt ann an Lèirmheas Withers (2023). Tha Withers cuideachd a' moadh frèam sgilean singilte (Moladh a Naoi).

Ann an Nirribhidh, tha atharrachaidhean air a' churraicealam aca air gabhail a-steach a bhith a' togail chomasan agus buadhan leithid smaoineachadh breithneachail agus cruthachalachd. Anns a' Chuimrigh, tha Curraicealam airson na Cuimrigh a chaidh a chur air bhog ann an 2020 a' mìneachadh prìomh amasan airson gach neach-ionnsachaidh le fòcas air a bhith a' togail sgilean agus eòlasan (Stobart, 2021).

Còmhla ri gach aon de na h-ath-leasachaidhean curraicealaim sin, tha atharrachaidhean air tighinn air modhan measaidh. A rèir Stobart, tha e air a bhith dùbhlach na h-àrd-amasan sin airson barrachd fòcas air sgilean agus buadhan a chur an sàs ann an cleachdadh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

“Bha dùbhlain aig mòran uachdranasan air feadh an t-saoghail le bhith cur na miannan sin an sàs ann am poileasaidhean measaidh nan àrd-sgoile aca. Gu tric tha e doirbh rùintean a’ churraicealaim ùir a cho-thaobhadh ri cleachdaidhean measaidh eachdraidheil a tha freumhaichte sa chomann-shòisealta sin.” (Stobart, 2021)

Obair Pròiseict ann am Measadh aig Ceann Shuas na h-Àrd-sgoile

Ann an grunn uachdranasan a’ gabhail a-steach na Fionnlainn agus na Suain agus ann an siostaman Baccalaureate, tha measadh aig ceann shuas na h-àrd-sgoile a’ gabhail a-steach eileamaid de dh’obair pròiseict. Tha diofar adhbharan ann airson a bhith a’ toirt a-steach eileamaid pròiseict, ach bha na h-adhbharan cumanta airson seo a’ gabhail a-steach miann cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh ionnsachadh a chur an sàs ann an co-theacsan fìor-bheatha agus sgilean a thogail a tha riatanach airson an “fìor shaoghal” a bharrachd air a bhith a’ sealltainn gu bheil iad deiseil airson obair no tuilleadh ionnsachaidh. Tha an ùidh ann an Ionnsachadh Pròiseict cuideachd follaiseach ann an Alba far an deach fàilte a chur air molaidhean an Lèirmheis (faic Caibideil a Còig) san fharsaingeachd.

Anns an Fhionnlainn, tha an rud ris an canar ionnsachadh stèidhichte air pròiseict air a bhith riatanach do sgoiltean bho 2016 (Symeonidis, & Fohanna, 2016). Feumaidh luchd-ionnsachaidh bho aois seachd bliadhna air adhart pròiseict a dhèanamh “stèidhichte air culaidh-iongantais” (phenomenon-based) air cuspair iomlanach leithid lùth, atharrachadh na gnàth-shìde, imrich. Bidh luchd-ionnsachaidh a’ sgrùdadh nan cuspairean tro raon de shuidheachaidhean practaigeach “fìor-bheatha” agus tro raon de chuspairean. Faodar coimeas a dhèanamh eadar an dòigh-obrach seo agus dòighean-obrach traidiseanta a thaobh ionnsachadh agus teagasg, stèidhichte air cuspairean air leth leithid cruinn-eòlas, eachdraidh agus matamataig.

Is e dàrna eisimpleir, le fòcas eadardhealaichte, an Aiste Leudaichte anns a’ Bhaccalaureate Eadar-nàiseanta (IB). Tha am IB ag ràdh gur e amas an Aiste Leudaichte gum faigh luchd-ionnsachaidh sgilean ann:

- a bhith a’ cur ri chèile ceist rannsachaidh iomchaidh;
- a bhith a’ dol an sàs ann an rannsachadh pearsanta air a’ chuspair;
- a bhith a’ cur bheachdan air adhart gus an tuigear iad, agus;
- a bhith a’ cruthachadh argamaid.

(International Baccalaureate, 2022)

Gheibhear eisimpleir de dhòigh-obrach pròiseict roghnach ann an Sasainn, far a bheil Teisteanas Pròiseict Leudaichte Ìre 3 a’ toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh pròiseict fa leth a dhèanamh air cuspair a thaghas iad. Tha sùbailteachd aig luchd-ionnsachaidh a thaobh an toraidh mu dheireadh: bidh cuid de luchd-ionnsachaidh a’ roghnachadh tràchdas a sgrìobhadh, bidh cuid eile a’ cruthachadh nì (mar eisimpleir, postair, post blog no bhidio) no taisbeanadh. Tha Teisteanas a’ Phròiseict Leudaichte air a dhèanamh le còrr is 40,000 luchd-ionnsachaidh ann an Sasainn gach bliadhna agus tha e air a mheasadh le luchd-teagasg. (AQA, 2023)

Tha gach aon de na h-eisimpleirean seo a’ tabhann taghadh farsaing do luchd-ionnsachaidh taobh a-staigh frèama coitcheann far a bheil slatan-tomhais air am mìneachadh ach as urrainn near an coileanadh ann am farsaingeachd de dhòighean.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

3.7 Slighean Sùbailte ann an Ceann Shuas na h-Àrd-sgoile

Bidh mòran dhùthchannan a' tabhann shlighean sùbailte a thaobh a bhith a' cur phrògraman acadaimigeach agus dreuchdail còmhla. Tha O'Donnell ag ràdh gu bheil eisimpleirean den chleachdadh seo rim faicinn anns an Fhionnlainn, san Fhraing, ann an Èirinn, san Òlaind, ann an Sealan Nuadh, Ontario agus Queensland. (O'Donnell, 2018)

“Tha na siostaman stèidhichte air creideas ann am Fionnlainn, Sealan Nuadh, Ontario agus Queensland a' toirt sùbailteachd do dh'oileanaich ionnsachadh acadaimigeach is dreuchdail a chur còmhla agus mar sin gus crìoch a chur air foghlam àrd-sgoile gu soirbheachail. Ann an Sasainn, faodaidh oileanaich teisteanasan acadaimigeach agus dreuchdail a chur còmhla anns an aon phrògram ionnsachaidh aig ceann shuas na h-àrd-sgoile. Ann an Èirinn, faodaidh oileanaich a tha a' dèanamh prògram Teisteanas Fàgail cuspairean dreuchdail / teicnigeach agus acadaimigeach a chur còmhla; bidh cuid a' crìochnachadh Prògram Dreuchdail an Teisteanais Fhàgail mar thoradh air sin.” (O'Donnell, 2018)



3.8 Ionnsachadh tro Chom-pàirteachadh Poblach

Tha grunn uachdranasan cuideachd a' toirt seachad eileamaid de sheirbheis oileanach. Mar eisimpleir, ann an Ontario bho 1999, feumaidh luchd-ionnsachaidh a tha airson dioplòma àrd-sgoile fhaighinn co-dhiù 40 uair a thìde de sheirbheis coimhearsnachd a dhèanamh. Tha Bòrd Sgoile Sgìre Ottawa-Carleton ag ràdh gur e adhbhar com-pàirt coimhearsnachd luachan coimhearsnachd adhartachadh le bhith:

- a' cuideachadh oileanaich gus tuigsinn mar as urrainn dhaibh deagh eadar-dhealachadh a dhèanamh san àrainneachd aca;
- dèanamh cinnteach gun cuir oileanaich ris a' choimhearsnachd aca;
- a' cur ri mothachadh nan oileanach air feumalachdan coimhearsnachd;
- a' faighinn a-mach mun àite a dh'fhaodadh a bhith aig oileanaich ann a bhith a' dèanamh an coimhearsnachdan nan àiteachan nas fheàrr airson a bhith a' fuireach agus ag obair;
- a' cruthachadh fèin-iomhaigh fhàbharach agus mothachadh air dearbh-aithne sa choimhearsnachd agus;
- a' toirt seachad cothrom gus cothroman dreuchdail a rannsachadh.

(Ottawa-Carleton District School Board, 2023)

Tha eachdraidh stèidhichte aig “ionnsachadh seirbheis” anns na Stàitean Aonaichte (Kraft, 1996). Tha e cuideachd na eileamaid den Bhaccalaureate Eadar-nàiseanta. Tha Cruthachalachd, Gníomhachd, Seirbheis na eileamaid riatanach den dioplòma IB far am feum oileanaich pròiseact a dhèanamh co-cheangailte ris na trì bun-bheachdan sin.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

3.9 Leasan an ath-leasachadh

Chan eil Alba idir na aonar ann a bhith a' beachdachadh air atharrachaidhean san t-siostam teisteanais is measaidh aice. Tha Masters (2022) ag argamaid gu bheil “dùthchannan air feadh an t-saoghail ag aithneachadh cho èiginneach 's a tha e foghlam sgoile atharrachadh”. Coltach ri Alba, tha dùthchannan eile a' tuigsinn gur iad na comainn shoirbheachail san àm ri teachd an fheadhainn a bhios ag ullachadh gu gnìomhach airson atharrachadh.

“Gus dèanamh cinnteach gu bheil cuibhreann tòrr nas motha den t-sluagh a' coileanadh nan ìrean eòlais, sgil agus comais a tha a dhith airson a dhol an sàs gu h-èifeachdach ann an comainn-shòisealta agus àiteachan-obrach an latha an-diugh. Ann an eaconamaidhean an latha an-diugh a tha stèidhichte air eòlas, feumaidh cha mhòr a h-uile duine a bhith a' ruighinn nan ìrean nach biodh ach aig ceudad glè bheag den t-sluagh san àm a dh'fhalbh.” (Masters 2022, td2)

Dh'fheuch Masters (2022) ri tuigse fhaighinn air de na ceumannan a bha dùthchannan a' gabhail a bha ag ràdh gu soilleir gun robh iad airson siostaman foghlaim aig ìre an t-saoghail a thogail. B' iad na còig uachdranasan a rannsaich e: British Columbia, Estonia, an Fhionnlainn, Hong Kong agus Coirea a Deas. Bha e inntinneach toirt fa-near gun robh na dùthchannan uile ag ath-dhealbhadh nan siostaman ionnsachaidh sgoile aca ged a tha iad uile air an comharrachadh mar dhùthchannan le àrd-ìre de choileanadh. Tha an fheallsanachd aca airson atharrachadh glè choltach ris an fheallsanachd airson atharrachadh a tha mar bhunait dhan Lèirmheas seo. Tha iad a' comharrachadh dà phrìomh dhùbhlain:

- am feum gus luchd-ionnsachaidh ullachadh nas èifeachdaiche airson beatha agus obair san àm ri teachd, agus;
- gus dèanamh cinnteach gu bheil gach

neach-ionnsachaidh “ag ionnsachadh gu soirbheachail, a' coileanadh aig ìrean àrda agus a' fàgail na sgoile air a dheagh ullachadh airson an àm ri teachd.” (td4)

Chomharraich Masters (2022) grunn chuspairean sa chumantas thar nan còig uachdranasan. An toiseach, tha e ag ràdh gun do dh'aithnich gach dùthaich gum feum na curraicealaman aca, a' gabhail na-steach oide-eòlas agus measadh atharrachadh. Tha iad ag aithneachadh gum feum luchd-ionnsachaidh dèiligeadh ri eòlas, sgilean agus buadhan ann an dòigh eadar-dhealaichte ma tha iad gu bhith a' soirbheachadh anns an àm ri teachd nuair a bhios cùisean mì-chinnteach. Mar eisimpleir, feumaidh luchd-ionnsachaidh a bhith comasach air measadh a dhèanamh air càileachd an fhiosrachaidh air-loidhne; feumaidh iad tuigsinn mar a nì iad eadar-dhealachadh eadar fianais a tha earbsach no neo-earbsach. Nas fharsainge, bidh feum aca air na sgilean gus dèiligeadh ri prìomh dhùbhlain a thaobh ar dòighean-beatha làithreach, mar eisimpleir; atharrachadh na gnàth-shìde agus dìon na h-àrainneachd, an t-àite aig saidheans sa chomann-shòisealta agus mar a dhìonas iad institiudan agus pròiseasan deamocratach.

Tha Masters (2022) cuideachadh ag ràdh ged a thathar uaireannan ag ràdh gu bheil àrd ìre de chothromas aig na h-uachdranasan uile, tha an suidheachadh nas toinnte na sin. Dh'fhaodadh iad a bhith na b' èifeachdaiche na a' mhòr-chuid ann a bhith a' lùghdachadh na h-àireimh de luchd-ionnsachaidh a tha a' coileanadh aig ìrean ìosal, ach tha coileanadh 10-15% den luchd-ionnsachaidh aca fhathast nas ìsle na an ìre ìomchaidh as ìsle aig OECD le 20% a bharrachd dìreach a' faighinn na h-ìre as ìsle sin. Anns na còig dùthchannan no stàitean uile, tha dàimh làidir ann fhathast eadar coileanadh luchd-ionnsachaidh agus suidheachaidhean sòisio-eaconamach. Tha an dàimh eadar bochdainn agus coileanadh na dhùbhlain eadar-nàiseanta. Anns na co-theacsan àrd-choileanaidh sin, is e 4-5 bliadhna a' bheàrn eadar an 10% as adhartaiche de dhaoine aois 15-bliadhna agus an fheadhainn as mì-adhartaiche, an treas cuid de am beatha.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Còmhla ri atharrachadh ann an curricula nan dùthchannan sin, tha atharrachaidhean ann an teisteanasan agus measadh. A rèir Masters (2022), tha iad ag aithneachadh gum faodadh dòighean traidiseanta air ionnsachadh oileanaich a mheasadh a bhith iomchaidh mas e an t-amas gum bi luchd-ionnsachaidh a' sealltainn de an t-eòlas a th' aca agus nas urrainn dhaibh dèanamh ann an raointean cuspair fa leth. Ach, airson comasan agus feartan leithid smaoinichadh breithneachail, fuasgladh dhuilgheadasan, no ath-leumachd, bi feum air dòighean-obrach eile a thaobh measadh. Tha comasan agus buadhan adhartach, agus nì luchd-ionnsachaidh adhartas tron sgoil agus às dèidh làimh. Feumaidh dòigh-obrach adhartach, leasachaidh a bhith ann airson a bhith a' measadh chomasan agus fheartan. Anns na còig uachdranasan uile, thathar a' toirt atharrachadh air measadh air adhart aig an àm ri dòighean-obrach nas traidiseanta nan uachdranasan.

Tha Masters (2022) ag ràdh gu bheil gach aon de na còig uachdranasan mothachail cuideachd

air a' bhuidh washbacka dh'fhaodadh a bhith aig pròiseasan measaidh agus mar a dh'fhaodadh iad sin a bhith a' cur an aghaidh ath-leasachadh a' churraicealaim, gu sònraichte nuair a thathar a' cleachdadh measadh airson adhbharan taghaidh. Tha e ag ainmeachadh Coirea a Deas mar eisimpleir de dhùthaich far a deuchainnean a' toirt buaidh mhòr air an dòigh teagaisg. Ann an Coirea a Deas, tha inntrigeadh dhan oilthigh gu math roghnach. Tha buaidh aig seo air na thachras anns na clasaichean, leis gu bheil an deuchainn gu bhith na dhràibhear airson na tha air a theagasg agus air ionnsachadh seach a' churraicealam fharsaing. Gus a' bhuidh seo a sheachnadh, tha cuid de dh' uachdranasan air deuchainnean deireadh sgoile a thoirt air falbh agus bidh iad a' cleachdadh measadh thidsear a-mhàin, agus tha cuid eile air dòighean measaidh eile fhilleadh a-steach. Mar eisimpleir, tha Estonia air pròiseact tar-churraicealair cruthachail a thoirt a-steach agus tha Hong Kong air pròifil ionnsachaidh oileanaich a thoirt a-steach far am bi oileanach a' toirt seachad gearr-



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

chunntas de na coileanaidhean aca taobh a-muigh chùrsaichean foirmeil. Tha na còig uachdranasan uile air modhan ionnsachaidh is teagaisg a thoirt a-steach leis an oileanach aig a chridhe.

Ged a thathar ag aithneachadh cho cudromach 's a tha cuspairean mar bhlocaichean togail aig a' mhòr-chuid de churraicealaman gu h-eadar-nàiseanta, tha dùthchannan cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gum bi luchd-ionnsachaidh a' tar-ghluasad agus a' cur an cuid eòlais an sàs ann an raointean no cuspairean eile. Bidh cuid a' comharrachadh na buaidh brosnachail air luchd-ionnsachaidh de bhith a' cur an sàs agus a' cleachdadh an eòlais, nan sgilean, nan comasan agus nan luachan a tha iad air a bhith a' togail ann an raointean cuspair fa leth gus dèiligeadh ri dùbhlann cruinneil.

Tha na còig dùthchannan a chaidh an sgrùdadh le Masters (2022) ag atharrachadh theisteanasan agus measadh ann an diofar dhòighean, ach tha iad uile ag atharrachadh.



3.10 Gèarr-chunntas

Tha mòran de na cùisean a thathar a' sgrùdadh ann an co-theacs Albannach cuideachd rim faicinn ann an leasachaidhean a tha a' dol air adhart ann an grunn uachdranasan eile. Tha cho cudromach 's a tha siostam theisteanasan is measaidh ann a bhith a' toirt a' chothruim as motha do luchd-ionnsachaidh na choilean iad a thaisbeanadh na chuspair cumanta thar grunn uachdranasan, Alba nam measg. Is e cuspair eile air a bheilear a' beachdachadh cho cudromach sa tha roghainn luchd-ionnsachaidh, an dà chuid ann an slighean luchd-ionnsachaidh agus mar roghainn taobh a-staigh diofar ghnìomhan. Tha mothachadh air cho cudromach 's a tha sgilean agus a bhith a' cleachdadh eòlais ann an co-theacs cuideachd a rèir smaoineachadh ann an Alba. Mu dheireadh, tha an eisimpleir CAS bhon IB agus modail seirbheis Ontario co-chòrdail ris a' mhiann ann an Alba a bhith a' nochdadh nam miannan coimhearsnachd nas fharsainge aig CFE.

Moladh 3: Obraich ann an com-pàirteachas le dùthchannan le amasan coltach ri Alba gus Teisteanasan agus Measadh a leasachadh.

Ionnsaich bho na dh'fhiosraich sinn ann an Alba ach a bhith a' coimhead a-mach cuideachd. Feuch ri ionnsachadh le dùthchannan eile le miannan foghlaim coltach ris an fheadhainn againne gus siostam Teisteanasan is Measaidh a thogail a bhios iomchaidh airson an àm ri teachd.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

4. Dioplòma Coileanaidh na h-Alba

4.1 Ro-ràdh

Tha fianais a tha a' tighinn am bàrr bhon Lèirmheas seo a' cur air adhart argamaid làidir airson a bhith ag atharrachadh an t-siostaim theisteanasan is measaidh làithreach ann na Alba. Mar thoradh air a' chiad ìre den cho-chomhairleachadh chaidh lèirsinn choitcheann a chruthachadh air na tha ion-mhiannaichte: sealladh airson teisteanasan san àm ri teachd. Cuidich an ath-sgrùdadh air CfE dhuinn gus comharrachadh dè na gnìomhan a bu chòir dhan Lèirmheas seo a ghabhail gus nach dèan sinn na h-aon mhearachdan 's a rinneadh sa àm a dh'fhalbh. Chuidich an conaltradh le dùthchannan eile gu h-eadar-nàiseanta sinn gus comharrachadh dè a ghabhadh dèanamh: dè na cleachdaidhean a tha an sàs ann an àiteachan eile. Thug an fhianais bhon dàrna agus bhon treas ìre de chonaltradh cumadh air structar a' mhodh-obrach ùir a chaidh a mholadh a thaobh theisteanasan is measaidh, Dioplòma Coileanaidh na h-Alba, agus chomharraich e na dh'fheumar a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun obrachadh e ann an cleachdadh; dè tha practaigeach.

Annas a' Chaibideil seo, nì sinn molaidhean airson an Dioplòma agus annas an ath Chaibideil bidh sinn a' beachdachadh air builean practaigeach.

4.2 An Lèirsinn agus na Prionnsapalan: Teisteanasan agus Measadh san àm ri teachd

An Lèirsinn

Tha an Lèirsinn a tha air a moladh airson teisteanasan agus measaidhean ann an Alba san àm ri teachd airson: siostam Theisteanasan agus Measaidh a tha in-ghabhalach agus air a meas glè mhath a tha a' brosnachadh ionnsachadh, a' cur luach air euchdan eadar-mheasgte gach neach-ionnsachaidh ann an Alba agus a' toirt taic

do gach neach-ionnsachaidh le bhith a' gluasad air adhart dhan ath ìre de am beatha, gu sòisealta, gu cultarach agus gu h-eaconamach.

'S e siostam a th' ann a dh'aithnicheas coileanadh gach neach-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil fìor chomas agus an fheadhainn aig a bheil fìor dhuilgheadasan ionnsachaidh agus iom-fhillte. Bu chòir spèis a bhith aig luchd-ionnsachaidh air teisteanasan; 's e na teisteanasan acasan a th' annta. Bu chòir colaistean, luchd-fastaidh, oilthighean agus an roinn shaor-thoileach spèis a chur annta cuideachd. Bidh an Dioplòma na bhunait nas fheàrr gus tagraichean a thaghadh.

Tha an Dioplòma air a dhealbhadh gus ionnsachadh a bhrosnachadh. Bheir e raon farsaing is sùbailte de chothroman do luchd-ionnsachaidh eòlas a thogail agus sgilean a leasachadh ann an raointean anns a bheil ùidh aca agus a tha cudromachd dhaibh (tro Phrògraman Ionnsachaidh). Leigidh e le luchd-ionnsachaidh an cuid eòlais agus sgilean a chleachdadh gus taic a chumail ris an adhartas aca taobh a-muigh na sgoile no na colaiste; ann am beatha, ionnsachadh agus cosnadh (tro Phròiseact Ionnsachadh). Aithnichidh e, cuiridh e luach ann agus àrdaichidh e coileanadh luchd-ionnsachaidh fa leth (tron t-Slighe Phearsanta). Cuidichidh an Dioplòma luchd-ionnsachaidh gus fàs gu sòisealta, gu cultarail agus gu h-eaconamach. Cuidichidh siostam teisteanais far am bi gach neach-ionnsachaidh a' soirbheachadh gus comann-sòisealta nas cothromaiche agus nas beartaiche a chruthachadh ann an Alba, comann-sòisealta a bhios ag obair dhuinn uile, ge b' e dè na feartan pearsanta a th' aig luchd-ionnsachaidh a tha a' faighinn nan teisteanasan.

“Tha feum againn air frèama airson daoine òga a tha neuro-divergent. Ma tha sinn airson luach a chur air an raon iomlan de choileanadh feumaidh sinn luach a chur air an neach-ionnsachaidh. Dh'innis aon neach-ionnsachaidh dhuinn: ‘Mar neach air a bheil òtasam bhiodh seo uile air còrdadh rium glan – tha mi car brònach nach d' fhuair mi cothrom a dhol tron t-siostam seo. Chan ann mu dheidhinn lasachaidhean is eisgeachdan a tha seo ach mu bhith a' gabhail a-steach a h-uile duine.’” (Ball CCG, Luchd-ionnsachaidh)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Na Prionnsabalan

A bharrachd air an aithris Lèirsinn, bha an Lèirmheas a' sireadh bheachdan air Prionnsapalan a bu chòir a chleachdadh gus dhealbhadh an t-siostam theisteanasan is measaidh fhiosrachadh. Gus co-thaobhadh math a bhrosnachadh eadar an Lèirsinn agus na Prionnsabalan agus cleachdadh thar ùine, tha na Prionnsabalan a' tabhann structar airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air poileasaidh agus cleachdadh. Ma tha cleachdadh air ath-sgrùdadh gu cunbhalach mu choinneamh na Lèirsinn agus nam Prionnsapalan, gabhaidh duilgheadas sam bith a nochdas a chomharrachadh aig ìre thràth agus gabhaidh gnìomh iomchaidh a ghabhail a leigeas leis an t-siostam ionnsachadh bhon chleachdadh aige fhèin.

Is iad na Prionnsabalan:

Bu chòir do shiostam theisteanasan is measaidh na h-Alba:

1. A bhith ag aithneachadh, a' cur luach ann an, agus a' brosnachadh chòraichean agus choileanaidhean gach neach-ionnsachaidh.
2. A bhith a rèir curraicealam na h-Alba agus aig an aon am a bhith a' freagairt ri feumalachdan caochlaideach an neach-ionnsachaidh fa leth agus a' chomainn-shòisealta, a' dèanamh cinnteach gum bi cùisean fàbharach agus seasmhach do luchd-ionnsachaidh, do na coimhearsnachdan aca agus dhan t-saoghal mhòr san àm ri teachd.
3. Farsaingeachd iomchaidh de dhòighean-obrach a thaobh measadh, a' gabhail a-steach tro dhòighean-obrach didseatach, a chruthachadh agus a chumail suas.
4. A bhith soilleir, cunbhalach agus air a thuigsinn gu furasta, mar phàirt de thuras ionnsachaidh fad-beatha.
5. A bhith sùbailte agus air an cumail fo ath-sgrùdadh cunbhalach, a' cleachdadh na lèirsinn agus nam prionnsapalan mar slat-tomhais a ghabhas a chleachdadh gus atharrachadh a dhearbhadh
6. A bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile buidheann* le ùidh sa chùis an

sàs ann an co-dhùnaidhean a thaobh dealbhadh, buileachadh agus cleachdadh.

*Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh, pàrantan / luchd-cùraim, tidsearan / òraidichean, buidhnean nàiseanta, colaistean, fastaichean, oilthighean agus an roinn shaor-thoileach.

Ged a tha gach pàirt den aithris Lèirsinn is Prionnsapalan cudromach, bu mhath leinn aire a tharraing gu Prionnsapalan 1 agus 2. Tha Prionnsapal 1 na ghealltanas gum bu chòir coileanadh gach neach-ionnsachaidh a bhith 'air aithneachadh, luach a bhith ga chur ann agus air adhartachadh'. Tha sinn den bheachd gu bheil an Dioplòma, leis na trì eileamaidean aige, a' toirt dhuinn àrd-ùrlar sùbailte airson a h-uile neach-ionnsachaidh gus na coileanaidhean aca a thaisbeanadh. Tha a h-uile neach-ionnsachaidh a' ciallachadh a h-uile neach-ionnsachaidh: a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh a tha neurodivergent no aig a bheil Feumalachdan Taic a Bharrachd, an fheadhainn a tha fìor chomasach an fheadhainn a tha a' dèanamh ionnsachadh sgoile agus ionnsachadh colaiste aig an aon àm, an fheadhainn a tha air an oideachadh san dachaigh, agus an fheadhainn a gheibh coileanadh tro chosnadh. Tha nàdar in-ghabhalach an Dioplòma air a sgrùdadh nas fhaide anns an ath Chaibideil agus ann am Èarr-ràdh a h-Aon a tha a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air tursan luchd-ionnsachaidh stèidhichte air raon de shlighean cumanta san ìre as Àirde ann an Alba.

Tha toraidhean Deasbad Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a chaidh a chrìochnachadh bho chionn ghoirid co-chòrdail ris an Lèirsinn agus ris na Prionnsapalan a tha air an tabhann san Lèirmheas seo. Tha na co-dhùnaidhean aca a' nochdadh gu bheil luchd-ionnsachaidh a' sùileachadh barrachd pearsanachaidh san ìre as Àirde aca san t-siostam foghlaim san fharsaingeachd. Tha an Deasbad Nàiseanta agus ar n-obair fhìn cuideachd a' dèanamh soilleir gu bheil an dùil "gum bu chòir ionnsachadh a bhith air aithneachadh ann an diofar dhòighean a ghabhas ri diofar shlighean ionnsachaidh agus roghainnean a thaghas luchd-ionnsachaidh".

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Tha an Deasbad Nàiseanta (2023) cuideachd ag argamaid:

“Bidh Foghlam airson an Àm ri Teachd feumach air siostam foghlaim Albannach a tha for-ghnìomhach, sùbailte, amalaichte, agus a chumas suas còraichean na cloinne is nan daoine òga air fad. Bidh siostam Foghlam na h-Alba san àm ri teachd a’ tabhann teagasg agus ionnsachadh àrd-inbhe, slighean ionnsachaidh eadar-dhealaichte, slighean eile gu soirbheachas agus raon de mheasaidhean iomchaidh a tha a’ sealltainn thàlant an sònraichte gach neach-ionnsachaidh, a’ toirt taic do na h-àrd-amasan aca, agus a’ coileanadh feumalachdan saoghal a tha ag atharrachadh.” (Deasbad Nàiseanta, 2023)


Tha mothachadh air freagairteachd air feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth aig cridhe molaidhean an Lèirmheis seo agus tha an dàrna Prionnsabal againn a’ daingneachadh thoraidhean an dà chuid an Deasbaid Nàiseanta agus Putting Learners at the Centre, (Muir 2022) le bhith ag ràdh gum feum siostam theisteanasan is measaidh na h-Alba. “a bhith a rèir curraicealam na h-Alba agus cuideachd a bhith a’ freagairt air feumalachdan caochlaideach luchd-ionnsachaidh fa leth agus a’ chomainn-shòisealta, a’ cruthachadh àm ri teachd fàbharach is seasmach do luchd-ionnsachaidh, dhan coimhearsnachdan agus dhan t-saoghal mhòr”. Tha sinn den bheachd gu bheil comas aig an Dioplòma gus am miann seo a thoirt air adhart.

Moladh 4: Gabh ris an Lèirsinn agus na Prionnsapalan a thathar a’ moladh san Lèirmheas seo airson poileasaidh agus cleachdadh. Bu chòir Teisteanasan agus Measadh ann an Alba a bhith air an co-thaobhadh leis an Lèirsinn agus na leis na Prionnsapalan.

Bu chòir iad sin a chleachdadh mar bhunait airson ath-sgrùdadh cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil beachdan agus cleachdaidhean fhathast air an aon rèir.

4.3 Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (an Dioplòma)

Chaidh an Dioplòma a dhealbhadh gus barrachd a nochdadh de na rudan anns a bheil sinn a’ cur luach ann an ionnsachadh agus barrachd rudan a bhios nas luachmhoire do luchd-ionnsachaidh agus iad a’ gluasad air adhart nan slighean ionnsachaidh fad-beatha. Bheir e cothrom do luchd-ionnsachaidh raon nas fharsainghe de na coileanaidhean aca a bhith air aithneachadh, tha seo uile deatamach airson an adhartas soirbheachail san àm ri teachd.



Clàr 3: Dioplòma Coileanaidh na h-Alba

Prògraman Ionnsachaidh

Bidh sgrùdadh domhainn air raointean fa leth den churraicealam, cuspairean agus teisteanasan dreuchdail, teicnigeach agus proifeasanta, fhathast na phàirt bhunaiteach de theisteanasan. Ach, bu chòir dhan dòigh-obrach ùr a thaobh theisteanasan a dhol nas fhaide gus co-thaobhadh nas fheàrr ri CfE.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Ionnsachadh Pròiseict

Bu chòir cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh sealltainn mar a chleachdas iad eòlas thar chuspaireil, an dà chuid teicnigeach agus proifeasanta gus dèiligeadh ri dùbhlain. Tha na seòrsaichean ghnàth-eòlasan seo nas fhaisge air an fheadhainn a bhios aig luchd-ionnsachaidh taobh a-muigh na sgoile no na colaiste, mar eisimpleir a bhith comasach air obrachadh mar phàirt de sgioba, a bhith a' dèanamh rannsachadh, a' fuasgladh dhuilgheadasan agus a bhith a' sireadh fhuasglaidhean cruthachail.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

'S e daoine fa leth a th' ann an luchd-ionnsachaidh agus bu chòir cothroman a bhith aca an caractar aca fhèin a nochdadh – na cùrsaichean a thaghas iad, na pròiseactan a nì iad, na h-ùidhean aca, na tha iad a' cur ris a' chomann-sòisealta agus na comasan aca. Còmhla, tha na nithean seo a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus deagh cho-dhùnaidhean a dhèanamh mun ath rud a nì iad. Bheir am fiosrachadh nas fharsainghe, nas pearsanta seo bunait fianais nas fheàrr do cholaistean, fastaichean agus oilthighean gus na co-dhùnaidhean aca fhiosrachadh mu dè na h-oileanaich no an luchd-obrach a bhios as iomchaidhe airson a' chùrsa no na h-obrach.



4.4 Carson a tha na Trì Raointean sin?

Bu chòir dhan churraicealam, oide-eòlas agus measadh a bhith cunbhalach is iomlan (Wyse et al, 2016). Tha an curraicealam a' comharrachadh na tha cudromach. Ann an co-theacsa na h-Ìre as Àirde, tha Priestley (2019) ag ràdh nuair a thathar a' planadh airson ionnsachadh, nach e a' chiad cheist a bu chòir a bhith againn “Dè na cuspairean a bu chòir dhuinn a theagasg?” ach: “Dè tha cudromach, dè a tha cudromach dhuinn?” Às dèidh curraicealaim, 's e oide-eòlas an dàrna rud as cudromaiche, na dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg a tha air an cleachdadh gus luchd-ionnsachaidh a thoirt an sàs sa churraicealam agus gus an cuid ionnsachaidh a bhrosnachadh. Às a sin, tha measadh ag amas air an adhartas a tha luchd-ionnsachaidh a' dèanamh anns na rudan a tha cudromach, agus mar a ghabhadh an fhianais sin a chleachdadh gus an cuid adhartais ann an ionnsachadh fhiosrachadh. Tha teisteanasan a' riochdachadh aithne fhoirmeil air an ionnsachadh sin do chuid de luchd-ionnsachaidh, ach chan ann dhaibh uile.

'S e an rud a bu chòir a bhith air a mheas cudromach am fòcas airson ionnsachadh agus teagasg airson measadh agus airson teisteanasan. Chan e idir a' cheist as cudromaiche do theisteanasan dè an rud as fhasa dhuinn a thomas. Bu chòir a' cheist a chaidh a thogail a thaobh prògraman sgrùdaidh roimhe a bhith na cheist do theisteanasan cuideachd: dè an t-eòlas, dè na sgilean agus na buadhan a bu chòir a bhith aig neach foghlaimte gus soirbheachadh ann an comann-sòisealta deamocratach iom-fhillte an latha an-diugh?

Aig an àm seo, tha an curraicealam ann an Alba air a mhineachadh mar a leanas:

“an iomlanachd den a h-uile rud a tha air a phlanadh airson clann agus daoine òga bho thrath-ionnsachadh agus cùram-chloinne, tron sgoil agus nas fhaide air adhart. Faodar an iomlanachd sin a dhealbhadh do luchd-ionnsachaidh, agus faodaidh iad fhiosrachadh thairis air ceithir co-theacsan:

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Cothroman airson Coileanadh Pearsanta
- Ionnsachadh Eadar-chuspaireil
- Feallsanachd agus beatha na sgoile mar choimhearsnachd
- Raointean curraicealaim agus Cuspairean."

(Foghlam Alba, 2023)

Mhol an fhianais bho Ìre a Dhà den Lèirmheas gum bu chòir ceangal nas dlùithe a bhith aig teisteanasan agus measadh thar choimhearsnachdan ri curraicealam CfE agus ris na co-theacsan ionnsachaidh. Tha an Dioplòma a' nochdadh an amais seo gus farsaingeachd teisteanasan is measaidh a leudachadh a rèir curraicealam na h-Alba.

Prògraman Ionnsachaidh

- Raointean Curraicealaim agus Cuspairean
- Cùrsaichean dreuchdail, teicnigeach agus proifeasanta

Ionnsachadh Pròiseict

- Ionnsachadh Eadar-chuspaireil

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

- Cothroman airson Coileanadh Pearsanta
- Feallsanachd agus beatha na sgoile mar choimhearsnachd

Tha na trì earrainnean den Dioplòma, Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Pròiseict agus Slighe Phearsanta a' toirt còmhla an eòlais, nan sgilean agus nam feartan a dh'fheumas saoranaich ann an comann-sòisealta deamocratach iom-fhillte an latha an-diugh.

Ann am Pàipear-taice a h-Aon tha sinn air eisimpleir a dhèanamh air cò ris a bhiodh an Dioplòma coltach an da-rìribh. Tha sinn air raon farsaing de dh'eisimpleirean a thoirt seachad a dh'aona ghnòthach, ged nach eil e a' gabhail a-steach a h-uile suidheachadh a dh'fhaodadh a bhith ann. Chaidh na h-eisimpleirean seo a chruthachadh ann an com-pàirteachas le suidheachaidhean foghlaim agus prìomh luchd-ùidh.

Moladh 5: Gabh ri Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (an Dioplòma) mar an dòigh-obrach ùr a thaobh teisteanasan agus measadh. Bu chòir trì eileamaidean a bhith ann an Dioplòma Coileanaidh na h-Alba: Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Pròiseict agus an t-Slighe Phearsanta.

Moladh 6: Cleachd Dioplòma Coileanaidh na h-Alba mar theisteanas ceumnachaidh airson gach suidheachadh foghlaim Ìre as Àirde.

Bu chòir na slatan-tomhais a leanas a chleachdadh mar thoiseach tòiseachaidh airson barrachd obair leasachaidh air an Dioplòma.

- Feumar cothrom a thoirt dhan a h-uile neach-ionnsachaidh eòlas fhaighinn air ionnsachadh anns gach eileamaid den Dioplòma. Bu chòir seo a mheas mar chòir.
- Cha bu chòir dhan Dioplòma iomlan a bhith air a rangachadh. Bu chòir a bhuileachadh nuair a thathar ag aithneachadh choileanaidhean anns gach eileamaid, Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Pròiseict agus an t-Slighe Pearsanta.
- Taobh a-staigh an Dioplòma, bidh cùrsaichean Ionnsachaidh, a tha air an comharrachadh aig an àm seo, fhathast air an comharrachadh. Cha bhi Ionnsachadh Pròiseict air a' chomharrachadh ach bidh pròiseactan ceangailte ris na diofar ìrean den fhreàma SCQF le diofar chreideas. Cha tèid an t-Slighe Phearsanta a chomharrachadh.
- Thèid an Dioplòma a thoirt seachad aig puing fàgail agus bidh e a' gabhail a-steach coileanaidhean a chaidh a chruinneachadh chun na h-ìre sin. Bidh e a' gabhail a-steach, teisteanasan, duaisean, creideas air a chruinneachadh agus meòrachadh luchd-ionnsachaidh air an cuid ionnsachaidh phearsanta tron t-Slighe Phearsanta.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Cha bu chòir na trì eileamaidean san Dioplòma a bhith air an cuideamachadh. Tha na h-eileamaidean uile cudromach mar fhianais air farsaingeachd coileanaidh.
- Gluaisidh an Dioplòma, agus an fhianais a tha na bhroinn, leis an neach-ionnsachaidh agus thèid togail air seo ann an colaistean, cosnadh, san oilthigh agus san roinn shaor-thoilich.
- Mura seall neach-ionnsachaidh fianais air ionnsachadh anns na trì eileamaidean uile, cha tèid an Dioplòma a bhuileachadh. Fàgaidh iad le clàr de na tha iad air a choileanadh. Bidh e comasach ionnsachadh a dhèanamh nas fhaide air adhart gus an tèid an duais a thoirt seachad.
- Bu chòir gum biodh gach eileamaid den Dioplòma ruigsinneach do Luchd-ionnsachaidh tro Mheadhan na Gàidhlig.
- Bu chòir pròifil didseatach a bhith aig a h-uile neach-ionnsachaidh gus an urrainn dhaibh coileanadh a chlàradh ann am Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Phròiseactan agus Slighe Phearsanta. Bidh sealbh aig an neach-ionnsachaidh air a' phròifil. Bidh a' Bhuidheann Theisteanasan a' riaghladh an fhiosrachaidh mu choileanaidhean ann am Prògraman Ionnsachaidh agus Ionnsachadh Phròiseactan. Bidh an t-Slighe Phearsanta gu tur fo smachd an neach-ionnsachaidh.
- Feumaidh a' phròifil dhidseatach a bhith ruigsinneach dhan a h-uile neach-ionnsachaidh agus ri faighinn sa Ghàidhlig agus mion-chànanan eile.

Tha e cudromach gun tèid beachdachadh gu faiceallach air cùisean seilbh dàta agus tèarainteachd agus feumaidh luchd-ionnsachaidh sealbh a chumail air an t-Slighe Phearsanta aca agus air na tha na cois. Tha an Lèirmheas a' moladh na h-obrach tùsail le Foghlam Alba san raon seo agus mholamaid, ma thèid gabhail ri bun-bheachd an Dioplòma, gum bu chòir obair ann am pròifilean didseatach agus ann an tèarainteachd dhidseatach a luathachadh.

Ged nach deach seo a sgrùdadh gu mionaideach mar phàirt den Lèirmheas seo, tha sinn den bheachd gum faodadh cothroman a bhith ann gus cruth-tìre innealan/pròifilean didseatach a dhèanamh nas sìmplidhe thar roinn an fhoghlaim agus gum b' fhiach beachdachadh air mar a bhiodh am pròifil ùr co-cheangailte ri siostaman a th' ann mar-thà, a' gabhail a-steach Glow agus My World of Work. Bhiodh e feumail cuideachd beachdachadh air leasachaidhean nas fharsainge ann am pròifileadh a tha a' tachairt taobh a-muigh na h-Alba, gu sònraichte dòighean-obrach a tha air an deach deuchainnean a dhèanamh ann an sgoiltean agus colaistean, mar eisimpleir, obair Ath-bheachdachadh Measadh.

4.5 Prògraman Ionnsachaidh

Mar a tha fìor an-dràsta, mar phàirt den Dioplòma bidh aig luchd-ionnsachaidh ri prògraman ionnsachaidh mionaideach a dhèanamh a' gabhail a-steach Teisteanasan Nàiseanta (Ìrean 1 gu 7), Cairtean-teisteanais Nàiseanta, Bun-phreantasachd, Duaisean Adhartas Nàiseanta agus Sgilean Obrach. Bidh a' mhòr-chuid de dh'ùine an neach-ionnsachaidh san Ìre as Àirde ag amas air a bhith a' togail agus an uair sin a' doimhneachadh an eòlais, an tuigse agus an cuid sgilean anns na raointean sin. Tha ionnsachadh ann an cùrsaichean coitcheann (cuspairean) agus/no ann am prògraman teicnigeach is proifeiseanta (dreuchdail) sa cholaiste fhathast deatamach. Is iad sin na blocaichean togail bunaiteach airson foghlam ann an Alba.

Tha a bhith a' dèanamh Phrògraman Ionnsachaidh na eileamaid dheatamach den Dioplòma agus bidh e an urra ri sgilean an luchd-foghlaim stèidhichte air cuspair agus eòlaichean dreuchdail, teicnigeach agus proifeasanta ann an suidheachaidhean foghlaim. Tha na ceanglaichean a th' ann mar-thà eadar sgoiltean, colaistean agus ionnsachadh coimhearsnachd air beartas a

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

thoirt dhan tairgse do luchd-ionnsachaidh tro raon fharsaing de ghnàth-eòlasan. Tha e coltach gun lean an tairgse do luchd-ionnsachaidh oirre a' leudachadh mar a leudaicheas cothroman airson sgrùdadh domhainn air-loidhne.

Tha cùrsaichean air-loidhne nam pàirt de chruth-tìre foghlaim na h-Alba mar-thà. Tha raon farsaing de chùrsaichean rim faighinn air-loidhne aig oilthighean, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, a bheir cothroman dùbhlanaich do luchd-ionnsachaidh le ùidhean agus comasan sònraichte. Tha cothroman mar seo a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a bhith a' gluasad air adhart aig an astar aca fhèin agus tha e coltach gum bi iad nam pàirt nas cudromaiche den chruth-tìre san àm ri teachd. A bharrachd air sin, tha e-Sgoil no àrainn bhiortail eile (mar eisimpleir, Àrainn Bhiortail na Gàidhealtachd) a' leigeil le luchd-ionnsachaidh duaisean SQA a dhèanamh. Is dòcha gum bi ùidh gu sònraichte aig sgoiltean agus colaistean ann an dòighean-obrach mar seo far a bheil an tairgse curraicealaim nas cuingealaichte air sgàth duilgheadasan a thaobh suidheachadh no fastadh thidsearan.

Bu chòir do sgoiltean agus colaistean a bhith cruthachail agus iad a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach neach-ionnsachaidh air curraicealam farsaing agus cothromach.

Tha an dòigh-obrach a th' ann an-dràsta a thaobh theisteanasan ann an sgoiltean na h-Alba san Ìre as Àirde air càineadh làidir fhaighinn. Tha ceist shònraichte ann am foghlam na h-Alba mun rud ris an canar "cabhag dà theirm". Dh'aithris Priestley et al (2020):

“Bu toil le daoine òga gum biodh an coileanadh aca air a chlàradh tron bhliadhna air fad, seach 'cabhag dà theirm' a bhith ann a dh'ionnsaigh nan deuchainnean (gu sònraichte airson Àrd-ìre). (td39)

Chaidh an 'cabhag dà theirm' a thogail gu tric is minig tron Lèirmheas air fad. Chaidh a chleachdadh gus dragh a chur an cèill mu shiostam ionnsachaidh is teagaisg ann am bliadhnaichean ceithir gu sia den àrd-sgoil a tha cha mhòr gu tur stèidhichte air ullachadh airson deuchainnean seach air càileachd no doimhneachd an ionnsachaidh.

Tha deuchainnean air aon dòigh air fianais a chruinneachadh. Ann an cuid de shuidheachaidhean, tha deuchainnean ag obair gu math, ach mar a tha fìor leis gach seòrsa measaidh, tha cuingleachaidhean nan lùib. Tha an fhianais bho rannsachadh bho chionn ghoirid (Stobart, 2021, agus Priestley et al, 2020) a' moladh gus dligheachd àrdachadh, gum bu chòir ath-bheachdachadh mar eisimpleir, air an dàimh eadar na tha cudromach sa churraicealam agus na tha na phàirt den theisteanas, agus an cothromachadh eadar obair-chùrsa agus deuchainnean bhon taobh a-muigh. Mar eisimpleir, tha Stobart (2021) a' dèanamh na h-argamaid gu bheil cus dheuchainnean aig Alba; trì sheataichean de mheasaidhean air an taobh a-muigh taobh a-staigh trì bliadhna do chuid den luchd-ionnsachaidh.

Ro ChCOVID-19, bha a' mhòr-chuid de theisteanasan Nàiseanta aig SQA a' gabhail a-steach measgachadh de dhòighean measaidh. Chaidh teisteanasan a dhealbhadh gus na ceithir comasan uile a mheasadh. Ach, tha beachdan ann gu bheil am fòcas air aon chomas a-mhàin, Luchd-ionnsachaidh Soirbheachail.

B' e an dàrna cuspair a chaidh a thogail gu cunbhalach tron Lèirmheas adhartas. Bhathar den bheachd gun robh an dàimh eadar Nàiseanta 4, Nàiseanta 5 agus Àrd-ìre ann an cuspairean tarsainn a' churraicealaim doirbh. Bha draghan ann cuideachd gur e sònraichaidhean cùrsa SQA am prìomh thùs airson stiùireadh curraicealaim ann an teisteanasan nàiseanta san Ìre as Àirde.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Moladh 7: Bu chòir an eileamaid Phrògraman Ionnsachaidh a bhith riatanach gus an Dioplòma a bhuileachadh. Bu chòir raon farsaing de chùrsaichean a thabhann dhan a h-uile neach-ionnsachaidh a' gabhail a-steach cùrsaichean acadaimigeach, dreuchdail, proifeiseanta agus teicnigeach. Is e còir a th' ann.

Tha an Lèirmheas a' moladh gun gabh ionnsachadh, teagasg agus measadh Phrògraman Ionnsachaidh a neartachadh le bhith gabhail ris na gnìomhan a leanas. Bu chòir na gnìomhan seo a bhith air an dèanamh le luchd-teagaisg, a' gabhail a-steach eòlaichean cuspair, agus luchd-ionnsachaidh, ùghdarrasan ionadail/Caidreachasan Leasachaidh Roinneil (RICan), buidhnean nàiseanta agus acadaimigich:

- **Dèan lèirmheas air sònrachaidhean cùrsa** gus dèanamh cinnteach gu bheil dàimh làidir eadar na tha cudromach sa churraicealam, eòlas-teagaisg, measadh agus teisteanasan.
- **Thoir piseach air adhartas eadar Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde agus taobh a-staigh na h-Ìre as Àirde ann an sgoiltean agus colaistean.** Bu chòir an Curraicealam airson Sàr-mhathas Gnàth-eòlasan adhartach a thoirt do luchd-ionnsachaidh. Tron Lèirmheas air fad, chaidh draghan a thogail mun ìre is gun robh adhartas soilleir ann taobh a-staigh cuspairean. Bhathas den bheachd gun robh dìth co-leanailteachd eadar Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde, mar a bha na dàimhean eadar Ìrean Nàiseanta 4 agus 5 agus eadar Nàiseanta 5 agus Àrd-ìre ann an grunn raointean cuspair.
- **Leudaich an raon de dhòighean measaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san Ìre as Àirde.** Bu chòir na diofar dhòighean-obrach a thaobh measadh a bhith a rèir na tha cudromach sa churraicealam. Bu chòir an co-dhùnadh mu na dòighean measaidh a bu chòir a chleachdadh a bhith stèidhichte air an dòigh as

fheàrr air fianais a chruinneachadh mu choileanaidhean an neach-ionnsachaidh anns na tha cudromach anns gach prògram ionnsachaidh. Cruthaichidh barrachd measadh stèidhichte sa chlas cothroman nas fheàrr gus èifeachd a leasachadh. Le bhith a' gabhail a-steach measgachadh de dhiofar dhòighean measaidh ann an teisteanas, tha e cuideachd ag aithneachadh gu bheil luchd-ionnsachaidh a' freagairt ann an dòighean eadar-dhealaichte ri diofar dhòighean-obrach. Mar eisimpleir, bidh cuid de luchd-ionnsachaidh comasach air coileanadh nas fheàrr a shealltainn ma thèid iarraidh orra cunntas a thoirt air an eòlas aca no air na rinn iad ann an deuchainn labhairt seach a bhith a' sgrìobhadh freagairt. Do luchd-ionnsachaidh eile, tha an caochladh fìor. Is urrainn fèin-mheasadh agus measadh co-leithid, far am feum luchd-ionnsachaidh smaoinichadh mun ionnsachadh aca fhèin agus mu ionnsachadh dhaoine eile, cuideachadh gus tuigse luchd-ionnsachaidh a dhoimhneachadh air adhartas agus mar as urrainn dhaibh a bhith nan luchd-ionnsachaidh fèin-riaghlach aig a bheil eòlas mar a leasaicheas iad an coileanadh agus mar a bheir iad taic do chàch. Bheir e fianais do thidsearan air cho domhainn 's a tha an tuigse aig neach-ionnsachaidh air na thathar a' sgrùdadh. Bidh na dòighean measaidh a chleachdar eadar-dhealaichte airson gach prògram ionnsachaidh agus bu chòir dha a bhith an urra ri buidhnean cuspaireil, a' gabhail a-steach tidsearan clas. Tha sinn a' toirt fa-near gun robh measgachadh de dhòighean measaidh ann thairis air diofar phrògraman ro COVID-19 agus gu bheilear gan toirt a-steach a-rithist ann an seisean 2023-24 agus ath-shlànachadh na h-Alba bhon ghalar lèir-sgaoilte a' leantainn air adhart. Bidh e cudromach gun gabh seo a thoirt air ais ann an dòigh a tha ag amas air dèiligeadh ris an dùbhlán a tha an lùib ionnsachadh foirmeach do luchd-ionnsachaidh ann an obair-chùrsa agus deuchainnean.

“Tha grunn bhuannachdan ann bho bhith a' cur cuideam làidir air measadh tidseir. Tha iomadh cothrom aig tidsearan a bhith a' coimhead air

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

oileanaich thar ùine fhada agus a' coileanadh diofar ghnìomhan, a' gabhail a-steach obair-sgioba, obair beòil agus pròiseactan leudaichte, agus san t-seagh seo tha na beachdan aca nas ùghdarrasaiche na bhiodh aon deuchainn." (OECD, 2020)

"Tha deuchainnean àrd-sgoile gu ìre mhòr nan eisimpleirean de theicneòlas bhon 19mh agus 20mh linn a bhith air a chleachdadh ann an àrainneachd teagaisg is ionnsachaidh na 21mh linn. Tha teicneòlas didseatach a' toirt cruth-atharrachadh air na comasan againn airson fèin-mheasadh, measadh cho-leithid, measadh co-roinnte agus measadh leantainneach. Faodaidh measadh agus deuchainnean a-nis a bhith nas leantainniche, seach a bhith air an cumail gu h-ainneamh. Faodaidh iad comasan a chruthachadh airson fèin-mheasadh leantainneach agus adhartas fèin-stiùirichte ann an ionnsachadh. Is urrainn dhaibh measaidhean a cho-roinn gu follaiseach le sgoilearan, pàrantan agus co-obraichean proifeasanta a bhios a' fàgail gum bi cuideachadh agus eadar-theachd bho thidsearan ann an deagh àm." (ICEA, 2020)

- **Lùghdaich an àireamh de dheuchainnean anns an Ìre as Àirde.** 'S e aon dòigh chudromach air fianais a chruinneachadh a th' ann an deuchainnean, ach tha deuchainnean ann ro thrì san t-siostam làithreach. Tha sinn a' moladh nach bi sgrùdadh air an taobh a-muigh aig Ìrean SCQF 1-5. Bidh measadh air an taobh a-staigh a-mhàin. Bidh deuchainnean bhon taobh a-muigh, còmhla ri measadh air an taobh a-staigh, fhathast nam pàirt de Theisteanasan Nàiseanta aig SCQF Ìre 6 Àrd-ìre agus SCQF Ìre 7 Àrd-ìre Adhartach. Tha sinn den bheachd gun lùghdaich seo cuideam air luchd-ionnsachaidh agus air luchd-obrach ann an suidheachaidhean foghlaim agus gum broснаich e cothroman airson ionnsachadh nas doimhne. Fosglaidh seo raon de chothroman, mar eisimpleir, gus cùrsaichean Àrd-ìre SCQF Ìre 6 a bhith leantainneach thairis air dà bhliadhna. Ma cho-dhùineas neach-ionnsachaidh crìoch a chur air cùrsa ann an ÀS4, falbhaidh iad leis a' chreideas a tha iad air cruinneachadh.

Ma tha iad air creideas gu leòr a chosnadh airson duais Ìre 4 no 5 fhaighinn, thèid an obair-chùrsa aca a dhearbhadh bhon taobh a-muigh, agus thèid an duais a thoirt seachad. Cha bhithhear a' meas gu bheil neach-ionnsachaidh air fàiligeadh ma chumas iad orra ag ionnsachadh anns a' chòigeamh agus san t-siathamh bliadhna.

- **Cùm deuchainnean far a bheil iad nam pàirt chudromach den mhodh measaidh. Dèan lèirmheas air na deuchainnean a th' ann mar-thà gus nach bi iad cho buailteach ri ro-innse agus gus ro-aithris a lùghdachadh.** Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach ath-bheachdachadh air na seòrsaichean cheistean a thèid fhaighneachd, an raon de roghainnean a tha rim faighinn ann am pàipearan deuchainn agus na dòighean measaidh a thathar a' cleachdadh. Ach, chan atharraich na gnìomhan sin a-mhàin an cultar làithreach timcheall air deuchainnean. Ma tha an cultar gu bhith ag atharrachadh, bidh feum cuideachd air atharraichean ann an dòighean-teagaisg ann an sgoiltean agus seòmraichean-teagaisg, ach cuidichidh na gnìomhan a thathar a' moladh an seo agus bidh iad nan culaidhean-bhrosnachaidh airson atharrachadh.
- **Cuir ri sùbailteachd le bhith a' cur cùrsaichean agus Prògraman Ionnsachaidh ann am modalan.** Bu chòir prògraman ionnsachaidh a bhith air an dèanamh suas de mhodalan gus an t-sùbailteachd as motha a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus creideas an toigail fhad 's a tha iad a' dol air adhart tro cùrsaichean. Bu chòir dha a bhith comasach modalan bho dhiofar sheòrsaichean duais a chur còmhla. Mar eisimpleir, bu chòir gum biodh e comasach modalan aig Nàiseanta 5 a chur ri Cairt-teisteanais Nàiseanta aig Ìre 5. Far an gabh a dhèanamh, bu chòir fianais coileanaidh tighinn bho ghnìomhan measaidh a tha a' tachairt gu h-àbhaisteach mar-thà mar phàirt de dh'ionnsachadh is teagasg seach bho bhith a' toirt a-steach gnìomhan measaidh a bharrachd. Tha sinn ag aithneachadh gum bi feum air barrachd obrach gus gluasad a dh'ionnsaigh dòigh-obrach mhodalach.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- **Cruthaich barrachd tìde airson ionnsachadh agus teagasg.** Le bhith a' toirt air falbh measadh bhon taobh a-muigh ann an ÀS4, cruthaichidh sin barrachd ùine airson ionnsachadh agus teagasg thar ÀS4 agus ÀS5. Mar eisimpleir, bidh creideas air a chruinneachadh thar dà bhliadhna airson luchd-ionnsachaidh a tha a' dèanamh chùrsaichean aig SCQF Ìre 6: Àrd-ìre. Feumar a bhith faiceallach gun tèid an tìde a thèid a shaoradh a chleachdadh airson ionnsachadh agus teagasg. Tha biùrocrasaidh air a chruthachadh, chan e staid nàdarra a th' ann.

Tha an t-siathamh bliadhna den sgoil a' tabhann chothroman gus an raon de ghnìomhachdan a tha air an dèanamh san Dioplòma a leudachadh agus a dhoimhneachadh. Bidh luchd-ionnsachaidh san t-siathamh bliadhna comasach air leantainn orra a' dèanamh raon de phrògraman a tha co-chòrdail ris an adhartas aca fhèin. Airson cuid de luchd-ionnsachaidh dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach raon nas fharsainghe de chùrsaichean nàiseanta no de dhùisean coileanaidh eile. Airson luchd-ionnsachaidh eile, faodaidh cùrsaichean a bhith aig Ìrean 6 no 7 SCQF no a bhith a' cur ri Bun-phreantasachdan no Dùisean Adhartas Nàiseanta. Bu chòir suidheachaidhean foghlaim cumail orra a bhith ag obair le luchd-ionnsachaidh gus coimhead air roghainnean airson na slighe-ionnsachaidh aca san àm ri teachd. Bu chòir an siostam a bhith sùbailte. Mar eisimpleir, ma tha neach-ionnsachaidh airson Ceimigeachd a dhèanamh - aig SCQF Ìre 6 - Àrd-ìre ann an aon bhliadhna san t-siathamh bliadhna, bu chòir gum biodh seo fhathast comasach. A bharrachd air sin, tha an dà eileamaid eile den Dioplòma, Ionnsachadh Pròiseict agus Slighe Phearsanta a' tabhann chothroman ùra nach beag do luchd-ionnsachaidh ann an ÀS6 am pròifil gnìomhachdan aca a leudachadh agus a dhoimhneachadh. Mar eisimpleir, tha am Pròiseict co-cheangailte ri frèama SCQF. Dh'fhaodadh am frèam-obrach seo cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh pròiseict a dhèanamh aig Ìre 7 no nas fhaide air adhart, a' tabhann ìre dùbhlain nas motha na an ìre a thathar a' tabhann ann an sgoiltean gu traidiseanta.

4.6 An t-Slighe Phearsanta

Is e fear de phrìomh phrionnsabalan an Lèirmheis a bhith a' cur luach air raon nas fharsainghe de choileanadh na dìreach a bhith a' faighinn teisteanasan cuspair, teicnigeach, dreuchdail agus proifeasanta. Tha an eileamaid seo den Dioplòma a' cur an comas dealbh nas pearsanaichte den neach-ionnsachaidh a bhith ann. Tha seo na phàirt dheatamach de bhith a' togail pearsanachadh agus roghainn a-steach dhan Ìre as Àirde.

B' e fear de na cuspairean as treasa a thàinig às an lèirmheas bho luchd-ionnsachaidh gum bu chòir teiseanasan a bhith air am pearsanachadh. Tha an t-Slighe Phearsanta na dòigh gus ùidhean, comasan agus coileanadh gach neach-ionnsachaidh a bhrosnachadh agus a chomharrachadh. Tha an cothrom do neach-ionnsachaidh a bhith a' meòrachadh air an cuid ionnsachaidh na prìomh sgil dhan luchd-ionnsachaidh uile. Is urrainn cothroman ionnsachaidh nas fharsainghe a tha a' gabhail a-steach ìre de roghainn dhan neach-ionnsachaidh, cur gu mòr ri dòighean ionnsachaidh eile, mar eisimpleir, a' cur ri brosnachadh, a' togail dhàimhean làidir. Cha bu chòir dearmad a dhèanamh air a' chomas a th' ann airson cothroman ionnsachaidh nas fharsainghe gus dealas neach-ionnsachaidh a thaobh foghlam san fharsaingeachd a neartachadh.

Moladh 8: Gum bi an eileamaid Slighe Pearsanta riatanach airson buileachadh an Dioplòma. Is e còir a th' ann agus feumaidh e a bhith ri fhaighinn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh. Is e ceist cothromais a tha seo. Feumaidh e a bhith sùbailte dhan a h-uile neach-ionnsachaidh, ag aithneachadh cho cudromach 's a tha roghainn phearsanta agus bu chòir dha fòcas a chur air na tha luchd-ionnsachaidh air ionnsachadh mun deidhinn fhèin.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Bu chòir dhan t-Slighe Phearsanta ùidhean, comasan agus coileanadh gach neach-ionnsachaidh a bhrosnachadh agus a chomharrachadh

Tha an t-Slighe Phearsanta a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh am pròifil a phearsanachadh, gus taobhan den eòlas aca a thaghadh a tha a' nochdadh an ùidhean, na tha iad a' cur ris a' chomann-shòisealta agus am miannan dreuchdail a thaobh cosnadh.

Bu chòir sealbh a bhith aig an neach-ionnsachaidh air an t-Slighe Phearsanta agus bu chòir dha pearsanachadh agus roghainn a bhrosnachadh. Is e an neach-ionnsachaidh a bhios a' co-dhùnadh dè am fiosrachadh a bhios anns an t-Slighe Phearsanta.

Taobh a-staigh na h-earrainn seo den Dioplòma, faodaidh luchd-ionnsachaidh meòrachadh air na dh'ionnsaich iad bho:

- na chuir iad ris an sgoil no colaisde mar choimhearsnachd no ri coimhearsnachdan taobh a-muigh an t-suidheachaidh foghlaim aca.
- gnìomhan cultarail anns an do ghabh iad pàirt no a stiùir iad, mar eisimpleir, ceòl, ealain, dràma, cultar na Gàidhlig, spòrs, gnìomhan cultarail nas fharsainghe, mar eisimpleir, ionnsachadh cànan.
- ro-innleachdan a tha iad air cruthachadh gus an sunnd fhèin adhartachadh agus mar a chumas iad taic ri sunnd chàich.
- gnìomhan anns an do ghabh iad pàirt gus taic a thoirt dhaibh ann an co-dhùnaidhean mu na tha iad airson dèanamh às dèidh na sgoile no na colaiste, mar eisimpleir, an rannsachadh a rinn iad air dreuchdan, gnìomhan iomairt a rinn iad no dòighean tionnngaileachd a rannsaich iad.
- gnìomhan no coileanaidhean às a bheil iad gu sònraichte moiteil.

Bu chòir dhan t-Slighe Phearsanta a bhith ag amas air taobhan sòisealta, cultarail, eaconamach agus sunnd a ghabhail a-steach. Ann an iomadh cùis bidh foghlam an luchd-ionnsachaidh a' gabhail a-steach grunn de na diofar thaobhan sin.

- Chan eil am fòcas san t-Slighe Phearsanta air a bhith a' cruinneachadh diofar eòlasan, ach air na tha an neach air ionnsachadh bho gach eòlas.

Tha e coltach gum bi pearsanachadh agus roghainn mar fheart a tha a' sìor fhàs ann am foghlam san àm ri teachd. Bidh nan dh'fhiosraicheas luchd-ionnsachaidh ann am foghlam a' sìor fhàs sùbailte agus air a phearsanachadh. Thèid iarraidh air luchd-teagaisg a bhith nam meantoran do luchd-ionnsachaidh, gus an stiùireadh tro àrainneachd ionnsachaidh thoinnte. Tron t-Slighe Phearsanta aca, thèid taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh gus meòrachadh air an cuid ionnsachaidh thar nan trì eileamaidean den Dioplòma agus mu na tha iad ag ionnsachadh mun deidhinn fhèin.

Bidh feum air cothroman ionnsachaidh proifeiseanta iomchaidh ann an coidseadh agus comhairleachadh do dhaoine a tha ag iarraidh na dleastanasan ùra sin a ghabhail os làimh, mar eisimpleir. tidsearan, òraidichean, pàrantan/luchd-cùraim, luchd-obrach òigridh, sgoiltean, colaistean agus suidheachaidhean eile a tha a' toirt seachad foghlam agus a dh'fhaodadh a bhith ann an suidheachadh gus taic a thoirt do neach-ionnsachaidh air an t-slighe seo. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach gnìomh ann an ITE.

Bu chòir goireasan sònraichte a bhith rim faighinn gus taic a thoirt dhan taobh seo den leasachadh agus bidh feum air ceannardas air an t-siostam gus am bi e freumhaichte ann am foghlam na h-Alba. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach àrd-ùrlar didseatach a bheir cothrom dhan neach-ionnsachaidh fianais de choileanadh a chruinneachadh.

Gus dèanamh cinnteach gun aithnichear cho cudromach 's a tha an raon obrach, gu bheil e air a dheagh cho-òrdanachadh agus gu

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

bheil inbhe aice, bu chòir dreuchd àrdaichte a stèidheachadh dhaibhsan a tha os cionn na h-obrach seo ann an sgoiltean agus colaistean.

Gus taic a chumail ri leasachadh na Slighe Pearsanta aca, bu chòir cothroman le taic a bhith aig luchd-ionnsachaidh gus fèin-mheòrachadh air na sgilean is feartan a tha iad air togail. Bu chòir na còmhraidhean sin a chumail thar bliadhna acadaimigeach agus tron Ìre as Àirde.

Tha sgoiltean agus colaistean a' tabhann raon farsaing de dh'èolasan do luchd-ionnsachaidh taobh a-muigh chùrsaichean mar-thà. Le seo mar phàirt den Dioplòma, tha e ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' phàirt seo den churraicealam do luchd-ionnsachaidh agus ga thogail mar phàirt den fhoghlam air a bheil còir aig gach neach-ionnsachaidh. Bu chòir taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus fèin-chnuasachadh air na sgilean agus feartan a tha iad air togail. Bidh seo riatanach ann a bhith ag ullachadh airson gluasad gu obair, obair shaor-thoileach no gu foghlam adhartach no àrd-ìre. Bu chòir cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh airson còmhraidhean meòrachail pearsanta thairis air bliadhna sgoile agus tron Ìre as Àirde air fad.

Cha tèid an t-Slighe Phearsanta a chomharrachadh. ach bidh pròiseasan sgrùdaidh ann air an fhianais na lùib.

4.7 Cudromachd Cothromais anns an t-Slighe Phearsanta

Ged a bha mòran taic ann dhan bheachd airson Slighe Phearsanta agus aithne air cho cudromach 's a bha e taobh nas pearsantaiche a thoirt a-steach do theisteanasan, chaidh draghan mòra a thogail a thaobh mar a dh'fhaodar an t-Slighe Phearsanta a dhèanamh cothromach. Chuir an IRG agus na CCGan seachad mòran ùine a' deasbad chùisean cothromais. Thàinig sinn chun a' cho-

dhùnaidh gun cuireadh Slighe Phearsanta neo-ionannachd a th' ann mar-thà am follais barrachd seach a bhith a' cruthachadh barrachd neo-ionannachd.

“Tha mi a' tuigsinn nan draghan mu chothromas, ach tha mi creidsinn nuair a smaoinicheas mi mu dheidhinn, gum bi an cothrom sin fhathast aig daoine òga aig a bheil barrachd cothrom air cothroman tron sgoil no taobh a-muigh na sgoile, co-dhiù a bheil solas air a lasadh air le bhith a' cleachdadh Dioplòma no chan eil. Nuair a tha luchd-ionnsachaidh a' sgrìobhadh an cuid aithrisean pearsanta no iarrtasan obrach no a' sgrìobhadh Chunntasan Beatha, bidh e comasach dhaibh am beairteas chothroman sin a thoirt leotha. An àite a bhith a' seachnadh na ceist sin, a bheil seo a' toirt dùbhlann dhuinn mar shiostam gus barrachd co-ionannachd a chur air dòigh a thaobh ruigsinneachd air cothrom do dh'òigridh gus an cuideachadh le bhith a' tuigsinn an àite aca, is dòcha mar neach-cùraim òg no ann a bhith a' dèanamh ghnìomhan taobh a-muigh na sgoile. Tha sinn a' leigeil leotha an seòrsa sgilean aithneachadh a tha gu bhith air leth cudromach san àm ri teachd aca, agus gum faodadh a bhith nas beartaiche is dòcha na cuideigin aig a bheil cothrom air tòrr chlubhaichean is ghnìomhachdan.” (Ball CCG - Luchd-fastaidh san Roinn Phoblach is an Treas Roinn)

Bha dà roghainn ann: Dh'fhaodamaid an t-Slighe Phearsanta a thoirt às an Dioplòma a dh'fhàgadh an suidheachadh far nach robh mòran chothroman, no gun chothroman idir, aig cuid de luchd-ionnsachaidh air ionnsachadh san raon pearsanta seo no b' urrainn dhuinn a chumail agus aghaidh a chur air ceist a' chothromais. Thagh sinn an dàrna roghainn. Tha a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig gach neach-ionnsachaidh ann an Alba a dhol an sàs ann an gnìomhan sòisealta, cultarail, sunnd agus eaconamach na phàirt dheamach de bhith air oideachadh ann an Alba. Bu chòir seo a bhith na chòir do gach neach-ionnsachaidh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

4.8 A' toirt piseach air co-dhùnaidhean mu Shlighean san àm ri teachd

Taobh a-staigh na Slighe Pearsanta bu chòir cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh beachdachadh air na slighean san àm ri teachd a dh'fhaodadh iad leantainn às dèidh na sgoile/ colaiste. Tha colaistean, fastaichean agus oilthighean a' cur cuideam air cho mòr 's a tha na tha eileamaidean den t-Slighe Phearsanta a' cur ri foghlam. Mar eisimpleir, bu chòir gum biodh e comasach do luchd-ionnsachaidh meòrachadh air an ionnsachadh agus air na choilean iad san fharsaingeachd. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach nan ùidhean aca, na dòighean anns a bheil iad a' cur ris na coimhearsnachdan aca no ris a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd agus an smaoineachadh a tha iad air a dhèanamh mu na seòrsaichean ionnsachaidh no cosnadh a dh'fhaodadh togail air na sgilean agus na comasan aca sam am ri teachd. Thuir oilthighean gun robh an t-Slighe Phearsanta na dòigh air na diofar thaobhan den Dioplòma a thoirt còmhla.

Tha cothroman ùra ann gus cur ri na dh'fhiosraicheas gach neach-ionnsachaidh a thaobh dreuchdan. Tha an Lèirmheas air Dreuchdan (Smith, 2023) a' moladh dòigh-obrach ùr a thaobh eag-shiostam dhreuchdan, bho fhiosrachadh, comhairle agus stiùireadh, gu brocaireachd agus foghlam dhreuchdan, gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh, sgoiltean agus colaistean sa phròiseas seo. Tha seo a' gabhail a-steach cothroman gus sgilean tionnsgalachd a thogail. Tha Stewart & Logan (2023) ag amas air boireannaich gu sònraichte, nach eil air an riochdachadh gu leòr mar as trice san raon seo. Bu chòir na cothroman sin a ghabhail.

Chaidh an dùbhlán a bhith a' faighinn cothroman airson a h-uile neach-ionnsachaidh san àite-obrach a thogail gu tric san Lèirmheas. Tha teicneòlas a' tabhann cothroman gus eòlasan àite-obrach bhiortail a chur air dòigh tro fhiorachd leasaichte. Ach, tha a bhith anns an àite-obrach an da-rìreabh a' toirt seachad gnàth-eòlas cumhachdach, a chuidicheas luchd-ionnsachaidh

gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh a thaobh ionnsachadh no cosnadh san àm ri teachd.

Chan urrainn dha a bhith an urra ri beagan luchd-fastaidh a-mhàin siostam a thogail far a bheil cothrom aig gach neach-ionnsachaidh air àiteachan-obrach. Tha mòran Iomairtean Beaga is Meadhanach ag obair gu deimhinneach le sgoiltean agus colaistean gu nàiseanta agus tha prògraman àrd-inbhe aig grunn luchd-fastaidh mòra anns na roinnean prìobhaideach agus poblach a tha a' tabhann greis-gnìomhachais. Ach ma tha seo gu bhith na thairgse nàiseanta, feumar obair a dhèanamh gus an fheadhainn a tha an sàs ann a leudachadh. Tha e math do luchd-ionnsachaidh cothroman a bhith aca san àite-obrach. Tha e cuideachd a' tabhann cothroman do luchd-fastaidh, mar eisimpleir, far a bheil cothroman aig luchd-obrach na sgilean meantoraidd aca a leasachadh agus a leudachadh.

Bhiodh an roghainn aig luchd-ionnsachaidh air dè na h-iarrtasan a dhèanadh iad às dèidh na sgoile, colaiste, oilthigh no airson fastadh, air am fiosrachadh na b' fheàrr nam biodh cothroman aca meòrachadh air an cuid ionnsachaidh bho shealladh pearsanta. Cuiridh còmhraidhean meantoraidd ri càileachd co-dhùnaidhean san àm ri teachd, ma tha luchd-ionnsachaidh air am brosnachadh gu bhith a' smaoineachadh air na h-adhbharan airson cùrsaichean no cuspairean a thaghadh, mar a tha iad sin a' ceangal ris na pròiseactan a roghnaicheas iad agus mar a tha an cuid ùidhean agus an cuid ghnàth-eòlasan a' buntainn ris na co-dhùnaidhean a nì iad mu shlighean san àm ri teachd.

Ma tha gnàth-eòlasan airson na Slighe Pearsanta gu bhith rim faotainn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh, dh'fheumadh na cothroman a tha rim faighinn airson stiùireadh dhreuchdan agus greisean-gnìomhachais co-cheangailte riutha a dhol am meud gu mòr. Tha e taobh a-muigh raon-ùghdarras an Lèirmheis moladh foirmeil a dhèanamh ach bhiodh e na cheum ciallach an riaghaltas, luchd-foghlaim, gnìomhachas agus gnothachas a thoirt còmhla gus comharrachadh mar a dh'fhaodadh comhairle dhreuchdan agus greisean-gnìomhachais a bhith rim faighinn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh san àm ri teachd.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

4.9 Ionnsachadh Pròiseict

Ann an raon seo den Dioplòma, tha cothrom aig luchd-ionnsachaidh an t-eòlas agus na sgilean a tha iad air togail anns na Prògraman Ionnsachaidh aca a chleachdadh, gus dèiligeadh ri ceist chudromach no ri duilgheadas a tha cudromach dhaibh. Tro seo, bidh cothroman aig luchd-ionnsachaidh sgilean a thogail a tha riatanach airson an cuid adhartais san àm ri teachd.

“Is iad sgilean airgeadra cruinneil na 21mh linn, linn anns am bi a’ bheatha obrach a’ fàs nas stèidhichte air lionraidhean. Bidh obair a’ sior fhàs caochlaideach agus air a dèanamh air stèidh pròiseict le com-pàirtichean le sgilean coileantach ag obair ann an sgiobaidhean. Feumar na sgilean sin a leasachadh tro atharrachadh ann an cleachdadh sa chlas agus bu chòir an leasachadh aig gach ìre tro fhoghlam.” (RSE, 2023)

Bha cho cudromach ’s a tha a bhith ag amalachadh eòlas agus sgilean na prìomh chuspair san Lèirmheas. Tha am modail ùr ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha ionnsachadh sa chomann-shòisealta thar diofar raointean den churraicealam agus a’ moladh eileamaid eadar-chuspaireil a thoirt a-steach dhan Dioplòma.



4.10 Dè tha Ionnsachadh Pròiseict a’ ciallachadh?

Bheir Ionnsachadh Pròiseict cothrom do luchd-ionnsachaidh diofar gnàth-eòlasan a thoirt còmhla ann an raon a tha buntainneach agus fìor inntinneach dhaibh. Bidh e na phàirt den fhoghlam aig gach neach-ionnsachaidh. Tha an Lèirsinn airson teisteanasan agus measadh san àm ri teachd ag ràdh gum bu chòir dhan t-siostam a bhith in-ghabhalach. Mar sin, bidh Ionnsachadh Pròiseict airson a h-uile neach-ionnsachaidh ged a bhios na dh’fhiosraicheas gach neach-ionnsachaidh eadar-dhealaichte.

Dh’fhaodte gum bi cuid de luchd-ionnsachaidh a’ coimhead air dùbhlann cruinneil, dùbhlann a chi iad mar nì ro-chudromach a thaobh a’ chomainn-shòisealta san àm ri teachd, mar eisimpleir, atharrachadh na gnàth-shìde, AI no còmhstri. Tha seo a’ co-thaobhadh ri obair a rinneadh bho chionn ghoirid ann an ionnsachadh airson seasmhachd.

Cuiridh iad aghaidh air raon a tha ro fharsaing no ro thoinnte airson a bhith a’ dèiligeadh ris tro aon chuspair. Tha an tuairisgeul air an dòigh-obrach seo a thaobh Ionnsachadh Pròiseict gu math coltach ris an rud ris an canar gu tric Ionnsachadh Eadar-chuspaireil (IDL). Chan e dìosaplàn a th’ ann an cuspairean ach is iad sin an dòigh anns a bheil luchd-ionnsachaidh ann an àrd-sgoiltean a’ fiosrachadh diofar raointean de sgrùdadh acadaimigeach.

Mar a thuirt Comann Rìoghail Dhùn Èideann:

“Chan urrainnear ionnsachadh eadar-chuspaireil (IDL) a thuigsinn gu ceart às aonais tuigse shoilleir a bhith ann air nàdar, buannachdan agus crìochan chuspairean.” (RSE, 2023)

A’ tarraing air an cuid ionnsachadh ann an cuspairean fa leth, cuiridh luchd-ionnsachaidh fòcas air pròiseact a bheir cothrom dhaibh eòlas, dòighean-obrach agus bun-bheachdan bho raon de chuspairean a chleachdadh gus diofar sheallaidhean a thoirt dhan phròiseact anns a bheil iad an sàs.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

“Is urrainn diosaplainean a bhith a’ coimhead a-staigh cuideachd agus gun a bhith a’ dèiligeadh ri duilgheadasan ùra is buntainneach san fhìor-shaoghal, ach tha seallaidhean agus leasachaidhean mòra ùra a’ tachairt barrachd is barrachd ann an raointean eadar-chuspaireil.” (RSE, 2019)

Do luchd-ionnsachaidh eile, dh’fhaodadh gum bi am pròiseact co-cheangailte ri dùbhlann nas ionadaile far am bi luchd-ionnsachaidh a’ toirt còmhla diofar raointean den churraicealam aca agus dèiligeadh ri duilgheadas a tha cudromach dhaibh, mar eisimpleir, mar as urrainnear cur an aghaidh mì-thuigse mu chiorram. Airson luchd-ionnsachaidh le feumalachdan ionnsachaidh mòra agus iom-fhillte, faodar Ionnsachadh Pròiseict a dhealbhadh airson gach neach fa leth.

Ach, airson a h-uile neach-ionnsachaidh leigidh Ionnsachadh Pròiseict dhaibh eòlas a chleachdadh agus sgilean a thogail, mar eisimpleir, smaoineachadh breithneachail, fuasgladh dhuilgheadasan, a’ cur eòlas an sàs, cruthachalachd, obair-sgioba agus ceannardas.

Tha a’ bhuidheann curraicealaim nàiseanta, Foghlam Alba, a’ dèanamh obair san raon seo aig an àm seo. Chuir iad am mineachadh a tha iad a’ cleachdadh aig an àm seo san sgrìobhainn **Interdisciplinary Learning: ambitious learning for an increasingly complex world**.

“Tha Ionnsachadh Eadar-chuspaireil na nì gnàth-eòlas planaichte a bheir cuspairean còmhla ann an aon phrògram no pròiseact coileanta. Bidh na diofar chuspairean gam planadh agus gan cur an gnìomh ann an dòigh aonaichte. Dh’fhaodadh na cuspairean seo a bhith taobh a-staigh aon raon den churraicealam (mar eisimpleir, cànanan, na saidheansan) no eadar grunn raointean den churraicealam. Tha IDL a’ toirt comas do chloinn is dhaoine òga gus:

- a bhith ag ionnsachadh eòlas no sgilean ùra agus a’ togail tuigsinn ùr air bun-bheachdan;
- a bhith a’ tarraing air eòlas, tuigse agus sgilean a bh’ aca roimhe agus;

- an t-eòlas coitcheann sin eadar-ghluasad agus chur an sàs airson duilgheadasan ùra no raointean ionnsachaidh eile.”

“Tha seo eadar-dhealaichte ri ionnsachadh, mar eisimpleir, a tha a’ tachairt nuair a tha grunn diosaplainean no chuspairean air an ceangal tro thèaman no cuspairean cumanta, ach tha na dh’fhiosrachaicheas an t-oileanach agus planadh an neach-foghlaim eadar-dhealaichte, no fa leth anns gach diosaplain no cuspair. Faodar ionnsachadh ioma-chuspaireil a chur air seo.”

Tha raon farsaing de chùrsaichean aig a’ Bhuidhinn Theisteanasan Nàiseanta, SQA, a dh’fhaodadh taic a thoirt a dh’obair san raon seo. Tha eisimpleirean inntinneach ann de theisteanasan Nàiseanta Àrd-ìre “an ath ghinealaich”, agus bu chòir dhaibh seo a bhith mar phàirt de chòmhradh san àm ri teachd mu Ionnsachadh Pròiseict.

Rè an Lèirmheas chuala sinn diofar bheachdan a thaobh am bu chòir an teirm ionnsachadh eadar-dhiosaplain no ionnsachadh ioma-chuspaireil a chleachdadh. Bha cuid a’ creidsinn nach robh ainm seach ainm cuideachail. Tha obair ri dèanamh fhathast ann am Ionnsachadh Pròiseict gus cànan a chruthachadh leis a bheil a h-uile duine cofhurtail.

Bu chòir do na Buidhnean Nàiseanta ùra airson a’ churraicealaim is theisteanasan obrachadh còmhla ri com-pàirtichean, a’ gabhail a-steach tidsearan, òraidichean, fastaichean agus oilthighean gus eisimpleirean a chruthachadh air cò ris a dh’fhaodadh Ionnsachadh Pròiseict a bhith coltach ann an da-riribh ann an diofar cho-theacsan”.

Bhiodh obair a tha a’ dol air adhart an-dràsta leis a’ bhuidhinn Co-dhealbhadh IDL Nàiseanta air a stiùireadh le Foghlam Alba na thoiseach tòiseachaidh èifeachdach gus taic a thoirt do dh’obair nas dèine mar a dh’fheumar. Gu sònraichte, tha sinn a’ tuigsinn na h-obrach a tha sgoiltean ann an Ear-thuath na h-Alba a’ dèanamh leis an Wood Foundation mar phàirt den **Phrògram Excelerate** a tha a’ toirt seachad Ionnsachadh Pròiseict.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Tha fastaichean agus luchd-ionnsachaidh a' toirt taic làidir dhan mholadh airson Ionnsachadh Pròiseict a bhith mar phàirt den Dioplòma (mar a chithear ann an Aithisg Eadar-amail an Lèirmheis). Tha fastaichean a' cur luach sònraichte air daoine a tha comasach air na sgilean a dhearbhadh ann an Ionnsachadh Pròiseict agus tha luchd-ionnsachaidh deònach na sgilean sin a thogail agus ìre de neo-eisimeileachd a thogail a thaobh mar a ghabhadh pròiseact a thoirt air adhart. Mar an ceudna, tha na sgilean-meta seo mar bhunait air feartan cheumnaichean a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh a tha a' dol dhan oilthigh a thogail mar phàirt de na cùrsaichean aca.

4.11 Ionnsachadh Pròiseict ga chur an sàs

Sna cuairtean a rinn sinn gu sgoiltean agus colaistean, chunnaic sinn raon farsaing de dhiofar phròiseactan agus phrògraman foghlaim. Bha sinn air ar brosnachadh leis an ìre de dhealas a bh' aig luchd-ionnsachaidh agus luchd-obrach airson nam pròiseactan seo agus bha coileanadh luchd-ionnsachaidh air leth math.

Ach, tha beachdan mu phròiseactan agus ionnsachadh eadar-cuspaireil air a bhith mar phàirt den chòmhradh air foghlam Albannach bho thòisich CfE. Ach, chan eil a leithid de chothroman aig a h-uile neach-ionnsachaidh ann an Alba. Leis cho cudromach 's a tha an raon seo do luchd-ionnsachaidh, colaistean, oilthighean agus fastaichean, tha e deatamach gum bi na cothroman sin rim faighinn dhan h-uile neach-ionnsachaidh san Ìre as Àirde. Gus dèanamh cinnteach gu bheillear ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an taobh seo den Dioplòma, bu chòir ùine a bhith ann airson na h-obrach seo agus bu chòir taic a thoirt do thidsearan, mar a bhios iomchaidh, gus na sgilean aca a leasachadh airson a dhol an sàs ann an rannsachadh nas fhosgailte. Thug an aithisg Sixth Form Matters (2023) a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid fa-near:

“Tha mòran uachdranasan air roghainn a thoirt a-steach do dh'oileanaich pròiseact mòr a dhèanamh mar phàirt den phrògram teisteanais aca, iomairtean nach eil eu-coltach ri rùn an EPQ ann an Sasainn. An dà-rìribh, tha na h-iomairtean seo nan dòigh gus an suidheachadh a leasachadh seach a bhith nam fuasgladh ceart. Mur eil deuchainnean ann, thathar uaireannan a' meas gur e teisteanasan den dàrna ìre a th' anns na roghainnean seo. Ma tha deuchainnean air an dèanamh orra, dh'fhaodte gum bi sgoilearan gam faicinn mar phàirt den phròiseas ionnsachaidh air a bheil iad eòlach agus gu tric a tha mi-tharraingeach, le cuspair air a mhineachadh le clàran-oideachaidh, air a libhrigeadh taobh a-staigh clàran-ama a tha air an dealbhadh airson sgrùdadh acadaimigeach, agus air an teagasg agus air am measadh le tidsearan air an trèanadh ann an cuspairean acadaimigeach.” (Sixth Form Matters 2023)

Tha am paragraf seo na rabhadh iomchaidh. Feumar am pàirt seo den Dioplòma a chumail mar phrìomhachas, feumar ùine a thoirt seachad gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh agus teagasg san raon seo agus feumaidh an dà chuid luchd-ionnsachaidh agus luchd-foghlaim a bhith comasach air an eileamaid seo den Dioplòma a dhèanamh na ghnàth-eòlas tlachdmhor.

Moladh 9: Cleachd tuairisgeulan air adhartas eòlais agus air an fhrèam sgilean uile-choitcheann anns an Lèirmheas Sgilean a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid (Withers, 2023), ma thèid gabhail ris, gus dhealbhadh Ionnsachadh Pròiseict san Dioplòma fhiosrachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd a bhith air an cleachdadh mar bhunait a' mheasaidh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Moladh 10: Gum bi an eileamaid Ionnsachadh Pròiseict riatanach airson buileachadh an Dioplòma. Is e còir a th' ann agus feumaidh e a bhith ri fhaighinn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh:

- Bu chòir Ionnsachadh Pròiseict a bhith na phàirt aithnichte agus sònraichte den churraicealam, a' togail air Prògraman Ionnsachaidh. Feumaidh cead a bhith aig luchd-ionnsachaidh fa leth an cuid eòlais agus sgilean a chur an sàs thar chuspairean gus aghaidh a chur air dùbhlàn. Gabhaidh ionnsachadh pròiseict a dhèanamh tro mheasgachadh de dh'obair buidhne is obair aig daoine fa leth. Ach, bu chòir seo a bhith air a mheasadh airson gach neach fa leth.
- Bu chòir Ionnsachadh Pròiseict tachairt air feadh na h-Ìre as Àirde. Dh'fhaodadh neach-ionnsachaidh roghnachadh pròiseact ùr a dhèanamh gach bliadhna no a bhith a' togail air an aon phròiseact fhad 's a thèid iad air adhart tron Ìre as Àirde. Bu chòir ìre an dùbhlain àrdachadh mean air mhean agus bu chòir coileanadh a bhith ceangailte ri ìrean SCQF agus ri creideas an adhartas a shealltainn. Ged a tha fòcas an Lèirmheis seo air an Ìre as Àirde, dh'fhaodadh gum biodh e buannachdail Ionnsachadh Pròiseict a bhrosnachadh an dà chuid sa bhun-sgoil (far a bheil e ann mar-thà ann an diofar chruthan) agus ann am Foghlam Farsaing Coitcheann gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh leis an t-seòrsa ionnsachadh a tha ri thighinn.
- Bidh Ionnsachadh Pròiseict air a mheasadh air an taobh a-staigh ann an suidheachaidhean foghlaim, le dearbhadh bhon taobh a-muigh mar phàirt den phròiseas gus dèanamh cinnteach gu bheil inbhean coitcheann air feadh na dùthcha. Bidh pròiseasan làidir ach neo-thromach (light touch).

- Bidh sùbailteachd agus slighean eadar-dhealaichte ann taobh a-staigh eileamaid a' Phròiseict gus in-ghabhail a bhrosnachadh gu sònraichte do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd, luchd-ionnsachaidh a tha neurodivergent, luchd-ionnsachaidh aig a bheil fìor chomas agus iadsan a tha air an oideachadh aig an taigh. Ged a dh'fhaodadh cuid de luchd-ionnsachaidh rannsachadh iom-fhillte fad-ùine a dhèanamh air prìomh ceistean cruinneil, do luchd-ionnsachaidh eile dh'fhaodadh gum bi earrann pròiseact an Dioplòma a' gabhail a-steach a bhith a' tarraing gnàth-eòlasan foghlaim còmhla gus misneachd a thogail, mar eisimpleir a thaobh conaltradh no siubhal neo-eisimeileach.
- Bu chòir fòcas an rannsachadh pròiseict a bhith air a thaghadh leis an neach-ionnsachaidh. Tha sinn ag aithneachadh gur dòcha gum feumar tòiseachadh le tairgse nas dearbhte aig na h-ìrean tràtha aig eileamaid Pròiseact an Dioplòma. Thèid eisimpleirean a chodhealbhaidh le luchd-teagaisg agus òraidichean, ùghdarrasan ionadail, luchd-rannsachaidh, buidhnean nàiseanta agus luchd-ionnsachaidh. Bidh cothrom aig sgoiltean air feadh na dùthcha air na h-eisimpleirean seo gus an urrainn do luchd-teagaisg/òraidichean an atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Ann an còmhraidhean mu bhith a' toirt a-steach Ionnsachadh Pròiseict taobh a-staigh an Dioplòma chaidh a ràdh gur dòcha gun lùghdaicheadh seo an taghadh chuspairean ann an sgoiltean no gun lùghdaicheadh e cho cudromach 's a tha cuspairean. Chan eil an Lèirmheas a' moladh lùghdachadh ann an cudromachd Phrògraman Ionnsachaidh no a' moladh gum feumar an ùine a thathar a' cur seachad air ionnsachadh orra atharrachadh. Lorgaidh diofar sgoiltean agus colaistean diofar dhòighean gus seo a dhèanamh. Tha sgoiltean agus colaistean a tha mar-thà an sàs anns an t-seòrsa gnìomhachd seo air grunn ro-innleachdan a chleachdadh. Bidh cuid ga chur a-steach do na h-ullachaidhean làithreach airson clàran-ama; bidh cuid eile a' cur stad air a' chlàr-ama airson aon fheasgar san t-seachdain. Bidh cuid de sgoiltean a' cur stad air a' chlàr-ama àbhaisteach fad seachdain aig prìomh amannan sa bhliadhna sgoile gus an tèid àite a chruthachadh airson gnìomhan co-obrachail is fuasgladh cheistean.

Tha cothroman a bharrachd ann. Mar eisimpleir, tha cuid de luchd-cleachdaidh ag ràdh gun cuidich gluasad air falbh bho dheuchainn air an taobh a-muigh aig Nàiseanta 5 agus lùghdachadh ann an cuideam nan deuchainnean deireannach air an taobh a-muigh ann an cùrsaichean Àrd-Ìre agus Àrd-ìre Adhartach gus ùine a chruthachadh ann an sgoiltean a leigeas le luchd-ionnsachaidh aig an Ìre as Àirde Ionnsachadh Pròiseict brìoghmhor a dhèanamh. Tha cuid eile air a ràdh gum faodadh lùghdachadh ann am fòcas air ullachadh airson dheuchainnean agus a bhith a' cleachdadh nam pàirtean den bhliadhna sgoile a tha mar as trice air an cur an dàrna taobh airson fo-dheuchainnean (prelims) agus fòrladh-sgrùdaidh cuideachadh gus ùine a chruthachadh. Is e aon chothrom eile a chaidh a thogail leinn, a bhith a' coimhead air an t-sùbailteachd a thaobh ùine a thathar a' tabhann taobh a-staigh frèam SCQF.

Tha obair ri dhèanamh leis an fheadhainn aig a bheil eòlas air a bhith a' co-òrdanachadh clàran-ama ann an suidheachaidhean foghlaim gus dòighean cruthachail a lorg gus dèiligeadh ri seo agus gus seo a thoirt seachad mar eisimpleirean air am beachdaich daoine eile.

4.12 Co-ionannachd Spèis

Fad iomadh bliadhna, tha foghlam na h-Alba, coltach ri iomadh dùthaich eile gu h-eadar-nàiseanta, air a bhith a' deasbad air an dòigh as fheàrr air co-ionannachd meas a choileanadh eadar slighean coitcheann (ris an canar uaireannan slighean acadaimigeach) agus slighean proifeasanta is teicnigeach (ris an canar slighean dreuchdail uaireigin). Tha an deasbad air leantainn tron Lèirmheas seo. Ged a tha sinn ag aithneachadh gu bheil co-ionannachd meas air a bhith na mhiann fad-ùine ann am Foghlam na h-Alba, tha e air a bhith doirbh a choileanadh leis gu bheil dìth co-ionannachd meas mar as trice mar thoradh air beachdan a tha gu math làidir sa chomann-shòisealta. Tha an Lèirmheas seo a' dol gu làidir an aghaidh a' bheachd gum bu chòir Ìre as Àirde soirbheachail a bhith air a comharrachadh a-mhàin a thaobh crìochnachadh Theisteanasan Nàiseanta. Bidh sinn uile ag ionnsachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte, agus tha amasan eadar-dhealaichte againn uile. Tha sinn den bheachd, mar a chithear ann an Lèirsinn agus Prionnsabalan an Lèirmheis, gum bu chòir raon fìor fharsaing de choileanadh a bhith air a chomharrachadh anns an Dioplòma.

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha cànan san deasbad seo. Rinn mòran dhaoine agus bhuidhnean ris an robh an Lèirmheas ag obair an argamaid gu bheil cleachdadh leantainneach an fhacail “Àrd-ìre” a' toirt buaidh air giùlan air feadh an t-siostam foghlaim. Tha beachd làidir ann gu bheil an comann-shòisealta a' sùileachadh gum bi soirbheachas an dà chuid aig sgoilearan fa leth agus aig sgoiltean air a thomhas leis an àireimh de dh'Àrd-ìrean a fhuaradh agus tha seo a' toirt buaidh air farsaingeachd a' churraicealaim a thathar a' tabhann agus gun teagamh tha e gu math cudromach anns na roghainnean a nì luchd-ionnsachaidh. Tha am beachd seo ri fhaicinn ann an com-pàirteachadh aig Ìre a Tri den Lèirmheas far an tuirt còrr is dà chòigeamh den luchd-fhreagairt, gu h-àraidh bho sgoiltean agus colaistean, gu sìmplidh “bu chòir” airson na ceiste “am bu chòir an t-aon ainm a bhith aig a h-uile teisteanas aig an aon ìre”.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Leis fhèin, cha toir a bhith ag atharrachadh a' chànain timcheall air buileachadh nan "Àrd-ìre", atharrachadh air an dòigh sa bheilear a' coimhead air diofar sheòrsaichean theisteanasan ach, rinneadh an argamaid gum biodh seo na chomharra làidir gu bheil teisteanasan eadar-dhealaichte a nì luchd-ionnsachaidh aig an aon ìre SCQF leis na h-aon phuingean creideis air am meas chun na h-aon ìre. Ach, tha e cudromach cuideachd aithneachadh gum feum atharrachadh sam bith a thaobh cànan theisteanasan a bhith air a chothromachadh mu choinneamh a' chunnart a bhith a' lagachadh dhùisean a th' ann mar-thà agus a' dèanamh cron air mar a tha dòigh-obrach theisteanasan na h-Alba san fharsaingeachd ga fhaicinn. Tha Teisteanasan Nàiseanta, agus an Àrd-Ìre gu sònraichte, cliùiteach gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha sinn ag aithneachadh cho dùbhlanaich 's a tha e dèiligeadh ri co-ionannachd spèis. Chan eil aon fhuasgladh simplidh ann a dh'atharraicheas tuigse choitcheann a' chomainn-shòisealta mu luach coimeasach theisteanasan. Còmhla ri aithisgean eile bho chionn ghoirid (Withers, 2023; Muir, 2022) tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha Com-pàirteachas SCQF ann a bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh, suidheachaidhean foghlaim agus fastaichean gus luach coimeasach an raoin iom-fhillte de theisteanasan a tha rim faighinn ann an Alba a thuigsinn. Is e am prìomh mholadh a th' againn san raon seo gun tog Alba air a' chànain aig ìre SCQF gus cuideachadh le bhith a' faighinn tuigse nas fheàrr air teisteanasan eadar-dhealaichte agus mar a tha iad ceangailte ri chèile.

Mhol Putting Learners at the Centre (Muir, 2022) gum bu chòir Com-pàirteachas SCQF a thoirt a-steach dhan bhuidheann nàiseanta a thathar a' moladh airson foghlam na h-Alba gus an gabh am frèama agus an luchd-obrach aige pàirt nas fheàrr ann a bhith a' planadh slighean luchd-ionnsachaidh gus barrachd co-ionannachd spèis a thoirt seachad. Na fhreagairt dhan mholadh seo, chuir Riaghaltas na h-Alba fàilte air an aithne a thug an t-Ollamh Muir do luach an SCQF ann a bhith a' toirt air adhart slighe luchd-ionnsachaidh

chunbhalach bho na tràth-bhliadhnaichean gu ionnsachadh for-cheum. Ghabh iad cuideachd ris a' bhun-bheachd a bh' aige gum bu chòir SCQF a bhith freumhaichte nas treasa san t-siostam foghlaim. Ann a bhith a' moladh atharrachadh air an dòigh sa bheilear a' toirt iomradh air teisteanasan, tha an Lèirmheas seo ag amas air aghaidh a chur air a' cheist leantainneach mu cho-ionannachd spèis. Cuidichidh an t-atharrachadh molta seo gus àite an SCQF a neartachadh taobh a-staigh foghlaim na h-Alba. Tha e taiceil dhan fheallsanachd a mhol Muir agus dhan t-seasamh ainmichte aig Riaghaltas na h-Alba. Ach, tha barrachd obrach a dhith air frèam SCQF, gu sònraichte air a' cheangal eadar teisteanasan eadar-dhealaichte taobh a-staigh na h-aon ìre. Bu chòir an obair seo a dhèanamh ann an com-pàirteachas le prìomh luchd-ùidh san raon.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Moladh 11: Cuir ri co-ionannachd meas eadar diofar sheòrsaichean theisteanasan le bhith ag aithneachadh gach teisteanas aig an aon ìre SCQF leis na h-aon phuingeann creideis mar teisteanasan co-ionann.

- Bu chòir Alba an Ìre SCQF a chleachdadh, air a leantainn le ainm an teisteanais ann an litreachas brosnachaidh agus ann a bhith a' clàradh nan toraidhean.
- Bu chòir gach iomradh air teisteanasan ann an stuthan sanasachd do luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim agus ann am fiosrachadh mu roghainnean cuspair, slighean luchd-ionnsachaidh agus cothroman dreuchdail an aon phàtran a leantainn:
 - Ìre SCQF, Ainm na Duais agus Sularaiche, Cuspair no Prògram, Ìre (mar a bhios iomchaidh).
- Bu chòir dùil a bhith aig luchd-seilbh phrògraman a tha a' tabhann theisteanasan/duaisean san Ìre as Àirde a theisteanachadh ann an cruth àbhaisteach.
- Bu chòir teisteanasan acadaimigeach, dreuchdail, proifeiseanta agus teicnigeach a bhith air an gabhail a-steach san eileamaid Prògraman Ionnsachaidh den Dioplòma.
 - Tha toirt a-steach theisteanasan acadaimigeach, proifeiseanta agus teignigeach taobh a-staigh eileamaid Phrògraman Ionnsachaidh an Dioplòma, leis fhèin, na adhbhar làidir airson atharrachadh oir bidh an Dioplòma a' gabhail a-steach gach seòrsa teisteanais fo aon duais.

- Dèan cinnteach gu bheilear a' toirt aire iomchaidh do leasachadh nan trì eileamaidean den Dioplòma. Bidh susbaint an Dioplòma a' riochdachadh coileanadh fa leth gach neach-ionnsachaidh agus bidh e a' sealltainn tòrr a bharrachd na gun do chrìochnaich iad prògraman.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

5. Fiosrachaidh Measaidh, Teicneòlas Fiosrachaidh agus Inntleachd Fuadain

5.1 Measadh agus Teicneòlas Fiosrachaidh

Tha na h-adhartasan ann an teicneòlas fiosrachaidh bho thoiseach na 21mh linn air a bhith cudromach, agus adhartas air tachairt aig an aon àm ri adhartas ann am measadh. Tha sinn air diofar dhòighean measaidh ùr-ghnàthach fhaicinn mar phàirt den Lèirmheas seo: measaidhean a bhios a' freagairt air freagairtean luchd-ionnsachaidh gus measadh nas pearsanta a thoirt seachad; measadh fìor-ùine, far am faigh luchd-ionnsachaidh fios air ais fhad 's a thathar a' measadh na h-obrach a' cleachdadh fìorachd leasaichte; far a bheil a' dèanamh measadh tro nithean bhiorail; cleachdadh aplacaidean gus toirt air luchd-ionnsachaidh freagairt tro leasan agus fiosrachadh a thoirt seachad mu fhreagairtean clas. Tha farsaingeachd nan dòighean measaidh ùr-ghnàthach a' sìor leudachadh agus e a' tabhann dhòighean ùra air adhartas agus coileanadh a mheasadh agus a sgrùdadh.

Tha aithisg Ofqual "Online and on-screen assessment in high stakes, sessional qualifications" (2020) a' toirt fa-near, "Tha gu leòr rannsachadh a' coimhead air na buannachdan agus na dùbhlain a dh'fhaodadh a bhith an cois measadh air-loidhne agus air-sgrion ann an diofar cho-theacsan." Tha Ofqual den bheachd gu bheil trì cnapan-starra ann an-dràsta a tha a' cur bacadh air a bhith a' dèanamh feum nas motha de mheasadh didseatach, a' gabhail a-steach caochlaideachd ann an solar IT ann an sgoiltean agus colaistean (farsaingeachd de agus ruigsinneachd air innealan/astar bann-leathann), dùbhlain buileachaidh (buileachadh nàiseanta no ionadail/a bhith ga chleachdadh gu h-èigneachail no gu saor-thoileach) agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile sgoilear air a làimhseachadh gu cothromach (a' riaghladh na buaidh aig diofar bhathar-bog is innealan). Ged a chaidh an aithisg a sgrìobhadh ron ghalair lèir-sgaoilte agus mun cho-theacsa ann an Sasainn, tha i na bunait

fheumail airson beachdachadh air mar a dh'fhaodadh measadh didseatach a bhith air a stèidheachadh nas fheàrr ann an Alba far a bheil na bacaidhean dualtach a bhith den aon seòrsa.

Tha Ofqual a' moladh raon de ghnìomhan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith faighinn seachad air cnapan-starra san raon seo le grunn dhiubh a' buntainn ri co-theacs na h-Alba agus a' freagairt gu dlùth ri co-dhùnidhean an Lèirmheis seo. Am measg nan gnìomhan a chaidh moladh le Ofqual tha:

- Iomairtean air feadh an uachdranais air an stiùireadh le riaghaltas nàiseanta no roinneil no buidheann buileachaidh nan teisteanasan, gu tric ann an co-obrachadh - a tha a' gabhail a-steach: tasgadh ann am bun-structar sgoile/colaiste agus siostaman air-loidhne no air-sgrion, miann cunnairt fiosraichte, a' gabhail a-steach a bhith a' gabhail ris gum faodadh cùisean a dhol ceàrr, agus stiùireadh siostaim.
- Lèirsinn gu bheil measadh air-sgrion no air-loidhne a' freagairt ri atharrachaidhean agus feumalachdan sòisealta nas farsainge, a' gabhail a-steach oileanaich is luchd-fastaidh agus gu bheil na buannachdan ris a bheil dùil nas motha na an tasgaidh agus a' mhiann cunnart a tha a dhith.
- Gnìomhan com-pàirteachaidh is conaltraidh le prìomh luchd-ùidh, gu tric a' toirt cuireadh do dhaoine a tha air gabhail ris an teicneòlas tràth pàirt buadhach a ghabhail ann a bhith a' sgaoileadh phrògraman no phileatan.
- Comhairle agus taic shoilleir do thidsearan, luchd-taic IT, oifigearan dheuchainnean agus luchd-fhaire air na thathar a' sùileachadh bhuapa ro agus air latha a' mheasaidh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Gus dèanamh cinnteach gum bi cunbhalachd, cothromachd agus leantainneachd ann a thaobh measadh didseatach, tha e coltach gu bheil dòigh-obrach co-òrdanaichte nàiseanta riatanach. Tha sinn cuideachd a' toirt fa-near dhan mholadh aig Ofqual buannachdan an atharrachaidh a chur an cèill gu soilleir agus taic a thoirt dhaibhsan aig a bheil uallach airson ionnsachadh, teagasg agus rianachd a' mheasaidh fhèin. Bidh dòigh-obrach nàiseanta chothromach, conaltradh soilleir mu atharrachadh agus taic do luchd-obrach an fhoghlaim uile deatamach ann a bhith a' gluasad gu measadh didseatach agus gu dearbh ath-leasachadh nas fharsainge air teisteanasan agus measadh ann an Alba.

5.2 Inntleachd Fuadain

Na bu thràithe san aithisg seo bheachdaich sinn air a' chomas a th' aig AI buaireadh a thoirt air cleachdaidhean teisteanais làithreach agus air a' chomann-sòisealta san fharsaingeachd. Thug sinn sùil air na diofar bheachdan air a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig AI air obair-cùrsa. Tha diofar bheachdan ann, bhon fheadhainn a chuir ceannard Ofqual, prìomh riaghlaidhe sgrùdaidh Shasainn an cèill, a bha den bheachd gum faodadh botaichean AI cur às do dh'obair-cùrsa le deuchainnean le luchd-faire a' fàs nas cudromaiche; dhan t-seasamh a ghabh Àrd-oifigear an IB a mhol gum bu chòir dhuinn fàs cleachdte ri AI. Cha chuireadh an IB casg air cleachdadh AI agus chan atharraicheadh e nàdar a' phrògram IB, a tha a' gabhail a-steach obair cùrsa. Thuirt e gun robh AI a' cur ri teicneòlasan a th' ann mar-thà, leithid dearbhadairean litreachaidh, bathar-bog eadar-theangachaidh agus àireamhairean. Na bheachd, is e an obair a th' aig luchd-foghlaim a bhith a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh gus innealan AI a chleachdadh gu h-èifeachdach agus gu beusach.

5.3 Inntleachd Fuadain: Eagallach no Cruth-atharrachail?

Tha AI ann an cruth Modalan Cànan Mòr (LLM) leithid ChatGPT air an dà chuid eagal agus spèis a bhrosnachadh am measg an fheadhainn air an tug an comas a dh'fhaodadh a bhith aig teicneòlais buaidh. Na bu thràithe san aithisg seo chuir sinn air adhart dòighean anns a bheil an teicneòlas ùr seo na eisimpleir de nàdar agus astar nan atharrachaidhean ann an comainn-shòisealta air feadh an t-saoghail. Tha AI cuideachd aig ceistean a thogail mun eòlas, sgilean agus comasan a bhios a dhìth air luchd-ionnsachaidh airson a bhith teisteanach mar shaoranaich a tha comasach air pàirt a ghabhail ann an deamocrasaidh ann an meadhan/deireadh na 21mh linn. Bhruidhinn sinn cuideachd air cho duilich 's a tha e ro-innse neo-mhearachdach a dhèanamh mun àm ri teachd agus mar sin, air cho cudromach 's a tha e siostam sùbailte a bhith ann airson teisteanasan gus an gabh atharrachaidhean a dhèanamh le ùine mar a dh'fheumar.

Nuair a thèid teicneòlas ùr a thoirt a-steach an toiseach a dh'fhaodadh buaireadh adhbharachdh, leithid modalan cànan AI mòra, faodaidh e a bhith duilich a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig seo a mheasadh, gu sònraichte gus sgaradh a dhèanamh eadar beachdan ùghdarrasail agus beachdhan neo-fhiosrachail. Anns a' Chèitean 2023, dh'fhoillsich Institiud nan Einnseanairean Dealain is Dealanach (IEEE) agallamh le Rodney Brooks, eòlaiche air AI, ball Dàmh MIT, Carnegie Mellon agus Oilthigh Stanford (Zorpette, 2023). Tha an IEEE na ghuth ùghdarrasach mar a' bhuidheann proifeasanta as motha san t-saoghal airson Innleadaireachd agus Saidheansan Gnìomhaichte.

Is e tiotal an artaigil, 'Just Calm Down about ChatGPT-4 Already'. Tha Brooks a' dèanamh na h-argamaid gu bheil "gach adhartas luath agus fìor chudromach ann an teicneòlas mar as trice a' cur eagal air daoine". Chan eil e cho draghail ri cuid eile mu leasachaidhean a rinneadh bho

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

chionn ghoirid ann an AI. Tha e ag argamaid gu bheil cunnart ann gun smaoinich sinn gur ionann coileanadh agus comas.

“Chì sinn duine a’ dèanamh rudeigin agus tha fios againn dè eile as urrainn dhaibh a dhèanamh, agus is urrainn dhuinn breithneachadh a dhèanamh gu sgiobalta. Ach chan eil na modalain a th’ againn airson coitcheannachadh (generalising) bho choileanadh gu comas ag obair idir airson siostaman AI.”

Tha LLM, na bheachd, nas fheàrr na einnseanan luirg, ach tha duilgheadas bunaiteach aca. Bidh iad a’ toirt seachad freagairtean gu misneachail ach mar as trice tha na freagairtean mearachdach. Tha e teagmhach an dèan na h-ath ghinealaichean, GPT-5 no GPT-6, adhartas mòr leis nach eil modail bunaiteach den t-saoghal mar stèidh dhan LLM; tha e dìreach a’ ceangal cànan, mar eisimpleir: a’ ro-innse an ath fhacal.

“Is e an rud air a bheil modalan cànan mòra math a bhith ag ràdh cò ris a bu chòir freagairt a bhith coltach, a tha eadar-dhealaichte bho mar a bu chòir freagairt a bhith an da-riribh... Tha mi a’ smaoinichadh gur e rud eile a bhios feumail a bhios ann an seo.”

5.4 AI: Fìrinneachd, Naidheachd mheallta agus Litearrachd na 21st linn

Ach chan e ceist ùr a tha air èirigh le ChatGTP a th’ ann a bhith ag aithneachadh a bheil teacsa earbsach gus nach eil . Tha àrdachadh nam meadhanan sòisealta agus buaidh “naidheachdan meallta” air dragh a chur air a’ chomann-shòisealta fad greis. Tha draghan mun dùbhlann a tha a’ sìor fhàs a thaobh ciamar as urrainn earbsa a bhith agad anns na chì, na chluinneas no na leughas tu a-nis rim faicinn ann an cleachdaidhean aig buidhnean mòra. Mar eisimpleir, chuir am BBC BBC Verify air bhog anns a’ Chèitean 2023 air an adhbhar a leanas:

“Tha am fàs fìor luath ann am bhidio a chaidh a mhi-làimhseachadh agus atharrachadh a’ ciallachadh nach ionann a bhith a’ faicinn agus a’ creidsinn tuilleadh. Tha consiumairean ag innse dhuinn nach urrainn dhaibh a bhith cinnteach gu bheil na bhidiothan a chì iad sna sruthan naidheachdan aca fìor tuilleadh. Sin as adhbhar is gum feum sinne aig a’ BhBC tòiseachadh gu h-èiginneach air an obair a shealltainn a bhios sinn a’ dèanamh gus fiosrachadh agus susbaint bhidio a sgrùdadh agus a dhearbhadh mus nochd e air na h-àrd-ùrlaran againn. Agus aig àm nuair a tha AI ga chur gu droch fheum agus a’ sìor chur ri buaidh agus builean dì-fhiosrachaidh, cha robh an obair seo riamh cho cudromach ’s a tha e a-nis.”

Tha na h-atharrachaidhean sin a thaobh an urrainn dhuinn earbsa a chur anns na chì sinn follaiseach ann an teacsa a nì AI. Bidh LLM làithreach a’ cruthachadh teacsa a tha a’ coimhead ceart ach anns a bheil mearachdan. Tha leasachaidhean teicneòlais eile a’ togail an aon seòrsa duilgheadais. Tha seo na chuspair ro-chudromach airson foghlam san àm ri teachd. Ann an comann-sòisealta meadhan-deireadh na 21mh linn, tha litearrachd a’ ciallachadh barrachd na comas leughaidh is sgrìobhaidh. Bidh a bhith litearra gu didseatach agus a’ tuigsinn mar a nithear sgrùdadh a bheil tùs earbsach gus nach eil, nan sgilean bunaiteach do shaoranaich anns a h-uile comann-sòisealta deamocratach agus bidh e na phrìomh dhleastanas airson gach siostam foghlaim.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

5.5 AI: A' bhuidh air Teisteanasan is Measadh

Tha buaidhean ann dhan curraicealaim ann an sgoiltean agus colaistean. Bidh aig luchd-ionnsachaidh agus tidsearan/òraidichean ri ionnsachadh mar a chleachdas iad na h-innealan sin, mar eisimpleir, mar a sgrìobhas iad deagh stiùireadh dhan AI agus a bhith a' tuigsinn dè na rudan air am bi LLM math agus air na cuingleachaidhean aca. Tha buaidh ann cuideachd air measadh agus teisteanasan. Bidh diofar sheòrsaichean gnìomhan a dhìth ann an obair cùrsa. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gun rachadh iarraidh air neach-ionnsachaidh freagairt ChatGPT a chruthachadh agus 's e an obair-chùrsa a bhiodh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an fhreagairt ceart no a bhith a' beachdachadh air mar a dh'fhaodadh piseach a thoirt air freagairtean a nithear tro AI. Is e ChatGPT-4 an t-inneal AI a tha air an aire as motha a tharraing ach bho chaidh fhoillseachadh, tha grunn eile air leantainn às a dhèidh a bhios a' cruthachadh dhealbhan no fuaimean, còd coimpiutair agus bhidio. Tha comas ann a bhith gan cleachdadh gus am bi luchd-ionnsachaidh a' cruthachadh measgachadh fada nas fharsaing de dhòighean air fianais de dh'ionnsachadh a chruthachadh na na dòighean a bhios sinn a' cleachdadh an-dràsta mar as trice; mar eisimpleir, aistean.

Tha luchd-teagaisg agus luchd-ionnsachaidh air a bhith a' dèanamh dheuchainnean le ChatGPT mar-thà. Tha cuid de luchd-teagaisg air aithris gun gabh planaichean leasain a chruthachadh tòrr nas luaithe na bheireadh e roimhe. Tha cuid eile air ChatGPT a chleachdadh gus pàipearan a mheasadh agus tha iad air aithris gun tug e fios-air-ais mionaideach agus feumail gu math luath. Tha làraich-lìn air tighinn am bàrr mar-thà le liostaichean air mar a chleachdar AI gus tidsearan agus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh, mar eisimpleir, **Ditch that Textbook**. Mar a tha fios leis a h-uile goireas, feumaidh iad sin sùil phroifeasanta, breitheach an tidseir, ach tha iad a' tabhann comas leigeil le tidsearan barrachd ùine a chaitheamh air a bhith a' toirt taic do dh'ionnsachadh seach air gnìomhan nas biùrocraich.

Tha e coltach gum bi buaidh ann cuideachd air na dòighean anns am bi sinn a' tomhas coileanadh. Mar eisimpleir, dh'fhaodte gun tèid obair neach-ionnsachaidh a mheasadh leis an neach-ionnsachaidh an làthair san àm ri teachd. Bhiodh an neach-ionnsachaidh air a mheasadh air an tuairisgeul aca air a' phròiseas agus mar a chaidh an toradh a choileanadh seach a bhith a' breithneachadh air an toradh a-mhàin.

Is e an t-eagal gun tèid a chleachdadh airson foill ann an obair cùrsa fear de na dùbhlain as cumanta a tha a' tighinn bho AI. Ach chan e dragh ùr a th' ann am foill. Tha obair-chùrsa, agus an comas a bhith ri foill, na adhbhar dragh a-riamh ann am measadh cudromach agus chaidh seo fhaicinn uaireannan ann an cinn-naidheachd ann am pàipearan naidheachd a rinn tòrr dheth seo. Mar eisimpleir, chlò-bhuail an Scottish Sun an ceann-loidhne seo: "Qualification Fraud: Coronavirus Scotland: Lockdown 'allows school pupils to cheat on SQA coursework' with fears parents are doing it", The Scottish Sun. Ged a tha teacs an artaigil beagan nas cothromaiche, tha an ceann-naidheachd soilleir.

Rè an Lèirmheis, thog grunn luchd-freagairt a' cheist mu thaic phàrantan le obair-cùrsa làithreach mar-thà mar chùis cothromais. Bha beachdan ann gun robh luchd-ionnsachaidh bho choimhearsnachdan beartach nas buailtiche taic fhaighinn aig an taigh na luchd-ionnsachaidh a thàinig à suidheachaidhean nach robh buileach cho fortanach. Anns a' cho-theacs làithreach, tha tidsearan mothachail air a' chunnart gun gabhadh obair-cùrsa a dhèanamh le cuideigin eile seach an neach-ionnsachaidh. Tha iad eòlach air an luchd-ionnsachaidh leis a bheil iad ag obair agus air na seòrsaichean coileanadh a bhiodh iad a' sùileachadh bho gach neach-ionnsachaidh. Mothaichidh iad, mar eisimpleir, nuair nach eil obair-cùrsa co-chòrdail ri obair-clas a rinn an neach-ionnsachaidh. Cuidichidh na h-aon dòighean-obrach a bhios tidsearan a' cleachdadh mar-thà gus dèanamh cinnteach gu bheil obair-cùrsa air a dhèanamh leis an sgoilear fhèin gus obair-cùrsa a lorg a chaidh a chruthachadh le AI. Tha cuid a' cumail a-mach, ma tha cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh air AI, gum b' urrainn dha fiù 's cuideachadh gus cùisean

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

a dhèanamh nas cothromaiche. Tha a bhith a' dèanamh gnìomhan obair-cùrsa ann an suidheachaidhean foghlaim mar aon ro-innleachd gus dèanamh cinnteach gu bheil an obair air a dhèanamh leis an sgoilear fhèin agus chan ann tro AI.

5.6 AI: Dòigh-obrach choitcheann air feadh foghlaim

Tha na ceistean seo mun dòigh as fheàrr gus dèiligeadh ri AI nan deasbadan a tha a' dol air adhart an-dràsta ann an colaistean agus oilthighean agus tha na ro-innleachdan a tha air am mineachadh gu h-àrd nan dòighean anns a bheil iad an dùil dèiligeadh ris na dùbhlain làithreach a tha an lùib. Bhiodh e na chuideachadh nam biodh dòighean-obrach coitcheann ann a thaobh cleachdadh AI thar gach suidheachadh foghlaim.

Nuair a tha teicneòlas ùr, chan eil e idir soilleir mar a thèid a chleachdadh aig a' cheann thall. Tha Mitchel Resnick (2023), Àrd-ollamh Rannsachadh Ionnsachaidh aig Institiùd Teicneòlais Massachusetts (MIT), a' moladh gum feumar co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh AI, dìreach mar a rinneadh leis a h-uile teicneòlas a bh' ann roimhe, mar eisimpleir, coimpiutairean pearsanta no an t-eadar-lìon, air ciamar a bu chòir an teicneòlas ùr a bhith air fhisge a-steach dhan àrainneachd ionnsachaidh. Tha e a' moladh gun tòisich sinn bho na ciad phrionnsabalan, le co-dhùnaidhean mu dè an seòrsa foghlaim a tha sinn ag iarraidh airson ar luchd-ionnsachaidh agus ar comann-sòisealta. Bidh sinn an uair sin a' dealbhadh cleachdadh an teicneòlais ùr gus am bi e co-chòrdail ri ar luachan agus ar lèirsinn.

Is iad luachan foghlaim na h-Alba an fheadhainn a tha sgrìobhte air lorg Pàrlamaid na h-Alba, "gliocas, co-fhaireachdainn, ceartas agus ionracas". Tha dealas na dùthcha do Chòraichean Daonna mar a chaidh a chur an cèill san UNCRC a' cur luchd-ionnsachaidh aig cridhe foghlaim. Tha gach neach-ionnsachaidh

cudromach. Tha na luachan sin a' dol gu math leis an argamaid aig Resnick, mar thoradh air mi-chinnt san àm ri teachd, gu bheil feum aig a h-uile neach-ionnsachaidh air cothroman a bhith "a' smaoinachadh gu cruthachail, a bhith a' com-pàirteachadh le co-fhaireachdainn, agus a bhith obrachadh còmhla, gus an urrainn dhaibh dèiligeadh gu cruthachail, gu smaoinachail agus còmhla ri dùbhlain aig saoghal iom-fhillte, a tha ag atharrachadh gu luath." (Resnick, 2023)

A rèir Resnick (2023) aig an àm seo, tha an t-àm ri teachd againn ri sgrìobhadh. Dh'fhaodadh AI droch bhuidhe a thoirt air ionnsachadh le bhith a' toirt air falbh bho shaorsa-gnìomh an neach-ionnsachaidh; Dh'fhaodadh siostaman AI a bhith nan oidean traidiseanta, a' suidheachadh amasan luchd-ionnsachaidh, a' toirt seachad fiosrachadh, a' faighneachd cheistean agus a' measadh coileanaidh. No dh'fhaodadh iad a bhith air an dealbhadh gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus neo-eisimileachd a thogail; a bhith a' suidheachadh an amasan fhèin agus a' cur an cèill am beachdan fhèin. Bhiodh an dàrna dòigh-obrach, tha e ag argamaid, na chuideachadh gus iomairt, misneachd, brosnachadh agus cruthachalachd a thogail. Na sgilean a bhios orra mar shaoranaich san àm ri teachd.

A rèir Resnick (2023), ma tha sinn air dad ionnsachadh bhon ghalar lèir-sgaoilte, 's e sin cho cudromach 's a tha dàimhean. Faodaidh siostaman AI fios-air-ais feumail a thoirt seachad ach chan urrainn dhaibh na dàimhean a tha deagh thidsearan a' dèanamh le luchd-ionnsachaidh a thogail, a bhith a' fàs eòlas air luchd-ionnsachaidh, na tha gam brosnachadh, na draghan acaaca. Tha deagh theagasg a' gabhail a-steach fios a bhith ann air mar a thogar coimhearsnachdan luchd-ionnsachaidh a tha taiceil ri càch a chèile far a bheil luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn gu bheil iad nam pàirt.

Dh'fhaodadh AI cur ri ionnsachadh, le bhith a' toirt taic do eòlasan ionnsachaidh stèidhichte air pròiseact, stèidhichte air ùidh nan oileanach, le bhith a' toirt tuigse do dh'oileanaich air mar a chleachdas iad innealan AI mar ghoireas gus taic a thoirt dhan phròiseas ionnsachaidh chruthachail. Tha Resnick (2023) a' dèanamh na h-argamaid gum bu chòir siostaman AI fhaicinn mar roinn ùr de ghoireas foghlaim. Tha e a' moladh gum

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

bu chòir dhuinn, mar luchd-foghlaim, seata de phrionnsapalan stiùiridh a chruthachadh gus siostaman AI a dhealbhadh agus a chleachdadh 'gus daoine òga bho chùl-raointean eadar-dhealaichte a thoirt an sàs ann an gnàth-eòlasan ionnsachadh cruthachail, dàimheil agus co-obrachail. Bu chòir dhuinn:


- taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh fhad 's a tha iad a' dèanamh phròiseactan dealbhadh agus a' dèanamh ionnsachadh cruthachail;
- dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn gu bheil roghainn agus smachd aca anns a' phròiseas ionnsachaidh, a' toirt cothrom dhaibh an cuid ùidhean, an cuid bheachdan agus an cuid ghuthan a leasachadh;
- a bhith a' cur ri agus cumail taic ri (seach a bhith a' dol an àite) eadar-obrachadh agus co-obrachadh daonna;
- cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh na beachdan aca agus na cruthachaidhean aca aithris agus ùrachadh, agus;
- aire a thoirt do dhiofar fheumalachdan, ùidhean, agus rùintean luchd-ionnsachaidh bho dhiofar shuidheachaidhean, gu sònraichte an fheadhainn bho choimhearsnachdan air an iomall agus so-leònte.

Ach, aig an àm seo chan eil riaghaladh gu leòr air AI agus bidh tèarainteachd san àm ri teachd an urra ri riaghaltasan gu h-eadar-nàiseanta a bhith ag obair an-dràsta gus dìonan a thogail airson ginealaichean AI san àm ri teachd.



Moladh 12: Stèidhich coimisean air foghlam is Inntleachd Fuadain.

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba, mar chùis èiginn, coimisean Tar-roinneil a stèidheachadh agus a stiùireadh gus co-sheasamh luachan a chruthachadh a thaobh na tha an dàn do AI ann am foghlam agus a bhith a' cruthachadh seata de phrionnsapalan stiùiridh airson a bhith a' cleachdadh AI.
- Cha bu chòir casg a chur air cleachdadh AI LLM, leithid ChatGPT, ach feumar taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus tidsearan/òraidichean gus am feum as fheàrr a dhèanamh leotha. Tha AI a' tabhann comas gus obair rianachd agus an ùine a bheir e airson gnìomhan teagaisg eile a lùghdachadh. Bu chòir gabhail ri gach cothrom gus sin a dhèanamh.
- Bu chòir obair-chùrsa fhathast a bhith mar phàirt riatanach de theisteanasan ach bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhan làithreach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad co-chòrdail ris a' cho-theacsa ùr a chaidh a chruthachadh le leasachaidhean ùra ann an AI.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

6. Dioplòma Coileanaidh na h-Alba A' toirt a' chomais gu buil

6.1 Ro-ràdh

Bidh atharrachadh a' tachairt nuair a bheir daoine air tachairt. Cha tig ar Lèirsinn airson teisteanasan agus measadh, agus an leasachadh an cois seo ann an cothroman beatha gach neach-ionnsachaidh ann an Alba, gu bith ach a-mhàin ma bhios coimhearsnachdan ag obair còmhla gus a thoirt gu buil.

Moladh 13: Cruthaich plana nàiseanta gus an Dioplòma a thoirt gu buil dhan a h-uile neach-ionnsachaidh anns gach suidheachadh foghlaim

- Bu chòir plana nàiseanta aontachadh gus an Dioplòma a thoirt a-steach agus a leasachadh gus beachdan-smaoin a thoirt gu buil dhan h-uile neach-ionnsachaidh anns a h-uile suidheachadh foghlaim. Bu chòir dhan phlana seo a bhith a' toirt aghaidh air a' bhuidheachadh air goireasan.

Tron Lèirmheas seo, tha sinn air beachdan a chluinntinn bho dhaoine bho gach coimhearsnachd a tha ag iarraidh atharrachadh gu teisteanasan agus measadh ach cuideachd atharrachaidhean a thaobh cultar. Ann an co-phios smaoinichaidh le Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba (ADES), tha Chapman (2019) a' taisbeanadh modail a chuidicheas le bhith a' toirt cunntas air na h-atharrachaidhean a thèid a dhèanamh ma tha an gluasad cultarail a tha gu bhith a' tachairt a tha a h-uile duine den bheachd a tha a dhith airson siostam nas fheàrr.

	Low social cohesion	High social cohesion
High social regulation	<p>'Fatalistic culture' 'uncertain nostalgic organisations'</p> <p>B</p>	<p>'Hierarchical culture' 'bureaucratic, managed organisations'</p> <p>A</p>
Low social regulation	<p>'Individualistic culture' 'market-based state-funded organisations'</p> <p>C</p>	<p>'Egalitarian culture' 'mutualistic self-improving organisations'</p> <p>D</p>

Clàr 4: Chapman (2019)

Rè an Lèirmheis, tha sinn air fianais fhaicinn de gach sealladh a tha air a riochdachadh sa mhatraigs seo. Tha an fheadhainn a tha dubhach, den bheachd, a dh'aindeoin a' chonaltraidh fharsaing a rinneadh tron phròiseas Lèirmheis agus an ùidh phoilitigeach a tha air cùl coimiseanadh na h-obrach, nach atharraich dad; no ma dh'atharraicheas nì sam bith, gum bi cùisean nas miosa as dèidh làimh. Tha cuid de dhaoine a' faireachdainn gu bheil iad glaiste ann an cultaran rangach, gu tric ionadan agus buidhnean a tha gu math bìurocratach, tha iad feargach, a' faireachdainn nach eilear a' cur an cuid eòlais gu deagh fheum. Tha cuid ag ràdh gu bheil iad airson airson ath-leasachadh a bhith ann ach chan eil iad a' faicinn ach duilgheadasan le atharrachadh sam bith a thathar a' moladh; tha cuid eile coma, cha bhi iad a' gearan, bidh iad a' gèilleadh ris an rud a nithear. Tha sinn air cluinntinn bho dhaoine nach eil gam faicinn fhèin mar phàirt de shiostam foghlaim nas fharsainge le uallach airson sochair agus adhartas gach neach-ionnsachaidh ach mar dhaoine fa leth, a bhuineas do dh'ionad foghlaim far a bheil iad a' faireachdainn gum feum uallach a bhith orra an toiseach airson cliù na sgoile aca agus airson cho math 's a tha i an coimeas ri sgoiltean eile no airson a bhith a' dìon na buidhne aca.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Tha sinn cuideachd air coinneachadh ri mòran sgoiltean, colaistean, daoine fa leth agus buidhnean far a bheil faireachdainn làidir de bhrosnachadh ann mu ionnsachadh agus dìcheall cur ri cothroman gach neach-ionnsachaidh. Anns na sgoiltean, colaistean agus buidhnean sin, far a bheil cothrom aig a h-uile duine san àite a dhol an sàs ann an leasachaidhean, tha spionnadh ann a tha follaiseach anns gach nì a thachras. Tha seo nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg, pàrantan/luchd-cùraim agus stiùirichean.

Nuair a bha daoine a' bruidhinn rinn mu bhith ag atharrachadh a' chultair, bha seo a' ciallachadh cha mhòr a h-uile turas a bhith a' gluasad a dh'ionnsaigh cultar nas cothromaiche, far am biodh daoine taobh a-staigh agus tarsainn bhuidhnean ag ionnsachadh còmhla le adhbhar coitcheann, agus piseach a thoirt air cothroman beatha aig gach neach-ionnsachaidh ann an Alba. Ann an co-theacs teisteanasan agus measaidh, is e sin an Lèirsinn againn. Tha tòrr cruthachalachd ann am Foghlam na h-Alba, bu chòir am pròiseas atharrachaidh a dhealbhadh agus an cruthachalachd sin a shaoradh.



6.2 Dòigh-obrach In-ghabhalach a thaobh Atharrachadh

Is e aon chuspair a tha a' nochdadh tro obair an Lèirmheis seo am miann thar choimhearsnachdan airson dòighean-obrach nas co-obrachail, le barrachd cumhachd. Bu chòir fòcas na gnìomhachd a bhith air toirt seachad ionnsachaidh àrd-inbhe dhan a h-uile neach-ionnsachaidh agus dhan a h-uile duine a tha an sàs ann, bu chòir do thidsearan, òraidichean, ceannardan-sgoile, prionnsapalan, ùghdarrasan ionadail, Caidreachasan Leasachaidh Roinneil, buidhnean nàiseanta, oilthighean, fastaichean agus an roinn shaor-thoileach faighneachd dè as urrainn dhaibh dèanamh agus dèanamh cinnteach gu bheil an Lèirsinn airson teisteanasan agus measadh fìor airson gach neach-ionnsachaidh ann an Alba.

Tha pàirt aca uile ann a bhith a' toirt na Lèirsinn gu buil. Tha e cudromach gum bi gach neach fa leth agus gach buidheann soilleir mu na tha iad a' cur ri seo. Tha a bhith a' comharrachadh dhreuchdan is dhleastanasan na phàirt dheatamach de bhith a' togail air eòlas agus a' seachnadh dùblachadh. Ach, airson cuid de cho-obraichean, is dòcha gum bi dòighean-obrach co-obrachail ùr agus dh'fhaodte gum bi feum air taic is brosnachadh ma tha iad uile gu bhith misneachail ann an dòighean-obrach eadar-dhealaichte.

“Dh'fhaodadh gum bi feum air ionnsachadh proifeiseanta airson cuid de thidsearan agus am bi iad comasach air pàirt a ghabhail ann an co-chruthachadh modhan measaidh - seo an dileab bho bhliadhnaichean de cho-dhùnaidhean bhon mhullach a-nuas.” (Ball CCG, Teagasg)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Moladh 14: Cruthaich am plana nàiseanta agus am pròiseas atharrachaidh nas fharsainghe ann an dòighean a tha in-ghabhalach agus co-obrachail.

- Bu chòir dha a bhith stèidhichte air an Lèirsinn agus air na Prionnsapalan, feumaidh a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an teisteanasan agus measadh a bhith an sàs ann agus feumaidh tuigse shoilleir a bhith ann air mar a chuireas diofar choimhearsnachdan ri bhith a' toirt na beachdan san Lèirsinn gu buil do gach neach-ionnsachaidh ann an Alba.
- Tha e ro-chudromach gum bi cothroman aig a h-uile coimhearsnachd tuigse fhaighinn air an dòigh-obrach ùr a thaobh siostam measaidh is teisteanais ann an Alba. Bu chòir cothroman a bhith ann do na h-uile a tha an sàs ann an teisteanasan agus measadh gus an aithisg seo a dheasbad agus gus beachdachadh air mar a dh'fhaodar an Lèirsinn agus na Prionnsapalan a chur an gnìomh sa cho-theacsa aca.
- Bu chòir cuairt ath-bhreithneachaidh (Moladh 4) a bhith anns a' phlana far a bheil fianais air a chruinneachadh bho phoileasaidh agus cleachdadh gus an dàimh eadar beachdan agus cleachdadh a sgrùdadh agus, far an tòisich iad air sgaradh bho chèile, gus ceuman iomchaidh a ghabhail. Bu chòir an dòigh-obrach leasachail seo a thaobh ath-sgrùdadh a dhèanamh ann an com-pàirteachas le cleachdaichean, luchd-dèanamh poileasaidh agus luchd-rannsachaidh.

Tha foillseachaidhean bho chionn ghoirid air cuideam a chur air an fheum air atharrachadh cultarach. Ag atharrachadh bho chultar a tha rangach gu cultar a tha nas co-obrachail agus nas cumhachdaiche. Tha mòran sgoiltean, cholaistean agus bhuidhnean in-ghabhalach agus co-obrachail. Bidh luchd-ceannais an-còmhnaidh a' feuchainn ris a' chultar a leasachadh le bhith a' co-obrachadh le luchd-ionnsachaidh, tidsearan agus pàrantan. Ach, tha fianais bhon Lèirmheas seo agus bho lèirmheasan eile bho chionn ghoirid a' sealltainn gur dòcha nach eil seo daonnan fìor. Dh'aithris Muir (2022), gun robh na daoine òga ris an do rinn e agallamh gu tric mì-riaraichte leis an fhoghlam aca agus thog iad "ceistean domhainn mun chultar a tha ann an cuid de phàirtean den t-siostam" (td12). Dh'aithris Priestley et al (2023) gun robh cultar làidir de performativity ann an sgoiltean agus gun robh seo a' toirt droch bhuaidh air an Ìre as Àirde. Dh'aithris an luchd-rannsachaidh gum biodh iomadh sgoil "a' brosnachadh a bhith a' taghadh susbaint agus/no òrdachadh a' curraicealaim gus an coileanadh as àirde san Ìre as Àirde fhaighinn". (td9)

Chan eil am plana airson atharrachadh air a bheilear a' beachdachadh sa Chaibideil seo bhon mhullach a-nuas no bhon bhonn a-nìos. Is e dòigh-obrach in-ghabhalach a th' innte a tha stèidhichte air spèis agus co-obrachadh le cach a chèile.

Ma tha an dòigh-obrach seo gu bhith soirbheachail, feumaidh a h-uile duine a tha airson piseach a thoirt air mar a dh'fhiosraicheas luchd-ionsachaidh teisteanasan agus measadh a bhith deònach obrachadh còmhla. Chan eil na tha coimhearsnachd sam bith a' toirt seachad nas cudromaiche na coimhearsnachd sam bith eile. Tha atharrachadh a' tighinn bho chumhachd choimhearsnachdan a' co-obrachadh a chùim leas gach neach-ionnsachaidh, chan ann a-mhàin dhan luchd-ionnsachaidh sna sgoiltean, colaistean no coimhearsnachdan aca fhèin. Anns a' Chaibideil seo tha sinn a' comharrachadh nas urrainn diofar choimhearsnachdan a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun tig an Lèirsinn gu buil airson gach neach-ionnsachaidh ann an Alba.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

'S e dùthaich a th' ann an Alba far an deach luach a chur air cothromachdeachd gu h-eachdraidheil. Tha am prionnsapal gum bu chòir luach co-ionann a thoirt air na tha daoine a' cur ri rud stèidhichte air dòighean-obrach cho-obrachail na tèama mòr ann an sgrìobhainnean poileasaidh. Ach, tha Humes (2023) ag argamaid gu bheil feum air atharrachadh mòr ma tha aithrisean mu cho-obrachadh agus cumhachd ann an sgrìobhainnean poileasaidh gu bhith tighinn gu buil. Tha e a' càineadh na tha e a' faicinn mar phàtran de ghnìomhachd ann an Alba far a bheil ath-leasachadh co-cheangailte ri bhith ag atharrachadh structaran. Chan eil sin gu leòr, tha e ag ràdh.

“Dh'fhaodar a ràdh gu bheil ath-leasachadh cultarach nas cudromaiche na dìreach a bhith ag atharrachadh structaran, ach chan eil e furasta a dhèanamh agus bheir e ùine. Tha mòran dhaoine, taobh a-staigh agus taobh a-muigh saoghal an fhoghlaim, den bheachd gu bheil an siostam aintighearnail (a dh'aindeoin a bhith a' cleachdadh faclan in-ghabhaltach mar 'a' toirt chumhachd do dhaoine'). (td25)

Chaidh draghan coltach riutha seo mu na dùbhlain a tha mu choinneamh Foghlam na h-Alba a chur an cèill san sgrùdadh aig Chapman & Donaldson (2023) air Foghlam na h-Alba san àm ri teachd. Tha iad ag ràdh:

“Ged a tha mòran deagh eisimpleirean ann de cho-obrachadh, is urrainn faireachdainn 'falaichte' de cho-fharpais a bhith air a dhèanamh nas miosa leis a' mhiann a bhith a' falach eadar-dhealachaidhean no 'caochlaidhean' ann an coileanadh, ge b' e dè an nàdar no an tùs a th' aca.” (td7)

Tha iad ag innse dhuinn gu bheil siostam foghlaim na h-Alba aig crois-rathaid agus tha iad a' cur ìmpidh oirnn “dèanamh nas fheàrr ma tha òigridh an latha an-diugh gu bhith a' soirbheachadh ann an saoghal a tha a' sìor fhàs iom-fhillte agus dùbhlanaich.”

Tha an Lèirmheas seo a' toirt seachad cothrom gu teisteanasan agus measadh ann an Alba san àm ri teachd a leasachadh agus an obair sin a dhèanamh ann an dòigh nas co-

obrachail agus a bheir cumhachd do dhaoine. Ann a bhith a' planadh airson atharrachadh cultarail soirbheachail ann an teisteanasan agus measadh, tha eòlasan luchd-ionnsachaidh air aithris, buaidh shiostaman cunntachalachd, am feum air dàimhean cumhachd nas cothromaiche agus an dùbhlain a bhith a' togail siostam foghlaim a tha co-obrachail seach farpaiseach nan tèaman a bu chòir a bhith aig cridhe a' phròiseis ma tha leasachadh gu bhith ann mar thoradh air an atharrachadh.

Ach, tha an co-theacs airson an Lèirmheis air teisteanasan agus measadh ann an Alba toinnte. Tha an galar lèir-sgaoilte air buaidh mhaireannach mhòr a thoirt air luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg agus air a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd. Feumaidh sinn tòiseachadh air a' phròiseas atharrachaidh bho far a bheil an siostam an-dràsta, seach far am bu chòir dha a bhith nar beachd. Tha dùbhlain chruinneil ann, mar eisimpleir, atharrachadh na gnàth-shìde agus cogadh leantainneach san Roinn Eòrpa. Tha suidheachadh an ionmhais nas dùbhlanaiche na bha e fad iomadach bliadhna agus tha cruaidh-chàs air mòran theaghlaichean air feadh na h-Alba agus atmhorachd a' sìor-èirigh. Ach, tha an t-astar sa bheil an comann-shòisealta ag atharrachadh (Caibideil a h-Aon) a' ciallachadh gum feum sinn dòighean a lorg agus dèanamh cinnteach gu bheil teisteanasan agus measadh ceart airson luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd agus dhan chomann-shòisealta san fharsaingeachd.

Bidh cosgaisean an lùib molaidhean na h-aithisg seo, agus mar sin feumar atharrachadh a stiùireadh gu faiceallach, ceangailte ri comas an t-siostaim agus ris na stòrasan a tha rim faotainn. Tha na h-ìrean airson atharrachadh a tha air am mìneachadh sa Chaibideil seo nam moladh. Bidh co-dhiù tha no nach eil e practaigeach a' crochadh air na goireasan a tha rim faighinn. Bu chòir an loidhne-ama a chumail fo sgrùdadh a rèir suidheachaidhean a tha ag atharrachadh, ann an dòigh a bheir deagh no droch bhuaidh. Ma bhios an clàr-ama ro luath, is dòcha nach bi e comasach air an siostam freagairt. Ma bhios e ro shlaodach, thèid momentum a chall.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

6.3 Lèirmheas air Teisteanasan is Measadh ann an Alba san àm ri teachd

Is e fear de na prìomh ghniomhan a bu chòir a bhith ann am pròiseas an atharrachaidh, cothrom a bhith aig luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg, pàrantan/Luchd-cùraim agus òraidicihean air feadh na h-Alba gus beachdachadh air na molaidhean airson atharrachaidhean air teisteanasan is measadh. Bu chòir do chòmhradh toiseachadh bhon Lèirsinn agus bho na Prionnsabalan, na tha na h-atharrachaidhean a thathar a' moladh ag amas air a choileanadh agus air carson a tha iad cudromach. Tha e cudromach gun tèid ceanglaichean a dhèanamh thairis air na diofar phàirtean den phròiseas ath-leasachadh foghlaim nas fharsainge gus am faic a h-uile duine a tha an sàs ann an dealbh nas motha, agus dè an t-àite a tha aig na molaidhean ann. Leis gu bheil buaidh aig atharrachaidhean air teisteanasan agus measadh air a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd, bu chòir ro-innleachd conaltraidh a chruthachadh gus mothachadh a thogail thar choimhearsnachdan mu na molaidhean airson atharrachadh (faic gu h-ìosal).

Cho cudromach 's a tha e toiseachadh le, agus a bhith a' cumail fòcas air, adhbhar: Àrd-amas is Prionnsapalan

Tha am beachd Lèirsinn a bhith ann, adhbhar soilleir airson na tha ùr-ghnàthachadh airson a choileanadh, mar as trice mar phàirt de na h-ìrean tràithe den phròiseas leasachaidh. Ach, ro thrìc às dèidh dhan ùr-ghnàthachadh a bhith air a thoirt a-steach, thèid an Lèirsinn a chur dhan dàrna taobh, agus bidh am fòcas a' gluasad bho carson a tha ùr-ghnàthachadh cudromach gu dè bu chòir a dhèanamh, ciamar a bu chòir a dhèanamh agus cuin a bu chòir a dhèanamh. Nuair a thachras sin, faodaidh gum bi dì-cheangail ann eadar an adhbhar agus na gnìomhan a thathar a' gabhail.

Bu chòir an Lèirsinn agus na Prionnsabalan (Caibideil a Còig), adhbhar an ath-leasachaidh, a bhith na thoiseach toiseachaidh nuair a thathar a' toirt air adhart molaidhean an Lèirmheis seo. Bu chòir dhan chonaltradh uile toiseachadh le adhbhar: carson a tha teisteanasan agus measadh ag atharrachadh agus dè thathar an dùil coileanadh tron ath-leasachadh. Feumaidh daoine rùm agus ùine gus tuigse fhaighinn air beachdan. Mar eisimpleir, ann an suidheachaidhean foghlaim, bu chòir cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh, tidsearan agus, mar a bhios iomchaidh, pàrantan agus luchd-cùraim a bhith a' beachdachadh air an Lèirsinn, mus beachdaich iad air an Dioplòma gu h-iomlan agus air na trì eileamaidean dheth. Feumaidh daoine ùine airson cnuasachadh air beachdan agus airson a bhith a' meòrachadh le co-obraichean air cò ris a bhiodh an Dioplòma coltach sa cho-theacs aca nan robh an Lèirsinn gu bhith air a chur ann an gnìomh.

Plana gus atharrachadh a thoirt a-steach mean air mhean

Moladh 15: Thoir a-steach Dioplòma Coileanaidh na h-Alba mean air mhean.

Bu chòir an Dioplòma a thoirt a-steach ann an trì ìrean tar-lùbach. Bu chòir na h-ìrean an toiseach, na suidheachaidhean a chruthachadh gus taic a thoirt do dh'atharrachadh soirbheachail, san dàrna àite, atharraichean a dhèanamh gus an teisteanas ùr a chruthachadh, agus san treas àite, an teisteanas fhisge a-steach air feadh an t-siostaim. Bu chòir plana a bhith ann aig gach ìre gus taic a thoirt ri bhith a' cur beachdan an gnìomh ann an dòighean a bheir cumhachd do choimhearsnachdan. Bu chòir buaidhean air stòrasan a bhith air an comharrachadh gu soilleir. Bu chòir am plana airson a bhith a' toirt a-steach an Dioplòma mean air mhean a dheasbad agus aontachadh ro thoiseach seisean 2024-25.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil eisimeileachdan ann, a' gabhail a-steach atharrachaidhean eile a tha san amharc ann

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

am prògram ath-leasachadh foghlaim nas fharsainghe aig Riaghaltas na h-Alba agus anns na goireasan a tha rim faighinn gus taic a chumail ris na h-atharrachaidhean sin.

Bidh e deatamach gum bi luchd-foghlaim air an deagh ullachadh gus an Dioplòma a stiùireadh agus a chur an gnìomh. Feumaidh luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan eile a bhith an sàs sa phròiseas agus tuigse fhaighinn air cudromachd agus adhbharan airson atharrachaidhean san t-siostam.

Tha mion-fhiosrachadh a' bhuileachaidh taobh a-muigh raon-ùghdarrais an Lèirmheis seo. Ach bu chòir do na prìomh fheartan aig gach ìre a bhith a' gabhail a-steach na leanas:

Ìre a h-aon: A' cruthachadh suidheachadh airson a bhith a' cur air dòigh Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (2023-27)

- Cuir leas an luchd-ionnsachaidh aig cridhe gach co-dhùnadh tron phròiseas;
- cruthaich ro-innleachd buileachaidh airson nan trì ìrean, a' gabhail a-steach plana conaltraidh gus mothachadh mun Dioplòma a thogail thar gach coimhearsnachd IRG (bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach beachdachadh air riatanasan bun-structair didseatach agus na cothroman agus na dùbhlain a tha an cois AI);
- a' coimiseanadh measadh neo-eisimeileach thar ùine air dealbhadh, buileachadh agus buaidh thràth an Dioplòma;
- tog lionraidhean co-obrachail far a bheil tuigse shoilleir aig a h-uile buidheann air na dreuchdan a bhios aig gach buidheann ann an dealbhadh agus leasachadh an Dioplòma, agus;
- tasgaich ann an ionnsachadh proifeiseanta gus taic a chumail ri buileachadh

Ìre a Dhà: A' cruthachadh Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (2026-30)

- Dealbhaich agus leasaich diofar phàirtean den Dioplòma le lionraidhean co-obrachail de shuidheachaidhean foghlaim;
- ath-sgrùdaich agus ùraich Teisteanasan Nàiseanta;
- cuir ionnsachadh proifeiseanta an sàs air feadh an t-siostaim gus taic a thoirt ri bhith a' cur an Dioplòma an gnìomh;
- cuir an gnìomh plana measaidh nàiseanta agus tog comas siostam gus a chur an gnìomh, agus;
- cruthaich agus dèan deuchainn air e-portfolio agus bun-structar didseatach.

Ìre a Trì: A' leabachadh Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (2028-32)

- Gheibh a' chiad bhuidheann de luchd-ionnsachaidh an Dioplòma;
- a h-uile neach-foghlaim misneachail agus comasach ann a bhith a' cumail taic ri aithneachadh coileanadh luchd-ionnsachaidh tron Dioplòma;
- luchd-ionnsachaidh uile na h-Alba ag obair a dh'ionnsaigh Dioplòma;
- ath-sgrùdadh agus ùrachadh air siostaman agus pròiseasan stèidhichte air toraidhean tràth bho mheasadh neo-eisimeileach, agus;
- misneachd air feadh an t-siostam san Dioplòma.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Moladh 16: Thoir ùine do luchd-obrach an Fhoghlaim. Tha feum aig luchd-obrach foghlaim air ùine airson ionnsachadh proifeiseanta, gus co-obrachadh agus airson a dhol an sàs leis na h-atharrachaidhean a tha gam moladh. Mar thoradh air na feumalachdan sònraichte a th' aig roinn FtG tha e ro-chudromach gum bi ionnsachadh proifeiseanta air a dhealbhadh gus taic a thoirt dhan Dioplòma do luchd-ionnsachaidh agus luchd-foghlaim na Gàidhlig.

Feumaidh ùine a bhith aig luchd-obrach an fhoghlaim airson ionnsachadh proifeiseanta, gus co-obrachadh agus airson a dhol an sàs leis na h-atharrachaidhean a tha gam moladh, mar eisimpleir,

- Bidh e deatamach gum bi luchd-foghlaim misneachail a dhol an sàs ann an Ionnsachadh Pròiseict brìghmhor agus gus daoine fa leth a stiùireadh a thaobh na Slighe Pearsanta. Tha e coltach gum bi feum air taic anns na raointean sin airson cuid de bhuidhnean a dh'fhaodadh a bhith an sàs ann an eileamaidean den Dioplòma – dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach tidsearan, òraidichean, pàrantan/luchd-cùraim, luchd-obrach òigridh, sgoiltean, colaistean agus suidheachaidhean eile a tha a' toirt seachad foghlam.
- Gus eileamaid Slighe Phearsanta an Dioplòma a chruthachadh, feumaidh tidsearan, agus feadhainn eile, luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus cothroman a chomharrachadh agus an uair sin taic a thoirt dhaibh gus meòrachadh air an ionnsachadh a rinn iad. Ged a bu chòir leasachadh sgilean san raon seo a bhith na phàirt chudromach den tairgse ionnsachaidh phroifeasanta iomlan, tha sinn a' moladh cuideachd gum bu chòir goireasan sònraichte a bhith rim faighinn gus taic a thoirt dhan taobh seo den Dioplòma. Bidh feum air ceannardas siostaim làidir ma tha e gu bhith air fhighe a-steach ann am foghlam na h-Alba.

- Feumaidh ionnsachadh proifeiseanta a tha a' toirt còmhla dealbhadh curraicealaim, ionnsachadh, teagasg, measadh agus teisteanasan a bhith ruigsinneach dhan a h-uile neach-foghlaim a tha ag obair san Ìre as Àirde. Feumaidh seo taic a thoirt do thuigse nas fheàrr air cho cudromach 's a tha guth an neach-ionnsachaidh, adhartas ann an ionnsachadh, a bhith a' suidheachadh ghnìomhan, fios-air-ais agus pròiseasan measaidh.
- Tha feum aig luchd-obrach ann am buidhnean nàiseanta cuideachd air ùine a bhith ag obair còmhla ri daoine eile gus cùrsaichean ath-sgrùdadh agus a leasachadh, dòighean-obrach ùra fheuchainn agus siostaman ùra a stèidheachadh a tha làidir ach neo-thromach (light touch). Gus adhartas a dhèanamh air na molaidhean san Lèirmheas seo taobh a-staigh àm reusanta, is dòcha gum feumar ath-sgrùdadh a dhèanamh air na geallaidhean a th' ann mar-thà agus beagan phrìomhachasan soilleir aontachadh.

6.4 A' toirt a-steach na Dòigh-obrach Ùir a thaobh Theisteanasan agus Measadh

Moladh 17: Cruthaich ro-innleachd com-pàirteachaidh agus conaltraidh fad-ùine.

Bu chòir an dòigh-obrach ùr a thaobh theisteanasan is measaidh a bhith air a chuideachadh le ro-innleachd com-pàirteachaidh is conaltraidh fad-ùine. Bu chòir a chruthachadh le diofar choimhearsnachdan gus na feumalachdan aca a choileanadh agus a bhuaidh a mheasadh.

Tha conaltradh na phàirt ro-chudromach de dh'ath-leasachadh sam bith. Tha an raon fharsaing de dhaoine fa leth agus de bhuidhnean a tha an sàs ann an teisteanasan

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

agus measadh ga fhàgail gu sònraichte cudromach gu bheil am plana conaltraidh ag aithneachadh seo, agus gu bheil conaltradh air a chuimseachadh a rèir feumalachdan diofar choimhearsnachdan. Mar eisimpleir, tha cultar theisteanasan na h-Alba freumhaichte gu domhainn, stèidhichte air traidiseanan aig na ginealaichean de dhaoine a chaidh tron sgoil agus a tha an dùil gum bi foghlam luchd-ionnsachaidh an latha an-diugh coltach ris an oideachadh aca fhèin. Bu chòir dhan ro-innleachd conaltraidh beachdachadh gu cruthachail air mar a mhinichear na h-atharrachaidhean dhan chomann-shòisealta san fharsaingeachd. Mar eisimpleir, ann an Èirinn nuair a bhathar ag ath-leasachadh na Cuairt Òigridh aca, chruthaich iad bhidiothan mineachaidh goirid a chaidh a shealltainn air telebhisean agus ann an taighean-dhealbh: faic **bhidio mineachaidh**.

Bu chòir dhan ro-innleachd conaltraidh a bhith fad-ùine. Bu chòir dha a bhith ag amas air tòiseachadh nuair a bhios pàrantan/luchd-cùraim ag obair le suidheachaidhean Tràth-bhliadhnaichean an toiseach agus a bhith a' togail tro bhun-sgoiltean far am faodar ceanglaichean a dhèanamh eadar cleachdadh ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean agus bun-sgoile agus na coileanaidhean a thèid aithneachadh mar luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas san Ìre as Àirde a dh'ionnsaigh an Dioplòma ann an suidheachaidhean foghlaim.

Chan ionnan conaltradh is sgaoileadh. Tha conaltradh a' ciallachadh a bhith a' com-pàirteachadh le daoine fa leth agus le coimhearsnachdan. Bha an IRG agus na CCGan co-cheangailte riutha a' gabhail a-steach raon farsaing de bhuill bho dhiofar choimhearsnachdan, agus dh'fhaodadh iad uile a bhith mar phàirt den ro-innleachd conaltraidh. Is e an fheadhainn as fhaisge air gach coimhearsnachd as fheàrr a thuigeas feumalachdan na coimhearsnachd aca. Tha iad a' tuigsinn dè a dh'obraicheas agus dè nach obraich. Tha e cudromach gun tèid dòighean conaltraidh a dhealbhadh le coimhearsnachdan. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith na dhòigh èifeachdach air conaltradh a bhith a' faighneachd de bhuill de na CCGan fiosrachadh mun Dioplòma a cho-roinn leis a' choimhearsnachd aca.

Bu chòir buaidh mhodhan conaltraidh a mheasadh agus fianais bhon mheasadh a chleachdadh gus conaltradh san àm ri teachd fhiosrachadh.

6.5 Modail Nàiseanta gus Taic a thoirt dhan Phroifeisean le bhith a' Co-roinn Inbhean

Moladh 18: Cruthaich ro-innleachd nàiseanta airson inbhean.

- Bu chòir plana nàiseanta aontichte a bhith ann gus inbhean ionadail is nàiseanta a chruthachadh agus a chumail suas airson teisteanasan agus measadh.
- Bu chòir trèanadh air mar a sheachnaichear claon-bhreith a bhith na phàirt riatanach den ro-innleachd agus bu chòir dha a bhith a' gabhail a-steach tidsearan bho sgioba-obrach na h-Alba a tha a' sìor-fhàs nas eadar-mheasgte.
- Bu chòir an ro-innleachd a bhith air a cho-dhealbhadh le luchd-dèanamh poileasaidh, cleachdaichean agus luchd-rannsachaidh.
- Bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air pròiseasan barantachd càileachd làithreach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad earbsach agus gun a bhith ro bhiùocratach.
- Mar phrìomhachas èiginneach, bu chòir fuasglaidhean didseatach a thoirt a-steach an àite shiostaman barantachd càileachd stèidhichte air pàipear agus obair dian.

Tha e ro-chudromach gun tèid dèiligeadh gu cothromach ris a h-uile neach-ionnsachaidh ann an Alba a nì an Dioplòma. Tha an Dioplòma

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

a' cur barrachd cuideam air proifeiseantachd thidsearan agus am breithneachadh proifeiseanta. Gus dèanamh cinnteach gu bheil breithneachaidhean thidsearan cunbhalach air feadh na dùthcha, bidh feum air siostam agus inbhean a cho-roinn tro cho-obrachadh ionadail agus nàiseanta. Bidh seo na phrìomh fheart de bhith a' togail theisteanasan anns a bheil a' cur suim mhòr. Tha colaistean air pròiseasan modarataidh a stèidheachadh mar-thà thar grunn bhliadhnaichean thar iomadh bliadhna a dh'fhaodadh eisimpleirean a thoirt dhuinn air mar a nithear modaratadh nas so-ghiùlaine.

Tha e' cudromach a bhith a' togail tuigse làidir air inbhean teisteanais nàiseanta am measg thidsearan gus am bi teisteanasan earbsach. Tha e, ge-tà, a cheart cho cudromach mar chùis cothromais. Mar as trice, bidh tidsearan ag obair ann an aon sgoil, no àireamh bheag de sgoiltean far a bheil an tuigse air adhartas stèidhichte air an luchd-ionnsachaidh leis a bheil iad ag obair. Dh'fhaodte gum bi eòlas aig cuid air inbhean nàiseanta, mar eisimpleir, tro bhith ag obair mar neach-comharrachaidh le SQA; no air eòlas fhaighinn air ionnsachadh proifeiseanta. Ach, a bharrachd air teisteanasan, tha e cudromach do luchd-ionnsachaidh gum bi tidsearan ann a thuigeas inbhean.

Bu chòir inbhean a bhith ann taobh a-staigh frèam adhartais làidir. Gus tuigse mhath, phractaigeach a thogail air ìrean, feumaidh cothroman iomchaidh a bhith aig tidsearan gus beachdachadh air eisimpleirean de dh'obair sgoilearan aig diofar ìrean nàiseanta. Feumaidh iad an uair sin cothroman gus eisimpleirean de dh'obair an luchd-ionnsachaidh aca fhèin a cho-roinn agus a dheasbad le an co-leithid agus ionnsachadh mu nithean a dh'fhaodadh bacadh a chur air deagh bhreithneachadh, mar eisimpleir, claonadh gun fhios. Neartaichidh seo uile tuigse thidsearan air inbhean agus a bharrachd air a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi breithneachaidhean nas earbsaiche ann, ach bidh seo cuideachd a' cur ri cleachdadh nas fheàrr sa chlas. Mar eisimpleir, lùghdaichidh tuigse nas fheàrr air inbhean an comas do thidsearan a bhith a' meas na h-ìre ro ìosal, a' tabhann fios air ais stèidhichte air

sin agus gun fhios a' toirt ana-cothrom do luchd-ionnsachaidh.

Feumaidh tuigse mhath a bhith aig tidsearan air inbhean agus a bhith comasach air an cleachdadh an da-rìribh ma thathar gu bhith a' dèiligeadh gu cothromach ris a h-uile neach-ionnsachaidh. Gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh gu cothromach ri luchd-ionnsachaidh ge b' e cò an tidsear a th' aca no dè an sgoil a bhios iad a' frithealadh, feumaidh sgoiltean obrachadh còmhla ri daoine eile ann an gnìomhan measaidh. Tha feum air modaratadh èifeachdach air siostam nàiseanta far am bi buidhnean nàiseanta, ùghdarrasan ionadail, tidsearan, ceannardan-sgoile agus luchd-rannsachaidh ag aontachadh air dòighean-obrach iomchaidh a thaobh modaratadh. Bu chòir do mhodhan modarataidh aithneachadh cho cudromach 's a tha breithneachadh proifeiseanta thidsearan agus a bhith a' togail comas tro chothromachadh iomchaidh de thaic cho-leithid agus pròiseasan nàiseanta co-rèireach. Bu chòir pròiseasan a bhith iomchaidh agus gun a bhith ro bhiùrocratach. Tha dòighean biùrocratach air an cruthachadh; chan eil iad do-sheachanta. Bu chòir cothromachd do luchd-ionnsachaidh a bhith aig cridhe a' phròiseis.

Tha togail misneachd ann am breithneachadh proifeiseanta thidsearan deatamach agus bheir seo ùine. Tha goireasan rim faighinn air làrach-lìn SQA gus taic a thoirt dhan phròiseas a bhith a' co-roinn inbhean ann an deuchainnean, obair-cùrsa agus air prìomh fhactaran ann a bhith a' cruthachadh siostam cothromach, leithid a bhith a' dèiligeadh ri ceistean a thaobh claon-bhreith. Tha iad sin nan toiseach tòiseachaidh airson a bhith ag ionnsachadh mu inbhean nàiseanta. Bu chòir trèanadh air mar a sheachnaichear claon-bhreith a bhith na phàirt riatanach den ro-innleachd agus bu chòir dha a bhith a' gabhail a-steach tidsearan bho sgioba-obrach na h-Alba a tha a' sior-fhàs nas eadar-mheasgte.

Ach, tha barrachd ri dhèanamh. Às dèidh mion-sgrùdadh a dhèanamh air fianais bho rannsachadh eadar-nàiseanta air breithneachadh thidsearan thar 40 bliadhna tha Urhahne & Wijnia (2021) a' moladh gu bheil cho earbsach 's a tha breithneachadh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

proifeiseanta thidsearan a' crochadh air an obair a tha iad a' dèanamh. Bidh an luchd-rannsachaidh a' dèanamh eadar-dhealachadh eadar breithneachaidhean dàimheach agus deimhinnte. Far a bheil tidsearan a' dèanamh breithneachaidhean dàimheach, mar eisimpleir, a' breithneachadh a bheil aon phìos obrach nas fheàrr na pìos eile gus an cur ann an òrdugh rangachaidh, tha ìre pongalachd am breithneachaidhean àrd. Nuair a bhios iad a' dèanamh breithneachadh deimhinnte, mar eisimpleir, anns an eadar-dhealachadh eadar sgòran ro-mheasta nan tidsearan agus fìor choileanaidhean luchd-ionnsachaidh, tha tidsearan buailteach a bhith a' dèanamh tuairmse ro-àrd air coileanadh. Tha an fhianais a' sealltainn gur dòcha gu bheil luchd-teagaisg den bheachd gu bheil e nas dùbhланаiche tuairmse a dhèanamh air coileanadh luchd-ionnsachaidh a tha a' dèanamh nas lugha de dh'adhartas seach an luchd-ionnsachaidh a tha a' coileanadh aig àrd-ìre. Tha e deatamach gun tèid deagh thuigse fhaighinn air mar a bheir claonadh (cinneadh, gnè, clas agus ciorram) buaidh air breithneachadh proifeiseanta thidsearan ma tha measadh cothromach gu bhith aig gach neach-ionnsachaidh.

6.6 Riaghaltas na h-Alba, na Buidhnean Foghlaim Nàiseanta agus Riaghaltas Ionadail

Bu chòir prìomh àite a bhith aig Riaghaltas na h-Alba, prìomh bhuidhnean foghlaim agus riaghaltas ionadail ann a bhith a' stiùireadh ath-leasachadh theisteanasan agus measaidh ann an dòighean a tha a' nochdadh dealas a thaobh atharrachadh cultair. Bu chòir planaichean gus an Dioplòma a chruthachadh a bhith air an leasachadh agus air an cur an gnìomh gu co-obrachail gus aithne agus luach a chur air na tha gach com-pàirtiche a' cur ris.

Moladh 19: Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus na buidhnean foghlaim nàiseanta ùra atharrachadh cultarach a mhodaileadh.

- Nuair a thèid an Dioplòma a leasachadh agus a thoirt a-steach, bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus na buidhnean foghlaim nàiseanta ùra atharrachadh cultarach a mhodaileadh le bhith ag obair còmhla ann an dòighean a tha ag aithneachadh agus a' cur luach air na tha gach com-pàirtiche a' cur ris a' chùis.

Moladh 20: Leabaich leasachaidhean Theisteanasan agus Measaidh gu soilleir agus gu follaiseach taobh a-staigh clàr-gnothaich an ath-leasachaidh nas fharsainge.

- Feumaidh Riaghaltas na h-Alba, mar chùis èiginn, aithris shoilleir a chur an cèill a sheallas mar a tha leasachaidhean ann an teisteanasan agus measadh nam pàrtean bunaiteach den chlàr-obrach ath-leasachaidh san fharsaingeachd.
- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba structaran co-obrachail a stèidheachadh gus cruthachadh an Dioplòma a thoirt air adhart a tha mar sgàthan air an fheadhainn a chaidh a chruthachadh tron Lèirmheas seo gus dèanamh cinnteach gum bi a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an teisteanasan agus measaidhean fhathast nam pàirt den ro-innleachd gus a chur an gnìomh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

6.7 A' Bhuidheann Theisteanasan Ùra

Moladh 21: Dealbhaich a' bhuidheann theisteanasan nàiseanta ùr airson a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg agus coimhearsnachdan poileasaidh is rannsachaidh gus

- dòigh-obrach mhodalach sùbailte a chruthachadh airson cùrsaichean Teisteanas Nàiseanta gus cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh creideas a thogail thar ùine a dh'ionnsaigh theisteanasan agus gus leigeil leis an t-siostam dèiligeadh gu sgiobalta ri feumalachdan caochlaideach nan daoine fa leth, a' chomann-sòisealta agus na h-eaconamaidh.
- leudachadh a thoirt air an raon de dhòighean measaidh taobh a-staigh Theisteanasan Nàiseanta agus comharrachadh a dhèanamh air dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh a bhith air an gabhail gus an comas airson ionnsachadh air meomhair a lùghdachadh agus gnàth-eòlas an neach-ionnsachaidh a neartachadh.
- an raon chùrsaichean a th' ann mar-thà a dhèanamh nas sìmplidh gus tairgse shoilleir, cunbhalach a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh, pàrantan/ luchd-cùraim, sgoiltean, colaistean, fastaichean agus oilthighean.
- dòigh-obrach ùr a thaobh theisteanasan is measaidh a chruthachadh anns am bi misneachd a' phobaill, air a bheil meas mòr gu nàiseanta agus a tha làidir ach gun a bhith ro bhiùocratach.

Tha cothrom aig a' bhuidhinn theisteanasan ùra cur gu mòr ri bhith a' brosnachadh ìrean àrda de choileanadh pearsanta airson gach neach-ionnsachaidh, agus ri bhith a' togail cultar nas co-obrachail.

Tha luchd-obrach aig Ùghdarras nan Deuchainnean a th' ann mar-thà, an SQA, le eòlas agus sgilean air leth sònraichte ann an dealbhadh agus leasachadh theisteanasan. Tha a' bhuidheann a' tabhann raon farsaing de theisteanasan a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta, tòrr nas motha na Teisteanasan Nàiseanta a thathar a' cleachdadh nas fharsainge. Taobh a-staigh a' phròifil fharsaing sin, tha eisimpleirean ann de chùrsaichean a dh'fhaodadh a bhith nan àite tòiseachaidh cuideachail airson cuid de na taobhan as ùr-ghnàthaiche den Dioplòma, mar eisimpleir, Ionnsachadh Pròiseict.

Is urrainnear coimeas a dhèanamh eadar an raon fharsaing de theisteanasan a tha rim faighinn ann an catalog SQA agus an roghainn nas lugha de chùrsaichean a gheibh luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean agus colaistean. Tha planaichean aig SQA mar-thà gus an raon fharsaing de chùrsaichean a tha rim faighinn a dhèanamh nas sìmplidhe, gu h-àraidh far a bheil susbaint coltach ri cheile ann an cùrsaichean a chaidh a chruthachadh gus iarrtas eachdraidheil a choileanadh. Bhiodh ar taic ris a' cho-dhùnadh sin agus tha sinn den bheachd gun cuidicheadh e le bhith a' soilleireachadh adhbhar nan 'teaghlaichean' chùrsaichean, a' lughdachadh na h-ùine a thathar a' caitheamh air biùrocrasaidh chùrsaichean agus a' cuideachadh le bhith a' lùghdachadh iom-fhillteachd luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim, colaistean, fastaichean agus oilthighean.

6.8 A' Bhuidheann Curraicealaim Ùr agus a' Bhuidheann Theisteanasan Ùra

Tha cothrom aig na buidhnean nàiseanta ùra gus co-obrachadh gus taic a chumail ris a' phroifeisean ann a bhith a' toirt a-steach an Dioplòma, a' dèanamh feum den eòlas

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

eadar-dhealaichte ach ceangailte san dà bhuidhinn. Tha luchd-obrach aig a' bhuidheann curraicealaim làithreach, Foghlam Alba, le eòlas sònraichte air ionnsachadh proifeiseanta co-obrachail. Bidh ionnsachadh proifeiseanta na phàirt deatamach de thogail an Dioplòma. Tha eòlas eadar-nàiseanta sònraichte nach beag aig luchd-rannsachaidh ann an diofar oilthighean ann an Alba air pròiseasan atharrachaidh. Tha cothrom aig a' bhuidhinn curraicealaim nàiseanta ùr gus eòlas is sgilean a thoirt còmhla ann an ionnsachadh proifeiseanta bho air feadh choimhearsnachdan rannsachaidh, poileasaidh agus cleachdaidh gus lionra nàiseanta a chruthachadh gus obrachadh le sgoiltean is colaistean air feadh na dùthcha gus an Dioplòma a thoirt air adhart.

Tha gnìomhan cudromach ri dhèanamh gus na beachdan anns an Dioplòma a thoirt gu buil. Mar eisimpleir, bu chòir dhan bhuidhinn curraicealaim ùr ann an com-pàirteachas leis a' bhuidhinn theisteanasan ùir obrachadh le luchd-ionnsachaidh, tidsearan, (a' gabhail a-steach eòlaichean cuspair), coimhearsnachdan poileasaidh is rannsachaidh gus adhartas cùrsa eadar BGE agus an Ìre as Àirde a leasachadh, agus taobh a-staigh nan Teisteanasan Nàiseanta san Ìre as Àirde Bu chòir snàithlean òir a bhith a' ruith tro churraicealam, adhartas, measadh agus teisteanasan. Tha deagh mhodailean adhartais aig cridhe teisteanasan a tha adhartach.

Is e Ionnsachadh Pròiseict an dàrna prìomhachas. Ged a tha mòran sgoiltean is colaistean an sàs ann an Ionnsachadh Pròiseict taobh a-staigh chùrsaichean no thar chuspairean no phrògraman, chan eil iad uile glè eòlach air an dòigh obrach seo. Chan eil mòran feum ann a h-uile sgoil agus colaiste a bhith a' cruthachadh ghoireasan a tha coltach ri chèile gus taic a thoirt do dh'Ionnsachadh Pròiseict, rud a thuirte cuid de thidsearan a bhiodh mar a bhith "ag ath-chruthachadh na cuibhle". Tha prìomh àite aig buidhnean nàiseanta a tha ag obair le ùghdarrasan ionadail, RICS agus luchd-rannsachaidh ann a bhith ag obair le stiùirichean sgoile is colaiste agus tidsearan is òraidichean gus eisimpleirean de dh'Ionnsachadh Pròiseict a chruthachadh

agus a cho-roinn, a ghabhas a cho-roinn air feadh na dùthcha airson suidheachaidhean foghlaim, as urrainn dhaibh atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin.

San treas àite, tha prìomh àite aig buidhnean nàiseanta ann a bhith a' cuideachadh le bhith a' togail agus a' cumail suas inbhean nàiseanta gus an ro-innleachd nàiseanta airson inbhean a thoirt air adhart (Moladh 17).

Moladh 22: Iarr air a' bhuidhinn curraicealaim ùr a bhith ag obair le luchd-ionnsachaidh, tidsearan, agus coimhearsnachdan poileasaidh agus rannsachaidh ann an com-pàirteachas leis a' bhuidhinn theisteanasan ùra gus

- piseach a thoirt air adhartas chùrsaichean eadar Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde agus taobh a-staigh nan Teisteanasan a tha gan toirt seachad aig an Ìre as Àirde.
- co-chruthaich agus dèan deuchainn air eisimpleirean de dh'Ionnsachadh Pròiseict ann an diofar ionadan foghlaim air feadh na dùthcha. Bu chòir cothrom a bhith aig colaistean agus sgoiltean gu nàiseanta air na h-eisimpleirean seo gus an urrainn do luchd-teagaisg/òraidichean an atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin.
- obraich le ùghdarrasan ionadail, sgoiltean, colaistean, tidsearan/òraidichean gus siostam modarataireachd nàiseanta a thogail a tha teann ach co-rèireach.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

6.9 An Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach

Tha comas aig HMIE a bhith fìor chudromach ann a bhith a' cumail taic ri toirt a-steach an Dioplòma. Mar eisimpleir, is urrainn luchd-sgrùdaidh taic a thoirt dhan leasachadh le bhith a' comharrachadh, a' co-roinn agus ag adhartachadh chleachdaidhean a tha bunaiteach airson a bhith ga thoirt a-steach gu h-èifeachdach, mar eisimpleir, ag obair thar chuspairean, a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh ann an ionnsachadh pearsanta.

Cuideachd, tha HMIE air am fastadh mar luchd-measaidh proifeiseanta. A bharrachd air a' Phrògram Sgrùdaidh aca, dh'fhaodadh sgiobaidhean a bhith air an togail gus measadh riochdail cunbhalach a dhèanamh air an Dioplòma fhad 's a bhios e ga leasachadh an da-rìribh ag obair le luchd-rannsachaidh, luchd-dèanamh phoileasaidhean agus luchd-cleachdaidh. Mar as tràithe a thèid duilgheadasan a dh'fhaodadh a bhith ann a chomharrachadh, is ann as fhasa a bhios e ceuman a ghabhail gus beachdan agus cleachdadh a thoirt nas fhaisg air a chèile.

Moladh 23: Iarr air an Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach (HMIE) a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg agus coimhearsnachdan poileasaidh is rannsachaidh gus

- dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas sgrùdaidh a' cumail taic èifeachdach ri bhith a' toirt a-steach an Dioplòma ann an dòighean a tha co-chòrdail ri cultar co-obrachail le cumhachd.
- dèan lèirmheas air cleachdadh le luchd-rannsachaidh agus luchd-cleachdaidh fhad 's a tha an Dioplòma ga leasachadh agus gus comharrachadh a bheil beàrnan a' nochdadh eadar rùintean agus cleachdaidhean. Bu chòir an fhianais a thig às na lèirmheasan seo a chleachdadh gus gnìomhan a chomharrachadh gus am pròiseas ath-thaobhadh.

6.10 A' leabachadh Dioplòma Coileanaidh na h-Alba mar chleachdadh ris a bheil dùil

Thar ùine, tha e cudromach gum bi Dioplòma Coileanaidh na h-Alba a' dol na àbhaist anns a h-uile suidheachadh foghlaim ann an Alba. Tha prìomh dhleastanasan aig ITE agus aig Comhairle Choitcheann Teagaisg ann an Alba (GTCS) sa phròiseas sin.

6.11 Trèanadh tùsail an luchd-teagaisg ann am Foghlam Adhartach

Tha àite ro-chudromach aig ITE ann a bhith a' toirt a-steach na dòigh-obrach ùr a thaobh Theisteanasan is Measadh. Airson a' mhòr-chuid de thidsearan ùra, 's e ITE a' chiad cheangal domhainn a th' aca ri teagasg mar dhreuchd.

Ann an ITE tha cothroman ann cleachdaidhean ùra a thogail mar phàirt den phròisean teagaisg. Bidh dùil aig oileanaich a bhios a' sgrùdadh chuspairean agus cuideachd ag obair ann an co-theacsan eadar-chuspaireil ann an ITE an aon rud a dhèanamh ann an sgoiltean. Bidh e comasach do dh'oileanaich teagaisg aig a bheil cothroman gus sgilean comhairleachaidh a thogail le luchd-ionnsachaidh na sgilean sin a chleachdadh leis na clasaichean aca fhèin agus mar phàirt den t-Slighe Phearsanta. Togaidh oileanaich teagaisg a gheibh eòlas air curraicealam, oideachadh, measadh agus teisteanasan gu h-iomlan an tuigse sin anns na cleachdaidhean aca. Nuair a tha iad ag ionnsachadh mu Mheasadh an toiseach, airson, mar agus de dh'ionnsachadh, faodaidh iad eòlas a thogail ann an dealbhadh gnìomhan, fios air ais agus pròiseasan measaidh. Bheir na gnàth-eòlasan

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

sin na seasamhan, an t-eòlas agus na sgilean do dh'oileanaich teagaisg a dh'fheumas iad airson a bhith a' gluasad gu h-èifeachdach gu sgoiltean. Bheir iad cuideachd barrachd is barrachd luchd-teagaisg do sgoiltean a tha ann an deagh shuidheachadh gus taic a chumail ri toirt a-steach an Dioplòma ùr.

Tha àite cudromach aig an Teisteanas Teagaisg ann am Foghlam Adhartach (TQFE) cuideachd ann a bhith a' suidheachadh dhùilean airson òraidichean ann an colaistean mu nàdar na dreuchd. Bidh e cudromach do sholaraidhean TQFE ath-sgrùdadh a dhèanamh air na prògraman aca agus na trì taobhan den Dioplòma a thoirt a-steach gus dèanamh cinnteach gu bheil òraidichean ann am Foghlam Adhartach comasach air taic a thoirt dhan a h-uile neach-ionnsachaidh fhad 's a tha iad ag obair a dh'ionnsaigh an Dioplòma.

Tha uallach air GTCS gus slatan-tomhais inntrigidh a shuidheachadh dhan dreuchd agus airson inbhean proifeiseanta do thidsearan. Bidh iad cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-teagaisg dealasach a thaobh ionnsachadh leantainneach le bhith a' toirt air tidsearan pròiseas Ùrachadh Proifeiseanta a dhèanamh. Bidh feum air gluasad ann an cothromachadh nan dreuchdan agus nan dleasan mar thoradh air an dòigh-obrach ùr a thaobh Teisteanasan is Measadh. Faodaidh an GTCS taic a thoirt dhan chothromachadh eadar-dhealaichte seo le bhith a' nochdadh nan atharrachaidhean sin anns na h-inbhean agus sna h-eisimpleirean aca. Bhiodh e gu sònraichte cudromach dèanamh cinnteach gu bheil co-thaobhadh eadar atharrachaidhean ann an ITE agus na h-inbhean proifeasanta co-cheangailte. Ged a tha sinn a' tuigsinn gun deach ath-sgrùdadh a dhèanamh air na h-inbhean Proifeiseanta bho chionn ghoirid, tha sinn den bheachd gum bu chòir an ùrachadh mar a dh'fheumar mas e is gun tèid an Dioplòma a thoirt a-steach.

Moladh 24: Bu chòir an Dioplòma a bhith na chleachdadh ris am biodh dùil bho thidsearan.

- Bu chòir do dh'Institiudan Foghlaim Thidsearan obrachadh còmhla ri GTCS gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na prògraman aca gus dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan àrd-sgoile agus òraidichean colaiste ùra air an deagh ullachadh airson a bhith ag obair leis na diofar eileamaidean den Dioplòma.
- Bu chòir do sholaraidhean TQFE ath-sgrùdadh a dhèanamh air na prògraman aca gus dèanamh cinnteach gu bheil òraidichean colaiste air an deagh ullachadh airson a bhith ag obrachadh leis na diofar eileamaidean den Dioplòma.
- Mar phàirt den chuairt ath-sgrùdaidh aca, bu chòir do GTCS a bhith a' nochdadh gum feum a h-uile tidsear àrd-sgoile a bhith ag obair leis an Dioplòma anns na h-Inbhean Proifeasanta aca.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

6.12 Colaistean agus Oilthighean

Bidh soirbheachas an Dioplòma gu mòr an urra ri mar a thèid a chleachdadh le colaistean, oilthighean agus fastaichean. Mar a chaidh a chomharrachadh roimhe san aithisg seo, tha teisteanasan ann an Alba cudromach do luchd-ionnsachaidh. Bithear a' cleachdadh theisteanasan gus luchd-ionnsachaidh a thaghadh airson cùrsaichean no airson agallamhan. Bhruidhinn grunn luchd-fastaidh sna còmhraidhean againn air cho beag de dh'fhianais a tha teisteanasan a' toirt seachad agus rinn iad argamaid gun cuidicheadh raon fianais nas fharsainge, a' gabhail a-steach nan sgilean a thogas luchd-ionnsachaidh, gus co-dhùnaidhean nas fheàrr a dhèanamh. Bidh oilthighean, mar an ceudna, a-nis a' toirt mòran aire do bhuidheanan cheumnaichean. Tha iad sin ceangailte gu dlùth ris an fhianais a tha luchd-fastaidh ag iarraidh. Bha luchd-ionnsachaidh cuideachd ag iarraidh cothroman na teisteanasan agus am pròifil measaidh aca a phearsanachadh, gus mothachadh nas fheàrr a thabhann do cholaistean, oilthighean agus fastaichean air cò iad mar dhaoine fa leth, a' gabhail a-steach na bha iad air coileanadh san fharsaingeachd.

Tha na trì eileamaidean den Dioplòma a' tabhann raon nas fharsainge de dh'fhianais as urrainn colaistean, fastaichean agus oilthighean a chleachdadh gus taic a chumail ri co-dhùnaidhean nas fheàrr a thaobh inntrigidhean gu cùrsaichean agus prògraman.

Moladh 25: Brosnaich colaistean, fastaichean agus oilthighean gus a' bhunait fianais nas fharsainge a bheir an Dioplòma seachad a chleachdadh mar bhunait airson co-dhùnaidhean a nì iad nuair a tha iad a' taghadh oileanaich no luchd-obrach.

6.13 Siostaman Sgrùdaidh is Cunntachalachd Nàiseanta

B' e fear de na gearanan as cumanta a chuala sinn tron Lèirmheas an droch bhuidh a bh' air sgoiltean, tidsearan agus luchd-ionnsachaidh bho bhith a' cruinneachadh dàta airson adhbharan sgrùdaidh agus cunntachalachd.

Chaidh comharrachadh gun robh buaidhean washback ris nach robhar an dùil bho bhith a' cruinneachadh dàta mu Theisteanasan Nàiseanta mar a' phrìomh thomhas coileanaidh ann an sgoiltean. Bha sgoiltean den bheachd gun robh iad gam meas air an slat-tomhais seo a-mhàin seach air an raon fharsaing de theisteanasan a bha iad a' tabhann gus na feumalachdan aig an luchd-ionnsachaidh uile a choileanadh. Is e coileanadh ann an Teisteanas Nàiseanta an fhianais a bhios pàipearan-naidheachd a' cleachdadh gus clàran lìog a chruthachadh. Tha na clàran lìog air am faicinn mar fhianais air èifeachdas sgoiltean ann an cuid de choimhearsnachdan ach san fharsaingeachd, chan eil iad a' nochdadh ach suidheachadh sòisio-eaconamach nan sgoiltean. Le bhith a' toirt seachad dealbh de dìreach pàirt de na tha a' dol air adhart ann an sgoiltean, bidh iad cuideachd a' cur ri duilgheadasan a thaobh co-ionannachd spèis. Mas e Teisteanasan Nàiseanta an fhianais a thathar a' cleachdadh gus coileanadh a mheasadh, feumaidh gur iad an rud a tha fìor chudromach. Tha Riaghaltas na h-Alba air ceumannan a ghabhail gus feuchainn ris an fhianais a tha iad a' cruinneachadh a leudachadh. Ach, tha na builean ris nach robhar an dùil fhathast anns an t-siostam a tha a' sealltainn gur dòcha gu bheil feum air ath-sgrùdadh a bharrachd.

Mar eisimpleir, bha mòran ag argamaid anns an Lèirmheas gu bheil cuid de sgoiltean, a tha airson na stadastaireachd aca a leasachadh, a' comhairleachadh luchd-ionnsachaidh gus cùrsaichean a ghabhail a chuireas ri stadastaireachd na sgoile seach a bhith a' coileanadh feumalachdan an luchd-ionnsachaidh. Chaidh aithris cuideachd gun robh foillseachadh an dàta seo gu tric

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

a' toirt buaidh air sgoiltean a bha ìosal ann an clàran lìog a chruthaich na meadhanan, a' lùghdachadh misneachd anns an sgoil sa choimhearsnachd aice agus a' fàgail gun robh luchd-ionnsachaidh agus tidsearan dìcheallach diombach.

Moladh 26: Bheir air siostaman sgrùdaidh agus cunntachalachd nàiseanta fiosrachadh a chruinneachadh mun raon de choileanaidhean a tha aithnichte taobh a-staigh an Dioplòma. Bu chòir lèirsinn agus am Frèam Leasachaidh Nàiseanta ùrachadh gus soirbheas den t-seòrsa ris a bheil dùil san Dioplòma a nochdadh.

Tha dòighean eile ann airson dàta a chruinneachadh gus poileasaidh ionadail is nàiseanta fhiosrachadh nach toir droch bhuaidh air cleachdadh. Bheir suirbhidhean nàiseanta cothrom do luchd-dèanamh poileasaidh fianais a chruinneachadh a bheir dàta àrd-inbheach dhaibh ach aig nach bi buaidh ris nach eilear an dùil den t-seòrsa a chaidh a mhìneachadh na bu tràithe san aithisg

seo. Bhiodh Alba a' ruith suirbhidh nàiseanta roimhe seo, Suirbhidh Coileanaidh na h-Alba. Chaidh an suirbhidh seo a dhèanamh thar ùine ann an diofar raointean den churraicealam agus e cuideachd a' toirt seachad fiosrachadh air litearrachd agus àireamhachd. Bha roghainn aig ùghdarrasan ionadail cuideachd sampall leasaichte a chruinneachadh taobh a-staigh an ùghdarrais aca. Chruinnich seo dàta aig ìre ùghdarrais ionadail a ghabhadh coimeasachadh ris an t-suidheachadh nàiseanta.

Tha e mar bhuannachd aig suirbhidhean cuideachd gu bheil iad comasach air dèiligeadh ri ceistean sònraichte anns a bheil ùidh aig luchd-dèanamh poileasaidh, mar eisimpleir, mu choileanadh choimhearsnachdan no buidhnean sònraichte de luchd-ionnsachaidh.

Ged a tha e taobh a-muigh raon-ùghdarrais an Lèirmheis seo molaidhean a dhèanamh mu dhoighean-obrach eile a thaobh sgrudadh agus cunntachalachd nàiseanta, chuireamaid ìmpidh air Riaghaltas na h-Alba gus beachdachadh air dòighean-obrach eile stèidhichte air suirbhidhean.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

7. Molaidhean

Annas a' chaibideil mu dheireadh seo, bheir sinn còmhla na molaidhean uile bhon IRG. Tha na molaidhean seo a' toirt seachad frèama gus teisteanasan agus measadh a thoirt air adhart ann an dòighean a nì cinnteach gum bi spèis mhòr aig daoine anns na teisteanasan agus measadh againn ann an saoghal a tha ag atharrachadh gu luath. Tha an Dioplòma a' tabhann comas airson àm ri teachd a bheireadh cothroman na b' fheàrr do gach neach-ionnsachaidh ann an Alba agus a bhiodh a' suidheachadh Alba mar chomann-sòisealta nas comasaiche air dèiligeadh gu sùbailte agus gu cruthachail ri rud sam bith a dh'fhaodadh tachairt san àm ri teachd.

Caibideil a h-aon

Moladh 1: Atharraich Teisteanasan agus Measadh san Ìre an Àirde ann an Alba. Feumaidh atharrachadh a bhith air a dhealbhadh gu faiceallach agus air a ghoireasachadh.

Caibideil a Dhà

Moladh 2: Lean air adhart leis a' phròiseas de dh'atharrachadh chultarach. Bu chòir do dh'Alba structar an IRG agus nan CCGan co-cheangailte a chumail mar phrìomh mhodh com-pàirteachaidh fhad 's a tha an dùthaich a' toirt a-steach agus a' leasachadh dòighean-obrach ùra a thaobh teisteanasan agus measadh. Bu chòir dha cuideachd togail air oidhirpean an Lèirmheis seo gus a h-uile buidheann foghlaim a thoirt a-steach, ionnsachadh bho na dh'obraich gu math agus mar a bu chòir dhan ionnsachadh sin buaidh a thoirt air co-chomhairlean san àm ri teachd.

Caibideil a Tri

Moladh 3: Obraich ann an com-pàirteachas le dùthchannan le amasan coltach ri Alba gus teisteanasan agus measadh a leasachadh. Ionnsaich bho na dh'fhiosraich sinn ann an Alba ach a bhith a' coimhead a-mach cuideachd. Feuch ri ionnsachadh le dùthchannan eile le miannan foghlaim

coltach ris an fheadhainn againne gus siostam Teisteanasan is Measaidh a thogail a bhios iomchaidh airson an àm ri teachd.

Caibideil a Ceithir

Moladh 4: Gabh ris an Lèirsinn agus na Prionnsapalan a thathar a' moladh san Lèirmheas seo airson poileasaidh agus cleachdadh. Bu chòir Teisteanasan agus Measadh ann an Alba a bhith air an co-thaobhadh leis an Lèirsinn agus na Prionnsabalan.

Moladh 5: Gabh ris an Dioplòma mar an dòigh-obrach ùr a thaobh teisteanasan agus measadh. Bu chòir trì eileamaidean a bhith anns an Dioplòma: Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Pròiseict agus an t-Slighe Phearsanta.

Moladh 6: Cleachd an Dioplòma mar theisteanas ceumnachaidh airson gach suidheachadh foghlaim Ìre as Àirde.

Bu chòir na slatan-tomhais a leanas a chleachdadh mar thoiseach tòiseachaidh airson barrachd obair leasachaidh air an Dioplòma.

- Feumar cothrom a thoirt dhan a h-uile neach-ionnsachaidh eòlas fhaighinn air ionnsachadh anns gach eileamaid den Dioplòma. Bu chòir seo a mheas mar chòir.
- Cha bu chòir dhan Dioplòma iomlan a bhith air a rangachadh. Bu chòir a bhuileachadh nuair a thathar ag aithneachadh choileanaidhean anns gach eileamaid, Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Pròiseict agus an t-Slighe Phearsanta.
- Thèid an Dioplòma a thoirt seachad aig puing fàgail agus bidh e a' gabhail a-steach coileanaidhean a chaidh a chruinneachadh chun na h-ìre sin. Bidh seo a' gabhail a-steach, teisteanasan, duaisean, creideas air a' chruinneachadh agus meòrachadh luchd-ionnsachaidh air an cuid ionnsachaidh phearsanta tron t-Slighe Phearsanta.
- Cha bu chòir na trì eileamaidean san Dioplòma a bhith air an cuideamachadh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Tha na h-eileamaidean uile cudromach mar fhianais air farsaingeachd coileanaidh.

- Gluaisidh an Dioplòma, agus an fhianais a tha na bhroinn, leis an neach-ionnsachaidh agus thèid togail air seo ann an colaistean, cosnadh, san oilthigh agus san roinn shaor-thoilich.
- Mura seall neach-ionnsachaidh fianais air ionnsachadh anns na trì eileamaidean uile, cha tèid an Dioplòma a bhuileachadh. Fàgaidh iad le clàr de na tha iad air a choileanadh. Bidh e comasach ionnsachadh a dhèanamh nas fhaide air adhart gus an tèid an duais a thoirt seachad.
- Bu chòir gum biodh gach eileamaid den Dioplòma ruigsinneach do Luchd-ionnsachaidh tro Mheadhan na Gàidhlig.
- Bu chòir pròifil didseatach a bhith aig a h-uile neach-ionnsachaidh gus an urrainn dhaibh coileanadh a chlàradh ann am Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Phròiseactan agus Slighe Phearsanta. Bidh sealbh aig an neach-ionnsachaidh air a' phròifil. Bidh a' Bhuidheann Theisteanasan a' riaghladh an fhiosrachaidh mu choileanaidhean ann am Prògraman Ionnsachaidh agus Ionnsachadh Phròiseactan. Bidh an t-Slighe Phearsanta gu tur fo smachd an neach-ionnsachaidh.
- Feumaidh a' phròifil dhidseatach a bhith ruigsinneach dhan a h-uile neach-ionnsachaidh agus ri faighinn sa Ghàidhlig agus mion-chànanan eile.

Moladh 7: Bu chòir an eileamaid Phrògraman Ionnsachaidh a bhith riatanach gus an Dioplòma a bhuileachadh. Bu chòir raon farsaing de chùrsaichean a thabhann dhan a h-uile neach-ionnsachaidh a' gabhail a-steach cùrsaichean acadaimigeach, dreuchdail, proifeiseanta agus teicnigeach. Is e còir a th' ann.

Tha an Lèirmheas a' moladh gun gabh ionnsachadh, teagasg agus measadh Phrògraman Ionnsachaidh a neartachadh le bhith gabhail ris na gnìomhan a leanas còmhla.

- Dèan lèirmheas air sònrachaidhean cùrsa gus dèanamh cinnteach gu bheil dàimh làidir eadar na tha cudromach sa churraicealam, eòlas-teagaisg, measadh agus teisteanasan.
- Thoir piseach air adhartas eadar Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde agus taobh a-staigh na h-Ìre as Àirde ann an sgoiltean agus colaistean.
- Leudaich an raon de dhòighean measaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san Ìre as Àirde a' gabhail a-steach barrachd chothroman airson measadh sa chlas.
- Gabh ceumannan gus an ìre de dheuchainnean anns an Ìre as Àirde a lùghdachadh agus measadh a bhith ann air an taobh a-staigh a-mhàin aig ìrean SCQF Ìre 1-5. Fosglaidh seo raon de chothroman, mar eisimpleir, gus cùrsaichean Àrd-ìre SCQF Ìre 6 a ruith thairis air dà bhliadhna.
- Far a bheil sin iomchaidh, cùm sgrùdadh bhon taobh a-muigh. Bu chòir lèirmheasan a dhèanamh air na deuchainnean a th' ann mar-thà gus nach bi iad cho buailteach ri ro-innse agus gus ro-aithris a lùghdachadh.
- Cuir ri sùbailteachd le bhith a' cur chùrsaichean agus Prògraman Ionnsachaidh ann am modalan. Bheir seo cothrom do luchd-ionnsachaidh creideas a thogail fhad 's a tha iad a' dol air adhart tro chùrsaichean.
- Cruthaich barrachd tìde airson ionnsachadh agus teagasg. Tha na molaidhean seo a' cruthachadh cothrom barrachd ùine a bhith ann airson ionnsachadh agus teagasg. Feumar a bhith faiceallach gun tèid an tìde a thèid a shaoradh a chleachdadh airson sin.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Moladh 8: Gum bi an eileamaid Slighe Pearsanta riatanach airson buileachadh an Dioplòma. Is e còir a th' ann agus feumaidh e a bhith ri fhaighinn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh. Is e ceist cothromais a tha seo. Feumaidh e a bhith sùbailte dhan a h-uile neach-ionnsachaidh, ag aithneachadh cho cudromach 's a tha roghainn phearsanta agus bu chòir dha fòcas a chur air na tha luchd-ionnsachaidh air coileanadh.

Bu chòir dhan eileamaid seo:

- ùidhean, comasan agus coileanadh gach neach-ionnsachaidh a bhrosnachadh agus a chomharrachadh
- a bhith fo shealbh an neach-ionnsachaidh, a' brosnachadh pearsanachadh agus roghainn.
- a bhith a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh le bhith a' fèin-chnuasachadh air na sgilean agus feartan a tha iad air togail.
- fòcas air na tha neach air ionnsachadh tro eòlas seach air an àireamh no an t-àite nan eòlasan.
- A bhith le ùmhlachd do phròiseasan dearbhaidh gun chomharra air a bhith air a thoirt dhaibh.
- a bhith ag amas air taobhan sòisealta, cultarail, eaconamach agus sunnd a ghabhail a-steach. Ann an iomadh cùis bidh foghlam an luchd-ionnsachaidh a' gabhail a-steach grunn de na diofar thaobhan sin.
- a bhith a' gabhail a-steach còmhraidhean meòrachail pearsanta a bu chòir a chumail thar bliadhna acadaimigeach agus tron Ìre as Àirde air fad.

Bu chòir structaran taiceil a stèidheachadh gus taic a chumail ri leasachadh an raoin seo den Dioplòma. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach ionnsachadh proifeiseanta, agus gus dèanamh cinnteach gun aithnichear cho cudromach 's a tha an raon obrach, gu bheil e air a dheagh cho-òrdanachadh agus gu bheil inbhe aice, bu chòir dreuchd àrdaichte a stèidheachadh dhaibhsan a tha os cionn na h-obrach seo ann an sgoiltean agus colaistean.

Moladh 9: Cleachd tuairisgeulan air adhartas eòlais agus air an fhrèam sgilean uile-choitcheann anns an Lèirmheas Sgilean a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid (Withers, 2023), ma thèid gabhail ris, gus dhealbhadh Ionnsachadh Pròiseict san Dioplòma fhiosrachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd a bhith air an cleachdadh mar bhunait a' mheasaidh.

Moladh 10: Gum bi an eileamaid Ionnsachadh Pròiseict riatanach airson buileachadh an Dioplòma. Is e còir a th' ann agus feumaidh e a bhith ri fhaighinn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh.

- Bu chòir Ionnsachadh Pròiseict a bhith na phàirt aithnichte agus sònraichte den churraicealam, a' togail air Prògraman Ionnsachaidh. Feumaidh cead a bhith aig luchd-ionnsachaidh fa leth an cuid eòlais agus sgilean a chur an sàs thar chuspairean gus aghaidh a chur air dùbhlain. Gabhaidh ionnsachadh pròiseict a dhèanamh tro mheasachadh de dh'obair buidhne is obair aig daoine fa leth. Ach, bu chòir dha a bhith air a mheasadh dhan neach fa leth.
- Bu chòir Ionnsachadh Pròiseict tachairt air feadh na h-Ìre as Àirde. Dh'fhaodadh neach-ionnsachaidh roghnachadh pròiseact ùr a dhèanamh gach bliadhna no a bhith a' togail air an aon phròiseact fhad 's a thèid iad air adhart tron Ìre as Àirde. Bu chòir Ìre an dùbhlain àrdachadh mean air mhean agus bu chòir coileanadh a bhith ceangailte ri ìrean SCQF agus ri creideas gus adhartas a shealltainn. Ged a tha fòcas an Lèirmheis seo air an Ìre as Àirde, dh'fhaodadh gum biodh e buannachdail Ionnsachadh Pròiseict a bhrosnachadh anns an dà chuid sa bhun-sgoil (far a bheil e ann mar-thà ann an diofar chruthan) agus ann am Foghlam Farsaing Coitcheann gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh leis an t-seòrsa ionnsachadh a tha ri thighinn.
- Bidh Ionnsachadh Pròiseict air a mheasadh air an taobh a-staigh ann an suidheachaidhean foghlaim, le dearbhadh bhon taobh a-muigh mar phàirt den phròiseas gus dèanamh cinnteach gu bheil inbhean coitcheann air feadh na dùthcha. Bidh pròiseasan làidir ach neo-thromach (light touch).

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Bidh sùbailteachd agus slighean eadar-dhealaichte taobh a-staigh eileamaid a' Phròiseict gus in-ghabhail a bhrosnachadh gu sònraichte do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd, luchd-ionnsachaidh a tha neuro-divergent, luchd-ionnsachaidh aig a bheil fìor chomas agus iadsan a dh'fhaodadh a bhith air an oideachadh aig an taigh. Ged a dh'fhaodadh cuid de luchd-ionnsachaidh rannsachadh iom-fhillte fad-ùine a dhèanamh air prìomh cheistean cruinneil, do luchd-ionnsachaidh eile dh'fhaodadh gum bi earrann pròiseact an Dioplòma a' gabhail a-steach a bhith a' tarraing gnàth-eòlasan foghlaim còmhla gus misneachd a thogail, mar eisimpleir a thaobh conaltradh no siubhal neo-eisimeileach.
- Bu chòir amas an rannsachadh pròiseict a bhith air a thaghadh leis an neach-ionnsachaidh. Tha sinn ag aithneachadh gur dòcha gum feumar tòiseachadh le tairgse nas sònraichte aig na h-ìrean tràtha aig eileamaid Pròiseact an Dioplòma. Thèid eisimpleirean a cho-dhealbhadh le luchd-teagaisg agus òraidichean, ùghdarrasan ionadail, luchd-rannsachaidh, buidhnean nàiseanta agus luchd-ionnsachaidh. Bidh cothrom aig sgoiltean air feadh na dùthcha air na h-eisimpleirean seo gus an urrainn dhaibh an atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin.

Moladh 11: Cuir ri co-ionannachd meas eadar diofar sheòrsaichean theisteanasan le bhith ag aithneachadh gach teisteanas aig an aon ìre SCQF leis na h-aon phuingean creideis mar theisteanasan co-ionann.

- Bu chòir Alba an Ìre SCQF a chleachdadh, air a leantainn le àireamh an teisteanais ann an litreachas brosnachaidh agus ann a bhith a' clàradh nan toraidhean.
- Bu chòir teisteanasan acadaimigeach, dreuchdail, proifeiseanta agus teicnigeach a bhith air an gabhail a-steach san eileamaid Prògraman Ionnsachaidh den Dioplòma.

- Gun tèid aithne iomchaidh a thoirt do gach eileamaid den Dioplòma mar dhuais a tha a' nochdadh tòrr a bharrachd na dìreach a bhith a' crìochnachadh phrògraman.

Caibideil a Còig

Moladh 12: Stèidhich Coimisean Tar-roinneil air Inntleachd Fuadain (AI)

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba, mar chùis èiginn, coimisean Tar-roinneil a stèidheachadh agus a stiùireadh gus co-sheasamh luachan a chruthachadh a thaobh na tha an dàn do AI ann am foghlam agus a bhith a' cruthachadh seata de phrionnsabalan stiùiridh airson a bhith a' cleachdadh AI.
- San eadar-ama, bu chòir luchd-teagaisg is luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gus AI a chleachdadh gus cothrom a ghabhail air cothroman gus gnìomhan biùrocraigeach a lùghdachadh. Bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhan obair-cùrsa.

Caibideil a Sia

Moladh 13: Cruthaich plana nàiseanta gus an Dioplòma a thoirt gu buil dhan a h-uile neach-ionnsachaidh anns gach suidheachadh foghlaim.

- Bu chòir plana nàiseanta aontachadh gus an Dioplòma a thoirt a-steach agus a leasachadh gus beachdan-smaoin a thoirt gu buil dhan h-uile neach-ionnsachaidh anns a h-uile suidheachadh foghlaim. Bu chòir dhan phlana seo a bhith a' toirt aghaidh air a' bhuaidh air goireasan.

Moladh 14: Cruthaich am plana nàiseanta agus am pròiseas atharrachaidh nas fharsainge ann an dòighean a tha in-ghabhalach agus co-obrachail.

- Bu chòir dha a bhith stèidhichte air an Lèirsinn agus air na Prionnsapalan, feumaidh a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an teisteanasan agus measadh a

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

bhith an sàs ann agus feumaidh tuigse shoilleir a bhith ann air mar a chuireas diofar choimhearsnachdan ri bhith a' toirt nam beachdan san Lèirsinn gu buil do gach neach-ionnsachaidh ann an Alba.

- Tha e ro-chudromach gum bi cothroman aig a h-uile coimhearsnachd tuigse fhaighinn air an dòigh-obrach ùr a thaobh siostam measaidh is teisteanais ann an Alba. Bu chòir cothroman a bhith ann do na h-uile a tha an sàs ann an teisteanasan agus measadh gus an aithisg seo a dheasbad agus gus beachdachadh air mar a dh'fhaodar an Lèirsinn agus na Prionnsapalan a chur an gnìomh sa cho-theacsa aca.
- Bu chòir cuairt ath-bhreithneachaidh (Moladh 4) a bhith anns a' phlana far a bheil fianais air a chruinneachadh bho phoileasaidh agus cleachdadh gus an dàimh eadar beachdan agus cleachdadh a sgrùdadh agus gus ceuman iomchaidh a ghabhail. Bu chòir an lèirmheas leasachail seo a dhèanamh ann an com-pàirteachas le cleachdaichean, luchd-dèanamh poileasaidh agus luchd-rannsachaidh.

Moladh 15: Thoir a-staigh an Dioplòma ann an ìrean.

- Bu chòir an Dioplòma a thoirt a-steach ann an trì ìrean tar-lùbach. Bu chòir àite a chruthachadh gus an urrainn do luchd-obrach, luchd-ionnsachaidh agus pàrantan/luchd-cùraim a dhol an sàs anns an Lèirsinn agus Prionnsapalan agus a bhith an sàs ann an leasachadh an Dioplòma. Bu chòir am plana airson a bhith a' toirt a-steach an Dioplòma mean air mhean a dheasbad agus aontachadh ro thoiseach seisean 2024-25.

Moladh 16: Thoir ùine do luchd-obrach an Fhoghlaim. Tha feum aig luchd-obrach foghlaim air ùine airson ionnsachadh proifeiseanta, gus co-obrachadh agus airson a dhol an sàs leis na h-atharrachaidhean a tha gam moladh. Mar thoradh air na feumalachdan sònraichte a th' aig roinn FtG tha e ro-chudromach gum bi ionnsachadh proifeiseanta air a dhealbhadh gus taic a thoirt dhan Dioplòma do luchd-ionnsachaidh agus luchd-foghlaim na Gàidhlig.

Moladh 17: Cruthaich ro-innleachd com-pàirteachaidh agus conaltraidh fad-ùine.

Moladh 18: Cruthaich ro-innleachd nàiseanta airson inbhean.

- Bu chòir plana nàiseanta aontaichte a bhith ann gus inbhean ionadail is nàiseanta a chruthachadh agus a chumail suas airson teisteanasan agus measadh.
- Bu chòir trèanadh air mar a sheachnaichear claon-bhreith a bhith na phàirt riatanach den ro-innleachd agus bu chòir dha a bhith a' gabhail a-steach tidsearan bho sgioba-obrach na h-Alba a tha a' sìor-fhàs nas eadar-mheasgte.
- Bu chòir an ro-innleachd a bhith air a chruthachadh gu co-obrachail le luchd-dèanamh poileasaidh, cleachdaichean agus luchd-rannsachaidh.

Moladh 19: Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus na buidhnean foghlaim nàiseanta ùra atharrachadh cultarach a mhodaileadh.

- Nuair a thèid an Dioplòma a leasachadh agus a thoirt a-steach, bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus na buidhnean foghlaim nàiseanta ùra atharrachadh cultarach a mhodaileadh le bhith ag obair còmhla ann an dòighean a tha ag aithneachadh agus a' cur luach air na tha gach com-pàirtiche a' cur ris a' chùis.

Moladh 20: Leabaich leasachaidhean Theisteanasan agus Measaidh gu soilleir agus gu follaiseach taobh a-staigh clàr-gnothaich an ath-leasachaidh nas fharsainge.

- Feumaidh Riaghaltas na h-Alba, mar chùis èiginn, aithris shoilleir a chur an cèill a sheallas mar a tha leasachaidhean ann an teisteanasan agus measadh nam pàrtean bunaiteach den chlàr-obrach ath-leasachaidh san fharsaingeachd.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba structaran co-obrachail a stèidheachadh gus cruthachadh an Dioplòma a thoirt air adhart a tha mar sgàthan air an fheadhainn a chaidh a chruthachadh tron Lèirmheas seo gus dèanamh cinnteach gum bi a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an teisteanasan agus measaidhean fhathast nam pàirt den ro-innleachd gus a chur an gnìomh.

Moladh 21: Dealbhaich a' bhuidheann theisteanasan nàiseanta ùr airson a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg agus coimhearsnachdan poileasaidh is rannsachaidh gus

- dòigh-obrach mhodalach sùbailte a chruthachadh airson cùrsaichean Teisteanas Nàiseanta gus cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh creideas a thogail thar ùine a dh'ionnsaigh theisteanasan agus gus leigeil leis an t-siostam dèiligeadh gu sgiobalta ri feumalachdan caochlaideach nan daoine fa leth, a' chomann-sòisealta agus na h-eaconamaidh.
- leudachadh a thoirt air an raon de dhòighean measaidh taobh a-staigh Theisteanasan Nàiseanta agus comharrachadh a dhèanamh air dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh a bhith air an gabhail gus an comas airson ionnsachadh air meomhair a lùghdachadh agus gnàth-eòlas an neach-ionnsachaidh a neartachadh.
- an raon chùrsaichean a th' ann mar-thà a dhèanamh nas sìmplidh gus tairgse shoilleir, cunbhalach a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim, sgoiltean, colaistean, fastaichean agus oilthighean.
- dòigh-obrach ùr a thaobh theisteanasan is measaidh a chruthachadh anns am bi misneachd a' phobaill, air a bheil meas mòr gu nàiseanta agus a tha làidir ach gun a bhith ro bhiùocratach.

Moladh 22: Iarr air a' bhuidhinn curraicealaim ùr a bhith ag obair le luchd-ionnsachaidh, tidsearan, agus coimhearsnachdan poileasaidh agus rannsachaidh ann an com-pàirteachas leis a' bhuidhinn theisteanasan ùra gus

- piseach a thoirt air adhartas chùrsaichean eadar Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde agus taobh a-staigh nan Teisteanasan a tha gan toirt seachad aig an Ìre as Àirde.
- co-chruthaich agus dèan deuchainn air eisimpleirean de dh'ionnsachadh Pròiseict ann an diofar ionadan foghlaim air feadh na dùthcha. Bu chòir cothrom a bhith aig colaistean agus sgoiltean gu nàiseanta air na h-eisimpleirean seo gus an urrainn do luchd-teagaisg/òraidichean an atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin.
- obraich le ùghdarrasan ionadail, sgoiltean, colaistean, tidsearan/òraidichean gus siostam modarataireachd nàiseanta a thogail a tha teann ach co-rèireach.

Moladh 23: Iarr air an Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach (HMIE) a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg agus coimhearsnachdan poileasaidh is rannsachaidh gus

- dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas sgrùdaidh a' cumail taic èifeachdach ri bhith a' toirt a-steach an Dioplòma ann an dòighean a tha co-chòrdail ri cultar co-obrachail le cumhachd.
- dèan lèirmheas air cleachdadh le luchd-rannsachaidh agus luchd-cleachdaidh fhad 's a tha an Dioplòma ga leasachadh agus gus comharrachadh a bheil beàrnan a' nochdadh eadar rùintean agus cleachdaidhean. Bu chòir an fhianais a thig às na Lèirmheasan seo a chleachdadh gus gnìomhan a chomharrachadh gus am pròiseas ath-thaobhadh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Moladh 24: Stèidhich an Dioplòma mar chleachdadh ris a bheilear an dùil bho thidsearan.

- Bu chòir do dh'Institiudan Foghlaim Thidsearan obrachadh còmhla ri GTCS gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na prògraman aca gus dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan àrd-sgoile agus òraidichean colaiste ùra air an deagh ullachadh airson a bhith ag obair leis na diofar eileamaidean den Dioplòma.
- Mar phàirt den chuairt ath-sgrùdaidh aca, bu chòir do GTCS a bhith a' nochdadh gum feum a h-uile tidsear àrd-sgoile a bhith ag obair leis an Dioplòma anns na h-Inbhean Proifeasanta aca.
- Bu chòir do sholaraidhean Teisteanasan Teagaisg ann am Foghlam Adhartach (TQFE) ath-sgrùdadh a dhèanamh air na prògraman aca gus dèanamh cinnteach gu bheil òraidichean colaiste air an deagh ullachadh airson a bhith ag obrachadh leis na diofar eileamaidean den Dioplòma.

Moladh 25: Brosnaich colaistean, fastaichean agus oilthighean gus a' bhunait fianais nas fharsainge a bheir an Dioplòma seachad a chleachdadh mar bhunait airson co-dhùnaidhean a nì iad nuair a tha iad a' taghadh oileanaich no luchd-obrach.

Moladh 26: Bheir air siostaman sgrùdaidh agus cunntachalachd nàiseanta fiosrachadh a chruinneachadh mun raon de choileanaidhean a tha aithnichte taobh a-staigh an Dioplòma. Bu chòir lèirsinn agus am Frèam Leasachaidh Nàiseanta ùrachadh gus soirbheas den t-seòrsa ris a bheil dùil san Dioplòma a nochdadh.



An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

8. Iomraidhean

Ahmed, A. (27 Faoilleach 2023) *ChatGPT Achieved One Million Users in Record Time – Revolutionizing Time-Saving in Various Fields*. Digital Information World. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.digitalinformationworld.com/2023/01/chat-gpt-achieved-one-million-users-in.html#:~:text=The%20company's%20ability%20to%20reach,Chat%20GPT%20and%20its%20users> [Air inntreigeadh air: 7 Ògmhios 2023]

Barton, G. (2023) *ASCL Leadership Podcast, Annual Conference Association of School and College Leaders*. [Pod-chraoladh] 10 Màrt. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://soundcloud.com/user-89976499/ascl-leadership-podcast-march-2023-annual-conference> [Air inntreigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Campbell, C., Harris, A. (2023) *All Learners in Scotland Matter: The National Discussion on Education*. Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/independent-report/2023/05/learners-scotland-matter-national-discussion-education-final-report/documents/learners-scotland-matter-national-discussion-education-final-report/learners-scotland-matter-national-discussion-education-final-report/govscot%3Adocument/learners-scotland-matter-national-discussion-education-final-report.pdf> [Air inntreigeadh 31 Cèitean 2023]

Chapman, C (2019) *Making sense of education reform: Where next for Scottish education?* Association of Directors of Education in Scotland/The Staff College. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://thestaffcollege.uk/wp-content/uploads/2019/06/Making-sense-of-reform-where-next-for-Scottish-education.pdf> [Air inntreigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Chapman, C. & Donaldsons, G. (21 March 2023) *Where next for Scottish education?* TES. [online] Ri fhaighinn aig: <https://www.tes.com/magazine/analysis/general/scottish-education-where-next> [Air inntreigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Clarence-Smith, L. (2023) *AI technology like ChatGPT 'could lead to end of coursework'*. Telegraph. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.telegraph.co.uk/news/2023/03/10/ai-technology-like-chatgpt-could-lead-end-coursework/> [Air inntreigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Convention on the Rights of the Child. (1989) Treaty no. 27531. United Nations Treaty Series, 1577, 3-178. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://www.unicef.org.uk/wp-content/uploads/2010/05/UNCRC_united_nations_convention_on_the_rights_of_the_child.pdf#:~:text=Convention%20on%20the%20Rights%20of%20the%20Child%20Adopted,2%20September%201990%2C%20in%20accordance%20with%20Article%2049 [Air inntreigeadh: 7 Ògmhios 2023]

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Csogor, N., Watkin, B., (2023) *Sixth Form Matters: A collection of essays & case studies*. Sixth Form Colleges Association; [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://sfcawebsite.s3.amazonaws.com/uploads/document/28048-SFCA-SFM-Interactive-E2.pdf?t=1685629906?ts=1685629906> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Education Scotland/Foghlam Alba (2023) *Scotland's Curriculum for Excellence: Putting Learners at the heart of Education*. [online] Ri fhaighinn aig: <https://scotlandscurriculum.scot/4/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Ford, B. (1 May 2023) IBM to Pause Hiring for Jobs That AI Could Do. *Bloomberg* [online] Available at: https://www.bloomberg.com/news/articles/2023-05-01/ibm-to-pause-hiring-for-back-office-jobs-that-ai-could-kill?in_source=embedded-checkout-banner [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Kraft, R. (1996) Service learning: An introduction to its theory, practice and effects. *Education and Urban Society*. *Sage Journals* 28, (2), 131-159. [Air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://journals.sagepub.com/doi/abs/10.1177/0013124596028002001> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Kleinman, Z & Vallance, C. (2 May 2023), AI 'godfather' Geoffrey Hinton warns of dangers as he quits Google, *BBC News*. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: [BBC News https://www.bbc.co.uk/news/world-us-canada-65452940](https://www.bbc.co.uk/news/world-us-canada-65452940) [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Hargreaves, D. (2012) *A self-improving school system: towards maturity*. National College of School Leadership [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://dera.ioe.ac.uk/id/eprint/15804/1/a-self-improving-school-system-towards-maturity.pdf> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Haveman, R., & Wolfe, B. (1995). The determinants of children's attainments: A review of methods and findings. *Journal of Economic Literature*, 33 (4), 1829-1878.

Hayward, L., Baird, J., Allan, S., Godfrey-Faussett, T., Hutchinson, C., MacIntosh, E., Randhawa, A., Spenser, E., Wiseman-Orr, M, L. (2023) *National qualifications in Scotland: A lightning rod for public concern about equity during the pandemic*. UK. Wiley. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <file:///C:/Users/u445565/AppData/Local/Microsoft/Windows/INetCache/Content.Outlook/NR17XZRH/Euro%20J%20of%20Education%20-%202023%20-%20Hayward%20-%20National%20qualifications%20in%20Scotland%20%20A%20lightning%20rod%20for%20public%20concern%20about%20equity.pdf> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Hayward, L., & Spencer, E. (2010) The complexities of change: formative assessment in Scotland. *The Curriculum Journal*. 21 (2), 161-177 [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://doi.org/10.1080/09585176.2010.480827> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Hess, F, M. (2013) The Missing Half of School Reform. *National Affairs* 55. [air-loidhne]. Ri fhaighinn aig: <https://www.nationalaffairs.com/publications/detail/the-missing-half-of-school-reform> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Hughes, C. (2020) 'Will COVID-19 spell the end for exams?'. *World Economic Forum*. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.weforum.org/agenda/2020/06/will-covid-19-spell-the-end-for-exams/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Humes, W. (2023) Scottish education. *A crisis of confidence and trust*. *FORUM*, 65 (1), (19-29) [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://journals.lwbooks.co.uk/forum/vol-65-issue-1/article-9698/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

International Baccalaureate. (2022) Extended essay. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.ibo.org/programmes/diploma-programme/curriculum/extended-essay/#:~:text=The%20extended%20essay%20is%20an%20independent%2C%20self-directed%20piece,the%20extended%20essay%20is%20mandatory%20for%20all%20students.> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

International Council of Education Advisers (2020) *ICEA REPORT 2018 - 2020*. Scottish Government/Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/independent-report/2020/12/international-council-education-advisers-report-2018-2020/documents/international-council-education-advisers-report-2018-2020/govscot%3Adocument/international-council-education-advisers-report-2018-20.pdf> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Masters, G. N. (2022) *Building a world-class learning system*. Centre for Strategic Education (CSE). [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://research.acer.edu.au/tll_misc/40/ [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Morgan, A. (2020) *Support for Learning: All our Children and All their Potential*. Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/independent-report/2020/06/review-additional-support-learning-implementation/documents/support-learning-children-potential/support-learning-children-potential/govscot%3Adocument/support-learning-children-potential.pdf> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Muir, K. (2022) *Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education*. Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.gov.scot/publications/putting-learners-centre-towards-future-vision-scottish-education/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

National Council for Curriculum and Assessment. (2017) *Orla: Assessment supporting learning in the new Junior Cycle*. [online] Available at: <https://ncca.ie/en/resources/orla-junior-cycle/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Newell, W. & Klein, J. T. (1997) Advancing Interdisciplinary Studies. Ann an: Gaff, J & Ratcliff, J (eds.) *Handbook of the Undergraduate Curriculum: Comprehensive Guide to Purposes, Structures, Practices, and Change*. Caibideil: 19, (393-415). Jossey-Bass, [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://www.researchgate.net/publication/260676399_Advancing_Interdisciplinary_Studies [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Nusche, D., Earl, L., Maxwell, W., Shewbridge, C. (2011) *OECD Reviews of Evaluation and Assessment in Education: Norway 2011*, OECD Reviews of Evaluation and Assessment in Education, OECD Publishing, Paris. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://www.oecd-ilibrary.org/education/oecd-reviews-of-evaluation-and-assessment-in-education-norway-2011_9789264117006-en [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- O'Donnell, S. (2018) Upper Secondary Education in Nine Jurisdictions. National Council for Curriculum Ireland. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://ncca.ie/media/3337/scoping-report-online-2.pdf> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- OECD. (2011) *Education at a Glance 2011: OECD Indicators*, OECD Publishing, Paris. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <http://dx.doi.org/10.1787/eag-2011-en> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- OECD. (2020), *Education at a Glance 2020: OECD Indicators*, OECD Publishing, Paris, [online] Available at: <https://doi.org/10.1787/69096873-en> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- OECD. (2020) *What Students Learn Towards a 21st century curriculum*. OECD Publishing, Paris. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://doi.org/10.1787/d86d4d9a-en> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- OECD. (2021) *Scotland's Curriculum for Excellence: Into the Future*, Implementing Education Policies, OECD Publishing, Paris, [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://doi.org/10.1787/bf624417-en> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- Ottawa-Carleton District School Board. (2023) Ontario Secondary School Diploma Requirements. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://www.ocdsb.ca/secondary/programs/ontario_secondary_school_diploma_requirements#:~:text=The%20following%20requirements%20must%20be%20successfully%20completed%20in,%28OSSLC%29%204%2040%20hours%20of%20community%20involvement%20activities [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- Pagan, K. (14 January 2021) 'Qualification Fraud: Coronavirus Scotland: Lockdown 'allows school pupils to cheat on SQA coursework' with fears parents are doing it', The Scottish Sun. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.thescottishsun.co.uk/news/scottish-news/6532465/lockdown-scotland-schools-home-cheating-sqa/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- Priestley, M. (2019) Inter-disciplinary curriculum: why is it so difficult to develop? (part two). WordPress Bloga. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://mrpriestley.wordpress.com/2019/02/13/inter-disciplinary-curriculum-why-is-it-so-difficult-to-develop-part-two/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]
- Priestley, M., & Humes, W. (2010) "The Development of Scotland's Curriculum for Excellence: Amnesia and Déjà Vu." *Oxford Review of Education*, 36, (3) 2010, 345-61. JSTOR, [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <http://www.jstor.org/stable/25699589>. [Air inntrigeadh 5 Ògmhios 2023].

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Priestley, M., Shapira, M., Priestley, A., Richie, M., Barnett, C. (2020) *National Qualifications experience 2020: rapid review*. Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.gov.scot/publications/rapid-review-national-qualifications-experience-2020/> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]
- Priestley, M., Shapira, S., Peace-Hughes, T., Barnett, C., Richie, M. (2023) *Choice, Attainment and Positive Destinations: Exploring the impact of curriculum policy change on young people*. Nuffield Foundation. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://www.nuffieldfoundation.org/wp-content/uploads/2023/02/CAPD_Main_Public_Report_final_Feb2023.pdf [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]
- Resnick, M. (2023) *AI and Creative Learning: Concerns, Opportunities, and Choices*. Medium: [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://mres.medium.com/ai-and-creative-learning-concerns-opportunities-and-choices-63b27f16d4d0> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]
- Robert Gordon University (2022) *Grove Academy crowned winners in ROV competition third year in a row*. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.rgu.ac.uk/news/news-2022/4944-grove-academy-crowned-winners-in-rov-competition-third-year-in-a-row> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]
- Schwab, K., & Zahidi, S. (2020) *The Future of Jobs*, World Economic Forum. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://www3.weforum.org/docs/WEF_Future_of_Jobs_2020.pdf [Air inntreighadh air: 7 Ògmhios 2023]
- Scottish Government/Riaghaltas na h-Alba. (2008) *Curriculum for Excellence Building the Curriculum 3, a Framework for Learning and Teaching*. Scottish Government/Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: **A' togail a' Churraicealaim 3: A Framework for Learning and Teaching (education.gov.scot)** [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]
- Scottish Government/Riaghaltas na h-Alba. (2011) *Curriculum for Excellence Building the Curriculum 5, a Framework for Assessment*. Scottish Government/Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: **BtC5 Framework (education.gov.scot)** [Air inntreighadh; 7 Ògmhios 2023]
- Skills Development Scotland/Leasachadh Sgilean na h-Alba. (2022) *A changing world*. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/skills-for-a-changing-world/a-changing-world/> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]
- Soral, S. (2023) *The Industrial Revolution for human intellect*. Deloitte. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www2.deloitte.com/uk/en/pages/consulting/articles/sulabh-on-ai.html> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]
- Stobart, G. (2008) *Testing Times: The Uses and Abuses of Assessment* (1d eagra.). Routledge. <https://doi.org/10.4324/9780203930502> [air-loidhne]. Ri fhaighinn aig: <https://www.taylorfrancis.com/books/mono/10.4324/9780203930502/testing-times-gordon-stobart> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Stobart, G. (2021) *Upper-secondary education student assessment in Scotland: A comparative perspective*. OECD Education Working Papers, No. 253, OECD Publishing, Paris, [online] Available at: https://www.oecd-ilibrary.org/education/upper-secondary-education-student-assessment-in-scotland_d8785ddf-en [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Scottish Government/Riaghaltas na h-Alba. (2019) *Scotland's Curriculum for Excellence Refreshed Narrative*. Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/factsheet/2019/11/scottish-assessment-summit-september-2019/documents/workshop-1-refreshed-narrative-on-scotlands-curriculum/workshop-1-refreshed-narrative-on-scotlands-curriculum/govscot%3Adocument/Workshop%2B1%2B-%2Brefreshed%2Bnarrative%2Bon%2BScotlan d%2527s%2Bcurriculum.pdf> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Smith, G. (2023) *Career Review*. Skills Development Scotland/Leasachadh Sgilean na h-Alba [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/career-review/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

SQA. (2023) *A comparative study of internal assessment practices in selected high-performing jurisdictions*. SQA. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://www.sqa.org.uk/sqa/files_ccc/comparative-study-of-organisational-structures-in-high-performing-jurisdictions.pdf [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Stewart, A., & Logan, M. (2023) *Pathways: A new approach for women in entrepreneurship*. Scottish Government/Riaghaltas na h-Alba [air-loidhne] Ri fhaighinn at: <https://www.gov.scot/publications/pathways-new-approach-women-entrepreneurship/> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Suto, I., & Oates, T. (2021) *High-stakes testing after basic secondary education: How and why is it done in high-performing education systems?* Cambridge Assessment Research Report. Cambridge, UK: Cambridge Assessment. [air-loidhne]. Ri fhaighinn aig: <https://www.cambridgeassessment.org.uk/Images/610965-high-stakes-testing-after-basic-secondary-education-how-and-why-is-it-done-in-high-performing-education-systems-.pdf> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

Symeonidis, V., & Fohanna, J, F. (2016) *Phenomenon-Based Teaching and Learning through the Pedagogical Lenses of Phenomenology: The Recent Curriculum Reform in Finland*. Forum Oświatowe. 28. 31-47. [Air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://www.researchgate.net/publication/313696751_Phenomenon-Based_Teaching_and_Learning_through_the_Pedagogical_Lenses_of_Phenomenology_The_Recent_Curriculum_Reform_in_Finland [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

The Assessment and Qualification Alliance (AQA). (2023) *Level 3 Extended Project Qualification*. AQA. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.aqa.org.uk/subjects/projects/project-qualifications/EPQ-7993> [Air inntrigeadh: 7 Ògmhios 2023]

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

The National Certificate of Educational Achievement (NCEA) (2021c). *How NCEA works*. New Zealand Qualifications Authority (NZQA). [air-loidhne]. Ri fhaighinn: <https://www.nzqa.govt.nz/ncea/understanding-ncea/how-ncea-works/> [Air inntreighadh: 25 Sultain 2021]

Royal Society of Edinburgh/Comann Rìoghail Dhùn Èideann. (2023) Pillars and Lintels: The What's, Why's and How's of Interdisciplinary Learning. Comann Rìoghail Dhùn Èideann. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://rse.org.uk/wp-content/uploads/2022/01/IDL_pillars_and_lintels_paper-1.pdf [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

The Scottish Credit and Qualifications Framework (2023) *The Scottish Credit and Qualifications Framework* [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://scqf.org.uk/about-the-framework/> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

The World Economic Forum (2020) 3 ways to prepare young people for the post-COVID jobs market. The World Economic Forum. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.weforum.org/agenda/2020/10/3-ways-to-prepare-young-people-for-the-post-covid-jobs-market> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

Times Education Supplement. (27 February 2023) *IB students can use ChatGPT in essays*, TES. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.tes.com/magazine/news/secondary/ib-students-can-use-chatgpt-essays-ai> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

Turness, D., (22 May 2023) Explaining the 'how' - the launch of BBC Verify. *BBC News*. [online] Available at: <https://www.bbc.co.uk/news/uk-65650822> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

Urhahne, D., & Wijnia, L. (2021) A review on the accuracy of teacher judgments, *Educational Research Review*, 32, (100374). [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.sciencedirect.com/science/article/pii/S1747938X20308344> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

Viennet, R., & B. Pont. (2017) "Education policy implementation: A literature review and proposed framework", *OECD Education Working Papers*, No. 162, OECD Publishing, Paris. [air-loidhne]. Ri fhaighinn aig: <https://doi.org/10.1787/fc467a64-en> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

Withers (2023) *The Independent Review of the Skills Delivery Landscape: Fit for the Future: developing a post-school learning system to fuel economic transformation*. Riaghaltas na h-Alba. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: <https://www.gov.scot/publications/fit-future-developing-post-school-learning-system-fuel-economic-transformation/documents/> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

Wyse, D. Hayward, L. Pandya, J. (ed.) (2016) Curriculum, Pedagogy and Assessment. *The Sage Handbook of: Volume 1*. [air-loidhne] Ri fhaighinn aig: https://uk.sagepub.com/sites/default/files/upm-assets/73138_book_item_73138.pdf [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

Zorpette, G. (17 May 2023) Just Calm Down About GPT-4 Already. *IEEE Spectrum*. [online] Ri fhaighinn aig: <https://spectrum.ieee.org/gpt-4-calm-down> [Air inntreighadh: 7 Ògmhios 2023]

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

9. Eàrr-ràdh

9.1 Eisimpleirean de Chuairtean Luchd-ionnsachaidh

Stèidhichte air Dioplòma Coileanadh na h-Alba a thathar a' moladh (An Dioplòma)

Tha na duilleagan a leanas san aithisg a' toirt seachad raon de shlighean luchd-ionnsachaidh stèidhichte air an Dioplòma a thathar a' moladh. Tha iad seo mar eisimpleirean a-mhàin ach tha iad air an dealbh gus sealltainn mar a b' urrainn grunn diofar luchd-ionnsachaidh Dioplòma fhaighinn. Tha e cudromach a bhith a' toirt fa-near nach eil na slighean luchd-ionnsachaidh gu h-ìosal a' gabhail a-steach a h-uile suidheachadh a dh'fhaodadh a bhith ann. Tha sinn an dòchas gun toir seo sealladh seachad air mar a dh'obraicheadh an Dioplòma mas e is gun tèid a thoirt a-steach. Tha sinn air obrachadh le diofar shuidheachaidhean gus na h-eisimpleirean seo de shlighean-ionnsachaidh a chruthachadh.

Chaidh a h-uile slighe-ionnsachaidh a chruthachadh ann an com-pàirteachas le suidheachaidhean foghlaim agus prìomh bhuidhnean luchd-ùidh.

Turas Robin

Cùl-fhiosrachadh

Tha Robin na neach òg a tha a' coileanadh aig àrd-ìre, air a bheil òtasam, agus air a bheil ADHD. Tha ùidh mhòr aca ann an litreachas. Bha iad gu mòr airson adhartas a dhèanamh taobh a-staigh na sgoile gus an Dioplòma a choileanadh.

Prògraman Ionnsachaidh

B' urrainn do Robin adhartas a dhèanamh taobh a-staigh nan raointean ionnsachaidh a bha a' nochdadh an sgilean, na comasan agus na miannan aca, taobh a-staigh na h-àrd-sgoile aca, a' gluasad bho SCQF Ìre 5 ann an AS4 gu SCQF Ìre 7 ann an AS6. Chaidh fianais a chruinneachadh ann an diofar dhòighean gus am biodh iad an da-rìribh a rèir mar a tha

an neach-ionnsachaidh a' togail eòlas agus an comais gus an t-eòlas sin a chur an gnìomh ann an dòigh a tha freagarrachd dhaibh.

Mar neach-ionnsachaidh neurodivergent, b' urrainn dhaibh an obair-cùrsa a dhèanamh nuair a bha iad a' faireachdainn comasach air a dhèanamh, leis na clàran-ama sùbailte dhaibh. Tha seo eu-coltach ris a' mhodail measaidh a bh' ann roimhe a bha a' cuimseachadh barrachd air sgrùdadh bhon taobh a-muigh, a chuireadh cuideam orra a bhith a' coileanadh ann an deuchainnean cudromaich.

Ionnsachadh Pròiseict

Tha ùine agus taic shònraichte aig Robin taobh a-staigh an t-suidheachaidh foghlaim aca gus fòcas a chur air a' chuspair a thagh iad airson eileamaid Pròiseact an Dioplòma aca. Roghnaich iad rannsachadh a dhèanamh air litreachas tro na linntean, rud a tha na chuspair air an urrainn dhaibh togail gach bliadhna le ìre SCQF nas àirde gus coileanadh agus adhartas a dhearbhadh. Fhuair iad dlùth thaic tron phròiseas air fad le ball den luchd-obrach teagaisg a bha eòlach air feumalachdan Robin.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Bha e comasach do Robin fèin-chnuasachadh a dhèanamh air grunn raointean den ionnsachadh phearsanta le taic bho phrìomh neach-obrach. Bha seo cudromach dhan leasachadh aca leis gun do chuir e fòcas air na sgilean a fhuair iad bho na dh'fhiosraich iad. Tha òtasam air Robin agus chleachd iad an ùidh shònraichte aca ann an litreachas LGBTI, a' cleachdadh prìomh eòlas agus sgilean san raon seo. Mhothaich iad adhartas agus leasachadh air a turas ionnsachaidh aca agus sa chomas aca air an sgilean agus buadhan aithneachadh agus a chur an cèill.

Duais

Chaidh an Dioplòma a bhuileachadh mar thoradh air seo. Thug seo cothrom do Robin an cuid eòlais agus gnàth-eòlais a shealltainn, agus b' urrainn dhaibh a dhol air adhart gu foghlam àrd-ìre, a' dèanamh litreachas na Beurla.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Turas Amber

Cùl-fhiosrachadh

Tha Amber na h-oileanach boireann a tha 17 bliadhna a dh'aois a tha air a bhith ann an cùram. Tha grunn suidheachaidhean slàinte air Amber a' gabhail a-steach ciorram ionnsachaidh agus tha i clàraichte dall. Bidh Amber a' cleachdadh fuaimean, fiamh aodainn agus gluasad bodhaig gus conaltradh a dhèanamh. Tha Amber feumach air taic airson gach taobh den ghluasadachd agus cùram pearsanta aice. Tha Amber air obrachadh gu math taobh a-staigh nan Clachan-mhìle Bunaiteach tron Fhoghlam Farsaing Coitcheann aice agus tha i ag obair aig Nàiseanta 1 (aonadan no duaisean) aig SCQF Ìre 1.

Bidh slighe Amber san àm ri teachd mar inbheach a' gabhail a-steach cùram 24/7 airson gach taobh de a beatha. Tha gnàth-ghnìomhan a' còrdadh ris a' bhoireannach òg seo. Tha grunn ùidhean aice agus comas a bhith a' gabhail ri àrainneachdan ùra.

Prògraman Ionnsachaidh

Tha Amber a' dèanamh adhartas math taobh a-staigh nan raointean ionnsachaidh a tha a rèir a sgilean, a comasan agus a miannan taobh a-staigh an t-suidheachaidh foghlaim a thagh i, aig ìre SCQF a tha iomchaidh dhi. Mar thoradh air na feumalachdan taic toinnte aig Amber, bithear a' cruinneachadh fianais sna doighean a leanas: amharc sa chlas, dealbhan-camara, bhidiothan, agus tro luchd-obrach a bhith a' clàradh a freagairtean. Tha an leantainneachd conaltraidh air a chleachdadh mar thomhas a bharrachd air a cuid ionnsachaidh agus air a' chomas aice an t-eòlas sin a chur an gnìomh.

Tha Amber air cur ri a cuid misneachd agus tha i air soirbheachadh ann an ceòl aig SCQF Ìre 1 tro bhith a' gabhail pàirt ann an co-theacsan fa leth agus buidhne. Tha Amber a' cur gu h-èifeachdach ri ceòl ann an co-theacsan buidhne no leatha fhèin. Bidh i a' sealltainn sgilean a bhith a' cleachdadh diofar ionnstramaidean, a' leantainn ruitheam agus a' tòiseachadh a' dèanamh a ruitheaman fhèin air am freagair daoine eile.

Tha Amber air a sgilean a thoirt air adhart ann an rothaireachd le taic agus air a stamina àrdachadh gus tursan nas fhaide a dhèanamh. Tha aon taobh de seo a' gabhail a-steach a bhith a' sgrùdadh na sgìre ionadail, tha seo a' toirt cothrom do dh'Amber eòlas fhaighinn air gnàth-eòlasan ùra le taic.

Tha leasachadh sgilean litearrachd agus conaltraidh a' togail a comas agus ruigsinneachd thar gach raon cuspair, far a bheil prìomh fhòcas air a bhith air eadar-obrachadh, a guth a thogail agus eòlas fhaighinn air briathrachas gus conaltradh agus tuigse a chuideachadh.

Am measg nan raointean curraicealaim bha ceòl, foghlam corporra, na h-ealain chruthachail, slàinte is sunnd, litearrachd, àireamhachd, dàimhean, slàinte fheiseil agus pàrantachd, cuspairean sòisealta agus saidheans tro dhòigh-obrach eadar-chuspaireil ceithir-teirm. Tha Amber an sàs ann am pròiseact coimhearsnachd-eco na sgoile air fad, Sgoiltean le spèis do chòraichean agus tachartasan sgoile agus bidh i a' cleachdadh a sgilean agus a tàlantair airson cur ri seo uile.

Tha ùidh shònraichte aig Amber ann an ceòl de dhiofar ghnèithean, tha am prògram Ìre as Àirde aice air cothrom a thoirt dhi seo a bhith na phrìomh phàirt den churraicealam aice agus tha i air leudachadh gus a bhith a' gabhail a-steach gnìomhachdan coimhearsnachd agus gnàth-eòlasan a tha a' toirt taic do ghluasad Amber gu seirbheisean inbheach.

Ionnsachadh Pròiseict

Tha Amber air na sgilean a thog i ann an ceòl a chur an gnìomh ann an co-theacsan eile, ag adhartachadh agus gan taisbeanadh ann am buidheann ciùil coimhearsnachd mar phàirt den phrògram eadar-ghluasaid aice dhan ìre as àirde. Chaidh amharc, bhidio agus togail dealbhan a chleachdadh mar dhòighean com-pàirteachaidh gus leasachadh sgilean Amber thar ùine a thomhas.

Tha Amber air na sgilean a thog i tron phrògram rothaireachd làitheil a chur an sàs taobh a-muigh an t-suidheachaidh foghlaim aice. Tha pàirt de seo air a bhith co-cheangailte

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

ri bhith a' togail comas Amber airson a bhith ag atharrachadh agus a' gabhail ri suidheachaidhean ùra. Ann an rothaireachd, tha Amber air a dhol bho bhith a' leantainn dhaoine eile gu bhith ag innse do dh'inbhich nuair a tha i airson cumail oirre no airson crìochnachadh. Is toil le Amber a bhith air a' bhlàr a-muigh agus tha am prògram rothaireachd làitheil aice aig taic a chumail ri seo.

Chaidh clàr-ama pearsanta Amber a cho-chruthachadh le prìomh dhaoine na beatha, gu sònraichte a luchd-cùraim. Tha a h-uile duine a tha an sàs ann an seo gu math eòlach air Amber agus tha iad ag aontachadh gu bheil am prògram seo a rèir a h-ùidhean is sgilean. Bha an sgoil ag amas gu sònraichte air raointean a bhiodh seasmhach ann am beatha inbheach agus a ghabhadh eadar-ghluasad gu raon de cho-theacsan ionnsachaidh eadar-dhealaichte. Tha Amber gu sònraichte air a brosnachadh le ceòl agus a bhith air a' bhlàr a-muigh. Mar thoradh air seo, ghabh prògram sònraichte a chruthachadh dhi a bha a' gabhail a-steach cothrom air diofar àrainneachdan agus cothroman eòlasan ùra a bhith aice. Chaidh amasan agus targaidean a cho-chruthachadh leis an luchd-cùraim aice gus dèanamh cinnteach gum biodh Amber a' faighinn dùbhlàn, farsaingeachd agus doimhneachd na cuid foghlam gus am b' urrainn dhi cumail oirre a' fàs agus a' leasachadh. Bidh luchd-cùraim Amber cuideachd a' toirt taic dhan ùidh aice agus ri leasachadh sgilean ann an ceòl le bhith a' toirt seachad leasanan ciùil a bharrachd taobh a-muigh na sgoile.

Tha leasachadh sgilean conaltraidh a' toirt cothrom do Amber a guth a thogail ann an diofar cho-theacsan. Tha seata-innealan conaltraidh aig Amber a bheir comas dhi eadar-obrachadh sa choimhearsnachd nas fharsaing aice.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Tha curraicealam Amber air a chur air dòigh gus cothroman a thoirt dhith airson coileanadh pearsanta. Bha cuideam sònraichte aig an Ìre as Àirde aice air a h-àite mar bhall den sgoil aice agus den choimhearsnachd san fharsaingeachd, ag aithneachadh aig aois 18, gum bi i an sàs sa choimhearsnachd aice mar inbheach agus i a' gabhail pàirt anns na gnìomhan as fheàrr leatha. Bidh Amber a' cleachdadh raon de dhòighean-conaltraidh, a' gabhail a-steach fuaimean, fiamhan aodainn agus gluasadan bodhaig gus a beachdan a chuir an cèill agus chleachd an fheadhainn a tha eòlach oirre seo gu math gus ìrean conaltraidh agus riarachaidh a thomhas. Leigidh seo le Amber meòrachadh air na dh'fhiosraich i le daoine air a bheil i gu math eòlach.

Duais

Mar thoradh air seo chaidh an Dioplòma a bhuileachadh, a gabhail a-steach sgilean a thog Amber thar gach aon de na trì raointean den Dioplòma (Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Pròiseict agus Slighe Phearsanta) agus a tha a' nochdadh an adhartais aice ann an ionnsachadh. Bheir seo cothrom do dh'Amber air gnìomhan buidhnean coimhearsnachd inbheach nuair a ghluaiseas i air adhart do sheirbheisean nan inbheach.

Turas Dom

Cùl-fhiosrachadh

Tha Dom air a bhith na neach-ionnsachaidh còmhnaidh ann an sgoil shònraichte fad grunn bhliadhnaichean. A-nis aig aois 16, tha ciorram ionnsachaidh air agus tha e neurodivergent. Bidh e a' cleachdadh inneal-labhairt airson fiosan conaltraidh agus a' cleachdadh nithean lèirsinneach leithid stiallan sreath (sequence strips) a bheir taic dha tro ghnàth-ghnìomhan làitheil. Tha e air fìor dheagh adhartas a dhèanamh tron àrd-sgoil agus le taic aghaidh-ri-aghaidh, is urrainn dha pàirt a gabhail ann an gnìomhan ann am buidhnean beaga.

Bha Dom ag obair taobh a-staigh Clachan-mhìle Bunaiteach tron Fhoghlam Farsaing Coitcheann

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

aice agus tha e ag obair aig Nàiseanta 1 (ann an grunn raointean, le fòcas air an fheadhainn a bheir taic dhan ghluasad gu seirbheisean inbheach leis na ghabhas de neo-eisimeileachd. Bidh Dom fhathast feumach air taic aon-ri-aon fad an latha. Nuair a tha Dom a' faireachdainn sàbhailte agus tèarainte, agus gu bheil e fursasta tachartasan ro-innse, bidh e a' togail chàirdeasan agus dhàimhean matha leis an fheadhainn a tha timcheall air. Bidh sgeulachdan sòisealta a' cuideachadh Dom gus tuigse fhaighinn air suidheachaidhean a tha ag atharrachadh.

Prògraman Ionnsachaidh

Tha ionnsachadh a' còrdadh ri Dom agus tha e air fìor dheagh adhartas a dhèanamh taobh a-staigh àrainneachd chunbhalach, shàbhailte. Tha cuideam leantainneach air na ceithir comasan anns an Ìre as Àirde air na prìomh sgilean a thoirt dha gus a bhith a' faighinn tlachd à inbheachd, leis na ghabhas de neo-eisimeileachd, a bharrachd air raon de dh'ùidhean gus dèanamh cinnteach gum bi deagh chàileachd-beatha aige. Aig cridhe seo tha cothrom leantainneach air biadh measgaichte agus gnìomhachd mothachaidh còmhla ri cothroman spòrs is sòisealta iomchaidh. Tha obair àireamhachd gu sònraichte a' còrdadh ri Dom, agus tha seo ri fhaicinn anns an dòigh phàrantach aige a thaobh dèanamh ealain.

Tha na choilean Dom aig Nàiseanta 1 a' nochdadh an raoin seo de ghnìomhachd agus tha e a' gabhail a-steach raointean mar eisimpleir, a bhith ag ullachadh greim-bìdh fallain agus a' dèanamh ealain airson taisbeanadh. Faodar na coileanaidhean sin a thoirt air adhart barrachd nuair a ghluaiseas e a-mach às an sgoil.

Tha prìomh fhòcas air a bhith air prògram Emotion Works. Tha ionnsachadh san raon seo air a dhealbhadh gus fèin-spèis àrdachadh agus gus fèin-mhothachadh faireachail adhartachadh. Le bhith ag aithneachadh nan eadar-dhealachaidhean eadar iomagain agus togail-inntinn, tha Dom air a bhith comasach air suidheachaidhean a chomharrachadh far a bheil e an dùil ri gàirdeachas (toileachas) a bharrachd air an fheadhainn a bhrosnaicheas iomagain, leithid a bhith a' caitheamh ùine ann an àiteachan fuaimneach a tha trang le daoine nach aithnich e.

Ionnsachadh Pròiseict

Tha Dom a' faighinn mòran riarachaidh bho bhith a' faighinn tuigse air bun-bheachdan ùra ann an àireamhachd. Tron ìre as sine, tha Dom air a bhith ag obair a dh'ionnsaigh a bhith ag innse dè an uair a tha e air gleoc 12-uair-a-thìde agus bidh seo fhathast na phrìomh amas anns na mìosan a tha romhainn. Le bhith a' cur na tuigse seo an sàs ann am fìor cho-theacsan agus ga cleachdadh gus gnìomhan a phlanadh, broснаichidh e barrachd ionnsachadh taobh a-muigh na sgoile.

Slighe Phearsanta

Bidh Dom a' soirbheachadh nuair as urrainn dha pàirt a ghabhail ann an gnìomhachd ann am buidhnean beaga far a bheil e a' faireachdainn sàbhailte. Tha Dom comasach air eadar-ghluasadan mòra a dhèanamh nuair a bhios e a' faighinn taic bho dhaoine a tha eòlach air agus a' tuigsinn nam feumalachdan mothachaidh aige gu math. Feumar a leithid de ghluasadan a thoirt a-steach gu slaodach, agus feumar beachdachadh gu faiceallach air cunbhalachd an fheadhainn a tha a' toirt taic do Dom.

Tha gnìomhachd chorporra air a' bhàr a-muigh no air an taobh a-staigh a' còrdadh ri Dom, anns gach seòrsa aimisir. Tha a bhith a' coimhead air suidheachaidhean ùra le buidheann de dhaoine air a bheil e eòlach aig cridhe a bhith a' dèanamh cinnteach gun àrdaich Dom a neo-eisimeileachd agus e a' gluasad gu bhith na inbheach. Le bhith a' faighinn cothrom leantainneach air neach-labhairt, tha sgioba cunbhalach agus molaidhean lèirsinneach a leigeas le Dom meòrachadh air na dh'fhiosraich e aig cridhe soirbheachas nan dùbhlain ùra sin.

Duais

Chaidh an Dioplòma a bhuileachadh mar thoradh air seo. Tha an duais ag aithneachadh leasachadh sgilean Dom thairis air trì raointean an Dioplòma agus a' nochdadh an adhartais aige ann an àireamhachd, foghlam corporra agus Emotion Works. Bheir seo cothrom do Dhom cothrom faighinn air gnìomhachd buidhne coimhearsnachd do dh'ìnbhich.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Turas Rama

Cùl-fhiosrachadh

Tha Rama na neach-ionnsachaidh ann an ÀS4 a tha an dòchas a dhol air adhart gu dreuchd ann an cùram-chloinne. Rinn iad masterclass aon fheasgar gach seachdain, fad fichead seachdain anns an treas bliadhna.

Prògraman Ionnsachaidh

Tha slighe ionnsachaidh Rama ag amas air sgilean, eòlas agus luachan a leasachadh gus an urrainn dhaibh gluasad air adhart dhan dreuchd a thagh iad. A bharrachd air na Prògraman Ionnsachaidh eile aca, tha Rama air teisteanasan Sgilean airson Obair fhaighinn agus bi Bun-phreantasachd Bunait sa cholaiste ionadail a' leantainn air sin. Tha Rama air sgilean cosnadh fhaighinn leithid tuigse air an àite-obrach agus dleastanasan luchd-obrach, a' gabhail a-steach earbsachd, eagrachadh, meòrachadh, ceannardas, conaltradh agus dòigh-obrach shùbailte a ghabhas atharrachadh agus mòran a bharrachd. Tha Rama air leth toilichte nach bi deuchainnean taobh a-muigh sam bith ann aig deireadh na ceathramh bliadhna aca.

Ionnsachadh Pròiseict

Tro raon de dh'obair com-pàirteachais, tha Rama air a bhith air greis-gnìomhachais ann an sgoil-àraich ionadail. Tha iad air obrachadh còmhla ri luchd-obrach bhon sgoil-àraich gus eòlasan ionnsachaidh brioghmhor a chruthachadh dhan chloinn. A' cur an sgilean an gnìomh agus a' coimhead air clann ag ionnsachadh ann an co-theacs fìor. A' stiùireadh eòlasan cluiche agus ag ath-sgrùdadh an èifeachdais. Tha Rama air prìomh sgilean practaigeach fhaighinn san àite-obrach.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Bidh Rama a' libhrigeadh sheiseanan Bookbug ann am bun-sgoil ionadail. Tha iad air òrain, rannan agus gnìomhan ionnsachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh cànan ann am BS1-BS2. Tha iad air meòrachadh leis a' mheantar aca mu bhith ag obair gu saor-thoileach leis

a' chloinn. Tha na seiseanan a' còrdadh ri Rama agus tha iad air innse gu bheil e a' còrdadh riutha a bhith a' faicinn toileachas na cloinne òga agus mar a chì iad iad a' leasachadh agus a' freagairt ri rudan. Tha obair shaor-thoileach ann am bun-sgoil ionadail air cur ri misneachd Rama agus air cuideachadh le bhith a' toirt misneachd do Rama gur e cùrsa foirmeil cùram-chloinne an ath cheum.

Duais

Chrìochnaich Rama na h-eileamaidean uile den Dioplòma gu soirbheachail agus chaidh iad air adhart gu cùrsa cùram-chloinne sa cholaiste ionadail.

Turas Harris

Cùl-fhiosrachadh

Tha Harris na neach-ionnsachaidh ÀS5 a tha ag iarraidh dreuchd a bhios a' cleachdadh a sgilean cleasachd is seinn agus a bhith a' gluasad air adhart gu obair san taigh-cluiche agus tha an sgoil gu mòr airson taic a chumail ri seo. Tha an sgoil mothachail gu bheil obraichean anns na gnìomhachasan cruthachail air leudachadh gu mòr anns na deich bliadhna a dh'fhalbh. Mar thoradh air sin, tha iad air raon de phrògraman a thoirt a-steach fo bhratach nan Gnìomhachasan Cruthachail.

Prògraman Ionnsachaidh

Chrìochnaich Harris an cùrsa 'Sgilean airson Obair: Gnìomhachasan Cruthachail' gu soirbheachail. Chòrd am measadh ri Harris oir bha e stèidhichte air raon de dhòighean a' gabhail a-steach folio agus gnìomhan practaigeach. Chòrd e ris a bhith a' dèanamh fèin-mheasadh air raon de sgilean, a' dèanamh lèirmheas air adhartas agus a' comharrachadh phuingean gnìomh mar phàirt den mheasadh air sgilean cosnadh. Fhuair e cuideachd creideas SCQF Ìre 5 ann am Beurla, dràma agus ceòl agus duaisean SCQF Ìre 4 ann am Matamataig agus eachdraidh. Coltach ri cùrsaichean eile SCQF aig Ìre 4 agus Ìre 5, tha measadh air an taobh a-staigh le dearbhadh bhon taobh a-muigh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Ann an AS5, bha Harris airson a sgilean a thoirt air adhart barrachd ann an guth, gluasad agus cleasachd. Lean Harris air adhart ag ionnsachadh Beurla, dràma agus ceòl aig SCQF Ìre 6, agus thagh e Duais Adhartas Nàiseanta ann an coileanadh ciùil agus SCQF Ìre 6.

Ionnsachadh Pròiseict

Tha an sgoil a' tabhann NPA aig SCQF Ìre 6 ann an Tèatar Ciùil. Bha Harris, le taic bhon chomhairliche dhreuchdan aige, den bheachd gum biodh an cùrsa seo na ullachadh na b' fheàrr airson a amasan dhan àm ri teachd leis gun leudaicheadh e sgilean practaigeach agus eòlas air tèatar ciùil. Leis gu bheil an cùrsa air a libhrigeadh leis an roinn dràma is ciùil comhla, choilean e an taobh Ionnsachadh Pròiseict den Dioplòma.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Tha Harris an sàs gu gnìomhach ann an dealbhan-cluich na sgoile agus is toil leis a bhith a' seinn gu cunbhalach do sheann daoine ann an dachaigh cùraim ionadail. Tha sgilean adhartach aig Harris ann am meòrachadh agus fèin-mheasadh tron obair-cùrsa a chleachd e gu math ann an raon pearsanta an Dioplòma. Agus e daonnan a' dèanamh a dhìcheall gus a choileanadh a thoirt air adhart, chùm Harris pasgan pearsanta de bheachdan air ais bho na deuchainnean-cluich a chum taic ris an ionnsachadh agus leasachadh phearsanta aige.

Duais

Choilean Harris an Dioplòma, às dèidh dha SCQF Ìre 6 a choileanadh ann am Beurla, ceòl, dràma, cluich ciùil, agus SCQF Ìre 4 ann am Matamataig agus eachdraidh. Choilean Harris Duais Adhartas Nàiseanta eadar-chuspaireil aig SCQF Ìre 6 ann an tèatar ciùil agus chùm e leabhar-latha meòrachail air adhartas. Dh'fhàg Harris an sgoil às dèidh a chòigeamh bliadhna agus thòisich e air cùrsa colaiste ann an cleasachd agus tèatar.

Turas Mhìcheil

Cùl-fhiosrachadh

Tha Mìcheal na neach-fàgail bho ÀS6 a tha a' coileanadh aig àrd-ìre a bhios a' cur seachad ùine an dà chuid san sgoil agus sa cholaiste gu bhiortail. Tha ùidh mhòr aige anns na daonnachdan agus cànanan agus bha feum aige air taic a bharrachd tro theicneòlas. Bha e gu mòr airson adhartas a dhèanamh taobh a-staigh na sgoile agus na colaiste gus an Dioplòma a choileanadh.

Prògraman Ionnsachaidh

Bha e comasach do Mhìcheal adhartas a dhèanamh taobh a-staigh nan raointean ionnsachaidh a bha a rèir a sgilean, a chomasan agus a mhiannan taobh a-staigh an t-suidheachaidh foghlaim a thagh e, aig ìre SCQF a tha iomchaidh dha. Mar thoradh air deagh eadar-obrachadh le colaistean - a' gabhail a-steach an fheadhainn nach eil san ùghdarras ionadail aige - gheibh e cothrom air an raon as fharsaing de chuspairean aig ìre SCQF as freagarraiche do na h-amasan aige. Chaidh fianais a chruinneachadh ann an dìofar dhòighean gus am biodh iad an da-rìribh a rèir mar a tha an neach-ionnsachaidh a' togail eòlas agus an comais gus an t-eòlas sin a chur an gnìomh.

Ionnsachadh Pròiseict

Tha ùine agus taic shònraichte aig Mìcheal taobh a-staigh an t-suidheachaidh foghlaim aige gus fòcas a chur air a' chuspair a thagh e airson eileamaid a' Phròiseact san Dioplòma aige. Cho-dhùin Mìcheal gun robh e airson pròiseact ùr a dhèanamh gach bliadhna gus adhartas a choileanadh aig ìre SCQF, ga ullachadh gu math airson an raon fharsaing de chùrsaichean a tha rim faighinn san oilthigh a tha e an dùil a fhrithealadh. Thug am pròiseact cothrom do Mhìcheal na h-ùidhean aige ann am Fraingis, eachdraidh agus saidheans coimpiutaireachd a chur còmhla, agus aig an aon àm a bhith a' togail ùidh ann am poiliteigs ri linn mar a bha teicneòlas agus eachdraidh a' sìor fhàs nas poileataigiche nuair a bha e ag obair air a' phròiseact.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Bha e comasach do Mhìcheal fèin-chnuasachadh a dhèanamh air grunn raointean den ionnsachadh phearsanta le taic bho luchd-obrach ann an suidheachaidhean foghlaim. Bha seo cudromach leis gun do chuir e fòcas an comas air na sgilean a fhuair e bho na dh'fhiosraich e. Mhothaich Mìcheal gun do rinn e adhartas agus leasachadh air a thuras ionnsachaidh agus anns a' chomas aige air a sgilean, eòlas agus buadhan aithneachadh agus a chur an cèill.

Duais

Mar thoradh air seo chaidh an Dioplòma a bhuileachadh, a' gabhail a-steach cuspairean Fraingis, Eachdraidh agus saidheans coimpiutaireachd còmhla ri ionnsachadh pròiseict is pearsanta. Leig seo le Mìcheal tagradh soirbheachail a dhèanamh dhan oilthigh agus àite gun chumhachan fhaighinn.

Turas Chaluum

Cùl-fhiosrachadh

Tha Calum a' dèanamh na h-Ìre as Àirde aige ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG). Choilean Calum gu math tron Fhoghlam Farsaing Coitcheann. Bha e airson gum biodh cruinn-eòlas agus diofar shaidheansan aige tro mheadhan na Gàidhlig aig an Ìre as Àirde aige. Mar sin, thug e air adhart a chuid ionnsachaidh taobh a-staigh na sgoile agus suidheachaidhean coimhearsnachd gus Dioplòma a choileanadh. Bha Calum fortanach gun robh an sgoil aige a' tabhann roghainnean de chuspairean FtG aig an Ìre as Àirde, ach bha e mothachail nach robh cuid de sgoiltean eile a' tabhann ach aon chuspair, a' Ghàidhlig fhèin.

Prògraman Ionnsachaidh

B' urrainn do Chalum adhartas math a dhèanamh taobh a-staigh raointean cruinn-eòlais agus diofar shaidheansan a bha a' nochdadh a sgilean, a chomasan agus a mhiannan. B' urrainn dha a dhol dhan sgoil gus fòcas a chur air na raointean ionnsachaidh aige tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh a ionnsachadh a mheasadh fad na slighe aig ìre SCQF iomchaidh. Fhuair Calum cothrom air an roghainn as fharsaing de chuspairean, mar thoradh air a' cholaiste ionadail a tha a' tabhann cuspairean inntinneach do Calum ann am FtG, nach robh ri fhaighinn san sgoil. Chaidh fianais airson measadh a chruinneachadh ann an diofar dhòighean gus am biodh iad a rèir mar a tha an neach-ionnsachaidh a' togail eòlas, sgilean agus buadhan agus a rèir a' chomais gus an cur an gnìomh.

Ionnsachadh Pròiseict

Rinn Calum pròiseact co-cheangailte ris na sgilean agus na miannan sònraichte aige le taic bho shuidheachadh Gàidhlig. Thagh Calum cuspair air am b' urrainn dha togail gach bliadhna le ìre SCQF a' dol am meud gus coileanadh agus adhartas a nochdadh. Tha seo na h-eileamaid den Dioplòma a tha a' faighinn taic, a tha a' dèanamh cinnteach gum bi còmhraidhean co-obrachail ann le tidsearan/òradaichean/luchd-taic taiceil air taghadh chuspairean gus dèanamh cinnteach gun tèid a choileanadh gu soirbheachail. Bha pròiseact Chaluum soirbheachail ann a bhith a' toirt grunn raointean ionnsachaidh còmhla a' gabhail a-steach na cuspairean cruinn-eòlais, bith-eòlas agus ceimigeachd cho math ris an ùidh mhòr a th' aige san àrainneachd. Agus an rud as cudromaiche dhà, chaidh am pròiseact a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Thagh cuid de charaidean Chaluum slighe eadar-dhealaichte agus, còmhla ri cuspairean FtG aig an Ìre as Àirde, ghabh iad pàirt ann am Bun-phreantasachd tro mheadhan na Gàidhlig.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Bha cothrom aig Calum air raon de chothroman Gàidhlig aig ìre na coimhearsnachd, a leig leis sgilean ùra fhaighinn agus aig an aon àm a bhith ag obair còmhla ri pròiseactan Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd. Bha seo a' gabhail a-steach cothroman ciùil is mheadhanan a bha comasach mar thoradh air na buidhnean Gàidhlig. Bha e comasach do Chalum fèin-chnuasachadh a dhèanamh air grunn raointean den ionnsachadh phearsanta le taic bho neach-teagaisg/inbheach cunntachail. Bha seo cudromach oir bha e a' cuimseachadh air na sgilean a fhuair e bhon na dh'fhiosraich e fhèin fhad 's a bha e cuideachd a' cur ri a chuid fileantachd sa Ghàidhlig. Ghabh Calum pàirt cuideachd ann an Duais Iain Muir a thug chum taic ri adhartas thar nan ceithir comasan aig CfE. Dh'aithnich Calum an t-adhartas agus an leasachadh pearsanta a rinn e air a thuras agus bha e comasach dha sgilean agus buadhan aithneachadh agus a chur an cèill anns na cuspairean a thagh e agus a chuid Gàidhlig a neartachadh barrachd. Fhuair Calum buannachdan bho bhith ag ionnsachadh mu chothroman dhreuchdan agus ionnsachaidh a bharrachd sa Ghàidhlig aig an ìre seo.

Duais

Mar thoradh air sin fhuair Calum an Dioplòma ann an Gàidhlig a bha a' gabhail a-steach cruinn-eòlas, bith-eòlas agus ceimigeachd còmhla ris an Ionnsachadh Pròiseict agus am fèin-chnuasachadh a rinn e. Thug seo cothrom do Chalum cur a-steach do dh'fhastaiche ionadail agus àite fhaighinn gus Nua-phreantasachd a dhèanamh, a bheireadh cothrom dha cumail air a bhith a' cleachdadh a chuid Gàidhlig. A bharrachd air seo, tha slighe ionnsachaidh Chalum air a bhith a' gabhail a-steach sgilean agus cothroman eile, a chuir ri a chuid misneachd agus dh'fhaodadh e tilleadh thuca nas fhaide air adhart.

Turas Rina

Cùl-fhiosrachadh

Tha Rina a' dèanamh na h-Ìre as Àirde aice tron cholaiste ionadail aice. Bha Rina airson a h-Ìre as Àirde a dhèanamh ann an àrainneachd ùr, oir bha i a' faireachdainn gun robh cus buaireadh taobh a-staigh an t-suidheachaidh sgoile a bh' aice roimhe. Thug seo cothrom dhith fòcas a bhith aice air a leasachadh fhèin. Bha Rina airson 's gum biodh an Ìre as Àirde aice a' gabhail a-steach farsaingeachd de chuspairean, rud a chuir a' cholaiste an comas. Bha seo a' ciallachadh gum b' urrainn dhi a chuid leasachadh fhèin a thoirt air adhart taobh a-staigh suidheachadh na colaiste gus Dioplòma fhaighinn.

Prògraman Ionnsachaidh

B' urrainn do Rina a dhol air adhart le cùrsaichean dannsa is tèatar, teicnigeach agus proifeiseanta fhad 's a bha i a' dèanamh Beurla, dràma agus stiùireadh gnìomhachais gus na cothroman aice taobh a-staigh an Dioplòma a leudachadh. Chaidh a h-ionnsachadh a mheasadh fad a slighe aig ìre SCQF iomchaidh. Mar thoradh air solar na colaiste, fhuair Rina cothrom air measgachadh farsaing de chuspairean a bha iomchaidh airson a sgilean agus a miannan. Chaidh fianais airson measadh a chruinneachadh ann an diofar dhòighean gus am biodh iad a rèir mar a tha an neach-ionnsachaidh a' togail eòlas, sgilean agus buadhan agus a rèir a' chomais gus an cur an gnìomh.

Ionnsachadh Pròiseict

Rinn Rina pròiseact a bha ag amalachadh a sgilean agus a h-ùidhean sònraichte taobh a-staigh suidheachadh na colaiste. Chodhùn Rina gun robh i airson pròiseact ùr a dhèanamh gach bliadhna, a' coileanadh adhartas aig ìre SCQF airson gach cuspair. Thug seo cothrom dhi pròiseactan a dhèanamh a bha a' gabhail a-steach grunn diofar ùidhean. Tha seo na h-eileamaid den Dioplòma a tha a' faighinn taic, a tha a' dèanamh cinnteach gum bi còmhraidhean co-obrachail ann le òraidichean/luchd-taic taiceil air taghadh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

chuspairean gus dèanamh cinnteach gun tèid a choileanadh gu soirbheachail. Bha pròiseactan Rina soirbheachail ann a bhith a' toirt grunn raointean ionnsachaidh còmhla a' gabhail a-steach tro na cuspairean dràma, Beurla agus stiùireadh gnìomhachasan cho math ris an ùidh mhòr a th' aice ann an eaconamas sòisealta agus riochdachadh san tèatar.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Bha e comasach do Rina fèin-chnuasachadh a dhèanamh air grunn raointean den ionnsachadh phearsanta le taic bho òraidiche/inbheach cunntachail. Bha seo cudromach do Rina oir bha e a' cuimseachadh air na sgilean a fhuair i bho na h-eòlasan aice tro na dìofar chuspairean pròiseict aice a thug seachad measgachadh farsaing de dh'eòlasan. Mhothaich Rina adhartas agus leasachadh air a turas ionnsachaidh a neartaich a comas gus a sgilean agus buadhan aithneachadh agus a chur an cèill.

Duais

Mar thoradh air sin fhuair Rina an Dioplòma a bha a' gabhail a-steach Beurla, drama agus stiùireadh gnìomhachais còmhla ris an Ionnsachadh Pròiseict agus am fèin-chnuasachadh a rinn i. Leig seo le Rina tagradh soirbheachail a dhèanamh agus àite fhaighinn sa cholaiste airson barrachd ionnsachaidh a dhèanamh co-cheangailte ri dràma agus tèatar. A bharrachd air seo, tha slighe ionnsachaidh Rina air a bhith a' gabhail a-steach sgilean agus cothroman eile, a chur ri a cuid misneachd agus a thug cothrom dhi tilleadh gu seo nas fhaide air adhart.

Turas Veronika

Cùl-fhiosrachadh

Tha Veronika na neach-ionnsachaidh ÀS4 às an Ugràin a ghluais a dh'Alba san Fhaoilleach 2022 còmhla ri a teaghlach. Chaidh i dhan àrd-sgoil ann an ÀS3. Tha Veronika an dòchas a dhol air adhart dhan oilthigh gus sgrùdadh a dhèanamh air saidheans coimpiutaireachd no tèarainteachd saidhbear no gus Preantasachd

Ceumnaiche fhaighinn ann an raon obrach co-cheangailte. Tha i a' dèanamh fiughair ri bhith a' siubhal air feadh an t-saoghail agus tha i airson obair fhaighinn a leigeas leatha a bhith ag obair air astar. Tha i a' dèanamh farsaingeachd de chuspairean a tha co-cheangailte ris an t-slighe dhreuchdail seo.

Prògraman Ionnsachaidh

Tha Veronika a' dèanamh ochd cuspairean aig SCQF Ìre 5 aig an àm seo: Beurla, matamataig, Spàinntis, nuadh-eòlas, fiosaig, ceimigeachd, saidheans innleadaireachd, saidheans coimpiutaireachd. Tha na neartan aice co-cheangailte ri matamataigs agus coimpiutaireachd, a bharrachd air cànanan. Còmhla ris na cuspairean seo, tha Veronika cuideachd air a bhith an sàs ann am beatha nas farsainge na sgoile tro spòrs agus clubaichean, a' gabhail a-steach ball-basgaid, ball-lìn is badmantan a bharrachd air cluba STEM. Tha i cuideachd air a dhol an sàs ann an grunn chlubhaichean às dèidh na sgoile leithid Còdadh agus pròiseactan STEM.

Ionnsachadh Pròiseict

Tha Veronika cuideachd air a bhith ann am buidhnean fòcais san sgoil, a' gabhail a-steach tadhal bho HMIE bho chionn ghoirid. Ghabh i ann am buidhean eile mar threòraiche san Lùnastal aig Feasgar Fiosrachaidh Phàrant gu pàrantan a thoirt gu bùithtean-obrach. Tha gach aon de na cothroman sin air leigeil le Veronika a sgilean cànan a thoirt air adhart ann an dìofar cho-theacsan a bharrachd air a bhith a' fàs ann am misneachd agus a bhith a' faireachdainn gu bheil i air a gabhail a-steach san sgoil agus sa choimhearsnachd. Tha Veronika ag amas air pròiseact SCQF Ìre 6 a chrìochnachadh ro dheireadh na siathamh bliadhna, a' cleachdadh a h-ionnsachadh cànan, ceangailte ri STEM. Tha i air cur ris na sgilean agus dleastanasan aice leithid: earbsachd, eagrachadh, ceannardas, conaltradh am measg eile.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Slighe Phearsanta

Tro obair com-pàirteachais, tha Veronika air a bhith an sàs ann an iomairt ùr taobh a-staigh na coimhearsnachd ionnsachaidh gus ceangal agus taic a thoirt do dhaoine òga a tha air tighinn dhan sgìre às an Ugràin. Tha seo air a bhith fàbharach agus air cothrom a thoirt do dhaoine òga gnàth-eòlasan a cho-roinn agus càirdeasan ùra a dhèanamh. Chaidh an cruinneachadh a chumail aig diofar sgoiltean anns a' Choimhearsnachd Ionnsachaidh agus bidh e a' tachairt grunn thursan tron bhliadhna. Tha Veronika cuideachd air a bhith a' toirt taic mhòr do sgoilearan ùra ÀS1 a tha air tighinn a dh'Alba bho chionn ghoirid, agus i an dà chuid na meantor agus na budaidh.

Duais

Tha Veronika air creideasan fhaighinn tron cheathramh bliadhna aice agus tha i ann an deagh shuidheachadh gus an Dioplòma a choileanadh ro dheireadh na siathamh bliadhna aice.

Turas Sam

Cùl-fhiosrachadh

Tha feum aig Sam air taic a bharrachd mar thoradh air beàrnannan san ionnsachadh aice. Tha Sam air a bhith ann an cùram agus tha i air gluasad eadar dachaighean is sgoiltean anns na ceithir bliadhna a dh'fhalbh. Tha Sam a-nis gu math stèidhichte san sgoil. Tha i air deagh dhàimhean a thogail leis na tidsearan agus air deagh chàirdeasan a thogail le daoine eile sa bhliadhna. Tha Sam na neach-ciùil tàlantach agus bidh i a' cluich ann an còmhlan na sgoile. Is toil le Sam a bhith a' còcaireachd agus bho chionn ghoirid thòisich i air greis-gnìomhachais phàirt-ùine gus na sgilean aice a thoirt air adhart sa chidsin, far am bi i a' cuideachadh ri bhith ag ullachadh biadh agus a' toirt seachad aogheachd. Tha Sam dealasach a thaobh teisteanasan fhaighinn agus an Dioplòma a choileanadh. Tha i a' faighinn taic gus cur a-steach airson cùrsaichean ciùil sa colaiste an ath-bhliadhna.

Prògraman Ionnsachaidh

Tha Sam air taic fhaighinn airson a dhol air adhart tron Phlana Ionnsachaidh Pearsanta aice agus gus a h-ùidhean fhèin a leasachadh tro roghainnean cuspaireil agus greis-gnìomhachais leasachadh sgilean airson aon latha san t-seachdain. Tha Sam a' faighinn taic a bharrachd airson litearrachd agus àireamhachd tro chlasaichean ionnsachadh cruthachail, a tha ga cuideachadh gus adhartas a dhèanamh tro theisteanasan. Tha Sam air ceòl, na meadhanan, aogheachd agus slàinte inntinn agus sunnd a thaghadh mar a roghainnean.

Ionnsachadh Pròiseict

Tha Sam ag obair gu math a dh'ionnsaigh na h-eileamaid Ionnsachadh Pròiseact den Dioplòma. A bharrachd air a bhith a' dèanamh a dìcheall ann an clasaichean air a' chlàr-ama, bidh Sam a' frithealadh cluba ciùil "Tuned In" às dèidh na sgoile còmhla ri feadhainn eile ann an còmhlan na sgoile gus obrachadh air a bhith a' cruthachadh an leubail chlàran aca fhèin agus gus deisealachadh airson cuirmean. Tha seo cuideachd ga cuideachadh a bhith ag obair a dh'ionnsaigh Teisteanasan SCQF; ceòl agus na meadhanan, agus duaisean eile, leithid Duais Diùc Dhùn Èideann, duais ealain agus Duais Coileanaidh Òigridh.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Tha Sam air sgilean ceannais agus ùr-ghnàthachadh a dhearbhadh tron obair aice air a' phròiseact leubail chlàran. Tha a misneachd air fàs air an àrd-ùrlar cuideachd, aig cuirmean-ciùil agus anns a' chidsin aig a greis-gnìomhachais gus sgilean a leasachadh. Mhothaich Sam adhartas agus leasachadh air a turas ionnsachaidh agus neartaich i a comas air a sgilean agus buadhan aithneachadh agus a chur an cèill.

Duais

Tha Sam ag obair gu math a dh'ionnsaigh an Dioplòma agus gheibh i taic a bharrachd nuair a ghluaiseas i gu foghlam adhartach.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Turas Pheadair

Cùl-fhiosrachadh

Tha Peadar a' faighinn foghlam aig an taigh, le ùidh mhòr aige anns a' bhlàr a-muigh agus tha e feumach air taic a bharrachd le a chuid ionnsachaidh. Tha Peadar agus a theaghlach air am fiosrachadh gu lèir a tha a dhith fhaighinn bhon Ùghdarras Ionadail aca, gus an urrainn do Pheadar an Dioplòma a choileanadh. Mus d' fhuair e foghlam aig an taigh, bha Peadar a' faighinn cuideachadh a thaobh cainnt is cànan, leigheas-obrach, agus teiripe-cuirp, agus lean seo às deidh do Pheadar gluasad gu foghlam dachaigh. Chaidh Peadar a mheasadh cuideachd le saidhg-eòlaiche foghlaim neo-eisimeileach a thug comhairle seachad air dòighean gus taic a thoirt do Pheadar le a chuid ionnsachaidh.

Prògraman Ionnsachaidh

Anns an dachaigh, b' urrainn do Pheadar adhartas a dhèanamh taobh a-staigh nan raointean sgrùdaidh a bha a rèir a chuid ùidhean agus sgilean. Fhuair Peadar agus a phàrantan cothrom air fiosrachadh curraicealaim bho làraichean-lìn nàiseanta agus bha cothrom aige obair a chur a-steach a dh'ionnsaigh an aon phortfolio de theisteanasan a tha ri fhaighinn do dh'oileanaich ann an suidheachadh foghlaim sam bith eile. B' urrainn do Pheadar agus a phàrantan taghadh de na pàirtean den churraicealam a bha iomchaidh airson feumalachdan ionnsachaidh Pheadair, agus ciamar a rachadh an curraicealam a libhrigeadh.

Ionnsachadh Pròiseict

Thagh Peadar pròiseact gus gnìomhachas beag a thòiseachadh gus uighean a reic sa choimhearsnachd ionadail. Fhuair seo taic bho phàrantan Pheadair agus mar phàirt de seo, bha aig Peadar ri raon ionnsachaidh a thoirt còmhla a' gabhail a-steach, sgilean IT gus stuthan sanasachd a dhèanamh, sgilean ionmhais/eòlas gnìomhachais gus cunntasan companaidh a chruthachadh, bith-eòlas agus sochair bheathaichean gus coimhead às dèidh

nan cearcan, agus sgilean ciùird practaigeach gus gàrradh freagarrach a thogail. Cho-dhùin Peadar gun robh e airson leantainn air leis a' phròiseact seo, gu sònraichte le fòcas air an eileamaid IT le bhith a' cruthachadh làrach-lìn agus a' cur ri reicean. Le bhith a' cur a-steach pasgan pròiseict a' gabhail a-steach bhidio, dealbhan-camara, dealbhan air an tarraing, cunntasan, sgrìobhaidhean, chaidh pròiseact Pheadair a dhearbhadh.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Bha Peadar comasach air fèin-mheòrachadh agus air innse mu na sgilean a neartaich e cho math ris na sgilean ùra a dh'ionnsaich e bhon phròiseact. Bha a phàrantan comasach air fèin-mheòrachadh Pheadair a dhearbhadh bho na h-eòlasan sin leis gu bheil e air oideachadh san dachaigh.

Duais

Mar thoradh air sin fhuair Peadar an Dioplòma a bha a' gabhail a-steach cùrsaichean Theisteanasan Nàiseanta agus Cairtean-teisteanais Nàiseanta, còmhla ris an Ionnsachadh Pròiseict agus am fèin-chnuasachadh a rinn e. Leig seo le Peadar a dhol a-steach gu siostam nan colaistean nuair a bha e 16, aig ìre iomchaidh, a' leigeil leis leantainn air adhart às dèidh aois foghlaim riatanach.

Turas Gabriella

Cùl-fhiosrachadh

Tha Gabriella na neach-ionnsachaidh a tha 16-bliadhna a dh'aois de shliochd Roma. Chaidh bacadh a chur air a cuid foghlaim air sgàth gum bi an teaghlach aige a' tilleadh gu Ròmania fad beagan mhìosan gach bliadhna. Rinn a pàrantan imrich a dh'Alba gus foghlam nas fheàrr fhaighinn dhi fhèin agus do a peathraichean. Tha dleastanasan inbheach air a bhith oirre taobh a-staigh an teaghlach fharsaing bho aois òg. Bu mhath le Gabriella siubhal còmhla ri a teaghlach farsgaing san àm ri teachd.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Bha ìre frithealaidh Gabriella tron Fhoghlam Fharsaing Choitcheann aice agus sa cheathramh bliadhna aice na b' ìsle na a' chuibheasachd nàiseanta. Dh'aithris i air grunn chùisean burraidheachd dhan tidsear cùram treòrachaidh aice. Tha buidheann beag de dhlùth charaidean aig Gabriella. Chomharraich an sgoil gun robh i ann an cunnart gun a bhith a' crìochnachadh an Dioplòma aice agus bha raon de chom-pàirtichean an sàs ann gus taic a chumail ri com-pàirteachadh leatha fhèin agus a teaghlach.

Prògraman Ionnsachaidh

Annas a' cheathramh bliadhna, rinn Gabriella raon de theisteanasan agus dhuais. Fhuair i buannachd bho dian thaic litearrachd agus choisinn i creideas an litearrachd aig SCQF Ìre 3. Chuir i crìoch cuideachd air Prògraman Ionnsachaidh agus choisinn i creideas an àireamhachd, ESOL, siubhal is turasachd agus aogheachd san sgoil, agus SCQF Ìre 3 aig Urras a' Phrionnsa air Riaghladh Airgead aig an leabharlann ionadail. Is toil le Gabriella an neach-obrach òigridh a tha a' libhrigeadh duais Urras a' Phrionnsa agus is toil leatha a bhith ag ionnsachadh san leabharlann.

Ionnsachadh Pròiseict

Tha Gabriella air pròiseact SCQF Ìre 3 a dhèanamh tro Urras a' Phrionnsa le fòcas air turas a phlanadh còmhla ri a co-aoisean. Tha seo air a dhearbhadh leis an neach-obrach òigridh a tha a' stiùireadh a' phròiseict.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Tha Gabriella air dleastanasan cùraim a ghabhail os làimh airson a peathraichean nas òige bho aois òg. Tha e air a bhith doirbh dhi bruidhinn air seo leis an tidsear cùram treòrachaidh aice. Tha e air a bhith nas fhasa dhi bruidhinn mu dheidhinn agus meòrachadh air an t-suidheachadh aice le neach-obrach ceangail-teaghlaich. Dhearbh an neach-obrach ceangail-teaghlaich aice an t-ionnsachadh aice.

Duais

Le taic bhon neach-obrach ceangail-teaghlaich aice, chuir Gabriella crìoch air a h-uile eileamaid den Dioplòma gu soirbheachail agus dh'fhàg i an sgoil aig deireadh a ceathramh bliadhna.

Turas Florin

Cùl-fhiosrachadh

Tha Florin na òganach 15-bliadhna de shliochd Roma, a tha a-nis ann an ÀS5. Thàinig Florin agus a theaghlach a Ghlaschu ann an 2015 agus tha e air a bhith a' fuireach ann an Cnoc a' Ghobhainn bhon uair sin, ann an dà dhachaigh eadar-dhealaichte. Tha Florin a' fuireach còmhla ri a mhàthair, a h-athair agus ceathrar pheathraichean. Is esan an duine-cloinne as sine san teaghlach. Thàinig teaghlach Fhlorin a dh'Alba gus am biodh àm ri teachd nas fheàrr dhaibh fhèin agus aig an cuid chloinne. Tha Màthair Fhlorin a' fuireach aig an taigh agus a' coimhead às dèidh an teaghlaich agus tha Athair ag obair gus beoshlaint a chosnadh dhaibh. Bidh an teaghlach a' siubhal air ais a Romania gach bliadhna gus tadhal air teaghlach is caraidean.

Chunnaic Florin caraidean is teaghlach a' fulang bho bhurraidheachd. Tha daoine air rudan mì-chailear a ràdh ris-san cuideachd ach tha e gu mòr airson 's nach toir sin buaidh air. Tha Florin dealasach mu bhith a' co-roinn a chultar le daoine eile agus tha e ga mheas fhein fortanach gu bheil teaghlach is caraidean aige a bheir taic dha.

Prògraman Ionnsachaidh

Rinn Florin Teisteanasan Nàiseanta ann an grunn chuspairean. B' e an Spàinntais as motha a chòrd ris leis gun robh e a' tuigsinn a' chànan mar-thà. Tha e air buannachd fhaighinn bho thaic bhon roinn Beurla mar Chànan a Bharrachd. Bidh e an-còmhnaidh a' frithealadh Sgoil Samhraidh agus tha e a' còrdadh ris gu sònraichte a bhith a' dèanamh charaidean ùra agus ag obair còmhla ri luchd-obrach òigridh. Tha e cuideachd air Duaisean SCQF a dhèanamh ann an Leasachadh Pearsanta agus Comas-cosnadh.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Ionnsachadh Pròiseict

Chrìochnaich e Duais Ceannardas a bha air a stiùireadh leis an roinn dràma nuair a bha e an sàs ann an dealbh-cluich na sgoile. Le bhith an sàs ann an dealbh-cluich na sgoile, chuidich seo leis an Ionnsachadh Pròiseict aige le bhith a' cleachdadh an eòlais aige air dràma agus ceòl. Rinn seo cinnteach gun do leasaich agus gun do neartaich e a chuid Beurla barrachd. Uile gu lèir, thug an eileamaid Ionnsachadh Pròiseict den Dioplòma cothrom dha cruthachalachd, obair-sgioba agus sgilean ceannais a thogail gu soirbheachail.

Slighe-ionnsachaidh Pearsanta

Chrìochnaich Florin Duais Umha Diùc Dhùn Èideann. Tha e a' còrdadh ris a bhith ri drumadaireachd ged nach eil teisteanas foirmeil aige ann. Chaidh e dhan Big Noise sa bhun-sgoil agus bhrosnaich sin e gus a dhol an sàs ann an ceòl.

Tha Florin àrd-amasach agus tha e airson daoine a chuideachadh a dh'fhuiling bho leth-bhreith no fòirneart. Tha e meòrachail nuair a tha e a' toirt cunntas air na dh'fhiosraich e fhèin.

Duais

Tha Florin an dùil fuireach san sgoil gu ÀS5 gus crìoch a chur air an Dioplòma aige.

9.2 Toraidhean Eacarsaiche Frèamaidh EQIA

Tar-shealladh air poileasaidh - Dioplòma Coileanaidh na h-Alba

Mar phàirt den Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measadh, tha a' Bhuidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach (IRG) air a stiùireadh leis an Àrd-ollamh Louise Hayward air modal ùr a chruthachadh airson teisteanasan agus measadh aig an Ìre às Àirde.

Tha am modail seo stèidhichte air a bhith a' cruthachadh Dioplòma Coileanaidh na h-Alba agus tha an IRG ag ràdh gum bi seo: “a' cruinneachadh fianais air coileanadh luchd-ionnsachaidh ann an raon nas fharsainge de raointean na tha a' tachairt aig an àm seo” agus cruthaichidh e “cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh coileanaidhean ann an trì prìomh raointean a dhearbhadh: Prògraman Ionnsachaidh, Ionnsachadh Pròiseict agus an t-Slighe Phearsanta. Rachadh an Dioplòma a thoirt seachad nuair a bhiodh na trì eileamaidean deiseil agus aig àm fàgail na h-Ìre as Àirde. Tha a bhith a' cur an Dioplòma an sàs mean air mhean na phrìomh mholadh ann an aithisg dheireannach an Lèirmheis Neo-eisimeileach, a bharrachd air an fheum a bhith ag obair còmhla ris a h-uile coimhearsnachd aig a bheil ùidh ann an ath-leasachadh air teisteanasan agus measadh ann an Alba.

Cò air a bheir e buaidh?

Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air molaidhean an Lèirmheis Neo-eisimeileach agus freagraidh e an ceann ùine. Ma cho-dhùineas Ministearan gabhail ris na molaidhean no pàirtean de na molaidhean san Lèirmheas, a' gabhail a-steach an Dioplòma, bheireadh seo buaidh dhìreach air luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim, tidsearan, òraidichean agus farsaingeachd de dhaoine a th' air am fastadh ann an roinn an fhoghlaim. Bhiodh builean nas fharsainge ann cuideachd thairis air saoghal an fhoghlaim, a' gabhail a-steach nam buidhnean foghlaim ùra a tha san amharc agus an luchd-sgrùdaidh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

ùr. Tha e coltach gum biodh buaidh ann air a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd a' gabhail a-steach foghlam adhartach is àrd-ìre, fastadh agus cleachdaidhean cosnaidh.

Dòigh-obrach In-ghabhalach a thaobh Dealbhadh Poileasaidh

Tha an Lèirmheas Neo-eisimeileach ag ràdh anns an aithisg eadar-amail aca gu bheil an Lèirmheas air “dòigh in-ghabhalach a chleachdadh a thaobh dealbhadh agus leasachadh” Dioplòma Coileanaidh na h-Alba. Bha trì diofar ìrean san Lèirmheas agus chaidh beachdan iarraidh bho luchd-ùidh aig trì diofar amannan. Bha conaltradh an Lèirmheas stèidhichte air an IRG agus **Buidhnean Coimhearsnachd Co-obrachail** (CCGan) co-cheangailte.

Tha an IRG ag ràdh gu bheil iad air meòrachadh air na trì ìrean com-pàirteachaidh a bharrachd air raon de dh'fhianais eile gus an Dioplòma a leasachadh.

Eacarsaich Frèamaidh - Sgòp

Anns na h-ìrean mu dheireadh den Lèirmheas nuair a bha an IRG air aontachadh air a' mhodail a b' fheàrr leotha, bha Eacarsaich Measadh Buaidh Co-ionannachd (EQIA) ann, air a stiùireadh le Rùnaireachd Neo-eisimeileach nan Lèirmheasan agus bha oifigearan poileasaidh an sàs ann bho taobh a-staigh Bhuidheann-stiùiridh Ath-leasachadh Ionnsachaidh is Foghlaim Riaghaltas na h-Alba. B' e an obair sgrùdadh a dhèanamh air an Dioplòma a' cleachdadh slatan-tomhais measaidh buaidh Co-ionannachd agus Alba nas Cothromaiche. Cha b' e amas na h-eacarsaich measadh coileanta a dhèanamh air a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith ann, ach a bhith a' tòiseachadh air cuid de na ceistean a sgrùdadh agus comhairle a thoirt seachad mu raointean far am feum Riaghaltas na h-Alba barrachd sgrùdadh a dhèanamh, mus tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh an Dioplòma. Tha an aithisg ghoirid seo a dheasaich Rùnaireachd Neo-eisimeileach an Lèirmheis na geàrr-chunntas air an eacarsaich

agus na co-dhùnaidhean a tha a' tighinn am bàrr.

Tha e cudromach a bhith soilleir gun do chuir an eacarsaich fòcas air a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aig an Dioplòma air luchd-ionnsachaidh agus nach do rinn e sgrùdadh air a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aige air an fheadhainn a libhrigeas an teisteanas ùr, no buaidhean sòisealta nas fharsainge.

Tha e cuideachd cudromach comharrachadh gun deach an geàrr-chunntas seo a sgrìobhadh mus deach aithisg dheireannach agus molaidhean an Lèirmheis a sgrìobhadh, agus mar sin cha deach beachdachadh air atharrachaidhean deireannach air a' mhodail sa beachdachadh seo.

An Eacarsaich Frèamaidh - Geàrr-chunntas den deasbad agus de na co-dhùnaidhean againn

Eacarsaich Frèamaidh: Ciamar

San Eacarsaich Frèamaidh againn, choimhead sinn air fianais a bha ri fhaighinn mu na feartan dìonta mar a tha air an liostadh ann an Achd na Co-ionannachd 2010. A bharrachd air sin, chaidh farsaingeachd na h-eacarsaich a leudachadh nas fhaide na an liosta de fheartan fo dhìon laghail gus grunn bhuidhnean eile a gabhail a-steach air am faodadh an Dioplòma buaidh a thoirt.

B' e an obair a bh' aca beachdachadh air fianais càileachdail is àireamhach iomchaidh airson gach feart agus beachdachadh air sreath cheistean:

- neart na fianais a tha ri fhaighinn airson an fheairt sin a thaobh a' phoileasaidh agus a bhith a' comharrachadh bheàrran sam bith a dh'fhaodadh a bhith san fhianais.
- dè na draghan a chaidh a thogail le luchd-ùidh mar phàirt den cho-obrachadh aig an Lèirmheas?
- dè na cothroman a dh'fhaodadh a bhith san Dioplòma airson co-ionannachd chothroman adhartachadh?

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- dè na droch bhuidhean a dh'fhaodadh èirigh, agus ciamar a ghabhadh an lasachadh?
- dè na buidhnean ris am feum Riaghaltas na h-Alba com-pàirteachadh mar phàirt den EQIA fhoirmeil?

Sa mhòr-chuid, chaidh fianais a thogail bho staitistig Riaghaltas na h-Alba agus bho chonaltradh an Lèirmheis. Gheibhear ceanglaichean dhan anailis neo-eisimeileach air na trì ìrean conaltraidh aig an Lèirmheas air [duilleag na Buidhne Lèirmheis Neo-eisimeilich air gov.scot](#)

Eacarsaich Frèamaidh – Geàrr-chunntas

'S e prìomh cho-dhùnadh na h-eacarsaich gu bheil an Dioplòma, agus na h-atharrachaidhean a thigeadh na lùib, buailteach buaidh a thoirt air luchd-ionnsachaidh ann an diofar dhòighean. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh le feartan dìonta. Tha geàrr-chunntas gu h-ìosal air na buaidhean, na ceistean agus na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann, a chaidh a chomharrachadh tron eacarsaich. Tha sinn a' moladh gun dèan Riaghaltas na h-Alba làn EQIA mar phàirt den bheachdachadh aca air an aithisg agus na molaidhean mus dèanar co-dhùnadh sam bith a thaobh a bhith a' gabhail ris an Dioplòma.

Feart dìonta: Ciorram

Sheall an fhianais air an deach beachdachadh san eacarsaich gu bheil an Dioplòma ann am prionnsabal a' cruthachadh chothroman gus piseach a thoirt air builean foghlaim do luchd-ionnsachaidh le ciorraman agus feumalachdan taic a bharrachd. Ach bidh an comas feum a dhèanamh air na cothroman sin a' crochadh air nàdar mionaideach an Dioplòma agus mar a thèid a chur an gnìomh an da-rìribh.

Rè an Eacarsaich Frèamaidh, chaidh a thoirt fa-near gu bheil e coltach gu bheil an Dioplòma a' co-thaobhadh ri fear de na molaidhean ann an Lèirmheas Morgan, 'Support for Learning: All our children and all their potential' (2020) a mhol gum biodh barrachd aithne ann air

coileanadh nas fharsainge taobh a-muigh teisteanasan nàiseanta.

"...bu chòir an siostam [siostam nan teisteanasan] a bhith air a chur air dòigh gus aithne a thoirt do choileanaidhean sònraichte aig cloinn agus daoine òga a tha a' dol seachad air teisteanasan SQA... Chan eil teisteanasan stèidhichte air deuchainnean a reir feumalachdan agus comas cloinne agus dhaoine òga uile ach chan eil seo a' ciallachadh gu bheil iad a' fàiligeadh. Tha fianais an Lèirmheis cunbhalach ann a bhith a' sealltainn gum feum aithne a bhith ann air coileanadh an neach fa leth ann an Ionnsachadh airson Beatha. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' cruthachadh slighean eile aig a bheil an aon luach agus dòighean air adhartas fa leth a thomhas." (Morgan, 2020)

Chaidh beachdachadh air fianais bho [Thosgairan In-ghabhail](#) Clann an Alba a fhuair mar phàirt de dh'Ìre a Trì. Thugadh fa-near gun robh na Tosgairan In-ghabhail "fàbharach mu na molaidhean" san fharsaingeachd, agus gun robh iad a' cur luach anns an Dioplòma "an gluasad gu bhith ag aithneachadh seòrsaichean soirbheachais nas fharsainge taobh a-muigh an t-siostam dheuchainnean is measaidhean foirmeil agus na cothroman air dòighean-obrach nas pearsanta". (Tosgairan In-ghabhail / Clann an Alba – freagairt Ìre a Trì nach tàinig tron t-suirbhidh)

Ach, chaidh raointean a chomharrachadh far an robh a' bhuidheann den bheachd gun robh barrachd sgrùdaidh a dhìth le Riaghaltas na h-Alba. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- beachdachadh mionaideach air mar a dh'fhaodadh an Dioplòma buaidh a thoirt air luchd-ionnsachaidh le raon de chiorraman agus feumalachdan taic a bharrachd, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh le comas àrd;
- a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aige air luchd-ionnsachaidh le ciorraman ioma-fhillte, agus;

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- buaidh claon-bhreith luchd-teagaisg ann am measadh agus na roghainnean airson claon-bhreith thidsearan a lasachadh.

Bu chòir barrachd conaltraidh a bhith ann le buidhnean ciorraim mus tèid co-dhùnadh a dhèanamh mun Dioplòma. A bharrachd air an sin, ma cho-dhùineas Riaghaltas na h-Alba gabhail ris na molaidhean mun Dioplòma, feumaidh conaltradh leantainneach a bhith ann leis na buidhnean sin gus cuideachadh le dealbhadh agus leasachadh mionaideach an Dioplòma. Bidh seo deatamach gus dèanamh cinnteach gu bheil an Dioplòma a' dèanamh feum air a' chothrom gus piseach a thoirt air an Ìre as Àirde do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd agus ciorraman agus gu sònraichte, gus dèanamh cinnteach nach cruthaich e ana-cothrom sam bith ris nach robh dùil.

Feart dìonta: Cinneadh

Rè na h-Eacarsaich Frèamaidh chaidh beachdachadh air freagairtean co-chomhairleachaidh a' gabhail a-steach bhon Cho-bhanntachd airson Còraichean Co-ionannachd Cinnidh (CRER) agus Prògram an-aghaidh Gràin-cinnidh ann am Foghlam (AREP) a bharrachd air notaichean bho dheasbad CCG aig Òigridh Eadar-chultarach na h-Alba air a stiùireadh le luchd-ionnsachaidh. Nochd na freagairtean seo dragh sònraichte mun mholadh gum biodh barrachd cuideam air measadh thidsearan san Ìre as Àirde.

“Tha a' phàirt a bh' aig tidsearan ann a bhith a' suidheachadh nan ìrean ris an robhar dùil sna deuchainnean ann an Alba aig àm a' Choròna-bhìorais a' toirt beagan tuigse dhuinn air seo. Gu cuibheasach, fhuair luchd-ionnsachaidh bho gach buidheann cinnidh ìrean ro-mheasta a bha ro àrd an coimeas ri mar a rinn a' bhuidheann aca an da-rìribh anns na bliadhnaichean roimhe sin. Ach bha ìrean na b' ìsle de ro-mheasadh aig a h-uile buidheann luchd-ionnsachaidh BME na an co-aoisean bho bhuidhnean cinneachail geala ach a-mhàin òigridh Afraganach, Cairibianach agus Dubha. Tha seo a' fàgail gu bheil an fheadhainn bho bhuidhnean cinnidheach geala a' faighinn buannachd choimeasach, leis gu bheil an

coileanadh aca air àrdachadh gu fuadan gu ìre nas motha.” (CRER)

“Ma tha Alba gu bhith a' gluasad air adhart le measadh cunbhalach leantainneach a tha a' crochadh air obair-chùrsa air a chomharrachadh le tidsearan, ciamar a nì sinn cinnteach nach toir claonadh cinneadail (agus seòrsaichean eile de chlaonadh) buaidh air na comharraidhean a gheibh daoine? Tha ìrean tuairmseach airson luchd-ionnsachaidh Dubh, Àisianach agus Mion-chinnidh gu tric nas ìsle na na fìor ìrean a gheibhear airson deuchainnean a thèid a chomharrachadh gun urra.” (Buidheann-obrach de bhuidhnean a tha ag obair an-aghaidh gràin-cinnidh agus luchd-ùidh foghlaim: Fo-bhuidheann Ceannardas Foghlaim agus Ionnsachadh Proifeiseanta de Phrògram Co-ionannachd Cinnidh agus An-aghaidh gràin-cinnidh ann am Foghlam aig Riaghaltas na h-Alba.)

Chaidh beachdachadh air ceumannan lasachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann gus claonadh luchd-teagaisg a lùghdachadh anns an Eacarsaich Frèamaidh. Tha iad sin a' gabhail a-steach taic agus trèanadh do thidsearan a bharrachd air siostaman modaratarachd sgoile agus nàiseanta. Thathar a' moladh gun dèanar rannsachaidh a bharrachd gus coimhead air a' chunnart gum bi claonadh luchd-teagaisg ann agus air ceumannan lasachaidh, mus tèid co-dhùnadh sam bith a dhèanamh le Riaghaltas na h-Alba measadh a dhèanamh a tha air a stiùireadh le tidsearan san Ìre as Àirde.

“Tha mi a' smaoinichadh bho 2020 gun deach mo sgòradh air dàimh tidsear-oileanach. Airson cuid de chuspairean bha sgòran nas àirde agam ach airson cuid tha fios agam gun do dh'fhàilig mi ach gun d' fhuair mi deagh chomharra. Chan eil teagamh sam bith ann nach eil claonadh ann gu ìre.” (Ball CCG - Neach-ionnsachaidh, Òigridh Eadar-chultarach na h-Alba)

Bha prìomh dhragh eile a thaobh co-ionannachd cinnidh co-cheangailte ris an eileamaid Slighe Phearsanta san Dioplòma:

“Tha raon de chnapan-starra aithnichte a' toirt buaidh air cothroman luchd-ionnsachaidh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Dubh is Mion-chinnidh air gus duaisean agus coileanaidhean fhaighinn taobh a-muigh na sgoile. Tha gràin-cinnidh taobh a-staigh seirbheisean prìomh-shruthach a tha ag amas air daoine òga na chnap-starra den t-seòrsa... Tha teaghlaichean Dubha is Mion-chinnidh a dhà uimhir nas dualtaiche a bhith fo bhochdainn... Dh'fhaodadh gnìomhachdan le cosgais, a' gabhail a-steach cosgaisean bunaiteach leithid siubhal, a bhith do-ruigsinneach do mhòran. A bharrachd air seo, tha pàrantan aig luchd-ionnsachaidh Dubh is Mion-chinnidh nas dualtaiche a bhith ag obair ann an dreuchdan le uairean obrach fada no neo-àbhaisteach, a' fàgail gu bheil e nas duilghe faighinn gu agus air ais bho chlubaichean is gnìomhachdan." (CRER)

Tron eacarsaich frèamaidh, chaidh a thoirt fa-near gun deach an t-Slighe Phearsanta san Dioplòma atharrachadh bho chaidh a' cho-chomhairleachadh poblach a chur air dòigh, mar thoradh air beachdan ann an Ìre a Tri den Lèirmheas. Chan eil fòcas na h-earainn Pearsanta air an àireamh de ghnath-eòlasan a tha air a bhith aig an neach-ionnsachaidh ach air na tha neach air ionnsachadh tro gnàth-eòlas i.e. am meòrachadh. Thugadh fa near gum biodh buaidh nas lugha air a bhith a' cur fòcas air a' mheòrachadh seach a bhith ag amas air gnìomhan. Bu chòir am moladh aig an IRG gum bu chòir taic bho inbheach iomchaidh, mar eisimpleir, Neach-obrach Òigridh no neach-teagaisg a bhith ann gus taic a chumail ris an t-Slighe Phearsanta, a bhith air fhaicinn mar chòir agus bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil seo ann airson gach neach-ionnsachaidh. Bha seo air fhaicinn mar gnìomh lasachaidh. A dh'aindeoin seo bha sinn a' faireachdainn gum faodadh ceistean co-ionannachd a bhith ann fhathast a thaobh na Slighe Pearsanta a dh'fheumar sgrùdadh tuilleadh.

Thathar a' moladh gun dèanar obair a bharrachd le CRER agus AREP gus coimhead ann am barrachd doimhneachd air na cothroman agus gnìomhan a tha a dhìth gus am biodh an t-Slighe Phearsanta a' cumail taic ri co-ionannachd gnè mus tèid co-dhùnadh a ghabhail air an ealamaid seo den Dioplòma.

Thathar a' moladh, mus tèid co-dhùnadh sam bith a dhèanamh a thaobh an Dioplòma, gun tèid barrachd conaltraidh a dhèanamh le buidhnean riochdachail leithid CRER, BEMIS agus an fheadhainn a tha a' riochdachadh choimhearsnachdan Siopsasch/Luchd-siubhail agus Roma, gus cothroman sam bith eile a chomharrachadh gus co-ionannachd chothroman adhartachadh agus gu cudomach, gus dèanamh cinnteach nach cruthaich an Dioplòma barrachd ana-cothrom do-rùnaichte.

Feartan dìonta: Creideamh agus Feallsanachd

Chaidh a thoirt fa near gun dòcha gum biodh ceistean co-ionannachd ann a thaobh creideamh agus feallsanachd. Mar eisimpleir, chaidh toirt fa-near gum feumar beachdachadh air an riatanas ann an sgoiltean Caitligeach a bhith a' teagasg Foghlam Creideimh is Moraltachd tron Ìre as Àirde air fad. Chomharraich an Eacarsaich Frèamaidh cuideachd gum faodadh buaidh a bhith air co-ionannachd a thaobh na Slighe Pearsanta.

Thathar a' moladh gun tèid conaltradh a dhèanamh le buidhnean creideimh iomchaidh leithid Interfaith Scotland gus an Dioplòma a sgrùdadh a thaobh co-ionannachd Creideimh is Feallsanachd.

Feart dìonta: Gnè

Chaidh beachdachadh air fianais càileachdail a tha a' sealltainn gu bheil bacaidhean structarail leantainneach air nigheanan bho bhith a' faighinn cothrom air cuid de chuspairean, gu sònraichte cuspairean STEM mar phàirt den Eacarsaich Frèamaidh, agus chaidh a thoirt fa-near nach toireadh an Dioplòma aghaidh dìreach air a' chùis seo.

Uile gu lèir, bha a' bhuidheann a' faireachdainn gum faodadh an t-sùbailteachd taobh a-staigh an Dioplòma taic a thoirt do bhalaich agus do nigheanan ach cho-dhùin iad gu bheil barrachd obrach a dhìth bho Riaghaltas na h-Alba gus sgrùdadh domhainn a dhèanamh air na cothroman, agus duilgheadasan a dh'fhaodadh an Dioplòma adhabharachadh, a thaobh Gnè.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Thathar a' moladh gun dèanar rannsachadh a bharrachd a thaobh dòighean measaidh do bhalaich is do nighnean. Thathar cuideachd a' moladh gum bi conaltradh ann leis a' Bhuidheann Gnìomh Co-ionannachd Gnè ann am Foghlam agus Ionnsachadh gus dèanamh cinnteach, ma thèid gabhail ris, gu bheil an Dioplòma air a dhealbhadh agus air a libhrigeadh ann an dòigh a chumas taic ri co-ionannachd gnè ann am foghlam.

Feart dìonta: Aois

Thug a' Bhuidheann Frèamaidh fa-near gur e rùn na Buidhne Lèirmheis Neo-eisimeilich gum biodh an Dioplòma ri fhaighinn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh ge b' e dè an aois a tha iad, agus gum biodh cothrom aig luchd-ionnsachaidh a tha air an sgoil fhàgail an Dioplòma a dhèanamh sa cholaiste.

Tha e cudromach gun dèan Riaghaltas na h-Alba ceangal ri colaisgean gus dèanam cinnteach gun gabh am moladh gus an Dioplòma a libhrigeadh ann an colaistean a thoirt gu buil an da-rìribh.

Feart dìonta: Leatromachd agus Màthaireachd

Chan eil a' Bhuidhean Frèamaidh mothachail air fianais bhuntainneach làitreach sam bith aig an àm seo air leatromachd agus màthaireachd a thaobh a' phoileasaidh seo. Ach mar phàirt den EQIA foirmeil, dh'fhaodte gum bi Riaghaltas na h-Alba airson beachdan a shireadh air seo.

Feart dìonta: Ath-bhuileachadh gnè

Chan eil a' Bhuidhean Frèamaidh mothachail air fianais bhuntainneach làitreach sam bith aig an àm seo air ath-bhuilteachadh gnè a thaobh a' phoileasaidh seo. Ach mar phàirt den Mheasadh Buaidh Co-ionannachd fhoirmeil, dh'fhaodte gum bi Riaghaltas na h-Alba airson beachdan a shireadh air builean gun dùil sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann dhan bhuidhinn seo.

Feart dìonta: Taobhadh feise

Chan eil a' Bhuidhean Frèamaidh mothachail air fianais bhuntainneach làitreach sam bith aig an àm seo air taobhadh feise a thaobh a' phoileasaidh seo. Ach mar phàirt den EQIA foirmeil, dh'fhaodte gum bi Riaghaltas na h-Alba airson beachdan a shireadh air seo.

Raointean Rannsachaidh eile:

A bharrachd air na feartan dìonta, chaidh grunn bhuidhnean eile de luchd-ionnsachaidh a chomharrachadh air am feumadh barrachd beachdachaidh a dhèanamh a thaobh buaidhean co-ionannachd.

Taobhan sòisio-eaconamach

Bha fianais air an deach beachdachadh a thaobh cùisean sòisio-eaconamach a' tarraing air freagairtean a fhuair anns na trì ìrean com-pàirteachaidh agus gu sònraichte bhon CCG air Cothromas air a stiùireadh leis an Dr Edward Sosu aig Oilthigh Shrath Chluaidh.

Bha an dragh a bu mhotha a thaobh co-ionannachd shòisio-eaconamach co-cheangailte ris an t-Slighe Phearsanta. Bha mòran de luchd-freagairt anns a' cho-chomhairle phoblach agus ann an conaltradh Ìre a Trì den bheachd gum biodh e na b' fhasa, airson diofar adhbharan, do luchd-ionnsachaidh bho chùl-raointean sòisio-eaconamach nas àirde an earrann seo den Dioplòma a choileanadh na luchd-ionnsachaidh bho chùl-raointean sòisio-eaconamach nas ìsle, agus mar sin a' cur neo-ionannachd fad-ùine ann am builean foghlaim am miosad.

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, fo Chinneadh, bha a' Bhuidheann Frèamaidh a' toirt fa-near gun deach an ealamaid Slighe Phearsanta san Dioplòma ùrachadh bhon a chaidh a' cho-chomhairle phoblach a chur a-mach, agus mar fhreagairt air fios air ais aig Ìre a Trì. Chan eil fòcas na h-earainn Slighe Phearsanta air an àireamh de ghnath-eòlasan

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

a tha air a bhith aig an neach-ionnsachaidh ach air na tha neach air ionnsachadh tro gnàth-eòlas i.e. am meòrachadh. Thugadh fa near gum biodh buaidh nas lugha air a bhith a' cur fòcas air a' mheòrachadh seach a bhith ag amas air gnìomhan.

Chaidh fàilte a chur air a' mholadh bhon IRG cuideachd gum biodh taic bho ìnbheach iomchaidh mar eisimpleir, Neach-obrach Òigridh no tidsear, gus an earrann Slighe Phearsanta a choileanadh, air a ghealltainn do gach neach-ionnsachaidh, agus bha seo air fhaicinn mar fheart lasachaidh. A dh'aindeoin seo bha a' bhuidheann a' faireachdainn gur dòcha gum faodadh ceisstean co-ionannachd a bhith ann fhathast a thaobh na Slighe Pearsanta a dh'fheumar sgrùdadh barrachd.

Bha adhbharan dragh eile anns an Dioplòma air an tug luchd-freagairt fa-near a thaobh co-ionannachd shòisio-eaconamach, a' gabhail a-steach cothrom air claonadh thidsearan an aghaidh luchd-ionnsachaidh bho chùl-raointean sòisio-eaconamach nas ìsle agus dragh mun ghluasad gu barrachd ionnsachadh didseatach, ag aithneachadh nach eil cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh air teicneòlas didseatach agus/no bann-leathann.

“Tha neo-ionannachd didseatach fhathast na dhùbhlàn cudromach do mòran luchd-ionnsachaidh, aig nach eil cothrom air innealan IT agus air ceanglaichean gun uèir/bann-leathann. Chanamaid cuideachd gu bheil bochdainn dhidsiteach gu tric falaichte agus gu bheil e furasta dearmad a dhèanamh air. (EIS)

Air an làimh eile, thog a' Bhuidheann Frèamaidh fa-near gun robh an sgioba Ath-bhreithneachaidh air deagh fhios air ais fhaighinn bho ghrunn thidsearan agus luchd-ionnsachaidh mu thaobhan den Dioplòma a bha iad a' faireachdainn a dh'fhaodadh

a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a lughdachadh. Mar eisimpleir, thuirt cuid den luchd-teagaisg is luchd-teagaisg:

- gun robhar den bheachd gu bheil an gluasad gu barrachd measadh thidsearan nas cothromaiche leis gu bheil tidsearan eòlach air comas nan oileanach aca agus gum faodadh iad ìrean nas mionaidiche a thoirt seachad na deuchainnean deireannach;
- gun toireadh an t-àrdachadh ann an sùbailteachd agus roghainn a tha follaiseach san Dioplòma taic do cho-ionannachd, agus;
- gun robhar a' coimhead air a' Phròiseact agus air an t-Slighe Phearsanta mar chothroman gus am fòcas a stiùireadh air falbh bho shoirbheachas a bhith ga mheas mar choileanadh ann an cuspairean acadaimigeach traidiseanta.

Thathar a' moladh gun dèanar barrachd conaltraidh le buidhnean leithid Buidheann Gnìomh Bochdainn Cloinne agus buidhnean eile coltach ris mar an ath cheum riatanach gus làn sgrùdadh a dhèanamh air na buaidhean sòisio-eaconamach a dh'fhaodadh a bhith aig an Dioplòma.

Luchd-ionnsachaidh tro Mheadhan na Gàidhlig:

Bha Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant (Nàiseanta), CLAS (Comann Luchd-Teagaisg Àrd Sgoiltean) agus Foghlam Alba am measg nam buidhnean a chuir freagairtean dhan Lèirmheas a bheachdaich air feumalachdan sònraichte luchd-ionnsachaidh tro Mheadhan na Gàidhlig.

Thugadh fa-near ged a bha an fheadhainn a bha a' riochdachadh ùidhean na Gàidhlig taiceil san fharsaingeachd do na trì ealamaid agus prionnsapal an Dioplòma gun deach cuideam a chur air na leanas.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Feumaidh siostam sam bith a bhith a' tòiseachadh bhon àite seo:

- feumaidh tuigse a bhith ann airson gach taisbeanair gu bheil Alba a' toirt seachad foghlam an dàrna cuid tron Bheurla no tron Ghàidhlig a rèir toil phàrantach.
- Feumaidh cothroman gus na 4 comasan a leudachadh agus a leasachadh a bhith rim faighinn gu co-ionann airson sgoilearan FtG agus sgoilearan FtB, agus.
- bu chòir na goireasan agus an trèanadh uile airson sgiobaidhean foghlaim a bhith air an toirt seachad gu co-ionann airson siostaman FtG agus FtB.

Ma thèid gabhail ris an Dioplòma no pàirtean den Dioplòma feumar an roinn FtG, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh agus tidsearan, a bhith an sàs ann a bhith a' cuideachadh le dealbhadh agus leasachadh cùisean mionaideach an Dioplòma.

Clann a thathar a' coimhead às an dèidh:

Thug a' bhuidheann fa-near ged a tha builean foghlaim aig clann fo chùram air fàs nas fheàrr gu bheil beàrnan mòra fhathast ann an tacar ri sgoilearan san fharsaingeachd. Thugadh fa-near gum bi e cudromach beachdachadh air mar a ghabhas an Dioplòma a dhealbhadh agus a leasachadh gus pisieach a thoirt air builean foghlaim airson clann fo chùram. Bidh e cudromach cuideachd buaidh gun duil sam bith air a' bhuidhinn seo a chomharrachadh. Ged a tha buidhnean leithid CELCIS agus Who Cares? Scotland air beachdan a thoirt a-steach dhan Lèirmheas, thathar a' moladh, gun tèid tuilleadh conaltraidh a dhèanamh le CELCIS agus Who Cares? Scotland mu dhealbhadh is leasachadh a' mhodail mas e is gun tèid co-dhùnadh a ghabhail an Dioplòma a thoirt a-steach.

Luchd-ionnsachaidh a tha a' faighinn foghlam san dachaigh:

Thog luchd-ionnsachaidh a tha a' faighinn foghlam san dachaigh agus am pàrantan/ luchd-cùraim a bha an sàs ann an conaltradh mar phàirt den Lèirmheas dragh mu atharrachaidhean sam bith air an t-siostam

a dhèanadh ruigsinneachd air teisteanasan do luchd-ionnsachaidh ann am foghlam san dachaigh nas duilghe. Thug luchd-ionnsachaidh ann am foghlam dachaigh agus am pàrantan/ luchd-cùraim fa-near do na dùbhlain a th' ann aig an àm seo a thaobh cothrom air teisteanasan nàiseanta.

Tha e cudromach dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air feumalachdan luchd-ionnsachaidh ann am foghlam dachaigh ann an dealbhadh agus leasachadh an Dioplòma agus thathar a' moladh gum bu chòir barrachd com-pàirt a bhith ann leis an roinn seo, ma thèid co-dhùnadh a dhèanamh gus an Dioplòma a thoirt a-steach.

"Tha e cudromach gum bi cothrom aig clann a tha a' faighinn foghlam aig an dachaigh air an Dioplòma Tha casgan is cothroman a dhìth." (Ball CCG, Luchd-ionnsachaidh - freagairt Ìre a Tri)

Eacarsaich Frèamaidh - Co-dhùnidhean

Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd chan eilear an dùil gur e aithris choileanta a tha seo no làn mheasadh air buaidhean. Ach tha e a' cur an cèill buaidhean tòiseachail is taisbeanach a dh'fheumas Riaghaltas na h-Alba a sgrùdadh barrachd mar phàirt den bheachdachadh aca air molaidhean an IRG. Tha e cuideachd a' soilleireachadh raointean far a bheil gainnead fianais a thaobh grunn fheartan dionta.

Às dèidh na h-eacarsaich seo, thathar a' moladh gum feum Riaghaltas na h-Alba làn EQIA a dhèanamh agus gum bu chòir seo a dhèanamh mus freagair Riaghaltas na h-Alba na molaidhean mun Dioplòma. Bu chòir dhan EQIA seo a bhith a' gabhail a-steach measadh air a' bhuidhinn air luchd-ionnsachaidh agus air luchd-obrach a libhrigeas an teisteanas ùr (tidsearan agus òraidichean colaiste sa mhòr-chuid) a bharrachd air beachdachadh nas fharsainge air buaidhean sòisealta san fharsaingeachd.

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

9.3 Bun-riaghailtean

Facal-tòiseachaidh

Tha an sgrìobhainn seo a' mìneachadh raon-ùghdarrais Buidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach Theisteanasan is Measaidh (IRG), a bhios air a stiùireadh leis an Àrd-ollamh Louise Hayward, Àrd-ollamh Measadh agus Ùr-ghnàthachadh Foghlaim ann an Oilthigh Ghlaschu (Neach-gairm an IRG).

Cùl-fhiosrachadh

Tha an obair seo a' tighinn gu ìre, mar thoradh air aithisgean OECD a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid air Curraicealam na h-Alba airson Sàr-mhathais (CfE). Fhuair Curriculum for Excellence - Into the Future (2021) a-mach ged a tha CfE "fhathast na iomairt dhàna aig a bheil taic fharsaing, agus ged a tha an dealbhadh aige a' tabhann na sùbailteachd a dh'fheumar gus ionnsachadh oileanach a leasachadh barrachd. Gum feumar cuideachd an structar, na cleachdaidhean ionnsachaidh agus modhan measaidh san Ìre as Àirde atharrachadh gus am bi iad co-chòrdail ri lèirsinn CfE, agus gus am faighear cothrom air an ghluasad curraicealaim rèidh a thathar a' gealltainn bho 3 gu 18." Dh'fheuch an aithisg às dèidh sin leis an Àrd-ollamh Gòrdan Stobart, (2021), Upper-secondary education student assessment in Scotland: A comparative perspective ri sealladh a thoirt seachad air a' "mhì-thaobhadh" a bhathar a' faicinn eadar curraicealam agus measadh agus gus cothroman a nochdadh airson ath-leasachadh mheasaidhean san Ìre as Àirde.

A bharrachd air na h-aithisgean sin aig an OECD bho chionn ghoirid, às dèidh stad a bhith air a chur air deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach ann an 2020 agus 2021 mar thoradh air COVID-19, tha deasbad poblach às ùr air a bhith againn ann an Alba mu mheasadh, gu sònraichte san Ìre as Àirde. Mar sin, san Dàmhair 2021 dh'ainmich Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean gum biodh an t-Àrd-Ollamh Louise Hayward

aig Oilthigh Ghlaschu a' stiùireadh obair, a' co-chomhairleachadh air an adhbhar agus air na prionnsapalan a bu chòir a bhith mar bhunait air ath-leasachadh theisteanasan agus measadh nàiseanta.

Mar thoiseach tòiseachaidh dhan obair seo, bithear a' beachdachadh agus a' dèanamh mion-sgrùdadh air aithisgean OECD; conaltradh ro-làimh, rannsachadh agus na freagairtean co-chomhairleachaidh a fhuaras mar phàirt de dh'obair an Àrd-ollaimh Ken Muir a' buntainn gu sònraichte ri teisteanasan agus measadh; conaltradh tràth leis an Àrd-ollamh Hayward le co-obraichean bho Phàrlamaid Òigridh na h-Alba agus Pàrlamaid na Cloinne agus rannsachadh agus suirbhidhean iomchaidh ro-làimh air oileanaich, tidsearan, agus pàrantan is luchd-cùraim air a' chuspair seo.

Sgòp

Bheir an Neach-gairm, le taic bhon IRG agus Buidhean Coimhearsnachd Co-obrachail (Collaborative Community Groups - CCGan), aithisg agus molaidhean do Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean, a' toirt comhairle air an adhbhar agus na prionnsapalan a bu chòir a bhith mar bhunait ri ath-leasachadh air teisteanasan nàiseanta agus measadh san 'Ìre as Àirde'. Bidh seo a' coimhead air ÀS4-ÀS6 agus aois 15-18 taobh a-muigh na sgoile sa mhòr-chuid, ach thathar cuideachd mothachail gum faodadh builean a bhith ann do chuid de luchd-ionnsachaidh inbheach a bhios a' dèanamh chùrsaichean a thig fon raon-ùghdarrais. Bidh fòcas na h-obrach seo air frèam theisteanasan sgoile is colaiste a tha rim faighinn aig an Ìre as Àirde. Cha bhi an lèirmheas a' beachdachadh no a' dèanamh mholaidhean air an t-susbaint aig cùrsaichean fa leth.

Thathar an dùil gun dèan an IRG sgrùdadh air cùisean leithid:

- adhbharan agus cleachdadh siostam teisteanais/ deuchainnean, a' gabhail a-steach aithne air ionnsachadh, barantachadh, taghadh agus cunntachalachd;

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- beachdachadh air modhan measaidh ann an cuspairean dreuchdail agus teignigeach agus air leasan a ghabhadh ionnsachadh bho na modhan sin
- cothromachd, cothromas agus buaidh diofar dhòighean a thaobh measadh airson teisteanasan;
- bho bheachdan gu cleachdadh – am pròiseas de bhith ag atharrachaidh agus ag ionnsachadh bhon àm a dh'fhalbh, agus;
- modhan-obrach Nàiseanta is Eadar-nàiseanta nas fharsaing a thaobh measadh is teisteanasan san àm ri teachd.

Bidh na co-dhùnaidhean aig an Neach-gairm agus an IRG neo-eisimeileach bho Riaghaltas na h-Alba agus bhon a h-uile buidheann eile.

Bheir an Neach-gairm cuireadh dhan IRG do dhaoine fa leth a tha a' tighinn bho dhiofar chùl-raointean agus aig a bheil farsaingeachd de sgilean, eòlas agus gnàth-eòlas.

Ballrachd IRG agus CCG

Ni Ballrachd an IRG agus nan CCGan cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile buidheann le ùidh ann an cor nan teisteanasan san àm ri teachd a bhith a' biathadh a-steach dhan Lèirmheas.

Bidh ballrachd a' gabhail a-steach, am measg eile:

- an fheadhainn air an toir seo a' bhuidhnean as motha (luchd-cleachdaidh, sgoilearan, pàrantan agus luchd-cùraim) a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine fa leth ann bho raon farsaing de chùl-raointean bho na buidhnean sin uile;
- an fheadhainn a tha an sàs gu dìreach ann a bhith a' lìbhrigeadh chùrsaichean le teisteanasan – tidsearan, òraidichean, stiùirichean sgoile is cholaistean agus solaraichean trèanaidh a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' riochdachadh Roinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig;

- an fheadhainn a chleachdas na teisteanasan seo agus dhaoine òga a' gluasad bho fhoghlam àrd-ìre, foghlam adhartach, fastaichean, agus buidhnean bhon taobh a-muigh (m.e. Leasachadh Sgilean na h-Alba).
- iadsan le uallach airson a leithid de theisteanasan a sholarachadh: m.e. SQA, buidhnean eile a bheir seachad teisteanasan agus buidhnean riaghlaidh eile;
- iadsan le uallach airson poileasaidh ionadail a thaobh theisteanasan, m.e. ùghdarrasan foghlaim ionadail agus Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba (ADES);
- luchd-rannsachaidh ann an raointean a tha ro-cudromach do dh'obair na buidhne, m.e. curraicealam, teisteanasan agus measadh, co-ionannachd agus ceartas sòisealta, cunntachalachd, siostaman measaidh nàiseanta is eadar-nàiseanta, atharrachadh seasmhach, agus;
- riochdachadh bho gach pàirt den dùthaich, an dà chuid dùthchail agus bailteil.

Gheibhear liosta slàn an seo de **ghnìomhachd, builean agus dòigh-obrach** an Lèirmheis.

An t-ùrachadh mu dheireadh: An Dùbhlachd 2022

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

9.4 A' Bhuidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach - IRG

Liosta barrachd:

Na daoine as cudromaiche dha bheil teisteanasan

Luchd-ionnsachaidh

- Beinn Grant (Ball Pàrlamaid Òigridh na h-Alba)
- Ruby Cardie (Ball Pàrlamaid Òigridh na h-Alba)
- Le taic bho Mo Whelton, neach-obrach bho Phàrlamaid Òigridh na h-Alba

Pàrantan/Luchd-cùraim

- Cheryl Burnett (Fòram Phàrantan Nàiseanta na h-Alba (NPFS))
- Barrie Sheppard agus John Semple (NPFS)
- Eileen Prior bhon Cheitean 2022 gus am Màrt 2023, agus an uair sin Patrick McGlinchey bhon Mhàrt gus an Cèitean 2023 (Connect)

Dealbhadh, leasachadh agus libhrigeadh theisteanasan

Luchd-teagaisg agus òraidichean

- Andrea Bradley (Àrd-rùnaire, Aonadh an EIS)
- Peter Bain (Ceannard-sgoile)
- Andrew Findlater (Prìomh Thidsear)

Dealbhadh is leasachadh

- Douglas Hutchison (Riaghaltas ionadail)
- An Dr Gill Stewart (SQA)
- Martyn Ware (SQA)

- Aileen Ponton bhon Chèitean 2022 gus an Dùbhlachd 2022, an uair sin Pauline Radcliffe bhon Fhaoilleach chun a' Chèitein 2023 (SCQF, co-thaobhadh theisteanasan nàiseanta)

A' fiosrachadh a' phròiseis: bunait rannsachaidh

- An t-Àrd-ollamh Chris Chapman (Oilthigh Ghlaschu) - am pròiseas atharrachaidh
- An Dr Joseph Smith (Oilthigh Shruighlea) - air a chomhairleachadh leis an Àrd-ollamh Mark Priestley (Oilthigh Shruighlea) - curraicealam
- An t-Àrd-ollamh Jo-Anne Baird (Oilthigh Oxford) - teisteanasan
- An Dr Edward Sosu (Oilthigh Shrath Chluaidh) - in-ghabhail agus cothromas

A' fiosrachadh a' phròiseis: bunait poileasaidh

- Professor Ken Muir (University of the West of Scotland) Putting - Learners at the Centre (2022)
- Professor Gordon Stobart (University of Oxford) - upper-secondary education student assessment in Scotland (2021)
- Professor Graham Donaldson (University of Glasgow) - Curriculum for Excellence/ Teaching Scotland's Future (2010)

An fheadhainn a chleachdas teisteanasan

- Gnìomhachas/gnothachas - Tracy Black (CBI) - Luchd-fastaidh
- An t-Àrd-ollamh Ken Thomson (Colaiste Gleann Fhoirthe) - Foghlam Adhartach
- An t-Àrd-ollamh Jonathan Powles (Oilthigh na h-Alba an Iar) - Foghlam Àrd-ìre

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

9.5 Buidhnean Co-obrachaidh Coimhearsnachd (Collaborative Community Groups - CCGan)

Buidheann luchd-ionnsachaidh

Air a stiùireadh le Beinn Grant agus Ruby Cardie - le taic bho Mo Whelton

- SYP
- Young Scot
- Youthlink Scotland
- Foghlam Dachaigh Alba
- Dyslexia Alba, Tosgaire Òg
- Buidhnean Òigridh Chailtidh
- Pannail Comhairleachaidh Òigridh Gailearaidh Stills
- The Big Project
- Sgoilear ann an sgoil neo-eisimeileach
- Caibineat Òigridh Siorrachd Àir an Ear
- Fòram a' Chosta a Tuath
- Fast Forward
- Who Cares? Scotland
- Urras an Luchd-cùraim Alba
- Òigridh Eadar-chultarach Alba (Ìre a Dhà)
- Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (Buidheann Gàidhlig is Scots tro Young Scot)

Buidheann phàrantan is luchd-cùraim

Air a stiùireadh le Cheryl Burnett agus Elieen Prior / Patrick McGlinchey

- Connect
- Fòram Phàrant Nàiseanta na h-Alba - Barrie Sheppard agus Iain Semple
- Clann an Alba - Annie Watson
- Contact - Donna Tomlin
- Ionad Sàr-mhathais airson Cùram agus Dìon Chloinne - Linda O'Neill
- Comann nam Pàrant - Magaidh Wentworth
- Foghlam Dachaigh Alba - Mark Nixon
- Bobath Alba - Sharon Collie

Dreuchd

Air a stiùireadh le Andrea Bradley

- Eilean Imlah - Institiùd Foghlaim na h-Alba
- Simone Coetser - Institiùd Foghlaim na h-Alba
- Pamela Manley - Institiùd Foghlaim na h-Alba
- Kristine Dempster - Institiùd Foghlaim na h-Alba
- Julie Ferguson - Institiùd Foghlaim na h-Alba
- Scott McGimsey - Comann Nàiseanta nam Maighstearan Sgoile, Aonadh nam Bana-tidsearan.
- Afifa Khanam - Comann Nàiseanta nam Maighstearan Sgoile, Aonadh nam Bana-thidsearan.
- Mike Corbett - Comann Nàiseanta nam Maighstearan Sgoile, Aonadh nam Bana-thidsearan

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Tara Lillis - Comann Nàiseanta nam Maighstearan Sgoile, Aonadh nam Bana-thidsearan
- Catherine Nicol - Comann Luchd-teagaisg Àrd-sgoile na h-Alba
- John Guidi - Comann Luchd-teagaisg Àrd-sgoile na h-Alba
- Seumas Searson - Comann Luchd-teagaisg Àrd-sgoile na h-Alba
- James Cowan - Comann Luchd-teagaisg Àrd-sgoile na h-Alba
- Jim Thewliss - Àrd-stiùirichean na h-Alba

Ceannardan-sgoile

Air a stiùireadh le Peter Bain

- Kirsty Ayed - Àrd-sgoil Pàirc an Rìgh, Glaschu
- Tony Breen - Àrd-sgoil Phort Rìgh, an t-Eilean Sgitheanach
- Barry Graham - Acadamaidh Wallace Hall, Dùn Phris
- Graham Hutton - Acadamaidh Grove, Dùn Dè
- Stephen Ross - Àrd-sgoil Beath, Cowdenbeath
- Julie McDonald - Acadamaidh Inbhir Narann, Inbhir Narann
- John O'Neill - Àrd-sgoil Ghlaschu
- Jon Reid - Àrd-sgoil Leth-Pheairt, an Eaglais Bhreac
- Anndrew Sharkey - Acadamaidh Naomh Cheann Tighearna, Blackburn
- Andy Smith - Acadamaidh Thaigh na h-Uiseig, Taigh na h-Uiseig
- Pauline Walker - An Àrd-sgoil Rìoghail, Dùn Èideann

Luchd-teagaisg

Air a stiùireadh le Andrew Findlater

- Kirsty Hair - Oilthigh Shrath Chluaidh, Companach Teagaisg
- Scott Hunter - Acadamaidh Thurra
- Caroline McFarlane - Acadamaidh Bhanbh
- Lynsey McNamee - Àrd-sgoil na Banrigh Anna
- Marc McWhirter - Àrd-sgoil Spè
- John Schmidt - Àrd-sgoil Coimhearsnachd Churraich
- Darren Brown - Àrd-sgoil Inbhir Nis
- Rachel Richards - Àrd-sgoil Coimhearsnachd Churraich
- Sandy Lunan - Àrd-sgoil Dhùn Bhlàthain
- Iagan MacAonghais - Àrd-sgoil Àird nam Murchan

Riaghaltas Ionadail

Air a stiùireadh le Douglas Hutchison

- Stewart Nicolson (Ceannard Seirbheis, Siorrachd Lannraig a Deas, Cathraiche)
- Matthew Sweeney (COSLA)
- Grace Vickers (SOLACE)
- Gerry Lyons (Ceannard Seirbheis, Comhairle Baile Ghlaschu)
- Maria Lloyd (Ceannard Seirbheis, Comhairle Fhìobha)
- Lyndsay McRoberts (Stiùiriche an Fhoghlaim, Siorrachd Àir a Deas)
- Julie Calder (Ceannard Seirbheis, Comhairle Siorrachd Rinn Friù)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Adam Stephenson (Oifigear Foghlaim, Comhairle Inbhir Chluaidh)
- Caimbeul Hornell (Oifigear Foghlaim Sealach, Àrd-sgoil Lasswade)
- Andrew Brown (Àrd-oifigear Foghlaim, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar)
- Fiona Robertson (Stiùiriche Gnìomhach Àite is Chloinne, Dhaoine Òga agus Com-pàirteachasan, Lodainn Mheadhanach)
- Linda McAulay-Griffiths (Prìomh Oifigear Foghlaim/Ceannard nan Sgoiltean, Siorrachd Àir an Ear)
- Joe Mulholland (HMIE, Foghlam Alba)
- Ann Floyd, HMIE (Foghlam Alba)
- Ken Edwards (Stiùiriche Prògram Foghlaim, Leasachadh Sgilean na h-Alba)
- Eleanor Wilson (Ceannard Com-pàirteachaidh, Oilthigh Cailleannach Ghlaschu)
- Martyn Ware (Stiùiriche Poileasaidh, Anailis agus Inbhean, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA))

Co-thaobhadh theisteanasan nàiseanta

Air a stiùireadh le Pauline Radcliffe

Air a stiùireadh leis an Dr Gill Stiùbhart

- Sally Smith (Ceannard Phreantasachdan Ceumnaiche agus Leasachadh Sgilean, Oilthigh Napier Dhùn Èideann)
- Ollie Bray (Stiùiriche Ro-innleachd, Foghlam Alba)
- Andy Creamer (Ceannard Ionnsachaidh, Teagaisg is Measaidh, Foghlam Alba)
- Maeve NicFhionghain (Àrd-oifigear Foghlaim, Gàidhlig, Foghlam Alba)
- Tracy Johnston (Àrd-oifigear Foghlaim, Slàinte agus Sunnd, Foghlam Alba)
- Pauline Stephen (Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba)
- Victoria Smith (Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba)
- Louise Campbell (Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba)
- Alison MacDonald (HMIE, Foghlam Alba)
- Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba
- Connect
- Foghlam Alba (Education Scotland)
- Lantra
- Buidheann Dearbhadh Càileachd airson Foghlam Àrd-ìre
- Seirbheis Prìosain na h-Alba
- Leasachadh Sgilean na h-Alba
- Comhairle Maoineachaidh na h-Alba
- Com-pàirteachasan Oileanach ann an Càileachd, Alba
- Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
- Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba
- Caidreachas Trèanaidh na h-Alba
- Youth Link Alba
- Òigridh Alba

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

Pròiseas an atharrachaidh

Air a' stiùireadh leis an Àrd-ollamh Chris Chapman

- An t-Àrd-ollamh David Hopkins (Oilthigh Bolton)
- An t-Àrd-ollamh Mel Ainscow (Oilthigh Ghlaschu, Foghlam agus Ceannardas)
- Jenny Langley, A bha roimhe na Ceannard-sgoile, Àrd-sgoil Kingsway Park High School, Rochdale
- An t-Àrd-Ollamh Melanie Ehren (Oilthigh Lunnainn, Riaghladh Sgoiltean is Stiùiriche Foghlaim)
- An t-Àrd-Ollamh Andy Hargreaves (Colaiste Boston, Teagasg, Curraicealam agus Comann)

An clàr-teagaisg

Air a stiùireadh leis an Dr Joe Smith

- Alice Crawford - Àrd-sgoil Forrester, Ceannard-curraicealaim
- An t-Àrd-Ollamh Daniel Alvunger - Oilthigh Linnaeus, an t-Suain, Eòlas Curraicealaim
- Julia Liesse-Fernandes - Àrd-sgoil Forrester, Ceannard-curraicealaim
- An t-Ollamh Kathryn Hibbert - Oilthigh an Iar, Ontario, Canada, Foghlam, Eòlas Curraicealaim
- Martin Ennis - Àrd-sgoil Forrester, Leas-cheannard
- Mhairi Sheail - Àrd-sgoil Forrester, Ceannard-curraicealaim
- Molly Fray - Àrd-sgoil Forrester High School, Ceannard-curraicealaim
- Sarah Jarvis - Àrd-sgoil Inbhir Amain, Teisteanasan agus Measadh

In-ghabhail agus Cothromas

Air a stiùireadh leis an Dr Edward Sosu

- Sara Spencer (Child Poverty Action Group, Cosgais an Latha Sgoile)
- An t-Àrd-ollamh Stephen McKinney (Oilthigh Ghlaschu, Eolas-teagaisg, Cleachdadh agus Creideamh)
- Anne Haggart (Prògram Sgoiltean airson Foghlam Àrd-ìre ASPIRENorth, Co-òrdanaiche Roinneil)
- Alastair Wilson (Oilthigh Shrath Chluaidh, Àrd-chompanach Rannsachaidh)
- An Dr Markus Klein (Oilthigh Shragh Chluaidh, Stiùiriche Rannsachaidh, Sgoile an Fhoghlaim)
- An t-Àrd-Ollamh Cristina Ianelli (Oilthigh Dhùn Èideann, Foghlam agus Spòrs)
- An t-Àrd-Ollamh Adriana Duta (Oilthigh Dhùn Èideann, Foghlam agus Spòrs)
- An Dr Roxanne Connelly (Oilthigh Dhùn Èideann, Sòiseòlas agus Dòighean-obrach Uimhireil)
- An Dr Geetha Marcus (Oilthigh Dhùn Èideann, Foghlam agus Spòrs)
- An t-Àrd-Ollamh Yvette Taylor (Oilthigh Shrath Chluaidh, Foghlam)
- Linda O'Neill (CELCIS, Neo-ionannachd ann am Builean Cloinne ann an Cùram)
- An t-Àrd-Ollamh Sheila Riddell (Oilthigh Dhùn Èideann, Ionad airson Rannsachadh ann am Foghlam In-ghabhalach agus Iomadachd)
- An Dr Stephanie Thomson (Oithigh Obar Dheathain, Foghlam)
- An t-Àrd-Ollamh Donald Gray (Oilthigh Obar Dheathain, Foghlam)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- An t-Àrd-Ollamh Mairead Sutherland (Oilthigh Ghlaschu, Lìonra na h-Alba airson Sgoilearan Comasach)
- An Dr Fiona O'Hanlon (Oilthigh Dhùn Èideann, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig)

Poileasaidh is Pròiseas

Air a stiùireadh leis an Àrd-ollamh Ken Muir

- Billy Burke (Ceannard-sgoile, Àrd-sgoil Rinn Friù)
- Àrd-ollamh Emeritus Walter Humes (Oilthigh Shruighlea)
- Leas-dheadhan Khadija Mohammed (Oilthigh Taobh an Iar na h-Alba/Comann Luchd-foghlaim Mion-chinnidh na h-Alba)
- An t-Àrd-ollamh Graham Donaldson (Oilthigh Ghlaschu, Foghlam)

Fastaichean

Air a stiùireadh le Tracy Black

- Allan Colquhoun (Leonardo MW Ltd)
- Anna Gillies (NatWest Group)
- Becky Nicholls (Babcock International Group)
- Gillian Collin (PricewaterhouseCoopers)
- Helen Arthur (GlaxoSmithKline plc)
- Jackie Archer (Balfour Beatty)
- Jacqueline Hall (BAE Systems plc)
- Jo Szulikowski (Phoenix Group Holdings)
- Jonathan McCreadie (Amazon)
- Mairi Elder (Scottish Power)
- Mandy McMillan (Glasgow Airport Limited/AGS)

- Mark Essex (Klynveld Peat Marwick Goerdeler)
- Matt Woods (Spirit AeroSystems (Europe) Ltd)
- Nikhil Sharma (Tata Consultancy Services)
- Raymond King (Babcock International Group)
- Richard Turner (BT Group plc)
- Steven Grier (Microsoft Limited)
- Suzanne Burns (STV Group plc)

Foghlam adhartach

Air a stiùireadh leis an Àrd-ollamh Ken Thomson

- Lorraine Cowan (Colaiste Ùr Siorrachd Lannraig)
- Caroline Watson (Colaiste Siorrachd Lannraig a Deas)
- Brian Dunn (Colaiste Ear-thuath na h-Alba)
- Lisa Doonan, Colaiste Siorrachd Lannraig a Deas
- Stef Black agus Ali McDade (Com-pàirt nan Oileanach ann an Càileachd Alba)
- G Graham agus Katie Paget (Colaiste Dhùn Dè is Aonghais)
- Ann Heron (Colaiste Siorrachd Àir)
- Rob McDermott (Colaiste Gleann Fhoirthe)
- Loraine Lyall (Colaiste Dhùn Èideann)
- Lisa Calderwood (Colaiste Fhìobh)
- B Browlee (Colaiste Lodainn an Iar)
- J Gracier (Colaiste nan Crìochan)
- Jessica Borley and Liz Cook (Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Karen Gray (Colaiste Dhùthchail na h-Alba)
- Sarah-Jane Linton (Colaiste Lodainn an Iar)

Foghlam àrd-ìre

Air a stiùireadh leis an Àrd-ollamh Jonathan Powles

- An t-Àrd-ollamh Nazira Karodia (Oilthigh Napier, Iar-leas-Sheansalair agus Iar-phrionnsapal Ionnsachaidh is Teagaisg)
- An t-Àrd-Ollamh Moira Fishbacher-Smith (Oilthigh Ghlaschu, Iar-phrionnsapal Ionnsachaidh is Teagaisg)
- Shona Barrie (Oilthigh Shruighlea, Stiùiriche Inntigidh agus Ruigsinneachd)
- Martin Gibbons (Oilthigh Chill Rìmhinn, Leas-stiùiriche, Stiùiriche Leudachadh Ruigsinneachd agus Com-pàirt)
- Emma Forster (Oilthigh Obar Dheathain, Leas-stiùiriche Dàimhean Taobh a-muigh, Ceannard Fastadh is Inntigeadh na RA)
- An Dr Stephanie McKendry (Oilthigh Shrath Chluaidh, Ceannard Ruigsinneachd, Co-ionannachd is In-ghabhail)
- An Dr Sally Middleton (Oilthigh Obar Dheathain, Manaidsear Ruigsinneachd agus Inntigidh)
- Kirsty Wadsley (LEAPS, Widening access partners)
- Amanda Baldwin (Focus West, Com-pàirtichean leudachaidh ruigsinneachd)
- An t-Àrd-ollamh Catriona Cunningham (Oilthigh Napier, Ceannard Roinn an Ionnsachaidh is Leasachaidh Teagaisg)
- An Dr Laurence Lasselle (Oilthigh Chill Rìmhinn, Àrd Òraidiche)
- Jim Thewliss (Àrd-cheannardan na h-Alba, Rùnaire Coitcheann)
- Jane Lewis

- An Dr Pauline Hanesworth (Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Ceannard Ionnsachaidh is Teagaisg)
- An t-Àrd-ollamh Alison Machin (Comhairle Deadhan Slàinte na h-Alba, Neach-gairm)
- Ellie Gomersall (Ceann-suidhne NUS)
- An Dr Alison Nimmo (Oilthigh Cailleannach Ghlaschu, Ceannard Leasachadh Acadaimigeach)
- Luke Millard (Oilthigh Obar Tatha, Deadhan Teagaisg is Ionnsachaidh)
- Katrina Castle (Oilthigh Dhùn Èideann, Ceannard Com-pàirteachasan Ro-innleachdail is Eadar-ghluasadan)
- Stephen Watt (Oilthigh Taobh Siar na h-Alba, Manaidsear Dreuchdan is So-fhastaidh)
- Fiona Burns (Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Iar-stiùiriche Builean, Ruigsinneachd)
- Mary Senior (Oifigear na h-Alba, Aonadh nan Oilthighean is nan Colaistean)
- An t-Àrd-Ollamh Vicky Gunn (Conservatoire Rìoghail Ghlaschu, Neach-clàraidh Acadaimigeach)

Teisteanasan

Air a stiùireadh leis an Àrd-Ollamh Jo-Anne Baird agus leis an Àrd-Ollamh Gordon Stobart

- An Dr Lena Gray (Comhairliche/Rannsaiche Theisteanasan is Measaidh)
- An t-Àrd-Ollamh Emeritus Jenny Ozga (Oilthigh Oxford, Roinn an Fhoghlaim)
- An t-Àrd-ollamh Pasi Sahlberg (Oilthigh Southern Cross, Foghlam)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- An t-Àrd-ollamh Emeritus Dylan Williams (Oilthigh Lunnainn, Measadh)
- An t-Àrd-ollamh Ewart Keep (Oilthigh Oxford, Foghlam, Trèanadh agus Sgilean)
- An t-Ollamh Anne Looney (Oilthigh Cathair Bhaile Àtha Cliath, Deadhan Gnìomhach Institiud an Fhoghlaim)

Buill Buidhnean Deasbaid Co-cheangailte

Ionadan Cùraim Tèarainte

- Good Shephard Centre
- Ionad foghlaim Kibble
- St Mary's Kenmure
- Rossie
- Howdenhall

Fastaichean san Roinn Phoblaich agus san Treas Roinn

Air a stiùireadh le Kevin Kelman, Acadamaidh an NHS agus Karen Reid, Foghlam NHS na h-Alba

- Marion Allison (Comhairle Inbhean Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd)
- Catherine Cartmell (Àrainneachd Eachdraidheil Alba)
- Caroline Deane (Cùram na h-Alba)
- Ceri Dodd (Seirbheis-smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba)
- Jim Duffy (Òigridh Alba)
- Stephanie Harold (Sgrùdadh Alba)
- Jennifer McHarrie (Foghlam, Bòrd na Gàidhlig)
- Rosie Megginson (Obair Shòisealta Alba)
- James Russell (Leasachadh Sgilean na h-Alba)
- Amanda Spark (Improvement Services)

Fasdaichean Beag agus Meadhanach Albannach

- James Whitrod (Sitekit)
- Carol Nicholson (VSA)
- Paul Murray (Bon Accord)
- Shawn Hogg (Air Source 1)
- Nicola Campbell (HomeFix / Reiver Clyde Homes)
- Saj Sharif (Zen Consulting)
- Pauline Scott (Tigers)
- Janet Menzies (Mage Control Systems)
- Jamie MacGregor (Caisteal Dhùn Olla)

Sgoiltean Sònraichte le Taic Tabhartas

- Andrew Philip (Capability Scotland)
- Catriona Campbell (Sgoil Eastpark)
- Jen Baillie (Sgoil Craighalbert)
- Laura Watkins (Sgoil Donaldsons)
- Lucy Chetty (Sight Scotland)
- Mandy Shiel, (Sgoil Harmeny)

9.6 Gnìomhachd an Lèirmheis – Coinneamhan, Tachartasan agus Tadhalan

Coinneamhan

Choinnich an t-Àrd-ollamh Hayward ris na daoine agus na buidhnean a leanas mar phàirt den Lèirmheas.

- Alison Preuss, Foghlam Dachaigh na h-Alba
- Ana Stiùbhart, Lèirmheas Boireannaich ann an Tionnsgalachd

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Anndra Paterson, AI the future of Education, aithisg agus làrach-lìn
- Angela Morgan, Neach-gairm Lèirmheas air taic a bharrachd airson buileachadh ionnsachaidh
- Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba
- Aonadh Comann Ceannardan is Leas-cheannardan na h-Alba
- Lìonra nan Duaisean
- Co-ionad Co-òrdanachaidh Stòrasan Òtasaim, Siorrachd Lannraig a Deas
- Ben Murray, dòigh-obrach na h-Èireann a thaobh theisteanasan
- Buidheann Cheannardan-sgoile BOSCH
- Carol Campbell & Alma Harris, an Deasbad Nàiseanta
- Carole Ford is Frank Lennon, Coimisean Ath-leasachadh na h-Alba air Ath-leasachadh Sgoiltean
- Clann an Alba, Tosgairean In-ghabhail
- Chris Ross, Clann an Alba, Tosgairean Òigrìdh
- Christian Ydesen, dòigh-obrach na Danmhairg a thaobh theisteanasan
- Christopher DeLuca, dòigh-obrach Chanada a thaobh theisteanasan
- Clare Wyatt-Smith, dòigh-obrach Queensland a thaobh theisteanasan
- Lìonraidhean Curraicealaim agus Theisteanasan agus Leasachaidh
- Daydream Believers
- Desmond Bermingham, Comhairle Astràilia airson Rannsachadh Foghlaim, an RA
- Leasachadh an Sgioba-obrach Òg, Lìonra Cheannardan Nàiseanta
- An Dr Pauline Stephen, Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba
- Comataidh Foghlaim, Chloinne agus Daoine Òga
- Foghlam Alba
- Foghlam Alba, buidheann nan clàr-ama
- Esther Papworth, tidsear taic-ionnsachaidh, Acadamaidh Dhùn Phris
- Buidheann Luchd-ùidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
- Buidheann-ghìomha na Co-ionnannachd ann am Foghlam is Ionnsachaidh
- Gina Wilson, Ceannard Ro-innleachd, Coimiseanair na Cloinne
- Grahame Smith, Lèirmheas Dreuchdan, Leasachadh Sgìlean na h-Alba
- Mark Nixon, Foghlam Dachaigh na h-Alba
- Seumas Withers, Lèirmheas air Cruth-tìre Lìbhrigeadh nan Sgìlean
- Jim Metcalfe, Lìonra Leasachaidh nan Colaistean
- John Edward, Stiùiriche Coitcheann, Buidheann nan Roinnean, Riaghaltas na RA
- Kevin Kelman, Acadamaidh NHS na h-Alba
- Buidheann nan Comann Ionnsaichte air Foghlam STEM na h-Alba
- Matthew Sweeney, COSLA
- Moira Fischbacker Smith agus Martyn Hendry, Oilthigh Ghlaschu

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Micheal Marra BPA, a bha roimhe na neach-labhairt Phàrtaidh air Foghlam, Pàrtaidh Làbarach na h-Alba
- An Chomhairle Náisiúnta Curaclaim agus Measúnachta (National Council for Curriculum and Assessment).
- NASUWT - Aonadh Luchd-teagaisg
- Ross Greer BPA, Neach-labhairt Pàrtaidh Uaine na h-Alba air Foghlam
- Oliver Mundell BPA, a bha roimhe na neach-labhairt air Foghlam, Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba
- An t-Àrd-Ollamh Clare Peddie, Iar-phrionnsapal Foghlaim, Oilthigh Chill Rìmhinn
- An t-Àrd-ollamh Dame Sally Mapstone, Oilthigh Chill Rìmhinn
- Buidheann Ath-smaoineachadh air Measadh, Buidheann Comhairleachaidh
- Comann Rìoghail Dhùn Èideann
- Seirbheisean Foghlam Caitligeach na h-Alba
- Comhairle na h-Alba airson Leasachadh agus Gnìomhachas
- Aonadan Cùram Tèarainte na h-Alba, Ceannardan Seirbheis
- Ceannardan Sgoile na h-Alba
- Leasachadh Sgilean na h-Alba
- Steve McCreadie, The Lens
- Caidreachas nan Gnìomhachasan Beaga
- Buidheann thidsearan Comhairle na Gàidhealtachd - Bun-sgoil, Àrd-sgoil, CLD, ELC
- Tom Bewick is Paul Eeles, Caidreachas nam Buidhnean Duaise
- Willie Rennie BPA, Neach-labhairt a' Phàrtaidh air Foghlam, Libearalaich Dheamocratach na h-Alba

- Young Scot
- Òigridh Alba
- Youthlink Scotland

Tachartasan

Bhruidhinn an t-Àrd-ollamh Hayward agus an rùnaireachd neo-eisimeileach air an Lèirmheas aig na tachartasan agus na coinneamhan a leanas:

- Bòrd Prògram Anti-Racism in Education
- Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba, Lìonra Curraicealaim, Measaidh agus Theisteanasan
- Tachartas Buill aig Lìonra nan Duaisean
- Clann an Alba, Voices Forum
- COSLA, Pannal Cloinne agus Dhaoine Òga
- Bòrd a' Churraicealaim is a' Mheasaidh
- Co-labhairt nan Ceannardan-sgoile, Dùn Dè
- Co-labhairt nan Ceannardan-sgoile, Dùn Èideann
- Bòrd Prògram Ath-leasachaidh Foghlaim
- Comhairle Eadar-nàiseanta nan Comhairlichean Foghlaim (ICEA)
- OECD
- Comataidh Comann Rìoghail Dhùn Èideann
- Co-labhairt Ceannardan Sgoile na h-Alba
- Webinar Ceannardan Sgoile na h-Alba
- Riaghaltas na h-Alba, Buidheann Pannal nan Tidsearan
- Fèis Ionnsachaidh na h-Alba
- Pàrlamaid Òigridh na h-Alba, Buth-obrach Co-chomhairleachaidh

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

- Tachartas Tosgairean Sgoile is Colaiste SCQF
- Clann an Alba, Pannal nan Guthan
- Lèirmheas Boireannaich ann an Tionnsgalachd, Taigh Bhòid
- Youthlink Scotland agus Buidheann Thar-phàrtaidh Pàrlamaid na h-Alba

Tadhalan Sgoile is Colaiste

Thadhail an t-Àrd-ollamh Hayward agus an rùnaireachd neo-eisimeilich air na suidheachaidhean seo mar phàirt den Lèirmheas:

- Àrd-sgoil nan Uile Naomh
- Co-ionad Co-òrdanachaidh Stòrasan Òtasaim
- Àrd-sgoil Anderson
- Acadamaidh Bhanbh
- Àrd-sgoil Bheithe
- Colaiste nan Crìochan
- Àrd-sgoil Craigryston
- Colaiste Gleann Fhoirthe
- Acadamaidh Galashiels
- Good Shepherd Centre
- Acadamaidh Grove
- Sgoil Inbhir Gharbhain
- Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig
- Acadamaidh Taobh Cheilbhinn
- Ionad Foghlaim Kibble
- Àrd-sgoil Leth-Pheairt
- Àrd-sgoil Chaisteal na Maoirne
- Àrd-sgoil an Òbain le ceangal bhidio ri Sgoil Thiriodh

- Sgoil Rìoghail nan Dall, Dùn Èideann
- St Leonards
- Sgoil Choimhearsnachd Uachdar Àrdair

9.7 Ìrean an Lèirmheis agus Goireasan Fhoillsichte

Ìrean an Lèirmheis

Bha trì ìrean san Lèirmheas agus chaidh beachdan iarraidh bho luchd-ùidh aig trì puingeann.

- Ìre a h-Aon: samhradh 2022 – co-chomhairle air Lèirsinn agus air na Prionnsapalan
- Ìre a Dhà: An Dàmhair 2022 – co-chomhairle air Roghainnean airson Atharrachadh
- Aithisg Eadar-amail – trath sa Mhàrt 2023
- Ìre a Trì: Am Màrt 2023 – conaltradh air a’ mhodail a b’ fheàrr le daoine
- Aithisg dheireannach – air a cur gu Rùnaire a’ Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean ro dheireadh a’ Chèitein 2023

Ìre a h-aon: Dreach Aithris Lèirsinn agus Prionnsapalan

Bha Ìre 1 den Lèirmheas beò eadar an Lùnastal agus an t-Sultain 2022. Bha Ìre a h-Aon a’ sireadh beachdan air dreachd aithris Lèirsinn agus Phrionnsapalan. Fhuair e freagairtean bho Bhuidhnean Coimhearsnachd Co-obrachail agus bho 2 bhuidhinn deasbaid co-cheangailte. Uile gu lèir, fhuaradh 221 freagairtean bho shuirbhidh a chaidh a chur gu sgoiltean agus colaistean. Chùm grunn sgoiltean agus colaistean còmhradh buidhne le grunn thidsearan/òraidichean agus luchd-ionnsachaidh, agus chaidh na

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh

freagairtean sin a chur a-steach às leth na buidhne. Rinneadh anailis neo-eisimeileach air na beachdan a fhuaradh aig Ìre a h-Aon.

Leugh [an aithisg cho-cheangailte](#) (An Dùbhlachd 2022).

Ìre a Dhà: A' rannsachadh diofar Roghainnean airson Teisteanasan is Measadh sarn àm ri teachd

Dh'fhosgail Ìre a dhà den Lèirmheas san Dàmhair 2022 agus chùm an Lèirmheas [co-chomhairle phoblach](#) a dhùin air 13 Faoilleach 2023. Chaidh beachdan iarraidh air diofar dhòighean anns am faodadh an Lèirsinn agus na Prionnsabalan a chur an gnìomh Bha cothrom ann dòighean-obrach eile a chur air adhart cuideachd. B' e adhbhar Ìre a Dhà am modail a b' fheàrr le daoine airson teisteanasan is measadh a chomharrachadh.

Fhuair a' cho-chomhairleachadh poblach còrr is 700 freagairt, ach tha fios againn gun robh mòran de na freagairtean sin, gu sònraichte an fheadhainn bho sgoiltean agus colaistean, mar thoradh air còmhraidhean buidhne agus mar sin bha an àireamh iomlan de dhaoine a ghabh pàirt sa cho-chomhairle fada nas àirde na seo. Dh'fhoillsich sinn a h-uile [freagairt cho-chomhairle](#) far an deach cead a thoirt seachad gus sin a dhèanamh, còmhla ri lethbhreac den [aithisg neo-eisimeileach dheireannach](#) air anailis air a' cho-chomhairle.

Ìre a Dhà [sgrìobhainnean taice](#)

Cruthan a bharrachd

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn sa [Ghàidhlig](#) cuideachd

Aithisg Eadar-amail

San [Aithisg Eadar-amail](#), tha sinn air conaltradh a chumail le luchd-ùidh bho gach phàirt de shaoghal Foghlam na h-Alba; luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim, tidsearan is òraidichean, stiùirichean sgoile

is cholaistean, fastaichean, luchd-dèanamh phoileasaidhean, buidhnean nàiseanta, luchd-poilitigs, luchd-cleachdaidh nas fharsaing, luchd-rannsachaidh (nàiseanta is eadar-nàiseanta) agus oilthighean. Tha beachdan bhon raon fharsaing de choimhearsnachdan a tha an sàs san Lèirmheas seo air ar smaoineachadh gu ruige seo fhiosrachadh agus tha iad nam prìomh thùsan fianais airson na h-Aithisg Eadar-amail seo.

Cruthan a bharrachd

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn sa [Bheurla](#) cuideachd

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaighinn mar [bhidio Cànan Soidhnidh Bhreatainn](#) .

Ìre a Trì: A' dèanamh deuchainn air a' mhodail as fheàrr le daoine

- Chaidh Ìre a Trì a chumail eadar am Màrt agus an Giblean 2023. B' e amas Ìre a Trì deuchainn a dhèanamh air a' mhodail a b' fheàrr le daoine airson teisteanasan agus measadh a chaidh a chomharrachadh ann an Ìre a Dhà agus san aithisg eadar-amail. Dh'iarr sinn beachdan air an dòigh-obrach a chaidh a mholadh agus air na ceumannan practaigeach a bhiodh a dhith nam biodh e gu bhith air a bhuileachadh gu soirbheachail. Aig Ìre a Trì thug an Lèirmheas cuideachd aire do thoraidhean iomchaidh bhon Deasbad Nàiseanta air Foghlam.

Ìre a Trì [pàipear ullachaidh](#)

Com-pàirteachadh tro sgoiltean is colaistean

- Chaidh stuthan a sgaoileadh gu gach sgoil, colaiste agus suidheachadh foghlaim eile ann an Alba, a rèir gach tè de na trì ìrean den Lèirmheas, fhuair iad cuireadh a bhith a' stiùireadh còmhraidhean taobh a-staigh nan coimhearsnachdan aca fhèin rè ùine an Lèirmheis.

Ìre a Trì [pasgan do sgoiltean is colaistean](#)

An t-àm ri teachd againn:

Aithisg an Lèirmheis Neo-eisimeilich air Teisteanasan agus Measadh



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2023

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83521-318-6

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-Ògmhios 2023

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1319422 (12/23)

W W W . g o v . s c o t